ABS. 1.86.152

4 C 2.

COMH-CHRUINNEACHIDH

ORANNAIGH GAIDHEALACH,

LE

RAONUILL MACDOMHNUILL,

Ann 'N Eilean Eige

VOL. I.

DUNEIDIUNN:

Clo-bhuailt ann le Walter Ruddiman.

M,DCC,LXXVI.

Entered in Stationers' Hall, according
to Act of Parliament.

LIBRARY OF
SCOTLAND
1916

To JAMES GRANT, younger of Coriemony, Esq; Advocate.

SIR,

A PUBLICATION which, in a great measure, owes its origin and completion to the generosity and spirit of the family of Coriemony, throws itself naturally upon their protection. It is particularly solicitous to enjoy the patronage of one who is equally an ornament to his family, and to polite learning. But it is not the intention of this address to enumerate virtues and accomplishments so generally known, and to which I am not qualified to do

juſtice; I only mean to give a public teſtimony of the profound reſpect I have for your family, and the deep ſenſe I entertain of the uncommon friendſhip with which I have been honoured by you, and your worthy father, in the courſe of this undertaking. I am,

SIR,

Your moſt obedient,

And moſt obliged Servant,

R. MACDONALD.

PREFACE.

PREFACE.

THE Gaelic Language, now ſtruggling for exiſtence in a narrow corner, was once the mother tongue of the principal ſtates of Europe. It was, in particular, and for a conſiderable length of time, the only language ſpoken by our anceſtors, the ancient Caledonians.

The conciſe and nervous expreſſion of this language; it's paſſionate and elevated tone; diſplay, in lively colours, the national ſpirit of Caledonia; that ſpirit which had effectually repelled the invaſions of thoſe who had torn the reſt of Europe to pieces.

The intrinſic excellence of the language itſelf, added to that love of ancient cuſtoms ſo prevalent among mankind, and ſo conſpicuous among the Caledonians, might ſeem, at firſt view, to give immortality to the Gaelic tongue: But many political cauſes, which it is not my preſent purpoſe to enumerate, concurred to introduce the Engliſh language into this country,

and to render it fashionable at Court. —From this period, we date the decay of the Gaelic language. The English, which paved the way to honour and preferment, was naturally cultivated with care; while the Gaelic, the knowledge or study of which could not then be attended with any emolument, and the speaking of which became even unpolite, was as naturally neglected, and often treated with contempt. The influence of these causes became the more obvious, and operated the more powerfully, the nearer they approached to our times; so that the very remembrance of a language, which had once been general over almost all Europe, was in danger of being entirely obliterated.

At this critical period a fortunate event happened. Some individuals, animated with the love of their native language, regretted the danger to which they saw it exposed. Compositions of great merit in the language were known to exist. Inquiry was made after these, with a view to publish them; and this was esteemed the best

beſt method of preſerving the language itſelf. The inquiry was attended with conſiderable ſucceſs; and a few years ago, ſome fragments of the beſt and moſt ancient Gaelic Poetry were offered to the public in an Engliſh tranſlation, inſpired with a conſiderable ſhare of the majeſty, ſimplicity, and elegance of the original compoſition.

The appearance of theſe Poems excited univerſal attention. The Highlanders, perhaps, were the only people in Europe whom they did not aſtoniſh. Independent of the beauty of their compoſition, they ſerved to exhibit a picture of human manners ſo exalted and refined, that ſome perſons, judging from their own depravity, could not believe the exiſtence of the ſtate it deſcribed. The general voice, however, declared in favour of the authenticity of the Poems; and the general voice has been ſupported by the opinions of men of genius and extenſive learning *.—The delineation of Caledonian

* *Lord Kaimes. Dr Blair.*

nian manners, exhibited in these poems, while it gratified the curiosity, commanded likewise the admiration of Europe. Men of taste and genius, in all parts, have coveted an acquaintance with a language which could boast of the name of OSSIAN; and could triumph, almost unrivaled, in the exalted character of FINGAL. Thus the love of the Gaelic has been revived; and a taste for Gaelic compositions has become general.

The Editor, moved by these considerations, and desirous to preserve his mother tongue, has bestowed much labour and expence, during the course of two years, in collecting the poems now offered to the public.

Most of the pieces in the first volume have been composed within the last two hundred years; and hence, some English words have been adopted in the Gaelic compositions: Since the commencement of this period, the intercourse between the Highlands and the low country has been considerable. The progress of

society

ſociety has given riſe to new ideas, and occaſioned the introduction of many arts, to which the Highlanders, in their ſtate of ancient ſimplicity, were entire ſtrangers, and for which, therefore, they could have no language. In this ſituation, it was but natural to expect, that the Gaelic Poets of later days, in alluding to thoſe ideas and arts, ſhould be reduced to the neceſſity of adopting, upon ſuch occaſions, the Engliſh idiom and the Engliſh term of expreſſion. Excepting words introduced in this manner, and which could not be altered without doing violence to the meaning of the author, no expreſſion has been admitted into the preſent collection but what is pure Gaelic, and no pieces have been received but thoſe of approved merit.

All the ſongs are ſet to muſic. The nature of the language is ſuch, that the words properly ſupport the ſound; the tunes are well adapted to the ſubject, and commonly known and ſung by every perſon in the Highlands.

The

The muſic is not of that light kind, that can only tickle the ear; it has power to intereſt the paſſions and touch the heart. It has commanded the attention of a Sovereign, who is no leſs celebrated as a judge of the fine arts, than for his abilities in the cabinet, and his conduct in the field. This illuſtrious perſonage has procured from a gentleman of North Britain, a collection of Highland tunes, and he eſteems them extremely valuable. Is it poſſible not to admire the muſic that can give pleaſure to the King of Pruſſia?

The elegies on the death of ſome eminent men in the Highlands are not the compoſition of venal poets, ſtraining to expreſs ſentiments they never felt; but the genuine effuſions of the heart on the loſs of a friend and protector; for ſuch to them was the chief of their tribe. They looked on him as a father, whoſe commands they were bound to obey; he in return protected them from injuries, relieved their neceſſities, and ſupplied their wants; and the very loweſt

of

of his dependants was admitted to his hoſpitable board, and rejoiced with him in the hall. Expreſſive of this is a ſaying now grown proverbial in the Highlands: *Suidhe thuairn-fhear; ſuidhe thail-fhear; ſuidhe gach duine mar as deiſe, agus ſuidhe uſa leiſd-fhear*: "Sit down, turner; ſit down, taylor; ſit down every man as is convenient, and ſit down, thou arrow-maker.

The ſecond volume will conſiſt of poems of a much older date than thoſe of the firſt, ſome being as far back as the third and fourth centuries. As our anceſtors were then ſurrounded with enemies on all ſides, their military exploits will employ the greateſt part of the book. If we live in happier times, when we can have leiſure to apply to the ſoft arts of peace, let us pay at leaſt a tribute of gratitude to the memory of thoſe heroes of ancient days, to whoſe valour it is owing that we are yet a people. They fought for us before we had any exiſtence, and their breaſts once glowed with the love of fame. In Greece or in Rome, ſtatues and altars would have marked the ſcene

of

of every glorious deed; all that is asked of us is, That we should not let their names and their language entirely perish.

——*Ægregias animas quæ, sanguine, nobis*
Hanc patriam peperere, suo, decorate supremis
Muneribus.

INSTRUCTIONS

INSTRUCTIONS

FOR READING THE

GAELIC LANGUAGE.

FOR the more eaſy peruſal of this work to thoſe who are not expert in reading the language, though perhaps their mother-tongue, the following general rules are laid down, called by our grammarians the pronounciation of the *ſecondary mutes*. *bh* is always ſounded as a *v* conſonant; as, from *Bru* (a belly), *Do bhru* (thy belly), muſt be read as if written *Do vru*. *ch* as the Greek *χ*, or as the Scots pronounce the *ch* in the words *character* and *chaos*: as, *Mo chlann* (my children), muſt be read as if written *Mo χlann*. *dh* before a vowel, whether in the beginning or middle of a word, has the ſame pronounciation with *y*. So, *Dhoſan* (unto him), and *Cradhach* (tormenting), muſt be read as if written *Yoſan*, *Crayaχ*. *fh* is never at all pronounced. So, *O fhir!* (O man!), *Fhuil fein* (his own blood), muſt be read *O 'ir! 'uil fein*. *gh* is commonly pronounced as *dh*; ſo that theſe two letters are often uſed indifferently. *mh* is pronounced as a *v* conſonant. So, *Mo mhallachd dhoſan* (my curſe unto him), muſt be read, *Mŏ vallaχd yoſan*. *ph* is always pronounced as in the Engliſh. *ſh* is pronounced as *h* alone, though *ſ* be commonly equal to the Engliſh *ſh*. So *Sean* (old), is to be read, *Shean*: but when the ſenſe is changed, as if one was ſaying, *O a ſhean duine!* (O old man!), the *ſ* is not to be pronounced, but read as if written *O a hean duine!* But being (as we call it) the poſſeſſive letter, it muſt al-

ways be uſed. *th* has the like pronounciation. So, *A theine loiſgich !* (O burning fire !) muſt be read, *A heine loiſgiχ.*

It is likewiſe to be obſerved, that *ſ* loſes its ſound after *t*. So, *Feadh an tſaoghail* (through the world), is to be read, *Feay an taoyail*. And alſo all the vowels that have this accent (`) above them are to be pronounced long, in whatever part of a word it may occur.

AN CLAR-INNISEACH.

AN CLAR-INNISEACH.

	Taobh.
MIANN a Bhair a thuair aois	1
Proſnuchad Càtha Dhomhnuill a 'h Iola	5
Oran na comhachaig	7
Oran cùmhadh choire 'n eaſa	16
Marbh-rann do Shir Seumas Domhnullach	21
Marbh-rann Domhnuill ghuirm oig	23
Marbh-rann do mhac Dhùghail Dhùnolladh	26
Fuaim a 'n taif le Inghinn Alaſtair ruaidh	27
Oran le Inghinn Alaſtair ruaidh do Shir Tormaid	31
Oran le Pol crubach do Ian mac Shir Ruairidh	34
'N crònan le Inghinn Alaſtair ruaidh	37
Oran le Uilliam Mac Coinneach	42
Oran le Alaſtair Mac Coinneach	45
Oran le Iain Bèton	46
Oran do mhac Shimidh	49
Cùmhadh do mhac Leod	52
Oran le Ruairidh Mac Mhuiridh	58
Oran do mhac mhic Aillein	64
Marbh-rann do mhac mhic Aillein	67
Cùmhadh chlann Domhnuill	70
Oran le Nial Mac Mhuirich	73
Marbh-rann do mhac mhic Aillein	75
Moladh an leoghùinn	78
Oran do Shir Lachuinn Mac Gilleoin	85
Oran do Lachuinn Mor Mac Ghilleoin	89
Oran do dhaoine uaiſle an 'n Ealain ſgiathanaich	93
Oran do 'dh Aonghas bhaile fhiunlaidh	97
Oran do dh' Alaſtair dugh Ghlinne-garaidh	99
Oran do mhac Inbhinn an 't ſhratha	100
Oran do dh' Eoin breac Mac Leod	103

	Taobh.
Lùinneag mhic Leod	107
Lùinneag le Callum a Ghlinne	111
Lùinneag le Iain Mac Dhubhail mhic Lachuinn	113
Bhanarach dhonn le Alaſtair Mac Domhnuill	115
Failt na mor thìr leis an aon cheudna	118
Iorram leis an aon cheudna	121
Oran do Shir Iain Mac Ghilleoin	125
Roinn le Domhnuill Frioſal	123
Marbh-rann Alaſtair uaibhraich	133
Cumadh Alaſtair dhoinn	135
Cùmhadh do dh' Iarla Earraghaidhail	138
Iumairich Alaſtair a Eignaig	143
Beannachadh luinge chlann Raonuill	145
Oran do Domhnuill gorm	166
Oran do thriath Dhùbhairt	168
Oran le Iain Mantach do Domhnuill gorm òg	170
Oran do 'n teaſaich	173
Oran do dhìas Inghinn mhic Domhnuill dùgh	175
Oran do dh Eachonn ruadh na 'n càth	178
Oran do Thighearna Ghrante	182
Oran le fear aichaldi	185
Oran Roinruairidh	188
Cuir a chinn dileas tharum do lamh	194
'N cean dileas air dhoigh eile	195
Oran le Iain lòm do Shir Seumas	197
Oran an 't ſhamhraidh	200
Ault an 't ſhùcair	205
Carraid is namhaid a 'n uiſge bheatha	213
Oran le Iſſachari Mac Aulay	220
Marbh-rann le mac fir ard na bidhe	223
Oran na Finneacha gaidhleach	227
Oran do 'gh Eachonn Mac Ghilleoin	233
Oran do mhac Leod	235
Oran do Inghinn fir Ghèamboill	239
Muirta Ghlinn Comhann	241

	Taobh.
Marbh-rann ùisdain Bhaile shear	245
Smeoràch Chlann-Raoinuill	246
Iram na truaidhe	251
An duanag ùllamh	253
Smeorach Chlann Domhuill	257
Oran le Iain lom, do Ghlean-garradh	260
An gilleadh dùth ciar dhùth	264
Oran le mac mhic Raoinail	266
Oran le Alastair ardna bidhe	269
Oran Shir Eobhon Camron	273
Oran le te ga leannan	278
Oran do dh'Alastair mac Colla	281
Oran le Fòrsair choiranti	284
Oran dh'Alastair Ghlean-garradh	286
Mac Grigoir a Ruarudh	288
Oran le ——— ga leannan	291
Oran do thròd na m'bann eiggach	293
Oran le Iain mac Ailein	295
Oran do Lachluinn Triath cholla	297
Oran le Andra mac an Easbùig	300
Oran le mac Iain mhic Eobhon	303
Oran do dh'fhear thaillaisgair	305
Oran do dh'Iain mac Shir Tormaid	307
Loidh air a bhás	310
Oran do dh'Uilliam mac Leod	315
Oran do olladh shasgunnach	318
Oran do dh'Alaistar mac Dhomhnuill	322
Iram	325
Oran le Iain lom do Shir Domhnùil	327
Oran do Inghinn fir thir na drise	331
Oran a gheamhraidh	334
Oran le duine uasal arait	339
Oran leis duine uasal cheudna	341
Oran le fear Bhatarsa	343
Oran eile leis an aon cheudna	345

	Taobh.
Oran gaoil le mac Cailein	347
Marbh-ran Ach-nabreac	348
Oran rinn m bard mac Mhathain do Triath Clann-Choinnech	349
Iram rinn te ga lennan	351
Oran do mhac Dhonchaidh Ineraugh	354
Oran do Shir Eobhon Camron	357

TRANSLATIONS.

	Page.
THE aged Bard's wiſh, introduction to	359
——————— tranſlation	363
an Ode to May	367
M'Leod's Lament	370
a Dream	372
Deſcription of Cuthullin's Sword	373

CO-CHRUINNEACHADH

DO

D H' O R A I N

G A D H E L I C H.

MIANN *a* BHAIRD *a fhuair Aois.*

I.

O! Càiribh mi re toabh na'n allt,
A shiubhlas mall le cèimibh ciuin;
Fuidh sgàil a bharaich leag mo cheann
'S bi' thusa, a Ghrian, ro chàirdeil rium.

II.

Gu socair sìn san fhèur mo thaobh
Air bruaich na'n diothan 's na'n gaoth tlà
Mo chos ga sliobadh sa bhraon bhaoth
'Se lubadh thaireis caoin tre'n bhlàr.

III.

Bioidh sobhrach bhàn 's àilidh sluagh
Mu'n cuairt do m' thùlaich 's uain' foi dhruchd,
Sa neomein beg 's mo làmh fodh chluain
'S an ealabhuidh ri m' chluais gu cur'.

IV.

Innſibh, o thrèig mo ſhuil, a ghaoth',
C'àite bheil a chuilc aig gabhail tàmh,
Le glaoghain broin, 's na bric ri taobh
Le ſciath gun deo aig cunbhail blàir.

V.

Mu'n cuairt do bhruachabh àrd mo Ghlinn,
Bithadh lubadh ghèug a's orra blàth,
'S clann bheag na 'm preas aig tabhairt ſeinn
Air creagabh aoſd' le h orain gràidh:

VI.

Biodh thuſa ri doſan na'n Tom
Le cumha do ghaoil ann ad Bheul,
Eala ; a thriall o thir na'n tonn,
'S tu ſeinn dhomh ciuil ann àird na'n ſpèur.

VII.

Briſeadh tre chreig na'n eithean dlu,
M' fuaràn ùr le torraghan trom,
A's freagradh mac Talla gach ciuil,
Ri ſtrann-fhuaim ſrutha' dlu na'n Tonn.

VIII.

Freagradh guth gach cnuic a's gach ſlèibh,
Re binn-fhuaim ghèur na'n aighin mear
'N ſin chuinnedh miſe mile gèum,
Aig rith mu'n cuairt domh 'n'iar ſan ear.

IX.

Sruthadh air ſgèth na h oſaig mhin,
Glaoghan mhaoth na'n Cro gu m' chluais,
'N ſin freagraidh a mheanbh ſpreidh 'n 'ar chluinn
An gineil 's iad a rith a'nuas.

X.

Mu'n cuairt domh bioidh luth-chleas laoigh
Re taobh na'n fruth no air an lerig,
S an minnein beag do'n chomhrag ſgìth
Am achlais aig eodal gun chèilg.

XI.

XI.

O! manam faic an Righin og,
Fo 'ſgeth na daraig Riogh na'm blàth
'Lamh-ſhneachd fo 'ceann, meaſg chiabhan oir
Sa meall-ſhuil chiun air og a gràigh.

XII.

Eiſin a ſeinn re 'taobh, 's i balbh,
Le croidhe 'lèum 's a ſhabh na cheol,
An gaol o ſhuil gu ſuil a falbh,
'Cur ſtad air feigh air ſleibhte mor.

XIII.

Nois thrèig an fhuaim 's tha 'cliabh mín-gheal
Re uchd 's ri croidh a gaoil a fàs,
'Sa bilibh ur mar ros gun ſmal
'M bilibh a gaoil gu dluth ann fàs.

XIV.

Solas gun chrioch do'n chomunn chiuin
'Dhuiſg dhomh an t aoibhneas àit nach pill,
'S beannachd do t anamſa a ruin
A nighin chaoin na'n cuach-chiabh grinn.

XV.

O! ceum an t ſhealgair ri mo chluais.
Le ſtrannadh ghath a's chon feadh ſlèibh,
'N ſin dearrſaidh an oig air mo ghruaidh
'N uair 'dhèireis toirm air ſealg an fhèigh.

XVI.

Duiſgidh an ſmior a'm' chnaidh n'ar chluinn
Mi tailmrich Dhos a's chon a's ſhreang,
'Nuair ghlaodhar, "thuit an Damh" ta m' bhuinn
Aig lèum gu beo re ard na'm Beann.

XVII.

Sin chi mi arleom an gadhar,
A leanadh mi anmoch a's moch,
A's na ſleibh ba mhiannach leam bhi taghal,
'S na creagan a fhreagradh do'n Dos.

XVIII.

Chi mi an uamha ghabh gu fial
'S gu tric ar cèimuibh o'n oiche,
Dhuifgeadh ar funnt ri blas a crann,
'S 'n a folas chuach ba mhor aoibhneas.

XIX.

Bhioidh ceo ar fleagh bhar an fheigh,
Ar deoch a Trèig 's an tonn ar ceol,
Ge d' fhinadh Tathaifg 's ge d' ranadh flèibhe,
Shinnd 's an uamhai ba fheamh ar neoil.

XX.

Chi mi fcur-eilt air bruaich a ghlinn,
An gair a chuach gu binn an tos,
A's gorm-mheall ailt na milè giubhas,
Na'n luibhin na'n earba 's na'n lon.

XXI.

Chi mi loch elain na'n craobh,
'S an caoran air lubadh thar Tuinn,

* * * * * * * *
* * * * * * * *

XXII.

Chi mi beinn aird is ailidh fniamh,
Ceann-feaghnadh na milè Beann
Bioidh aifling na'n Damh na ciabh,
'Si leaba na' nial a ceann.

XXIII.

'N do threig u mi aifling na'm buagh,
Pill fathaft, aon fealan beag, pill;
Cha chluinn u mi ochan 's mi truagh!
O! a bheannabh mo ghraigh flan libh.

XXIV.

Slan le comunn caomh na h oige
A's oigheanan boidheach flan libh,
Cha leir dhomh fibh, dhuibhfe ta folas
'N t fhamhraidh 's è mo gheamhra's e chaoidh.

XXV.

XXV.

O! cuiribh mi re grèin tra noin
Fo 'n bharach aig ſiubhal an loin,
'S air an t ſheamraig 's ann ſan neoinein,
'N tig aiſling na h oige am choir.

XXVI.

Bioidh cruit a's ſlige lan ri m' thaobh,
'S an ſgiath dhion mo ſhinſir ſa chath,
Foſglabh 'n Tall' bheil Oiſian a's Daol,
Thig 'm feaſgar 's cha bhi 'm Bard air bhrath.

XXVII.

Ach o! mas tig è, ſeal ma'n triall mo cheò,
Gu teach na'm Bard air ard-bheinn as nach pill,
Thugabh dhomh chruit 's ant ſhlige dh' iunſaidh
'n ròid
An ſin mo chruit 's mo ſhlige graidh, ſlàn libh.

PROSNUCHADH-CATHA *roiñaidh le* Lachun-Moir-Macmhuireach-Albinnich, *do* Dhomhnil *a Iola, Riodh* Inſhagaill, *agus Eairla* Rois; *la Machrich Cathgariach, Thugidh* è *June* 11. 1411.

A Chlannibh cuin, cuinhichibh
Cruas an am na hiorighila,
Ga arnich, ga arronta,
Ga athlif, ga allonta,
Ga beodha, ga baramhil,
Ga brioghor, ga buan-fhergach,
Ga calama, ga curonda,
Ga crodha, ga cath-buaghach,
Ga duir, 's ga daiſunnach,
Ga dion, 's ga deugh-fhuillin,
Ga èidi 's ga èicoil,
Ga tortail, ga furichair,
Ga frithair, 's ga forniata,

Ga gruamich, ga grainemhol,
Ga gleusda, ga gaiſgemhol,
Ga hinnil, ga hintinach
Ga hiolichdich, ga huima-ghonach,
Ga laomſgir, ga lain-athlif,
Ga laidir, ga luabhuillach,
Ga hullimh, ga herighilach,
Ga hollabhorb, ga hathiſach,
Ga merragha, ga moirchriadhach,
Ga menimnach, ga miolanta,
Ga nimhnich, ga naimhdemhol,
Ga niata, ga naimheglach,
Ga obbinn, ga olla-ghniomhich,
Ga prap, 's ga priom-hurlambh,
Ga proiſhoil, ga pruinſamhol,
Ga ruaimnich, ga rodhana,
Ga ro-bhorib, ga riodhamhol,
Ga ſantach, ga ſeanamhol,
Ga ſocair, 's ga ſarbhuailta,
Ga tenti, ga toggirrach,
Ga talcarra, ga froigheaſgi,
Ga urlabhach, ga urmhaiſbaol,
Ga coſnidh na cath-larach,
Ri bruinnidh, air buidhidhi,
A clanna chuin-ched chathach,
A nios uair air naithinicha,
A chiulenin conifidhach,
A bheirichin bunonta,
A leoghinin lainghaſta,
Aonchonibh Irighilach,
Do chaoiribh crodha, curonta,
Do clannimh chuinn, cheid-chathuch,
Clanibh cuin cuimhnichimh,
Cruais an am no hirighila.

ORAN

ORAN *na Comhachaig.*

I.

A Chomhachag bhochd na ſroine,
A nochd is bronach do leabadh,
Ma bha u ann re linn Donnaghail,
Cho n iunadh ge trom leat t aigne.

II.

'S co-aoiſe miſe do'n daraig,
Bha na fhaillein ann ſa choinnich,
'S ioma linn a chuir mi romham,
'S gur mi comhachag bhochd na ſtròine.

III.

Nois o'n a thà u aoſda,
Deanſa t aoiſid ris an t ſhagairt,
Agus innis dhà gun èaradh,
Gach aon ſgèula ga bheil agat.

IV.

Cho d' roinn miſe braid no brèugan,
Na claodh na tearmad a bhriſte,
Air m fhear fèin cha d' roinn mi iumluas,
Gur cailleach bhochd iùnraig miſe.

V.

Chonnacas mac a Bhrithe chalma,
Agus Feargus mor an gaiſgeach,
Agus Torradan liath na ſroine,
Sin na laoich bha domhail taicail.

VI.

O'n d' thòiſich u re ſeanachas,
A's èigin do leanmhuinn nas faide,
Gu 'n ra 'n triur bha ſin air foghnadh,
Ma 'n raibh Donnaghail ann ſan Fhearſaid.

VII.

VII.

Chonnaic mi Alaſtair carrach,
An Duine is alloile bha 'n Albainn,
'S minig a bha mi ga èiſteachd,
'S e aig reiteach na'n tom ſealga.

VIII.

Chonnaic mi Aonghus na dheaghaidh,
Cho b' e ſin raghuinn ba tàire,
'S ann ſan Fhearſaid a bha thuinidh,
'Sroinn e muileann air allt Larach.

IX.

Ba lionar cogadh a's creachadh,
Bha 'n Lochabar ann ſan uair ſin,
Caite am biodh tuſa gad' fhalach,
Eoin bhige na mala gruamaich.

X.

A's ann a bha cuid do m' ſhinſridh,
Eadar an Innſe a's an Fhearſaid,
Bha cuid eile dhiu' ma'n dèathagh ;
Bhiodh iad aig èabhach ſa'n fheaſgar.

XI.

'N uair a chithinnſe dol ſeachad,
Na creachan agus am fuathas,
Bheirinn car beag fàr an rathaid,
'S bhi' inn grathunn ſa chreig ghuanaich.

XII.

Creag mo chroidhe-ſe a chreag ghuanach,
Chreag an d' fhuair mi greis do m' àrach,
Creag na'n aighin 's na'n damh ſiùbhlach,
A chreag aidhireach urail ianach.

XIII.

Chreag ma'n iathadh an fhàoghait,
Ba mhiann leam a bhi ga taoghal,
'N uair ba bhinn guth gallain gaodhair,
A cur graidh gu gabhail chumhainn.

XIV.

XIV.

'S binn na h iolarain ma bruachabh,
'S binn a cuachan 's binn a h eala,
A's binne no ſin am blaoghan,
Ni an laoighein mean-bhreac ballach.

XV.

A's binn leam toraman na'n dos,
Re uilinn na'n corri-bheann cas,
'San eilid bhiorach is caol cos,
Ni foiſe fuidh dhuilleach ri-teas.

XVI.

Gun do chèil aic ach an damh,
'S e 's muime dhi fèur a's cneamh,
Mathair an laoigh mhean'-bhric mhir,
Bean an fhir mhal-roſgaich ghlain.

XVII.

'Siùbhlach a dh' fhalbhas e raon,
Codal cha dean ann ſa'n ſmuir,
B' fheair leis no plaide fui' thaobh,
Bàr an fhraoich bhadanaich ùir.

XVIII.

Gur h aluinn ſgeamh an Daimh dhuinn,
Thearnas o ſhireadh na m beann,
Mac na h eilte ris an t ſhonn,
Nach do chrom le ſpid a cheann.

XIX.

Eilid bhinneach, mheargannt, bhallach,
Odhar eangach uchd re h àrd,
Damh togbhalach croic-cheannach ſgiamhach,
Cronanach ceann-riadhach dearg.

XX.

Gur gaſda a rithe tu ſuas,
Re leachduinn chruaigh a's i cas,
Moladh gach aon neach an cù,
Ach molams 'n tru tha dol as.

XXI.

XXI.

Creag mo chroidhe-ſe a chreag mhoir,
'S ionnhuinn an lòn tha fuidh ceann,
'S annſa an lag tha air a cul,
Na machthir a's * mùr na'n gall.

XXII.

M' annſachd beinn ſheasgach nam ſuaran,
'N riaſgach o'n dean an damh ràn an,
Chuireadh gadhar is glan nuallan,
Feigh na'n ruaig gu h inbhir-mheorain.

XXIII.

B' annſa leam na dùrdan bodaich,
Os ceann licaig eararadh sìl,
Bùirein an daimh 'm bi ghne dhuinned,
Air leacainn beinne 's e ri sìn.

XXIV.

'N uair bhùiris damh beinne bige,
'S a bhèicis damh beinn na craige,
Freagraidh na daimh ud da cheile
'S thig feigh a' coire na ſnaige.

XXV.

Bha mi o'n rugadh mi riabh,
Ann an caidribh fhiagh a's earb',
Cha n fhachda mi dath air bian,
Ach buidhe, riadhach, a's dearg

XXVI.

Cha mhi fhin a ſgaoil an comunn,
A bha eadar mi 's creag ghuanach,
Ach an aois ga'r to'irt o cheile,
Gur grathunn an fheil a fhuaras.

XXVII.

Si creag mo chroidhe-ſe chreag ghuanach,
A chreag dhuilleach, bhiolaireach, bhraonach,
Na 'n tulach àrd, aluinn, fiarach,
Gur cian a ghabh i o'n mhaorach.

XXVIII.

* *Daingneach.*

XXVIII.

Cha mhinig a bha mi'g eiſteachd,
Re ſeitrich na muice mara,
Ach 's tric a chuala mi moran,
Do chrònanaich an Daimh allaidh.

XXIX.

Cha do chuir mi duil ſan iaſgach,
Bhi ga iaraidh leis a mhadhar,
'S mor gu'm b' annſa leam am fiaghach,
'S bhi air falbh na'n ſliabh is t fhaghar.

XXX.

'S aoibhinn an obair an t ſhealg,
'S àit a cuairt ann airde beachd,
Gur binne a h, aidhir 's à fonn
Na long a's i dol fuidh beairt.

XXXI.

Fad a bhithinn beo na mairiunn,
Deoth dheth 'n anam ann mo chorp,
Dh' fhanainn am fochar an fheigh,
Sin an ſpreidh ann raibh mo thoirt.

XXXII.

C'àite an cualas ceol ba bhinne,
Na mothar gadhair mhoir a' teachd,
Daimh ſheanga na'n rith le gleann,
Miolchoin a' dol annta 's aſt'.

XXXIII.

'N uair a bha mi air an da chois,
'S moch a ſhiubhlain bhos a's thall,
Ach anois on fhuair mi tri,
Cha ghluais mi ach gu mìn mall.

XXXIV.

Tha blaigh mo bhogh' ann am uchd,
Le aogh maol odhar is ait,
Iſe geanail 's miſe gruamach,
'S cruaigh an diu nach buan an t ſhlat.

XXXV.

'S truagh an diu nach beò an fheoghain,
Gun ann ach an ceo do'n bhûidhinn,
Leis 'm ba mhiannach gloir na'n gadhar,
Gun mheoghail gun òl gun bhrithinn.

XXXVI.

Bratach Alaſtair na'n Gleann,
A ſtrol faramach re crann,
Suaitheantas ſhoilleir ſhiol Chuinn,
Nach d' chuir ſuìm ann clannabh gall.

XXXVII.

'S ann an Cinn-ghiubhſaich na laidhe,
Tha namhaid na graighe deirge,
Lamh dheas a mharbhadh a bhradain,
Ba mhath e 'n t ſhabaid na feirge.

XXXVIII.

Dh, fhag mi ſan ruaidhe ſo ſhios,
Am fear a b' olc dhomſa bhas,
'S tric a chuir e a thagradh an cruas,
Ann cluais an Daimh chabraich ann ſas

XXXIX.

Raonull Macdhomhnaill ghlais,
Fear a fhuair fòghlum gu deas,
Deagh Mhac Dhonuill a chùil chais,
Ni'm beo neach o charaig leis.

XL.

Alaſtair croidhe na'n gleann,
Gun e bhi ann mor a chreach,
'S tric a leag u air an tom,
Mac na ſonn leis a choin ghlais.

XLI.

Alaſtair Mac Ailain mhoir,
'S tric a mharbh ſa bheinn na feigh,
'Sa leanadh fad air an toir,
Mo dhoigh gur Domhnullach treun.

XLII.

XLII.

A's Dòmhnullach u gun mhearachd,
Gur tu buinne geal na cruaghach,
Gur càirdeach u do Chlannchattain,
'S gur a dallt u do chreig ghuanaich.

XLIII.

Ma dh' fhàgadh Domhnull a muigh,
Na aònar a' tigh na fleagh,
'S gearr a bhios gucag air bhuil,
Luchd a chruigh bioidh iad as tigh.

XLIV.

Mi'm fhuidh air sìoth bhruth na m beann,
A coimhead air ceann loch a treig,
Creag ghuanach am bioidh an t fheàlg,
Grianan àrd am bioidh na fèigh.

XLV.

Chi mi na dubh-lochain uam,
Chi mi chruach a's beinn bhreàc,
Chi mi ftrath Oiffian na m Fiann,
Chi mi ghrian air meall nan leàc.

XLVI.

Chi mi beinn iobhais gu àrd,
Agus an càrn dearg re bun,
A's coire beag eile re taobh,
Chìt a's munadh faoin as muir.

XLVII.

Gur rìomhach an coire dearg,
Far 'm ba mhiannach leinn bhi fealg,
Coir' na'n tulachanan fraoich,
Innis na'n laogh 's na'n Damh garbh.

XLVIII.

Chi mi braidh bhidin nan dòs,
'N taobh fo bhos do fgura lìth,
Sgura chòinich na'n Damh feang,
Ionmhuinn leam an diu na chi.

XLIX.

Chi mi ſtrath farſaing a chruigh,
Far an labhar guth na'n ſonn,
A's coire creagach a mhaim,
A' minig an tug mo làmh toll.

L.

Chi mi garbh bheinn na'n damh donn,
Agus ſlat bheinn na'n tom sìth,
Mar ſin agus u'n leitir dhubh,
'S tric a roinn mi fuil na' frì.

LI.

Soraidh gu beinn allta uam,
O'n 'sì fhuair urram na'm beann,
Go ſlios Loch-eireachd an fheigh,
Gu'm b' ionmhuinn leam fèin bhi ann.

LII.

Thòir ſoraidh uam thun an Loch,
Far am faicte 'bhos a's thall,
Go uiſge Leamhna na'n lach,
Muime na'n laogh breac 's na meann.

LIII.

S è Loch mo chroidheſe an Loch,
An Loch air am bioidh 'n Lach,
Agus iomad eala bhàn,
'S bhioidh iad a ſnàmh ma n ſeach,

LIV.

Olaidh mi a' Trèig mo theann-ſhath,
Na dhèidh cha-bhiodh mi fui' mhulad,
Uiſge glan na m fuaran fallain,
O'n ſeang an fiagh a nì 'n langan.

LV.

'S buan an comunn gun bhriſteadh,
Bha atar miſe 's an t uiſge,
Sùgh na mor bheann gun mhiſge,
Miſe ga òl gun traiſgeadh.

LVI.

'S ann a bha an communn bristeach,
Eatar mise 's a chreag sheilich,
Mise gu bràth cha dìrich,
Ise go dìlinn cha teirinn.

LVII.

O labhair mi sibh gu lèir,
Gabhaidh mi fhein dibh mo chead,
Dearmad cha dean mi san àm,
Air fiaghach ghleann na m beann beag.

LVIII.

Cead is truaighe ghabhas riàbh,
Do 'n fhiaghach ba mhòr mo thoil,
Cha 'n fhalbh le bogha fui' m' sgèth,
'S gu la bhràth cha leig mi coin.

LIX.

Mise a's tusa ghadhair bhàin,
'S tursach air turas do 'n ealain,
Chaill sinn an tathunn a's an dàn,
Ge d' bha sinn grathunn re ceanal.

LX.

Thug a choille dhìotsa an earb',
'S thug an t àrd dhìomsa na fèigh,
Cha n eil nàire dhùinn a Laoich,
O'n laidhe an aois òirnn le chèil'.

LXI.

Aois cha n'eil u meachair,
Ge nach fèadar leinn do sheachnadh,
Cromaidh tu 'n duine dìreach,
A dh' fhàs gu mìleanta gàsda.

LXII.

Gearraichidh tu a shaoghal,
A's caolaichidh tu 'chasan,
Fagaidh tu cheann gun deadach,
'S ni u eadunn a chasadh.

LXIII.

A ſhine chaſaodunnach, pheallach,
A ſhream-ſhuileach, odhar, èidìdh,
Cha ma 'n leiginn leat a lobhair,
Mo bhogha tòirt dhìom aireiginn.

LXIV.

O'n 's mi fhin ab' fhearr an àiridh,
Air mo bhogha ro-mhath iubhair,
No thuſa aois bhothar-ſgallach,
Bhios aig an teallach ad ſhuidhe.

LXV.

Labhair an aois a rithis,
'S mo 's righinn tha thu leantail.
Ris a bhogha ſin a ghiùlan,
'S gur mò ba chuibhte dhuit bàta.

LXVI.

Gabh thuſa uaimſe 'm bàta.
Aois gràndа chairtidh na plèide,
Cha leiginn mo bhogh' leatſa,
Do mhathas na d'ar, eiginn.

LXVII.

'S iomadh laoch ab' fhearr na thuſa,
Dh' fhàg miſe gu tuiſleach an-fhann,
'N dèigh fhaobhachadh as a ſheaſamh,
Bha roimhe na fhleaſgach meamnach.

ORAN *cumhadh* Choire-'n eaſ-a *leis a* Phiobaire *dhall.*

I.

MI 'N diu a' fàg'ail na tìre,
'Siubhal na frìgh air a leath-taobh,
'S è dh' fhàg gun airgid mo phòca.
Ceann mo ſtòir bhi fuidh na leacabh.

II.

II.

'S mi ag bràighe 'n alltain riabhaich,
Aig iaraidh gu beallach na fèatha,
Far am bi Damh dearg na cròichde,
M' fhèill-eoin-roid a dol ſan dàmhair.

III.

'S mi 'g iaraidh gu Coire an eaſa,
Far a minig 'n do ſgapadh fùdor,
Far am biodh miol-choin ga 'n teirbeirt,
Cur mac na h èilte da dhùbhlan.

IV.

Coire gun eaſbhaidh gun iomrall,
'S tric a bha Reabard ma d' chomraich,
Cha n'eil uair a ni mi t iumradh,
Nach tuit mo chroidhe gu trom-chràdh.

V.

'S è ſin miſe coire an eaſa,
Tha mi ſeaſabh mar a b' àbhaiſt,
Ma thà thuſa na t fhear ealain,
Chuinnemid annas do làimhe.

VI.

An aill leat miſe a ruſgadh ceoil duit,
'S mi am ſhuidhe mar cheò air bealach,
Gun ſpeis aig duine tha beò dhiom,
O'n chuaidh an Còirneileair fiuidh thalamh.

VII.

Mo chreach mo thùrſa 's mo thruaighe,
Ga chuir ſan uair ſo dhomh ann fhìre,
Mhuinntir a chumadh rium uaiſle,
Bhi 'n diu ann ſan uaidh ga m dhì-ſe.

VIII.

Na'n creide tu uam a choire,
Gur a doran ſud air m' inntinn,
'S cuid mhoir e dh' abhar mo lei-ſgeoil,
Nach urrainn mi ſeaſa re ſeinn duit.

IX.

Measar dhomh gur tu mac Ruairidh,
Chonairc mi marris a Chòirneal,
'N uair a bha è beo na bheatha,
Ba mhian leis do leathaid na sheòmar.

X.

Ba lion'ar do mhaithin na h Eirinn,
Thigeadh gu m' rèlian le h eälaidh,
Sheinneadh Ruairidh dall dhomh fàilte,
Bhiodh mac Aoidh 's a chairdin mar ris.

XI.

O'n tha thusa a' caoidh na'n àrmunn,
Leis am b' abhaist bhi' ga d' thaghal,
Go 'n seinnims' eälain gun duais duit,
Ge fada uam 's mi gun fhradharc,

XII.

'S lionar caochladh teachd san t shaoghal,
Agus abhar gu bhi dubhach,
Ma sheinnneadh san uair sin dhuit fàilte,
Seinnir an trà so dhuit cumha.

XIII.

'S è sin ceòl is binne thruaighe,
Chualas o linn mhic Aoidh Dhòmhnnill,
'S fada mhairis è na m' chluasabh,
An shuam a bh' aig tathumn do mheòirin.

XIV.

Beannachd dhuit agus buaidh làrach,
Ann 's gach aite 'n dean u seasabh,
Air son do phuirt bhlasda dhionach,
Sa ghrian aig teannadh re feasgar.

XV.

'S grianach t u'rsiun fèin a Choire,
'S gun fhèidh a' tearnadh gu d' Bhaile,
'S iomad neach da m b' fhiach do mholadh,
Do chliath chorrach, bhia'char, bhainneach.

XVI.

XVI.

Do chìob do bhorran do mhìnlteach,
Do ſhlios a choire gur lianach,
Lubach, luitheach, daite dìonach,
'S faſgach do chuilidh 's gur fiarach.

XVII.

Tha t èideadh uil air dhreach a chanaich,
Cìreain do mhullaich cha chreanaich,
Far 'm bi' na fèigh gu torach,
'G èiridh faramach ma d' fhireach.

XVIII.

Sleamhuinn ſlios-fhad do ſbliochd àraich,
Gun an gart na'n càl ma t ìoſail,
Mangach, maghach, aghach, tearnach,
Graidheach craiceach fradharc frìthe.

XIX.

Nòineineach, gucagach, meàlach,
Lòineineach, luſanach, iumaidh,
'S bòrcach do ghorm luachair bh'ealaich,
Gun fhuachd re doinſhin ach cìreach.

XX.

Stumragach, ſealbhagach, duilleach,
Min-leachdach gorm-ſhlèiteach gleannach,
Biadhchair, riabhach, riaſgach, luideach,
Le 'n dìlte cuideachd gun cheannach.

XXI.

'S cruiteoil leam gabhail do bhràighe,
Biolaire 't uiſge ma t innſibh,
Mìodar maghach, cnochdach càthair,
Gu breac blàthoir ann uchd mìn fheoir.

XXII.

Gu gormanach, tolmanach, àluinn,
Lochach, lachach, doſach, crài-ghia'ch,
Gadharach, faghaideach, braìeach,
'G iumain na h eilid gu nàmhaid.

XXIII.

XXIII.

Bùireineach, dubharach, bruachach,
Fradharcach, cròichd-cheannach, uallach,
Feòirneineach uiſg na 'm fuaran,
Grad ghaiſgeant' air ghaſgan crua'laich.

XXIV.

Balg ſhuileach fàileantadh, biorach,
Sbangſhronach, eangladhrach, corrach,
'S an anmoch is meanbh-luath ſireadh,
Air mhire a' dìreadh ſa chòire.

XXV.

'Sa mhaduinn aig èiridh le'r miolchoin,
Gu muirneach, maiſeach, gaſda, gniomhach,
Lubach, leacach, glacach, ſgiamhach,
Carach, cabrach, cnagach, ſiamhach.

XXVI.

'Nàm da'n Ghrèin dol air a h uilinn,
Gu ſuilteach, rèubach, glèuſda, gunnach,
Snapach, armach, calgach, ullamh,
Riachach, marbhach, tarbhach, giullach.

XXVII.

'Nàm dhuinn bhi' tearna gu d' rèthlian,
Teinnteach, cainteach, cainnleach, cèireach,
Fìonach, cornach, ceòlar, tèudach,
Ordoil, eòlach, 'g òl le rèite.

XXVIII.

Sguiridh mi nois dhiot a choire,
O'n tha mi toilicht do d' ſheanchas,
Sguiridh miſe ſhluubhal t aonaich,
Gu's an tig mac Aoidh do dh Albainn.

XXIX.

Ach 's è mo dhùrachd dhuit a C[illegible]e,
O'n 's mor mo dhùil re dol [illegible]
O'n tha ſiun tuilleach ſa m[illegible]
Biodh mid a' triall thun a [illegible]

ANN

MARBHRANN *do Shir* Sèumas *mor* Mac Dhomhnuill Triath Shlèibht', *le* Gilleaſpaig *dubh* Mac Mhic Dhònaill.

I.

AN Nollaig air m ba ghreunach fion,
Ormſa roig an dìth ſan call,
Tha m' iulchairt ſa chrann fui' dhìon,
Ceann sìthe fear Innſe-gall.

II.

Gun fàth tòireachd air an Tì,
Chuaidh dhìnn am feaſda nan tràth,
Ann Gorm-thulaich eadar dhà thìr,
Thà paillte gun chrìne 'n tàmh.

III.

'S mor mo ſmuaintidh : chàch chà lèir,
Leam fhèin ; 's mi gabhail mu thàmh,
Dheth an t ſhaoghal ſo 's beag ma ſpèis,
Thigeadh an t èug n'ar is àill.

IV.

Gho 'n iarainn là gu bràth,
Do leaſacha thràth theachd orm ;
Na 'm b' è go'n deònaicheadh Dia,
Mi dhol gu dian air do lorg.

V.

Cho'n iarainn tuilidh dheth 'n t ſhaoghal,
Luidheinn re daoilibh an fhòid,
Ann an Leabaidh chumhaing, chaoil,
Sìnnte re taobh do chuid bord.

VI.

Chuaidh mi iumaral air an aòis,
A' muinnin na nàmhaid thà mì,
'S beag mo dhòchas a bhi' àrd,
'S tu'n clàrabh druite da m' dhìth.

VII.

VII.

Ormsa rug an t àn-rath cuain,
Chuaidh mo * riaghailt uam air chall,
Mo sgèul duilich 's mo chàs cruaigh,
'S nì buan gun bhuinnig tha ann.

VIII.

Dhìomsa thog an t eug a chìs',
'S lèir dhuit a Riogh mar athà,
Ormsa rug gàir-thonn na'n sìon,
Gun sìth ach dorainn gu bàs.

IX.

Cho raibh sliùr na seòl na slat,
No ball beairte a bhà re crann,
Nach do thruis an aon uair uainn:
Mo thruaighe-se an fhras a bh' ann.

X.

Tigh mor a thathaicheadh na slòigh,
Gun òl gun aidhir gun mhiagh,
Gun chuirm ga chaitheamh air bòrd,
Mo dhòlas.—Athair na sìon.

XI.

Gun chaismeachd gun chòimh-strì thèud,
Gun dàn ga lèabhadh air clàr,
Gun fhilidh re cuir an cèill,
Eachd do chinnidh-sa gu bràth.

XII.

Gun trèun fhir re dol ann òrdoigh,
Gun taileasg gun chòrn gun chuach,
Mo bhèud dhuilich 's mo chreach mhor,
Fuidh 'n fhòd a thuinich an duais.

XIII.

* *Compas.*

XIII.

Gun èiridh moch thun na'n ſtùchd,
Gun chù ga ghlacadh am làimh,
Gun mheanmnadh re claiſtin ciuil,
Gun mhùirn gun mhacnas re mnàidh.

XIV.

Gun òigridh re ſiubhal ſhliabh,
Gun mhiagh air iaraidh an ròin,
Gun mhial-choin a' teannadh iall,
Sàmhach an nochd ſiagh an ſtòir.

XV.

'S ioma beann a's gleann a's cnochd,
Ceann òbain loch agus tràigh,
Shiubhail miſe leat fui' mhùirn ;
'S luchd ciùil re h aidhir gun phràmh.

MARBHRANN Dhònuill *ghuirm oig* mhic Dhòniull Shlèibhte, *le* Murchadh *mor* mac mhic Mhurchaidh, *fear* Eichildi.

I.

Ho o hom bo,
'Sgèula leat a ghaoth deas,
Ho o hom bo,
Seirbhe do ghàir na'n dom-blas,
Gun fhuaim sìthe leat a ſteach
Air chuan ſgìthe, mo leir chreach !

II.

Ho o hom bo,
An ſgèula thainig air tuinn, *Ho o,* &c.
A Dhè nach ba dàil do'n aiſeag,
Gu'n d' èug an Triath ùr-ghlan,
Rìogh-chrann-sìthe na'n eilein.

III.

III.

Ho o hom bo,
Urfainn-chatha Innfe-gall, *Ho o,* &c.
Iuchair flatha na'm fìor rann,
A Chraobh fin a theafd do fhiol Chuinn,
Milidh gafta an Comhluinn.

IV.

Ho o hom bo,
Fìor Leòghun re huchd catha, *Ho o,* &c.
Craobh a dhruideadh o'n àrd Fhlatha,
Ba fheamhaidh, meanmnach, an ceol,
'S do ghnìomh leanabas an comh-òl.

V.

Ho o hom bo,
Co o'm faigh'mid macnus no mùirn ; *Ho o,* &c.
Co ni aitis re mor chuirm ?
Co phillèas na cèuda creach ?
O'n dh' im'ich a ghèug gorm-fhuileach ?

VI.

Ho o hom bo,
O dh' iomaich feanchaidh na'n Riogh, *Ho o,* &c.
Dh' iomaich oircheas na coigridh,
O dh' èug an àrd chraobh chofgair,
Chuaidh an fgèula fo fhìor chlotta.

VII.

Ho o hom bo,
Ni 'm fèadar a mhola dh'leinn, *Ho o,* &c.
A Ghèug fhòlais ba ghlòir-bhinn,
Leòghunn, leanabh, agus Riogh,
Ga 'n raibh aithne gach aon nì.

VIII.

Ho o hom bo,
'S turfach leam do chuir fui'n ùir, *Ho o,* &c.
A bhi dunadh do ghorm fhùl ;
'S è dh' fhàg mo chroidhfe tàis
Do lorg-fhlithe ga h' airthis.

IX.

IX.

Ho o hom bo,
'S turſach do theaglach fa dheòidh, *Ho*, &c.
Do threun chinn-fheinnidh fa dhubh-bhròn,
Mar choille gun chnuaſachd gun mheas,
Tha t fhonn ſgireachd as t èagmhais.

X.

Ho o hom bo,
'S turſach do phannal 's ni h ait, *Ho*, &c.
Ach 's i mo nuar do leannan leap':
Ba chrann cèille u agus neart,
Ann am na fèime ba riogh airc.

XI.

Ho o hom bo,
Ni 'n còir dhuinn cumhadh ad dhèigh, *Ho*, &c.
O'n 's è uidhe gach aon chrèidh,
O nach bàs ach beatha dhuit,
Ni 'n leigim air ti ar dearmad.

XII.

Ho o hom bo,
Ge deireadh cha dearman dhuinn, *Ho*, &c.
Trèigea'maid farmad a's mis-rùn,
Mar ghadaich an t èug gu 'n tig;
B' ſhada leinn an ſgèul a thàinig.

An ceathramh-rann.

Thàinig plaigh air daimh na 'n clarſach binn,
Tha gàir-bhàite 'n àite fiol-chuinn,
Tha mnài cràiteach mu d' fhag' ail 's a chill,
'S i mo ghràdh do lamh làidir leis am b' abhaiſt
bhi-leinn.

MARBH-RANN *do* Mhac Dhùghail Dhunolladh, Jain Ciar, *le* Dònull Mac An-t-Shaoir.

I.

'S Mor eaſbhuidh Lathurn' am bliadhna,
A' caoi mu'n ſgial air nach tig mùtha,
Jain Ciar 's a cheann gu h ioſal,
'S lèir do 'n tir ga 'n dìth Mac Dhùghail.

II.

Tha ſinal air uaislibh do thaighe,
Gun luaigh air aidhear no ſùgradh,
O'n dh' fhàgadh u 'n Cille-bhride,
'S nach dean ſgal pìoba do dhùſgadh.

III.

Fhueir maithin na 'n Gàidheal briſteadh,
O'n a chuaidh tu'n ciſde dhùinte,
'S laighid a chearna ſo uile,
Nach faicear tuille ſan Dùn thu.

IV.

'Siomad mac a chaochail nèul,
Re am do'n triath dol fo lichd,
Ge minic a ghineadh a chlann,
B' ainneamh do ſhamhla' na'm meaſg.

V.

Chaochail na sìntin 'n tra dh' èug,
Bha 'n ſpèur a' ſileadh gu tric,
Chaidh toradh na coille air chall,
A chuaſachd a blàgh 'ſa mios.

VI.

Bha thu truacanta re bochd,
Bha thu gu fuaſgailteach glichd,
Tuigſe nàdair le ſàr bheachd,
Fhuair thu gu faibhir mar ghibht.

VII.

VII.

Bha thu trèunmhor le deagh choltus,
Mar a bha Oſgar ſan Fhèinn,
Fear fial, gun fhiaradh, gun mheatachd,
Cha lèir dhomh neach mar thu fèin.

VIII.

Bha thu ſiobhailte re mnài,
Bha thu dàna dhol ann trod,
Bha thu gu miſneachail garg,
'Nuair a ghluaiſeadh fearg ad chorp.

IX.

Bha thu math a dhìòladh duais,
Bha thu cruaigh 'n àm dol ann ſtrì;
Seirc, a's oineach, buirb a's buaidh,
Do chliù buan ann iomadh tìr.

X.

Ach thugamaid ùmhlachd do'n àrd-riogh,
Nach d' fhàg an làrach gun sìol,
'S math Alasdoir a bhi làthair,
Ge cràiteach na bheil 'gar dìth.

XI.

Bitheamaid ſubhaltach ait,
A chlann mhac ſin am blagh ſa'm pris,
Beannachd leis an t ſhaoi'rinn triall uain,
'S ann o Dhia thig gach mor-chìs.
'S mor eaſbuidh Lathurna 'm bliadhna.

FUAIM *a* Taif *le* Nighien Alaſtair *ruaidh*.

I.

RE fuaim an Taif 's uaigneach mo ghean,
Bha mis uair nach b' e ſud m' abhaiſt.
Re fuaim an Taif, &c.

II.

Ach piob Nualanach mhòr,
Bheridh buaidh air gach ceoil,
Nuair ghluaiſt i le Meoir Faidrig.

III.

Gur mairg a bheir gèill do'n t ſhaoghal gu lèir,
S' tric a chaochail e chèum gàbhaidh,
'S tric a chaochail e, &c.

IV.

Gur lionaire a chùrs na'n deallt air an driùchd,
Ann a maduinn an tùs màighe.
Ann a maduinn, &c.

V.

Cha n fhachdas re m' rè, aon duine fuidh'n ghrèin,
Nach d' thug e ghreis fèin dhà ſin.
Nach d' thug e, &c.

VI.

Thoir an t ſhoraidh ſo uam, ga talle na'n cuach,
Far 'm biodh tathaich nan trùagh daimhail.
Far 'm biodh, &c.

VII.

Thun an taighe nach gann, fuidh 'n leathad ad thàll,
Far bheil aidhir às ceann mo mhànrain.
Far bheil aidhir, &c.

VIII.

Sir Toramaid mo rùin Ollaghaireach u,
Foirmeil o thùs t àbhaiſt.
Formeil o thùs, &c.

IX.

A thaſgaidh 's a chiall, 's è ba chleachdadh duit riamh,
Teach farſaing 's e fiàll fàilteach.
Teach farſaing, &c.

X.

X.

Bhioidh teanal na'n Cliar rè tamaill is cìan,
Dh' fhios a bhaile 'm bioidh triall chairdin.
Dh' fhios a bhaile, &c.

XI.

'N àile chonairc mi uàire, 's glan an lasadh bhà ad ghruaigh,
Fuidh ghruaig chleachdaich na'n dual ar-bhuidh.
Fuidh ghruaig, &c.

XII.

Fear dìreach deas trèun ba ro-fhìrinneach bèus,
'S e gun mhi-ghean gun chèim trailloil.
'S e gun mhi ghean, &c.

XIII.

Do'n lìnnidh b' fhearr buaigh tha 's na criochabh ma'n cuairt,
Clann fhìrinneach Ruairidh làn-mhoir.
Clann fhìrinneach, &c.

XIV.

Cha n 'eil cleachdainn mhic Riogh, na gaisge na gnìomh,
Nach 'eil pearsa mo ghaoil làn dheth,
Nach 'eil pearsa, &c.

XV.

Ann an trèine sa 'n lù, ann an cèadfaidh 's an cliù,
Ann am fèil 's an gnùis nàire.
Ann am fèile, &c.

XVI.

Ann gaisge 's an gniomh, 's ann am paille neo-chrion,
Ann a' maise 's am mian àillteachd.
Ann a' maise, &c.

XVII.

Ann an cruadal 's an toil, ann am buaigh tho'n t air ſgoil,
Ann an uaiſle gun chron càileachd.
Ann an uaiſle, &c.

XVIII.

Tuigſ-fhear na n tèud purpais gach ſgèil,
Suſbaint gach cèill nàdoir.
Suſbaint gach, &c.

XIX.

Gum ba chuibhidh dhuit ſid mar a thubhairt iad rès,
Ba tu 'n t ubhal thair mios àrd-chraoibh.
Ba tu 'n t ubhal, &c.

XX.

Leodach mo rùin ſeoòrſta fhuir cliù,
Cha ba thòiſeachadh ùr dhòibh ſìr.
Cha ba thòiſeachadh, &c.

XXI.

Bha fios co ſibh ann an iomartas Riogh,
'N uair ba mhuladac ſtriadh Thearrlaich *.
'N uair ba, &c.

XXII.

Slan † Ghàidhill no ghaill gun d' fhuaras oirbh foill,
Dh' aon bhuaireadh ge 'n d' roinn bhur nàmhaid,
Dh' aon bhuaireadh, &c.

XXIII.

Lochlunnaich thréun toiſeach bhur ſgeil,
Sliochd ſolta, bh' air freamh Mhànais,
Sliochd ſolta, &c.

XXIV.

* King Charles II.
† Defiance.

XXIV.

Thug Dia dhuit mar ghibht bhi' gu mordhaileach glic,
Chriosd deonaich dha d' shliochd bhi, àghmor,
Chriosd deonaich, &c.

XXV.

Fhuair u forton o Dhia bean ba shochdraiche ciàll,
'S ì gu foistinneach fial nàrach,
'S ì gu foistinneach, &c.

XXVI.

A bheil eannach is cliù 's i gun mhilleadh 'na cùis
'S i gu h iriosal ciùin càirdeil,
'S i gu h iriosal, &c.

XXVII.

I gun dolaidh fuidh 'n ghrèin gu toileachadh trèud,
'S a folachd a rèir bàrrio'nn,
'S a folachd, &c.

XXVIII.

'S tric a riaraich u cùilm gun fhibhras gun tùilg,
Nighein oidhre Dhuntùilm slan dhuit,
Nighein oidhre, &c.

Le Nighein Alastair *ruaidh do* Shir Toramaid Mac Leoid.

I.

GUR muladach thà mi,
'S mi gun mhire gun mhànran,
Ann sa'n talladh 'm ba ghnà le Mac Leoid.
Gur muladach, &c.

II.

Tigh mor macnasagh mèa' rach,
Na macaimh 's na maighdean,
Far 'm ba tartarach gleuraich na'n còrn.
Tigh mor macnasach, &c.

III.

III.

Tha do thalla mor prioſoil,
Gun fhaſgadh gun dìon ann,
Far a' fachda mi 'n fìon bhi' ga òl.
Tha do thalla, &c.

IV.

Och mo dhìobhail mar thachair,
Thug an dithl' air an aitribh,
'S ann is cianoil leam tachairt na còir.
Och mo dhiobhail, &c.

V.

Shir Toramaid na m bratach,
Fear do dhealbh-ſa ba tearc è,
Gun ſceilm a chuir aſad na bòſd.
Gun ſgeilm, &c.

VI.

Thuair u teiſt is deagh urram,
Ann a' freaſdal gach duine,
Air dheiſeachd 's air uiriglidh beòil.
Thuair u teiſt, &c.

VII.

Leat ba mhianach coin lùthor,
Dhol a ſhiubhal n'n ſtùchd-bheann,
'S an gunnadh nach diùlta re h òrd.
Leat ba mhianach, &c.

VIII.

'S i do lamh nach raibh tuiſleach,
Dhol a chaitheamh a chuſpair,
Le d' bhogha cruaigh ruiteach deagh-neòil.
'S i do lamh, &c.

IX.

Glac throm air do ſhliaſaid,
'N dèigh a ſnaithe gun fhiaradh,
'S bàr doſrach do ſgiathamh an eòn.
Glac throm air, &c.

X.

X.

Bhiodh cèir rìs na crannabh,
Ba neimh-eiſlianach tarraing,
'N uair a lèumadh an taifaid o d' mheòir.
Bhiodh cèir ris, &c.

XI.

'N uair leighte o d' làimh i,
Cha bhiodh oirleach gun bhàthadh,
Eadar corran a gàinne 's a ſmeòirn.
'N uair leighte, &c.

XII.

Cèud ſoraidh le dhùrachd,
Uaim gu leannan an t ſhùgraidh,
Go 'm b' e m' aidhir 's mo run bhi' ga d' chòir
Cèud ſoraidh, &c.

XIII.

'N am dhuit tighin gu d' bhaile,
'S tu ba tighearnail gabhail,
'N uair a ſhuidheadh-gach caraid mu d' bhòrd,
'N am dhuit, &c.

XIV.

Bha u mioſoil aig uaiſlin,
'S cha-raibh beagan marchruas ort,
Sud an cleachdadh a fhuair 'u ad t aois òig.
Bha u mioſoil, &c.

XV.

Gam biodh ſaram air thàiliſg,
Agus fuaim air a chlàrſaich,
Mar a bhuineadh do ſhàr Mhac Mhic Leòid.
Ga m biodh, &c.

XVI.

Gur h è b' eachdraidh 'n a dhèigh ſin,
Greis air uir-ſgeil na fèinidh,
'S air a chuideachda cheir-ghil nan cròchd.
Gur h è b' eachdraidh, &c.

Le Pòl *crubach do* Jain *Mac Shir* Ruairidh Mhic Leòid.

I.

'S i ſo iorram na truaighe,
Tha ſan uair'ſo ga h èabhach,
Liuthad glaodh tioma,
Gun bhinnis re èiſteachd,
Ar Tighearna dùcha,
Gun duil re e dh èiridh,
Gach cùis 'm biodh cunnart,
'S tù b' urrain da rèiteach.

II.

Chunairc miſe Sir Sèumas,
Ga d' threigſinn 's cha b' ann da dheoin,
Bha dherre-ſhuilin glana
Re ſileadh na milton deòir,
Na b' ann le neart lannan
Bhiodh do cholunn a' caochladh neoil,
Gur h iomad laoch fearail
Bhuaileadh faram 's a rèubadh feòil.

III.

Gur lion'ar ſròl ballach
Ga nochdadh re ſlinntibh chrann,
Agus trèun ghaiſgeach
Re faicoinn na maoth-ſhrol fann,
Nach iaradh fuireach
A' cumaſg gu ſtroicheadh cheann,
Ach lunn air bhraidin
A faighneachd 'n è 'n aon ghuth thànn,

IV.

Gur h iomad calìobhar
Nach diobradh teine re h òrd,
Agus clogaide cruadhach,
Re folach n'n gruag 's n'an fròn,

Agus

Agus pìc mheallach,
Air a tharuinn o chluais go dòrn
Agus fiudhidh chaol earra
Air a folach go cèir ann feòil.

V.

Na m ba chionntainin dhaoine
Ba bhao'l do dh anam Mhic Leoid,
Gur lìon'ar Tuir ſhuairce
So ghluaiſeadh gu h allanta borb
Bheireadh ruaig mhaidne
Gun an oiche chadal air choir,
Mnai brùite aig èabhach
Ma ruſga na'n gèur lann gorm.

VI.

Gur mòr an tein adhair
Thug an ſpreagha nach gann 'n ar meaſg,
Chuir ar n aignibh ann ìoſlaid
'S ar croidh 'nar cliabh gun d' chliſg
Liughad bean bhrèid-gheal
'Sa h eanachainn a' leim fuidh ſichd,
Ma dheagd Mhac Ruairidh
Bhi'n eaglais na'n ſtuagh fuidh lichd.

VI.

Gur mor an ſtruth tràghaidh
So bhcàrd air fir Innſegàl,
Re amharc a' chèile
Gur ſoilleir dhoibh fèin an call
Fear do choimeais cho lèir dhomh,
Ba tu'n curaidh 'n ſtreup na'n lann
Le d' chloidheamh cruaigh bèimneach
Ann ad dheaſlaimh gu ſpeèiceadh cheann.

VIII.

Ach a ghnùis na fèile
Nach bo bhrèagnaich riabh t fhocall ſa'n uair,
Ceann-uidhe na'n deòraidh,
Na'n àircleach gun treòir 's na'n truagh,

A chearraich na tìce
Aig 'm ba tric bhiodh àireamh fluaigh
An fhèile dhubailt
Nach iarodh an cùintas cruaidn,

IX.

Ach Jain Mhic Ruairidh
Nach gluaiſt le mùiſeag,
Nach ghabhadh bonn eagaill
'S nach cuireadh beagan an cùram
Cha n fhacfas do ghillin
An tir eile ga ſpuinleadh,
'S cha bhioidh luchd faire
Ann ad bhaile na'n dùſgadh.

X.

Aig feothas an achda
So chleachd u na d' dhùthaich,
Cha d' iarr u riabh clachair
Go d' chaiſteil a chùmhdach,
Cha bhiodh droll air do chòmhluinn
Mu thrà-noine ga dùnadh,
Ach u 'n caithir na fèile
'S tu lèabhadh na h ùmhlachd.

XI.

'Se m aidhir an t Jain
So chaochail air maduinn diamairt,
Ceann rèite gach facaill
Gus an uaire 'n deach' ſtad air do chaint,
Bha do chàirdin tùrſach
'S an cùram ann àito teann,
Sìor choimhead o' d' t aodunn
'S gun chomas do dhiughailt ann.

XII.

Tri bliadhna fichid
Bhan gliocas 'na àite fein,
Gun bhèud gun mhulad
Gus 'n do thromaich am bàs ba trèur,

Ma

Mar go'm biodh fras ann,
A choisgeadh uainn soills na'n speur,
No cainneal da mùchadh
Gun sugradh gu bràth na dhèigh.

An CRÒNAN, *le* Màiri *n'ighin* Alastair Ruaidh Mhic Leòid.

I.

AN Naigheachd so 'n dè
Aithireach e
Molagh do 'n lèigh,
Thug malairt do m' chèill
Nois o theannas mi fein re crònan
Nois o theannas, &c.

II.

Beannachd do' n bhèul
Dh' aithris an sgèul,
Dh' fhàg fallain mo chrè;
Cha ghearain mi fein,
Na chailleadh 's na dh' èug
'S mo leanabh nan dèigh comh-shlan,
'S mo leanabh, &c.

III.

Na m biodh agamsa fìon
Go'm b'ait leam a dhìol,
Air slàinte do thìghin,
Gu d' chàirdin 's gu d' thìr,
Mhic àrmuinn mo ghaoil,
B'e m' ardan 's mo phrìs,
Alach mo Rì' thògbhail,
Alach, &c.

IV.

'S fàth mire dhuinn-fèin,
'S do 'n chineadh gu lèir,

Do philleadh o n èug;
'S milis an ſgèul
'S binne na glèus organ,
'S binne, &c.

V.

'S e m' aitis ga dearbh,
Go' n glachdar graid ſealbh,
'N grunt farſaing na'n ſèalg,
'S ann caiſteil na'n àrm,
Leis a mhacaimh da n ainm Toramaid,
Leis a mhacaimh, &c.

VI.

Tha mo dhùils' ann an Dia,
Gur mùirneach do thriall,
Gu Dùn ud na'n Cliar
Far 'm ba dùchas do m thriath
Bhiodh gu fiughantach fial foirmeil,
Bhiodh g fiughantach, &c.

VII.

Go dùn tuireideach àrd,
B' è ſud innis na'm Bard
'S na'm filidh re dàn,
Far 'm ba mhinig an tàmh
Cha b' ionad gun bhlàs dhoibh ſud,
Cha b' ionad, &c.

VIII.

Go aros nach crìon
Am bi' gàraich na'm pìob,
'S na'n clàrſach a rìs,
Le dearrſa na'm pios,
A' cur ſàraidh air fion,
'S ga leigeadh ann gniomh oir-cheard,
'S ga leigeadh, &c.

IX.

Buaghach a mac
Uaſal an t ſhlar,

Dha

Dha n dual a bhi'ceart,
Cruadalach pailt
Duaiſmhoir am beachd
* Ruaineach a neart Leòdach,
Ruaineach, &c.

X.

Fiuran a cluain,
Dhuiſg 's an deagh uair,
'S du dhuit dol ſuas,
'N cliù 's ann am buaigh,
'S duchas do m' luaigh,
Bhi' gu fiughantach ſùairc ceol-bhinn,
Bhi' gu fiughantach, &c

XI.

Faſan ba dual,
Fantalach, buän,
Sochdarach re tuath,
Coſgail re cuairt,
Coiſiunta, cruaidh,
Am broſnachadh ſluaigh,
A' moſgladh ann uair foirneart,
A' moſgladh, &c.

XII.

Leanſa 's na trèig,
Cleachdadh as bèus,
T aitim gu lèir,
Macanta ſeamh,
Paillt' re luchd thèud,
Gaiſgeil am fèim
Neartmhor ann dèigh torachd,
Neartmhor ann, &c.

XIII.

Shlioc Ollaghair na'n lann'
Thogadh ſroiltidh re crann,

* *Làidir.*

'Nuair thòisech iad ann
Cha ba lìon-sgaradh gann,
Fir a b' fhìrinneach bann,
Prìosoil an dream
Rioghail gun chall còrach,
Rioghail, &c.

XIV.

Tog colg ort a ghaoil
Biodh ro chalma 's ga m faod
Gur dearbha dhuit laoich
Do cheneadh nach faoin,
Thig ort as gach taobh ga d' chònadh,
Thig ort &c.

XV.

Uasal an trèud
Deas cruadalach trèun,
Tha n dualchas dhuit fèin,
Theid ma d' ghuaillibh re t fhèum,
Do shliochd Ruaridh mhoir fhèil,
Cuir-se suas a mhic Dè an t ògriogh,
Cuir-se suas, &c.

XVI.

Tha na gàidhil gu lèir,
Chomh chàirdeach dhuit fèin,
'S gur a fearrd u gu t fhèum,
Shir Domhnall a Slèibht'
Ceannard na'n cèud,
Ceannsgalach trèun ro-ghlic,
Ceannsgalach, &c.

XVII.

'S maith mo bharail 's mo bheachd,
Air na fiùrain is leat,
Gu carantach ceart,
'S ann do bharachd do neart,
Mac mhic Ailein 's a mhac,
Thig le faram am feachd,
Go d' charaid a chasg t fhoirneart,
Go d' charaid, &c.

A'

XVIII.

A' Gleanngaradh anuas,
Thig am barantas fluaigh,
Nach mealladh ort uair,
Cha ba charantas fuar,
Na fir fin o chluain Chnòideirt,
Na fir fin, &c.

XIX.

'S leat mac fhiomaidh o n àird
'S mac Coinnich chinn-tàil,
Theid ad iomairt gun dàil,
Le h iumadaidh gràigh,
Cha b' iongantach dhaibh
'S gur h iumaidh do phàirt dhòibh fin,
'S gur h iumaidh, &c.

XX.

'S goirt an naigheachd fgur cruaidh,
Mac ghilleain bhi' uainn,
Gun a thaighidis' fuas,
Bha do cheangal ris buan
T urfainn chatha re h uair dòruinn,
T urfainn chatha &c.

XXI.

B'iomad * Gafan gun chealg,
Ba deas faicfin fuidh àrm,
Bheireadh ceartacha garbh,
'S iad a chlàifdinn ort fearg,
Eadar Breacachadh thall s Brolas,
Eadar Brec achadh, &c.

XXII.

Tha mi gachdain mar chàll,
Iad a thachairt gun cheann,
Fuidh chafabh na'n Gàll,
Gun do phearfa bhi' ann

* A young man.

Mo chruadh chas nach gann
Do bhi' fad annsa n Fhrainc air sògradh
Do bhi' fad &c.

XXIII.

A Chriosd cinnich u fein,
'N spiunnadh 's ann cèill,
Gu cinneadail trèun,
'N ionad na dh èug
A mhic an fhir nach d' fhuair bèum
'S a gheineadh o n chrè rò-glain,
'S a gheineadh, &c.

XXIV.

A Riogh na n gràs,
Biodh fein mar ghàrd,
Air feim mo ghràidh,
'S dean oidhre slàn,
Do n Teoghlach àigh,
Ba mheorach daimh,
Da'n raibh caibhneas air bhàr sòlais,
Da'n raibh, &c.

ORAN *le* William Mac Choinnich, *do inghein* Choinnich *ruaidh mhic fir no* Comraic.

I.

'S cianail m' aigne o na mhaduinn,
Ghabh mi cead do 'n rioghuinn,
Tì chomh-thaitneach riut cha n fhaichd mi
Ann an dreach no fiamhachd ;
Ba thrian do m' lòn do bhriathribh beòil
A teachd mar cheòl a sìoth-bhruth,
'S an t sheirc atà'nad' bhraighe bàn,
A thaisge mo ghràdh gu dìomhair.

II.

II.

Ciochan corrach, lìnnte foluis,
Air do bhroilleach rèth ghlan ;
Do fheang-fhlios fallain mar an eala,
No mar chanach flèibhe ;
Bas ionmhiuinn chaoin na'n geal mhear caol,
A' dealbh na'n craobh air pèurlainn,
'S tu fialaigh glic 's do chiall gun tig,
Air diamhaireachd na rèultan.

III.

Do bhràighe gle-gheal mar ghath grèine ;
T aghaigh reth ghlan mhòthar ;
Tiunnail t èug'ais 's tearc re fhèatuin,
Gur tu rèul na n òighein ;
Gur bachlach, dualach, caſbhui, cuachach,
T' fhollt ma'n cuairt ann òrdoidh ;
'S ann tha gach ciabh mar fhàine air ſniamh,
'S gach aon air fiamh an òir dhiubh.

IV.

Inghein aingil na roſg malla,
'S na'n gruaigh glan ha narach ;
Dà fhùil ghorm mheallach, fuidh ad chaol mhala,
'S gach aon a' mealladh graidh dhiubh ;
Tha maiſhe ad ghnuis, gun eaſbhaigh mùirn ;
Beul meachair ciùn ni mànran ;
Do bhriodal caomh, 's do loinn maraon,
A roinn mo ghaol-ſa fhàradh.

V.

Corp ſeamhaigh bàn, choibh lìonas gràdh
Gach tì a tharbhagh iul ort ;
'S ann tha do ſhnuagh, to'rt bàr air ſluagh,
'S tu 'n ainnir ſhuairc chluiteach ;
Do dheas chalpannan ro dhealbhach,
Gun bhio' meainbh no dùmhail ;
Troigh chruinn chòmhnart dh' fhalbhas mòthar,
Nach dean feòirn' a lùbadh.

VI.

VI.

Choimh glain is tù 's neo-ſhoilleir dhùinn,
'S mar geallach u 'n tùs èiridh;
Bèul tana dearg mùint' 's anail chùbhraidh,
'S tiùnnail u do Vènus.
'S e chrùn do thlachd deud mùirn mar chailc,
Air a dhluth a ceart re chèile,
O'n tig an t oran, èatrom ceolmhor,
Mar an ſmeoroch chèiteain.

VII

O thlàth nan dùl tùs rath' fhuair thu,
Bhiodh modhail, ciuìn gun àrdan;
Tha iochd is cliù, as loinn, as muìrnn
Air a ghlaoigh dlù re d' nàdor;
'S tu air do bhuain a freamh na'm buagh,
Do 'n trèun fhuil uafail ſtètoil;
U fialaidh paillt ann gniomh fan tlachd,
'S do chiall coi-ſhreip rè t àilteachd.

VIII.

Os cionn t àilteachd riàbh cha tàinig
Gnùis o laimh na trianaid;
Gur ſoilleir dhùinn, 'n uair rinneadh thu,
Nach rabh na Dùilin diamhain;
Ur rìghein thlà 's ro rioghail gna's,
Do dhìlſin graidh tha lion'ar;
A ghèug na m buagh, ge cian mi bhuait,
Na geill-ſa chluain luchd mìo-ruin.

IX.

Mi cian o d' chaidribh, 's buan dhamh fhaidid,
Dh' fhàg ſùd m' aigne piànoil;
Ofnadh ghna gun fhois gun tamh,
A fhrois gach blàth do m' fhion-fhuil.
'S e bhroſnaich deoir 's a chlaoidh mo threòir
An rìoghuinn òg ſo thrial bhuainn;
'S tu 's trom a dh' fhag mi, oigh mo ghràidh,
Le d' bhron atà mi cianail.

ORAN

ORAN *le* Alaſtair Mac Choinnich, *dearbh bhrathair an* William *reamh-ràit, do* Inghein Choinnich *ruaidh cheu'na.*

I.

SORAIDH ſlan do 'n àilleagan
Bha marium 'n trà ſo'n roir,
Gur baraicht ann an àilleachd thu,
'S gur lan mhaiſeach do loinn;
Thug u bàr air mnai' na h Albùnn
Ann an dreach 's an dealbh 's an ſgoinn;
Dh' fhag nàdor ann an gliocas dhuit,
Gach buaigh dhiubh ſud os roinn.

II.

Ga dàna dhomh re ghràdh ſin,
Thug nàdor dhuit na 's leòir,
Cho mòr 's gun d' roinneadh Bànri'nn dhiot,
Gan àrdan, gan ghne phròis;
Cha 'n eil cron re àireamh ort,
A dh' fhaodadh fàs air feòil;
A' meaſg bhan òg is mhaighdeanun,
Mar dhiamon a' meaſg còir.

III.

A' meaſg na m ban gur ſgàthan thu,
Tho'ert bar orr' ann 's gach geaull;
'S bachlach buidhe ſniamhanach,
Gach ciabh tha air do cheann;
Tha do ghruaigh choi-dreacher
Ris na h ùbhlan dait air chrann;
Suil chorrach ghorm mar dhearcagan,
Ma n iath an raſg tha mall.

IV.

Taobh 's tigh do'n bhile dhaite sìn,
Tha dèud gheal cailce grinn,
O'n ceolmhaire thig orain,
No na h organan a' ſeinn;

Mar'eil

Mar'eil cron ann folach ort,
'S e barrail a' bheil sinn,
Gun d' thilg thu fèin as Venus,
Ann an dealbh, s an' eug'as croinn.

V.

Trian do d' mhath cha'n innsir leam,
Dh' aien-deoin nì' da'n can;
Bràighe mar chuan linnginnach,
Fuidh 'n aghaidh mhìn gun smal;
Gur corrach geal na ciochan,
Th'air do bhroilleach lìnte glan;
Glac gheal mhiar fhàinneach fhìonolta,
Tha teom' air gniomh na m ban.

VI.

Fhad sa mhairis Albannaich,
Biodh iùmradh ort air bhuil;
Slios mar eala air chuantibhe
Aig an òigh is uaisle fuil;
Do phòg air bhlas na fìoguisin,
'S do bhèul o mìlse thig guth;
'N àm eisteachd fuaim na fìo'laireachd,
Gur fìonalta do chuir.

ORAN *a roinneadh le* Jain Beton *fear Dhuin an eirthirich, do nighein Thearlaich oig scalpa 'n tratha.*

I.

SLàn iumradh do'n ùr-mhnaoi,
Dh fhag mi 'n Ugàirigh thall,
Fuidh uilinn na'n siùchd-bheann,
'S air ùrlar na'n gleann;
'S i 'n rìoghuinn ghlan chùl-donn
Choisinn cliu ann 's gach ball,
Bèul a labhradh an sùgradh,
'S a chuireadh dùbh-liunn ma làr.

II.

II.

'S ann mar chanach an t ſhlèibh,
Tha 'n èuchdag fhair' mhnàidh ;
Gur gile u ſuidh t aodach
No'n Aoilian air ſnàmh ;
Gruaidh dhearg mar na caoran,
Mar do chaochail ù blàth ;
Meoir fhada mar ſhlait ort,
'S ſamh dait air am bàr.

III.

Meòir fhada chaol dhìreach,
Thèirneadh rìomhadh air bàn ;
Ann an cleachda an t ſhìota
Chuirinn fhìn aſad geall,
Nach 'eil ann 's an tìr ſo
Do dh fhior chlanna gall,
No bheireadh bàr gill ort
Ann an grinn obair lamh.

IV.

Glac ghèal a' nì 'n ſgrìobhādh,
Gu fìonalt' 'n uair b' àill,
Ga tharraing gu lion'ar,
Lè ìnnleachd do làmh ;
Leis an lèabhar an Bìobla
Gu cinnteach gach trà ;
Glachd creideas as fìrinn
'S lean a chaoi ris mar ghnàs.

V.

Ghèug uaſal gun chrìne,
Dh' fhas dìreach o làr ;
Tha do phog air bhlas fion-a
Chuireadh ìnntin air chàch ;
Ort a dh' fhàs an cùl ſnìomhain,
Mar dhìthean am blàr,
Nach greannaich re chìr-e ;
'S lion'r tì air bhàr.

VI.

VI.

Deud cailce gun ſtòir-e,
Tha gun bhòſd no gun bhrèug ;
Bèul as binne no'n ſmeorach,
Nì còmhradh ſa ghèig ;
'N uair ghabha tu n t òran,
'S do mheòir re cur grèus ;
Ge b' e chluinneadh an ceol ſin
Gum ba bhòich e no tèud.

VII.

Thaobh aithghearr beag eòlais.
Brìogh mo dhòchais nach gann ;
Thugas barail no dhò ort,
Mar a mheoraiche rann,
Nach 'eil u gu mor
No gu ſtròthail no gann ;
Ach roi-ghlic gun mhòrchuis
Neo-ghorach ad chainnt.

VIII.

'S tu rèula na'n òighin ;
'S tu 's bòich-e no cach ;
'S tu 'n canach, 'ſtu nòinein ;
'S tu 'n t ſhòbhrach fuidh blàth ;
'S tu 'n coi-meaſg tha òr-bhuidh ;
'S tu 'n ròs th'air dhreach là ;
Chuir 'n aithghearr an ſgeòil ſo,
'S tu 'n t ſheònaid gheal thlà.

IX.

Ach s i mo chomhairl fein duit,
'S na trèig i gu beachd,
Mas àill leat a chnuaſachd,
'S a bhuannachd na's leat ;
Theirig timchioll na gèige,
'S na glachd èiſlin ad bheachd ;
A chaoidh na cuir dùil
Ann ſa chraobh nach lùb leat.

ORAN *do* Mhac Shimidh, *chuaidh dhith-cheanna 'm bliadhna* 1746, *'n uair bha è air fogradh 's an Fhrainc ann deigh bliadhan* 1715; *le* Jain Dòmhnullach *da 'm ba choainm* Jain *dubh mac* Jain *mhic* Ailein.

I.

AN Deich-e là do thùs a mhàirt,
A ghluais an ſtàta 's meaſail àite;
'S ait le chàirdin beò.
An deich-e là, &c.

II.

Ge d' chuir naimhdin u le ain-neart,
Null do'n Fhrainc uain, neo-air-thaing dhoibh
Fhuair u m ball fuidh d' bhròig.
Ge d' chuir naimhdin, &c.

III.

Fhuair u cùirt 'n ſin o Lùais;
Ghabh e cùram dhiot o'n b' fhiu u;
Chiunn do ghiulain chòrr.
Fhuair u cùirt, &c.

IV.

'S iumadh fuaran glan gun truailleadh,
Dheth an fhuil uabhràich rith mad ghuaillith,
Fhir is uaiſle feòil.
'S iumadh fuaran, &c.

V.

Cainnt gun àicheadh, ceart re nadh è;
'S tuſa 's càirdiche am meaſg Ghàidhil,
Bha riabh air th' àite beò.
Cainnt gun àicheadh, &c.

VI.

Tha fuil Stiu'artaich a chruin
'N deigh a dùbladh, ad chorp cùbhraidh,
Iarla Weem 's Mhac Leòid.
Tha fuil Stiubhartaich, &c.

VII.

Tha fuil phrioſoil Iarla Sìofort,
Air a ſìoladh ad bhallabh Rioghail ;
Glac nach crìn ma n òr.
Tha fuil phrioſoil, &c.

VIII.

Càirdis fal u 'mhac mhic Ailein
Dà uair daingeann re Glenn-garadh,
Car u mhic Ghilleòin.
Càirdis fnl u, &c.

IX.

An t àrmunn ſlèibhteach mac Shir Sèamas
Na'n arm gèur-a dhuit ſa cheim ud,
'Ga 'm biodh na cèudun ſlòigh.
An t àrmunn ſlèibhteach, &c.

X.

Ceannort aigeantach na'n abrach,
Gur a fagas dhuit an fear ſin,
Dh' èireadh let-na ſeòid.
Ceannort-aigaentach, &c.

XI.

Drèagan fearradha 's narrail ſearbh u
'S tu ba ghailbhiche fuidh t armadh,
'S t fhuil 'na * tailbheum mòr.
Drèagan fearradha, &c.

XII.

* *i. e. Tuilmhaoim.*

XII.

Leòghun ainmeil 's neimheil colg
A bhèathair anmuinneach go marbhadh,
'N uair chais-te fearg ad ſhròin.
Leoghan ainmeil, &c.

XIII.

An laoch garg 's am buinne borb,
'S deachdair fhoir-eigneadh Triath na morracha.
Le mianach morradhail chòr.
An laoch garg, &c.

XIV.

'S muirneach foirmeil an ceann airm u,
Cùis a dhearbhadh o t aois leanabais,
Bhiodh gun dearmad gleòis.
'S muirneach foirmeil, &c.

XV.

Fhuair u d' ghlacabh cèile leapach,
Deagh nic Ailpin glèiteach ſgapach,
Beul o 'm blaſd' thig glòir
Fhuair u d' ghlacabh, &c.

XVI.

Bain-ti'rn dhiadhaidh ſhochdrach chiallach
Croidhe fialaidh le deagh riaghailt,
Gnuis gun fhiamhaidh reòit'.
Bain-ti'rn dhiadhaidh, &c.

XVII.

An nèamhan ſoilleir, 's an lèug nach doilleir,
An tì gun choire mar Sgàth'n glaine,
Lan eireachdais gu leòir.
An nèamhan ſoilleir, &c.

XVIII.

Gu m 'a buan do'n lànain uaſail,
Dh' fhàs gun uabhar ; air aon chluaſaig,
'Ann feire 's am buaidh gun leòn.
Gu ma buan, &c.

XIX.

Dheagh mhic Shimidh na'n arm innealt',
Slàn u philleadh go d' dheagh ionad,
Sud mar ſhironn dhò.
Dheagh mhic Shimidh, &c.

CUMHADH *do* Mhac Leòid *le* Ruairidh Mac Mhuirich.

I.

THA mulad, tha mulad,
Lin mulad ro mhor mi,
'S ge do 's èigin damh fhulang
Tha tuillidh 's na 's leoir orm,
Thromaich ſachd air mo ghiùlan
Le dùmhladas dòrainn,
Dh' amais doſgaidh na bliadhn' orm
Creach na ciadain ſo leòn me,

II.

Creach na ciadain ſo leòn me
Dh' fhàg mi breòite gun fhiabhras,
A dh' fhògair mo ſhlàinte
'S tearc mo bhrathair 's na crìochabh,
Agam glaodh an loin bhrònaich,
'N dèigh a h eòin 's i ga iarguinn,
Dh' fhalbh gach fòlas a b' abhaiſt
As dh' fhuirich càilein a' m' fhiacaill.

III.

Dh' fhuirich càilein a' m' fhiacaill,
So i bhliodhn' a thug car dhamh,
Dh' fhag uthar fui' m' lèinidh
Nach fothair lèigh tha air thalamh,
Mo leaghàs cha 'n fhèadar
Cha rèth dham bhi' fallain,
Fhuair me dìnneir la càiſge
'S cha b' fhearrd-e mo gheon i.

IV.

IV.

Cha b' fhearrd-e mo ghean i
  Ge do bha mi mu'n chòmhroinn
N diugh gur buan dhamh re aìthris,
  Gun d' bhuail an t earrach so bròg orm,
Mi ma'm mhaighisdir glè mhaith,
  'S fad a lèus orm nach beò è,
Ge do rachadh mi seachad,
  Cha 'n fhaigh me facall dheth d' chòmradh.

V.

Cha 'n fhaigh mi facall dheth d' chòmradh,
  Chleachd mi mòran dheth fhèudainn,
N diugh a dh' fhaodas mi ràitin,
  Gur uan gun mhàthair 's an trèud me,
'S ann is gnà dhamh bhi' tursach,
  Gun bhrath furtachd as t èag'ais,
'S òn a chaochail u àbhaist,
  'S tearc a chaoidh mo ghàir èibhinn.

VI.

'S tearc a chaoidh mo ghàir èibhinn,
  Cha bhèus dhamh bhiodh subhach,
Ghabh mi tlachd am bhiodh tùrsach,
  Chuir mi ùigh am biodh dubhach,
Ma 'n tì 's tha mi 'g iumaradh,
  Chuir ann cuimhne mo phuthar,
Nois o n fhuair an uaigh esin,
  Chuaidh è 'n caised mo bhruthach.

VII.

Chuaidh è 'n caised mo bhruthach.
  'S mi fuidh chumha da dhìreadh,
Dol an truimed 's a n àirde,
  An diugh a thàinig mo dhìobhail,
Dh' fhalbh mo lathaichin èibhinn,
  O n a thrèig sibh * Clar-sgithe,
Tha mo thaichde 's na h earabh,
  'N dèigh fholach 'n a aonar.

VIII.

* *A name for the Isle of Sky.*

VIII.

'N dèigh fholach 'n a aonar,
Biodh e daonnan ann uaigneas,
Sgèul ma 'n gearanah daoine,
Mnài caointeach na'n luath bhos,
'S iad a' comh-ftraoidh re chèile,
Ceòl gnn aoibhneas feachd truaighe,
Lèum mo chroidhe 'na fpealtadh,
Ma 'n chaifmeachd 'n uaire chulas.

IX.

Gur h ì chaifmeachd fo chulas,
A luathaich orm tiomadh,
Dh' fhàg fuidh m' ofnaich fuil bhrùite,
A' fìor dhrùtha air m' inneadh,
'S fhaide feachdain na bliadhna,
O 'n a thriall fibh thair linnidh,
Le friamhach na fialachd.
Bh' ann fan lìon-bhrat air fhilleadh.

X.

'S ann 's an lìon-bhrat air fhilleadh,
Dh' fhag mi fpiunnadh na'n an fhann,
Ceann-uidhe luchd ealaidh,
Mar re earras luchd feanachais,
Agus ulaidh aois-dàna,
Chuir do bhàs iad gu h aim cheift,
'S o 'n a chuaidh thu fa chiftidh,
Cha ba mhifc a chuis fharmaid.

XI.

Cha ba mhifc a chùis fharmaid,
Ghabh mi tearbadh o'n trèd fin,
Far an raibh me am mheanbh-ghair,
Ann toifeach aimfir mo chèitein,
'S ann an deireadh a charbhais,
A dhearbhadh ar fèichin,
Chaill mi 'n ùr ghibht a chreach mi,
Ann an feachdain na cèufda.

XII.

XII.

Ann an ſeachdain na cèuſda,
Dicèadain mo bhriſdith,
Chaill mi uichair na fèadail,
Cha mhi aon neach 's miſt' è,
Gun bhrath faighan gu brath urr,
Sgeul a ſharaich mo mhiſneach,
'S ann fuidh dhiomhaireachd m'àirnin,
A thàrmaich mo nioſgaid.

XIII.

A thàrmaich mo nioſgaid,
Cha 'n fhaigh miſe bhiodh ſlàn deth,
'S è fear tinn a chinn ghalair,
A nì 'n gearann bochd cràiteach,
'S ann air atà n eaſlaint,
Nach do fhios aich a nàbaidh,
'S cha mhò dh' airich e thinnis,
Leis 'n do mhilleadh mo ſhlàinte.

XIV.

Far 'n do mhilleadh no ſhlàinte,
'S ann a thàrmaich dhamh m' eaſlaint,
Gun d' chuir aimſir na càiſge,
Mi gu brath go trom airſneal,
Gheibh gach neach do na dh', fhag u,
Rud ann àite na bh' aca,
Ach miſe agus màire,
Chuir a bràthair ann taſgaidh.

XV.

Chaidh do bhràthair ann taſgaidh,
'S è mo chreachſa gur fìor ſud,
'S ann an diugh tha mi 'g achdain,
Mar bha mhac ma mhaol-ciaran,
Agus iſe bochd brònach,
'N deigh a leonadh on chiadain,
A thug mo mhaighiſtir uamſa,
Leis 'n do bhuaineadh ma phian-bhron.

XVI.

XVI.

Mo phian-bhron a mhàiri,
Mar tha u fuidh chumha,
Nach faichd u do Bhràthair,
Mar a b' àbhaiſt gu ſubhach,
An ſean-fhocal gnàthaicht'
An diugh is fior è mar thu'airt,
Nach raibh meughail ga miad,
Nach raibh na dèigh galach dubhach.

XVII.

Nach raibh na dèigh galach dubhach,
'S è 'm fear ſubhach am beairtis,
Cha n fhaigh piuthar a bràthair,
Ach gheibh bean àluinn leth-leapach,
Thàinig àr air an dùthaich,
Dia dhùbladh a ncarta,
'S ga Cumail ann uachar,
Gus am buaghaich do mhac è.

XVIII.

Gus an buaghaich do mhac è,
'N deigh a ghlaſadh le gruagaich,
Lan faibhris as ſonais,
Ann fa 'n onoir ba dual dhuit,
Lean cùis 's na biodh leanbail,
'S na bioidh marbh-ghean air t uaiſlin,
Cum ann coimeas riut fein iad,
'S na to'ir bèum dha t ainm Ruairidh.

XIX.

Ruairidh reachdar, rùin-mheanmnach,
Tartrach, tairrbeairteach, teanntadh,
Do ſhean-ſean-athair o n tainig,
Cha b' ion da nàmhaid dol teann air,
'S Ruairidh gaſta na dheoghaidh,
Cha b' e raghuinn ba tàire,
'S an treas Ruairidh fa dheireadh,
Bha b' e n gainneanach fàs è.

XX.

XX.

An treas Ruairidh do'n dream ſin,
A choiſinn geall 's cha b' e mì-chliudh,
Cha b' è 'n coilleannach gann è,
Ach an ceannſgalach mìlleannt'
Ma 's a tuſa roinn ſuas,
An ceathramh Ruairidh, na dearmaid,
Lean re ſinnſireachd t aitim,
'S n a to'ir maſla dha 'n ainm ſin.

XXI.

Na to'ir maſla dha 'n ainm ſin,
'S cuir leanabas fuidh d' bhròghabh,
Na bioidh daoin' ann am barail,
Ge d' tha car aig an òig ort,
Biodh go fiùghantach ſmachdoil,
Rianoil reachdair 'n triath leòdach,
'Na faic frìd ann ſùil brìdeoin,
Cha chùis dìon do Mhac Leòid è.

XXII.

Cha chùis dìon do Mhac Leòid,
A bhiodh dòlum 's rud aig e,
Leann an duchas ba chòir dhuit,
'S bioidh mor-chuis na d' aignibh,
Ach ma leigis tu dhìot e,
Bioidh na ciadan ga t agairt,
'G ràdh gur crann ſhlatag chrìn u,
'N aite a ghniomharaich bheachdoil.

XXIII.

Maide dh' fhàs na chraoibh thoraidh,
Fuidh bhlàth onorach àluinn,
Ann an lios na'n crann èachdach,
Bha tlachd na'n cèud ann 's gach ait'air,
Lean an dutchas ba * chathair,
A mhic an Athair a chràidh ſinn,
Na biodh ad chrìnich gun duillich.
Ann 'ſan ionad 'n do thàmh u. ORAN

* i. e. *ba choir.*

ORAN *le* Ruairidh Mac Mhuirich, *'n uair thainig e thamh do* Ghleanneilg.

I.

A Chiad dialuain do'n ràidhe,
Ge d' bhà mi leam fhìn,
Cha d' fhuair mi duine an là sin,
A thainig am ghaoith,
Dh' fhiar'aich cia mar bhâ mi,
Na m bàil leam dhol sios,
An tota mhor so fhàgail,
Nach b' àite dhamh ì,
'Soilleir dhuinne far chach uile,
Nach ra' 'u duine is tìr,
A chumadh fear mar chàch mi,
Mar b' àbhaist dhamh bhì.

II.

Sin 'n uair chuala Fearchar,
Mi n dearmad aig càch,
Thàinig e na m' chòdhail,
On b' eòil dha mo ghnàis,
Thug e leis air scòid mi,
Gu seòmar a mhna,
Anna lion an stòp dhuinn,
'S na fòr oirn' a làn,
Ge d' tha e falamh 's ro mhath 'n airidh,
Ghlaine so tho'irt dhà,
'S gu faigheadh e luch eòlais,
Na m bioidh a phòca làn.

III.

Labhair a bhean chòir sin,
Go banail eolach glic,
Fhaichd u 'n t uan gun mhàthair,
An clàrfair gun chruit,
An leabhar gun lèabhair,
'S e bhèus a bhiodh druit,

'S an

'S an dorlach gun fhuasgladh,
A ſuanaich a bhruic,
Ge d' tha u falamh 's ro mhath 'n airidh
Ghlaine ſo tho'irt dhuit,
'S gun òla mid a doà dhiu'
Air ſlàinte an fhir bhric.

IV.

An tì ſo thà mi 'g iumradh,
'S a 'g iumagain do ghnà,
Cha cheil mi air do mhuinntir,
Gach puinc mar atà,
Ge h èibhinn leam re chluinntin,
An t ſaoidh a bhiodh ſlàn,
Sgèul nach taitneach liumſa,
Ma dh' iumalaid u gnàs,
Fàth mo ghearain a bhiodh falamh,
'S mi tamal o d' làimh,
'S faide an fhead no d èibheach,
'S an fhèaſog air fàs.

V.

Ge d' fhuilingir gach ni 's fhèudar,
'S neo-eoibhinn le m' rùn,
Thuſa bhiodh 'n clar-ſgìthe,
'S mi 'n tir air do chùl,
Le m' fhèaſoig leathun leòmaich,
Gu ròibeineach dlùth,
'S thuſa aig giù'lan malàid,
A ghnàs ann ſan dùn,
Fhir bhric bhallaich, meall na bharàil,
'M fear a thuirt o thùs,
'S fad o'n chroidhe chèu'na,
Na 's cèin o bheachd ſùl.

VI.

Ge d' thà miſe an tràſo
Da m' àrach fad uait,
Sloinnidh mi mo phàirt,
Ris gach nàbaidh ma'n cuairt,

Ma

Ma 's beag ma's mor a dh' fhèudas mi,
Sprèidh chuir a ſuas,
Bioidh ſid fuidh iochd na'n ſàr-fhear,
Nach ſàraich am fuachd,
Re là gailliun an àrd bheannabh,
'Siad nach gearain uair,
'S tric an ſiubhal ſealbhach,
Air ſhealg do 'n taobh tuath.

VII.

Tha fir ghaſta bheòghanta,
Aig Eòghunn Lochiall,
Nach ſeachnadh an tòireachd,
'N àm tògbhail na'n triath,
Rachadh iad gun ſòradh,
Ann còmhdhail na'n ciad,
'S math am fulang dòrainn,
'S tha cròidheachd na'n gniamh,
Fir ro ghaſta nach 'eil meata,
Nach d'fhuair maſla riamh,
Mhaithis mo chuid dhòmhſa,
'S mi 'n dochas gur fìor.

VIII.

'S iad clann-mhic-bheul-anfaidh,
'S oirdheirce gniamh,
Luch ſhiubhal a gharblaich,
'S a mharbhadh na m fiadh,
Cho d' fhuair iad abhar oilbheum,
Mar folbhadh iad ſliabh,
Cha dean iad a bheag ormſa,
'S nach lorgair mi 's fiach,
Mo chreach ma 'n coinnibh 's i fui'n comraic,
'B'e an comunn mo mhian,
Buchaillin mo threud,
'N uair nach lèir dhoibh a ghrian

Tha

X.

Tha ſliochd Jain Mhic Mhàrtuinn,
Ga tàbhachdach trèun,
Raghuinn air an Naimhdis,
An càirdis, gun bhrèug,
Cho bhuin iad re fàlbheairt,
Mo lamhſa nach ſpèis,
Thar an ìſle an gàradh,
Cha ghna leo a lèum,
Na fir ghaſta gun bhiodh meata,
'S iad nach ſeachuinn ſtrèup,
Le 'm beirir buaidh gach ſbàirne,
Ann 's gach àite dha 'n tèid.

X.

Clann aphìdh re n ſeanchas,
'S neo-leanabaidh na ſeòid,
Buidhein na'n ſgiath ball-bhreac,
A dhearbhadh an gleòis,
'S iad nach ſeachna fuathas,
'N àm bhuladh na'n ſròn,
Ge b' e chuireadh fearg orr'
Cho b' fharmadach dhò,
'N àm taraing na'n lann tana,
Caiſgir carraid leò,
Buille 'n corp cha bhuail iad,
Tha uaiſle nam pòr.

XI.

Clann Mhic'ille mhaoil mhùinte,
Bha cliù orra riabh,
Buidhin tha doi-cheannſaicht,
Is ceannſgalach triall,
Re faicinn an naimhdin,
'S neo-ſgàthach an triath,
B' annſa liobh ruaig ſhanntach,
No teanntadh le fiamh,

Laochraidh guineach na'n arm fuileach,
'S mairg re 'n bhuin ſibh riobh,
Tha nimh as neart 'nar naimhdis,
'S ar càirdis gun fhiar.

XII.

Tha aig Colla còmhlain,
Nach conlapich gleus,
Luchd na'm feadan dùbhghorm,
Nach diùltadh re fèim,
Nàm na graide dhùſgadh,
Go 'n dùbladh bhur fèim,
Bha fios aig Mac-an-tòiſich,
Nach ſòradh iad cèum,
Dol na choinnibh ſan la ſhoilleir,
'S gun iad coimeas chèud,
B' annſa dol da bhualadh,
No buaile 'n fhir thèud.

XIII.

'S iad ſliochd Chollaidh chioſmhoir,
Da rìreadh a th' ann,
Nach leigeadh le mùſag,
An cùis thair an ceann,
Miſneach cha do thrèig ſibh,
'N ſtrèup Chlanna gall,
Cha ba dual diobh mìo-ſtà'
No mìothuireachd ghann,
Na fir churanta fhuir urram,
Re h àm iomairt lann,
O minig luchd an abhair,
Go craobhach a call,

XIV.

Maille ris gach ſuaircis,
Bha fuaite riar gnè,
Tharaing ſibh mar dhualchas,
An uaiſle 'n ar Clèth,
Gu creachadh cha do ghluais ſibh,
Cho chuala mi è,

B' annſa

B' annsa liobh teun chluaise,
Thoirt uam le m' thoil fèin,
Na mo chreachadh 's andol seachad,
'S mi na m' airc mu m sprèidh,
'S mi gun eagal tuairgnedh,
'S mo bhuaile fuo' r mèinn.

X.

Tha Gleangarach Ceansgalach,
Conspanaich cruadh,
Chumadh ri luch ainrad,
A chonspaid ud suas,
Na m tharrain gu santach,
Ann lànn as a n truaìl,
B' ho lain do luch gaintaish,
Sanam ud bhe uaibh,
Biodh ceim criodhail air reing tri-ear,
Cha ghleidh bruinne buaidh,
Aig bùinn mhor cheann-ard,
Nach teann mù chuid bhuam,

XVI.

Tha an taichde na laimhe,
An centaile so thàl,
Fir ghàsda nomh sgà-ach,
Gam bàbhaisd bhe teann,
Ri faichin a namhid,
Nach faileanach greann,
Gam minig buaidh làrach,
Le àbhachd an lann,
Neart a chlaimhe be air roinn,
Nach dàs fà-ast fann,
Coile 's i gun chrionach,
Gur lionmhor a clann.

III.

Siad marcaich na moidhe,
Fir chrò na m buaidh,

M bheil annaichd is eolas,
Nach ſòradh an duais,
Clànn Choinneach nan roiſail,
Na cròdha mhillin ſluaich,
Na bearachin beodha,
Ga coir a bhe cruaidhe,
Dream gun luighde,
Ri am troide ceann a cha braich ſuas,
Aig luch na gorm lann naimhdhich,
Nach ſantaich mo bhuar.

ORAN *do mhac* Mhic Ailein, *a marbhadh am bliadhna* 1715; *le* Jain *dubh mac* Jain Mhic Ailein.

I.

A Bhliadhna gus an Aimſir ſo,
Gu'm b' fhoirmeil ſinn an ormaicleit,
'N cùirt an leoghuin mhearſchdaſaich,
Ge fear-ghalach ſneo-mhor-ghalach,
Ge ſinachdail, reachdail calmar'u,
'S neo ainmeineach ge morchuiſeach,
A m bèul o m blaſd' thig argamaid,
'S tu dhearbhadh le ceart eòlas i.

II.

Gur è fhad 's o'n dh' fhalbh u uainn,
Dh' fhag aim-cheiſteach ann comhnaidh ſinn,
Gu'm b' fhearr leinn u bhi ſealgaireachd,
Air thalumh garbh na mor-thire,
U fèin 's do bhuidheann anmuinneach,
Na n èireadh faragradh fòdhaſan,
Bhioidh ſunntach luthor armcliſeach,
Sluagh garbh-bhuilleach garg comhragach.

III.

III.

Gu'm bi ſid a gheala-bhratach,
'S neo-chearbach an tus coimh ſtri' i,
Tha chuis ud ar a dhearbhadh leibh,
Aig ro mhiad fearrdha 's cròdhalachd,
A liuthad òig fhear barrcaideach,
A bhuaileadh tailm le 'n ſtròic-lannabh,
O ſheile ghlas na'n geal-bhradan,
Gu h inbhir gainmhich moir-thire.

IV.

Tha Cana 's Eig a' gèilleachduinn,
Do 'n trèun fhear ud mar uachdaran,
O'n 's ann leats dh' èiris iad,
Dean fèin gach trèud dhiu' bhuachailleachd,
An fhiuidh ghaſta thrèabhach ſin,
Nach lèabhar beairtin truaillidh leò,
An laochraidh thaitneach ghèurlannach,
A thèd air ghleus gu fuathaſach.

V.

A h Uibhiſt thig na cèudan ort,
Fir bhèura a rèubadh chuaintinin,
Nach gabhadh ſgreamh no dèiſtinne,
Roimh fhraſan geur a cruaidh-ſhneachda,
Uair mhaſlaidh riabh cho dh èirich dhuibh,
Ann làth air feim no cruaidh-chuiſe,
Gu cnoidheach, lotach, bèumunnach,
Gu fuilteach crèuchdach luath-lamhach.

VI.

'S mor a bhuaidh 's na tìolaicin,
'S an inntin ata fuaite riut,
Tha gràdh gach duine chì u ort,
Cha 'n eol dhamh fhìn fear fuatha dhuit,
Fear ſgipidh, meaſail, fìrinneach,
Fear ſìobhailte, ſeamh, ſuaircis thu,
Fear ſùnntach, màirneach, brìodalach,
Sàr chùirteir gun ghniomh buatharadh.

VII.

Fear borb ro gharg doi-dhìo-choiſgt thu,
Na'n èireadh ſtrìdh no tuaſaid ort,
Do bhuirb re t fheirg ga mìadachadh,
'S tu 'n leoghunn neimheach, buan-thioſgach,
Mar bhuinne reothairt fior bhras thu,
Mar thuinn re tir a bualadh u,
Mar bhar na laſrach ſior-loiſgeach,
'S tu an Drèagan re linn cruadh-chogaidh.

VIII.

Mo chionſa an t àrmunn prìoſoil ud,
Mo ſheobhag fior ghlan uaſal thu,
An onoir ghleidh do ſhinnſearachd,
'S e miad an gniomh a fhuair dhoibh i,
Gu'n d' fhàg iad daingean ſgrìobht agad,
Fui' laimh an Riogh le ſhuaicheantas,
Bhiodh 't àrd fhear coimheid dìlis air,
'N uair dh' fhas an rìoghachd tuàſhreapach.

IX.

Gur a glan na frìomhaichin,
'S a fhìon-fhuil as 'n do bhuaineadh thu,
Mo Raonullach bras mileannta,
Cruaidh cinnteach do mheim-chruaghach u,
Ar caraig dhainnein dhìlis thu,
Cho 'n ann gun ſtrì' theid gluaſad ort,
Ar ceannbheairt 's ar ſgiath dhìdinn thu,
'S ar cloidheamh direach buan-ſheaſbach.

X.

Ba blàth ann àm na ſiochaimh thu.
'S ba phrìoſoil ma d' dhaoin uaiſle thu,
Ge mhiad 's ge 'n coſg thu chìſin ris,
Cha 'n fhaiceadh dìth air tuathanach,
Do bhann-traichin 's do dhìleachdain,
Gur h e do nì ſa dh' fhuaſgladh orra,
Deanamaid uirnidh dhìchilleach,
Gu 'n cumadh crìoſd a ſuas dhuinn thu.

MARBHRANN

MARBHRANN *do 'n mhac* Mhic Ailein *cheud na leis an* Aosdàna.

I.

BHLIADHNA leuma d'ar milleadh,
An coig-deug 's a mìl' eile,
'S na seachd cèud a roinn inntheachd,
Chaill sinn ùr-ros ar fin'e,
'S gèur a lèus air ar cinneadh ra'm beò.

II.

Mo sgèul àir mo chràdh croidhe,
Ar triath Raonullach dhlitheach,
Dh'ordaich Dia dhuinn mar thighearn'
Gu là bhràth nach dean tighinn,
'S tu 'n Inbhir-phèphri fui' ritheadh no'm borb,
'S tu 'n Inbhir-phèphri, &c.

III.

Marcaich Sunntach na m pillein,
Air èach cruidheach nach pilleadh,
Nach d' ghabh cùram no giorag,
Ann àm dùblaidh an teine,
Mo sgèul gèur bha do spiorad ro mhor,
Mo sgèul gèur, &c.

IV.

Cuirt'ear aigeantach, mìleannt'
Muirneach, macnasach fìorghlic,
Ga n raibh cleachda gach tìre,
Agus fasan gach rioghachd,
Teanga bhlasda re innse gach sgeòil.
Teanga bhlasda, &c.

V.

Leoghun tartarach meanmnach,
'S cian 's as fad a chuaidh ainm ort,
Bèul a labhradh neo-chearbach,
Ba mhor a mheas aig fir Alba,

'S tu

'S tu to'irt profnachadh calma do'n t fhlògh.
'S tu to'irt profnachadh, &c.

VI.

Fiuran gafda deas dealbhach,
'S gàthan tlachdar na h Armailt,
'N uair a dh eireadh an fhearg ort,
B' ann air ghile 's fiamh dearg orr,
Cha rùin pillidh bha meamnadh an laoich oig.
Cha rùin pillidh, &c.

VII.

Bha u teom ann 's gach fear-ghniomh,
Ba tu fgiobair na fairge,
Re la cas 's i tighin gailbheach,
'N uair a dheireadh i garbh ort,
'S tu gun diobradh an t an-bhar ma bòrd.
'S tu gun diobradh, &c.

VIII.

'N àm fiubhal a gharbhlaich,
B tu tagha an t fhealgair,
As do laimh ba mhor earbfa,
Air an f hiagh ba tu 'n cealgair,
'S tu roinn gaoith agus talmhuinn mu fhròin.
'S tu roinn gaoith, &c.

IX.

Oirnne dh' iomaich an fuathas,
An fgrìob fo thainig o thuath oirnn,
Tha ar càbail air fuafgladh,
Chuaidh ar n eir-thire a fguabadh,
A's finn mar chuileinin cuaine gun treòir.
A's finn mar chuileinin, &c.

X.

Chaill finn rèula na'n dualun,
Chuaidh ar riaghailt a ghluafad,
Ar cairt-iuil air falbh uainne,
Bhrift ar ftiuir; mo chèud truaighe,
Sinn mar luing ann an cuan 's i gun feòl.
Sinn mar luing, &c.

XI.

XI.

Sinn mar linne gun mhàthair,
Mar thrèud gun bhuachaill gnàthaicht,
Sin fuidh bhruid aig ar nàmhaid,
H uile fear a' to'irt tàir dhuinn,
'S na coin luirg gach aon là air ar tòir.
'S no coin luirg, &c.

XII.

Dhuinn 's neo-shubhach an geamhradh,
An ruaig a thug sinn gu galltachd,
Cha ba bhuanachd ach call dhuinn,
Nois mar cholainn gun chean sin,
O roinn Raonull a's t shamhradh uaiun folbh.
O roinn Raonull, &c.

XIII.

A gnnùis a b' àillidh re sireadh,
An t shùil ba bhlaidhe gun tioma,
An leoghunn àrd air dheagh-aoilein,
'Nach d' chuir ùigh ann gniomh foilloil,
Ach an rìoghalachd shoilleir gun leòin,
Ach an rìoghalachd, &c.

XIV.

'S oil leam càradh do chèile,
'S bean na h aonar a'd' dhèidh i,
'N dèigh a sgaradh o cèud-ghradh,
Mhic ic Ailein o'n dheug u,
Fhir a leanadh an fhèist mar ba choir.
Fhir a leanadh, &c.

XV.

Ach fhir thug Maois as an Eaphaid,
'S a sgoilt a mhuir na clar rèth dhoibh,
Thug an triur as an èiginn
O bhi dathadh an crèachdnnn
A rìogh na'n rìogh na leig èag-ar da'r còir.
A rìogh na'n rìogh, &c.

CUMHA *Chlann* Domhnuill, *leis an aoſ-dàna cheu'na.*

I.

GU Bheil mulad air m'inntin,
Dh' fhalbh gach tì bheireadh aire dhomh,
Gur fad on la dh' inntrig,
An ſgrìob ſin re teannadh oirnn,
'S ann an deich 's ann coig bliadhna,
Seachd cèad-diag ſin do'n annaladh,
Thuit craobh choſgair air dìdinn,
Bha ga'r dìon o gach an-ſhochdair.

II.

'N uair ſin b' aigeantach, ſunntach,
Muirneach, arrantadh,
Tighearna mhùideirt,
A' cuir ſunnt fui'na fearabh ud,
Bha maiſe ann ad urluinn,
Leis gach ſùil gheibheadh ſealadh ort,
Nach faigheadh o'n dùrachd,
Mìorùn tho'irt do 'n Ailein ud.

III.

Gu'm b' è ſid an t-òg trèabhach,
Bha gleuſta ann 's gach fearachas,
'S deas a rachadh na d' èideadh,
'S ba ghèur ann a'm barail u,
Criodhe na fèile,
Nach do lèibh a bhi gangaideach,
'S è ſpiorad bo trèune,
Làn ſpèiſe gun ain-eolas.

IV.

Ann is t ſhamhradh na dhèigh ſin,
Dh' fhalbh Raonull 's cha'n fhanadh è,
Dh' fhàg e ſinne na dhèigh,
Gun fhear glàit ris an teannadh mid,

Ach

Ach Aingeil mhic De,
Mar ſgèth bhi' ga d' t anag-ladh,
Gus am faichdir dha fèin,
Gu'n glèidh e na fearuinn dhuit.

V.

Cha do chail ſine ar ſpèraid,
Is Shir Sheamas a fheaibh or'n,
Gar cumail ri cheailidh,
'S nair feaim bhi ga ghleaidh dhuin,
Beaidh ſhiod an tuirr Thrèan,
An-roidh rèam maire faighudain,
Ach fo chaidh du èug,
Caite lèir doibh do lethaidſa.

VI.

Nuair a bha u dhuin oig,
Bha u còinairſt ſuidhachta,
Beoil laibhraidh gu fòil,
Am bòiſte cha roibh n ceangail ruit,
Aignaidh gun ghò
Air mo doidh gum mo d' liach guit,
Ghaineachta riabh air do ſheoil,
Gu ſteòrnaidh tù tì-ghornas.

VII.

Ach ge d' fhuair ſinn ar leòn,
Bha ar dòchas a' fuircach ruinn,
Fheadh 's ba mhairiunn Shir Dòmhnall,
Bha treòir dhuinn an Urra ſin,
Croidhe mar leòghunn,
'N raibh mòrchuis le duineadas,
'S è do chuir-ſe fui' an fhòd,
A bhuail an dòrn bhriſt ar muineil firnn.

VIII

Ach ge d' bha 'm buille ſin cruaidh,
Roinn t uaiſlin cumail ris,
O'n bha do mhac ſuas,
Gu fuaſgladh gach cunnoirt dhoibh,

Ach

Ach a nois tha 'n ſgèul cràiteach,
Mu'n àilleagan uramach,
O'n a dhruid riut am bàs,
'S tùs ànraith gu d' chumaint è.

IX.

Oirnn a thàinig an t àr,
'S mor àbhar ghearain duinn,
'N aon chraobh bha gu h àrd,
An ſàbh air a gearradh uainn,
Gur è ſguabadh an làir,
So bhàth an teallach oirnn,
Chaill ſinn uil' ar liunn-tàth,
Re linn bàis mhic' ic Alaſtair.

X.

Fhir chroidhe mo ghràidh,
Ba bhlath ris gach caraid thu,
Ba mhor t fhuran re daimh,
Bha u làidir ceannaſach,
Gu'm ba leigeadh re h * earrlaid,
'N tùs failinn bhiodh teannadh-riut,
Cha ba chobhartach ràidh oirnn,
Gu bràth fheadh 's ba mhairiunn thu.

XI.

'S miſte miſe 's cha n fheairrde,
Bhiodh 'g àireamh na chailleadh orm,
Dh' fhalbh mo ſhùgradh 's mo mhàran,
O'n là chairibh a' s' talamh ſibh
Dh' fhalbh mo chruit 's mo cheòl gàire
Dh' fhalbh mo ghairdeachas onorach,
Lh' fhalbh m' airm agus m' èideadh,
Dh' fhalbh gach ſgèimh bh'air mo choluinn ſa

XII.

'S è ceann-fàth mo liaithidh,
An ſgial a dona ſo,

Mi

* *earſba.*

Mi air fas am mhaol ciàrain,
'S nach iar iad mo chonaltradh,
C'aite am faic' me re m' lèus,
Na thèid ann coimeas ribh,
'S buileach glann thug an nial,
A ghrian le cuid ſolais uainn.

ORAN *le* Niall Mac Muiric *Seanchaidh Chlann-Raonuill, 's è na ſhean duine aige bhaile, air faighin ſgéula dha gu'n do chréuchdadh mac mhic* Ailein *am Blar ſlia' an t ſhiorram, ſeal ma'n d' fhuir e naidheachd a bhàis.*

I.

GUR è naidheachd na ciadain,
Roinn mo chruidheachd a ſhiaradh,
Le liunn-dubh 's le bròn cianoil.
Gun d' dhruith e trom air mo chriochaibh,
Mo ſgèul duilich nach iar mi ar còmhradh.
Mo ſgèul duilich, &c.

II.

M' ullaidh m' aidhir a's m' aìtis,
Tha fuidh bhìnn aig fir ſhaſunn,
Ar Tighearn' og maiſeach,
An t odh ud jarla na'm bratach,
Mac an fhir thug dhomh faſga n'ar b' òg mi.
Mac an fhir thug, &c.

III.

'S truagh gun miſe bhi' làmh riut,
'N uair a leagadh ſa bhlàr u,
Gu cruaidh currannta làidir,
Agus ſpiunnadh na'n Gaidhil,
'N àile dhiulainn do bhàs dheanain feòlach.
'Nàile dhiulainn, &c.

IV.

Uibhiſt aithearach, aoibhinn,
Dhubhach, ghalanach, dhèirach,
Nois o rugort am bèum ſo,
'S goirt re fhulang na 's èiginn,
Liuthad fear ata 'n dèigh air Mac Dhònuill.
Liuthad fear ata 'n dèigh, &c.

V.

Cho 'n e 'n Domhull ſin roimhe,
Ach mac ſin Dhomhnuill odh Jain,
Ailein aoibhinn an aidhir,
Uram fèile; riogh flatha,
Ceannart meughrath gu caitheamh na mòr-chuis.
Ceannart meughrach, &c.

VI.

'Nar a chiaradh am feaſgar,
Gu'm biodh Branndaidh ga loſgadh,
Fìon francach ga choſg libh,
Coinnlin cèire ga 'n laſadh,
Sàr cheann-feonadh toirt proſnachadh ceoil duibh.
Sàr cheann-feonadh, &c.

VII.

Gu'm biodh fithill ga rùſgadh,
Buidhein thaitneach air ùrlar,
Pìob a' ſgaladh na'n ſiunnſor,
Fuaim talla re chùl ſin,
Iomairt chleas air chrios cùil no'm fear òga.
Iomairt chleas, &c.

VIII.

M' ulaidh, m' aidhir an t fhiùran,
'N t Ailein aidhireach, aoidheil,
Bha gu macanta mùint-e,
Dh' fhàs ga h aigeantach ùiſeil,
Fhuair mi aoibhneas ad chuirt 's cha b' ann dòlam.
Fhuair mi aoibhneas, &c.

IX.

IX.

Ba tu m' urram is m' annſachd,
Cho ſeinn mi eachraidh do bhàis ort,
Aig eagal droch fhàiſtinn,
'N dùil gu faic in-ſe ſlàn thu,
Mar a faic gu'n to'ir gàilic na 's mo uam.
Mar a faic, &c.

X.

Tha mi ſgìth 's gum mi ullamh,
'S mi 'n deaghaidh mo chuire,
Gun dùl re ſid tuilidh,
B' fhearr nach bioidh na h urad,
O'n là chualadh gun d' chuireadh do leòn ort.
O'n là chualadh, &c.

MARBHRANN Mhic-'ic-Ailein, *le* Nial Mac Mhuirich *cèu'na.*

I.

OCH a mhuire mo dhunaidh,
U bhi' ad ſhìneadh air t uilinn,
'N tigh mòr mhoirſhir Drumad,
Gun ar dùil re d' theachd tuillidh,
Le fàilte 's le furan,
Dh' fhios na dùcha do'm buineadh,
A charadh jarla choig Ullainn,
'S goirt le ceannard fear Mhuile do dhìol.
'S goirt le ceannard, &c.

II.

Dh' fhalbh Domhnull na'n Domhnull,
A's an Raonull a b' òige,
'S mac-'ic Alaſtair chnòideart,
Fear na miſniche mòire,
Dh' fheuch am beireadh iad beò ort,
Cha ra'n ſud dhoibh ach gòraich,

Feum cho rabh dhoibh na'n tòireachd,
'S ann a fhuair iad do chòmhradh gun chlìdh.
'S ann a fhuair iad, &c.

III.

Mo chreach mhor mar a thachair,
'S è chuir tur ſtad air m' aitis,
T' fhuil mhòralach reachdar,
Bhi' air bòcadh ad chraichdin,
Gun ſeòl air a caſgadh,
Ba tu rìogh na 'm fear feachda,
A chum t onoir is t fhacal,
'S cho do phill u le gealtachd a nìos.
'S cho do phill, &c.

IV.

Mo cheiſt Ceannard Chlann Raonuill,
Aig am biodh na cinn-fheonadh,
Na fir ùr air dheagh fhaolum,
Nach iaradh do'n t ſhaoghal,
Ach airm agus aodach,
Le 'n cailio-bhaire caoile,
Sheaſadh fad air an aodainn,
Rinn iad ſud a's cha d' fhaod iad do dhìon.
Rinn iad ſud, &c.

V.

'S mor gàire Ban do chinnidh,
O'n a thòiſich an iomairt,
An ſgèul fhuair iad chuir tiom orr,
T' fhuil chraobhach a' ſìleadh,
'S i dortadh air mhire,
Gun ſeol air a pilleadh,
Ge d' tha Raonull ad ionad,
'S mor ar call ge do chinneadh an rìogh.
S mor ar call, &c.

VI.

'S trom puthar na luaidhe,
'S goirt 's gur cuthann a bùaladh,

Nach

Nach do ruith i air h uachdar,
'N uair a dh' iuntraich iad uath thu,
Thug do mhuinntir gàir chruaidh as'd,
Ach 'ſe ordagh a fhuar iad,
Cèim air 'n aghairt le cruadal,
'S a bhiod leantail na ruaig air a druim.
'S a bhiodh loantail, &c.

VII.

Dheagh mhic Ailein mhic Jain,
Cha rabh leathaid do thaighe,
Ann am Breatuinn re fhaighin,
Tigh mor ſiughantach flathail,
'M ba mhor ſùgradh le h aidhir,
Bhioidh na h uiſlin ga thathaich,
Rinn iad cuimſe air do chaitheamh,
Ann an toiſeach an latha dol ſìos,
Ann an toiſeach, &c.

VIII.

'S iomad gruagach a's brèideach,
Eadar uibhiſt a's ſleibhte.
Chuaidh am muthadh ma d' dhèibhinn,
Luidh ſmal air na ſpèurabh,
Agus ſneachd air na gèugabh,
Ghuil èanlaidh an t ſhlèibhe,
O'n la chuial iad gnn d' èug u,
A cheann uìdhe na'n cèud ba mhor prìs.
A cheann uidhe, &c.

IX.

Gheibhte ad bhaile ma fheaſgar,
Smuid mhor 's cha b' e 'n greadan,
Fir ùr agus fleaſgaich,
A' loſgaidh fùdair le beadradh,
Cuirn a's cupaichin breaca,
Pìoſun òir air an deilltreadh,

'S cho b'ann falabh a gheibht iad,
Ach gach deoch mar ba neartaire brìgh.
Ach gach deoch, &c.

X.

'S iomad clogaid a's targaid,
Agus claidheam cinn airgid,
Bhioidh mar coinnibh air ealachainn,
Dhomhfa b' aithne do fheanchas,
Ge do b' fharfuinn re leanmhuinn,
Ann an eachdraidh na h albunn,
Raonuill oig dean beairt ainmeil,
O'n ba dual duit o d' leanmhuinn mor ghniomh.
O'n ba dual, &c.

XI.

'S cha ba lothagan cliata gheibhte,
A'd' ftàpaill ga 'm biathadh,
Ach eich chruidheach a fhrianach,
Bhioidh do mhiolchoin air ialabh,
'Siad a' feathabh re fiaghach,
Ann fna coireinibh riathach,
B' è mo chreach nach do liath u,
Ma 'n tàinig teachdair ga d' iaraidh o'n Riogh.
Ma 'n tàinig, &c.

MOLIADH *an* Leòghuinn, *air fonn Cabar Feigh, le* Alaftair Domhnullach Mac Mhaighifter Alaftair.

I.

FAILTE an leoguinn chrèuchdaich,
I s èagfamhail fpracalachd,
'N uair dhèireadh do chinn fheonadh,
Ba mheorach am brataichin,
'N uair chruinnicheadh gach dream dhiu,
Gu ceannfgalach tartarach,

Bhioidh

Bhioidh pronnadh agus calltach,
Air naimhdin a thachradh ribh,
Iad gu h oirdheirc air bhar cor-a-gleus,
Teinnteach foir-dheirg lasrachail,
'S àrd a n stoirm air mhire conbhaidh,
'S loinn na'n dorn re spealtaireachd,
Le 'n gèur cholg re Strachdadh bholg,
A' gearradh cheann a's chorpunnan,
Cha sluagh gun chruaigh gun cheannsgal,
Le 'n lann bheireadh fosadh orra.

II.

Dùisg a leoghuinn èachdaich,
'S dean èiridh gu fathramach,
Air brat ball-dhearg brèid-gheal,
'S fraoch sleibhe mar bharan air,
Tog suas do cheann gu hèatrom,
'S na spèurabh gu caithriseach,
'S theid mi fhìn choi-ghèire,
'S a dh' fhèudas mi ad arabhaig,
Togam suas do mholadh prioseil,
'S do cheann rìoghail farasta,
Cho 'n eil ceann no corp san rìoghachd,
Ann cruaidh ghnìomh thug barachd ort,
An ceann cruadalach àrd sgiomhach,
Maiseach fìr-dheas arranta,
'S tric thug sgairt re h uchd an fhuathais,
Re h àm luchd t fhuatha taruinn riut.

I.I.

Co b' urainn tair no dìobleachd,
Gu dìlin a bharalacha,
No shamlauheadh riut mì-chliu'
A rìogh na'n ceann barasach,
A chreatair ghasta rìomhaich,
'S garg fìr-dheas do tharuinn-se,
Air bhrat glan do'n t shìoda,
Re mìn chrann caol gallanach,

Ere

E re plapi aich re crann brataich,
A' ſtalcadh chas gu h eangara,
'S còmhlain ghaſda lan do ghaiſge,
Teanailt bras go leanailt ris,
Fearg gu caſgairt na'n gnùis dhaite,
Fraoch a's fras go fearachas,
Bhioidh ſgrios a's lannadh ſìos,
Air luchdmìo-ruin a bheanadh riut.

IV.

Cha rabh gorta gleòis,
Air an t ſheòrſa o'n ghineadh thu,
An dream rathoil mhorchuiſeach,
Chomhruagach iomartach,
Ba ghunnadh dagach òr-ſgiathach,
Gòirſeideach nimheil iad,
Ba domhain farſainn crèachdach,
Cneidh èachdach am firineach,
Iad go ſùrdoil loſgadh fùdor,
Toit a's ſmùid o lafraichin,
Na fir ùr gheal lùthor,
A ghearradh ſmùis a's aiſnichin,
Lannan dùbh ghorm, ghèura, chul-tiugh,
'N glaic na fiuran aigeantach,
A' ſgolltadh chorp a ſìos go'n rumpaill,
Sùrd le ſùnnt air ſtrachdaireachd.

V.

'S foinnidh feàrail làidir,
Cuanda dàicheil cinneadail,
Sliochd na'n collaidh làmh dhearg,
'S iad làn do dh' àrd ſpiorad annta,
Choi-dian re lafair chrà dheirg,
'S gaoth mhàirt a' cuir ſpiunnaidh innt'
Gun mheang gu'n mheirg gun fhàilinn,
'N ar càileachd ge d' ſhirir ſiobh,
Na fir chogach theid 's na trodabh,
Nach biodh roi' lotabh gioragach,

Nach

Jach iarr profnadh re h àm cofgraidh,
A phronnadh chorp a's mhinichin,
, fgathadh cheann a's làmh a's chos diubh,
Ann 's an toit le mire chath,
Ja fir bhèura thrèun-fheardha,
Ghèur armach fhineadail.

VI.

An cinneadh maifteach trèabhach,
Na'n rèth chuilbheir acfuinneach,
Jach diultadh dol air ghlèus,
Re h àm fèuma go grad mharbhadh,
Madaidh is uird ghlèufta,
Go bèumadh na n ftradagan,
A conas deatg re chèile,
A, cur èibhlin gu lafraichin,
Frafan dealanach dearg pheileir,
Teachd o'r teine tatarach,
A 's pada a' pronnadh 's a leadairt,
Na'n corp ceigeach cafagach,
Lannun dubh-ghorm dol gu'n dùblan,
A' gearradh fmùis a's aifnichin,
Aig na trèunabh cruaigh-bheimneach,
'S luath bhualadh fpeachunnun.

VII.

Clanndomhnuill tha me 'g ràdh-a,
'N fàr chinneadh uramach,
S tric a fhuair 's na blàrabh,
Air nàmhaid buaigh-iumanach,
Iad fearadha tapaidh dàna,
Comh làn do nimh ghuinidich,
Ri nathraichin an t fhlèibhe,
Le 'n gèur lannabh fulannach,
Iad-gu fitheach glèfda cofluath,
Rùnach bof-luath, fulafgach,
Cruas na craige luas na draige,
Chluinnte fead am builliunnan,

Na fir dhàna, lùthor, nàrach,
Fhoinnidh, làidir urronta,
Chomh-gharg re tuil-mhaoim slèibhe,
No faloisg ghèur na munàinnin.

VIII.

A charaig dhainnean dhìleant,
Nach dìobair gun acarachd,
Gluais suas gu spòirseil rìoghail,
Roi' ad mhìlinibh gaisgeante,
'S iad mire geale na cruadhach,
Gun truailleadh gun ghaise iad,
'S bòcain a chuir ruag iad,
Bheir buaidh le 'n sluagh brasbhuilleach,
'S ioma fleasgach culbhui' dòid-gheal,
Is garbh dòrn a's slinneinin,
A dh' èiris leat ann tùs na còmhstraoidh,
A ni còmhrag min bhuaillteach,
Iad gu bonn-mhall, bas-luath, cròdha,
Sàitheach, stròiceach, iomartach,
A dol a sìos ann àm na tèagbhail,
'S leòghunn bèic air mhire achda.

IX.

A leòghuinn bhèicich ghruamaich,
Bheil cruadal air tuineachadh,
Is tric a dhearbh an cruaigh chuis,
'S na buan ruagabh cumasgach,
'N uair spailpte suas thu,
Le d' bhuaigh ri crann fulannach,
Chìte conadh ruaimleach,
Ann gruaidhibh a h uile fir,
'S dainniun, seasbach reng do fhleusgaich,
'N uair bhiodh deise tarainne orra,
Cha to'ir eagal nàmhaid eag annta,
'S iad mar chreag nach caircheadh,
'S glan am preas iad chaoidh cha teich iad,
'S fiodh nach peasg do'n darach iad,

'S tric

'S tric fhuair ſibh air ar nàmhaid,
'S na blárabh buaigh chaithreamach.

X.

Na n tigeadh ortſa fòirtneart,
Ga d' leoin o chrich aineolaich,
Coigrich le rùn dòbheairt,
Ga d' chòir tho'irt a dhainn deoin diot,
'S iomad làn cheann ìleach,
'S lainn lìobha 'm beairt dhainnein ann,
Thàirneadh ſuas re d' ſhìota,
Dheth t fhìor-fhuil d' ad tanagladh,
Fuirbin chomaſach nach cromadh,
Roi' fhrois tholladh phearſannan,
'Nach biodh ſomalt' dhol air cholluin,
'N am bhiodh ſonnadh chlaiginnin,
Crunluath lomara ga phronnadh,
Air pìob lonnaich thartaraich,
A chuireadh anam ann ſna marbhadh,
Dhol gu fear-ghleus gaiſge leo.

XI.

Stochd Chlanndòmhaill dh èireadh,
Le n gèugabh 's le meanganan,
B' i ſid a choille chèatach,
A b' èagſamhail 's ba cheannardaich,
'N uair thàirneadh iad re chèile,
Gach trèabh dhiu' ga fearachail,
'S mairg a ſpioladh fèaſag,
Na Leòda ghreannachadh,
Bhiodh cinn a's dùirn da ſgatha dhiù' ſan,
Ann an dùſail lannaireachd,
Fuil re fèur-iomachd 's re ſtrùladh,
Feadh na'n lùb 's na'n camhanan,
Bhiodh lannan lotach dùbh-ghorm,
Cuir ſmùidrich do cheannabh ghall,
'S caoidhran cruaigh a's ràbaich,
'S an àrfhaich go gearanach.

XII.

XII.

Cait a bheil ſan rìoghachd,
Ann fear-ghniomh thug barachd oirbh,
No phroſnaicheadh chum ſtriaodh ſibh,
A mhìlinin bearaideach,
Na tuirin ſgairteil prìoſoil,
Do 'n ſhìor-chruaidh nach fannaicheadh,
Da 'm b' àbhaiſt a bhiodh dìlis,
'S nach dìobradh na ghealladh iad,
Gadhar chatha thèid mar ſhaighid,
Sìos le 'n claidheamh dealanach,
Nach to'ir athadh gun dad athais,
Gus an ſgath iad beallaich rompa,
Cuirp da'n ſgathadh 's cruaidh da crathadh
'S orra pathadh falanach,
Cluinntir fead ar clàidhin,
Truagh ghàir agas langanaich.

XIV.

Tha iomad mìle ann alba,
Do gharbh fhearabh fulaſgach,
Shliochd Ghàidhil ghlais a's Scota,
Thig deònach mar cularabh,
Gun tig iad le rùn cruadail,
'S gu 'm fuaigh iad go bunailteach,
Re teanchair ghairg an leoghainn,
'S re ſpògabh dearg fuileachdach,
Togabh libh gun airc gun eaſbaidh,
Trom fheachd ſeaſmhach cunnbhalach,
Do laocbhraidh dheaſa ſhunntach threiſail,
Theid neo-leiſg 's an iomairt-ſgleo,
Cha n fhachdas riabh na ſuinn na'n geilltibh,
Dol ann teas na'n cumaſgan,
Teichidh iad o'r ſtròicibh,
'S o'r ſròilibh breac duilleogach.

ORAN *do Shir* Lachluin Mac Ghilleoin *triath* Dhubhairt, *le* Eachunn *bachdach* Mac Gilleoin *an t aoſ-dàna.*

I.

THRIALL ar bunadh go Phàra,
Co b'urraìnn da ſheanchas?
Mac Mhuirich, * Mac Fhearguis,
Craobh a thuinich re Aimſir,
Fhriamhaich bun ann a Alba,
Chuidich fear dhiu' Cath-cairrbheach,
Fhuair ſinn ullaidh fear h ainme theachd beò.
Fhuair, &c.

II.

Cha chraobh chuire cha phlannta,
Cha chnòdh 'n uraidh o'n d' fhàs thu,
Cho bhlàth chuirtheadh ma bhealltainn,
Ach fas duillich a's meanglain,
A miar mullaich ſo dh' fhàg ſinn,
Cuir a Chrìoſd tuilleadh an àite na dh' fholbh.
Cuir, &c.

III.

'S mor puthar an Ràith-ſe,
'S trom an dubhadh-ſa dh'fhàs oirnn,
Gur a cumhann leinn t àrdach,
'N ciſte luthaidh na'n clàran,
'S fhad is cuimhne leinn càradh na'm bòrd.
'S fhad, &c.

IV.

Chuaidh do chiſte 'n tigh geamhraidh,
Cho do bhriſt u chno ſhamhna,
Miſheach fear Innſe-gall thu,
'S mor is miſte do ranntaidh,

* *Clerk-Regiſter of Icolumkill.*

Nach do chlifg u roi' armailt,
Fhir ba mheafail ann caumpa Mhontrofe.
Fhir, &c.

V.

Fhir ba rìoghaile cleachda,
'S tu ba bhìoganta faicinn,
Dol a fios am blàr machrach,
Bhiodh na mìltin mad' bhrataich,
Chuid ba phrìofaile an eachraidh,
Luchd do mhìo-ruin na'n caift ort,
'S ann a dh' innfte leo t fhafan,
'Nuair ba fgìth leo cuir fgapaidh na'm feòil.
'Nuair, &c.

VI.

Cha bhiodh buannachd do d' nàmhaid,
Dol a dh' fhuafgladh uait làmhuinn,
Bha n buaghach 's gach àite,
Cha b'e fuath mhic a mhàille,
Fear do fhnuadh theachd na àrdaich,
Cha dath uaine ba bhlath dhuit,
'Nuair a bhuaileadh an t àrdan ad phòr.
'Nuair, &c.

VII.

Gu'm b' aithrifeach t fhèim dhoibh,
'N àm na'n crannan a bhèumadh,
Chum na'n deannal a fhèideadh,
Bhiodh lann tana chruaidh ghèur ort,
'S tu fad la air an t fheirm fin,
Cha tigeadh lag bhuile meirbh as do dhòrn.
Cha, &c.

VIII.

'N àile chunaig mi ainifir,
'S tu re fiubhal na fealga,
Cha ba chuibh ort an garbhlach,
Pìc do'n iubhar cha d' fhàs i,

Chuireadh

Chuireadh umhal na ſbàirn ort,
Cha bhiodh fuithil a tàirne,
Na m biodh lutha na crannghail,
Chuireadh ſiubhal fui' earr-ite'n eòin.
Chuireadh, &c.

IX.

Glac chòmhnart ann càradh,
'M bian ròinneach án t ſheana bhruic,
Cinn ſtòrach o'n cheardaich,
Cha bhiodh òirleach gu'n bhàthadh,
Eadar ſmeòirn agus gàinne,
Le neart corcaich a Flànras,
Cha bhiodh feolach an tearmad,
Air an ſeoladh tu'n crann ſin ad dheòin.
Air an, &c.

X.

Cha b'e ſin mo luan càſga,
'N uair a bhuail no ghath bàis u,
'S truagh a dh' fhàg u do chairdin,
Mar ghàir ſheillein air làraich,
'N deigh a mealunnun fhàgbhail,
Na uain earraich gun mhàthair,
'S fad a chluinnir an gàraich mu'n chrò.
'S fad, &c.

XI.

Gu'm ba mhath do dhìol freaſdail,
'N tigh mor am bial feaſgair,
Uiſge beatha na'ın feadan,
Ann am pìoſun ga leigeil,
Sin a's Clàrſach ga ſpreige ri ceòl.
Sin, &c.

XII.

Bhuineadh dh'inne 'na ùr-ros,
Fear ar tiaghe 's ar crùn' air,
Ghabh an rathad air thùs uainn,
Liuthad latha re chùnndas,

Bh'aig maithibh do dhù cha,
Miad an aidhir 's a mùirne,
Bha mi tathaich do Chùirte,
Seal ma'm b' aithue dho 'n turlar a dh'fholbh,
Seal, &c.

XIII.

B'eòl dhomh innse na bh'aca,
Gu'm bann do mhianan Shir Lach'uinn,
Bhiodh 'g òl fìon-a 'n tigh farsainn,
Le mnaidh riomhach neò-as-caoin,
Glòir bhinn agus macnais,
Ann 's an àm sin 'm ba chleachd' libe bhi pòit.
Ann, &c.

XIV.

'N àm na fàire bhiodh glasadh,
Bhiodh chlàrsach ga creachadh,
Cha bhiodh ceòl innte ann tasgaidh,
Ach na meòir-ga thoirt aiste,
Gun leòn làimhe gun laige,
Gus 'm ba mhianach leibh cadal gu fòill.
Gus, &c.

XV.

Bhiodh na cearraich re braise,
Iumairt tàilisg ma'n seach orr',
Fir fòirn re tartar,
Toirm a's màthadh air chairtin,
Dolair spàinteach a's tastain,
Bhi' ga'n dìolahh gun lasan na'n lorg.
Bhi', &c.

XVI.

Thug càch teist air do bhèusan,
Bhà gradh a's eagal mhic Dè ort,
Bha fàth seirce ga d' chèil ort,
Bha aòigh deiseachd a's deilbh ort,

Cho

Cho raibh ceiſt ort mar threun fhear;
Bhiodh na ſcriabhtair ga'n lèabhadh,
Ann ad Thalla ma'n èireadh do bhòrd.
Ann, &c.

XVII.

Ga ba lìon'ar ort fraſachd,
Chum u dìreach do d' mhacabh,
Do bhrèid rìomhach gun frachda,
Cha Do dhìobair ceann ſlait thu,
O'n 's è Crìoſd a b' fhear beairt dhuit,
'Sin an Tì a leig leat an taod ſgòid.
'Sin, &c.

XVIII.

A mhic mo ghlacas thu'n ſtiur ſo,
Cho ba fhlathas gun dùchas,
Dhuit bhi' grathuinn air h ùrnaigh,
Cuir da caitheamh an triur orr,
Cuir an t Athair ann tus orr',
Biodh a Mac na fhear iul orr,
An Spiorad Naomha giùlan go nòs.
An, &c.

ORAN *do* Lach'unn *mor* Mac Gilleòin *triath* Dhubhairt, *le* Eachunn *bachdach*.

CHORUS.

Lach'uinn òig gu m faic mi thu,
Mar trèige bòrd na bàs mi,
Go'm faic mi fui' cheann bliadhn' u,
Mar glacadh fiabhras àrd mi,

A ghnùis ſholta 's am bèul ò'n ſochdrach gàire,
Do dhèud gun ſtoir o'm binn thig glòir,
O'n faighin pog a's fàilte.

I.

ALACH'UINN òig gu'n innſin ort,
Sgeul is binn re aireamh,
Nois o roinn e craobhſgaoil eadh,
Sna bheil an taobh ſo dh'fhairge,
Tha u làn do dh' fhìn-ealtachd,
Choimh ceart ſa dhinnſeadh ſeanchas,
Gur mac Jain ghairg da rireamh u,
Ann àm dol ſìos ann garbh-chath.

II.

'S è Ceannard * Chlann-illeain,
Dh'fhàs flathaſach le cruadal,
Sgaoil e feadh gach tighearnais,
Gun d' ghleidh u dìtheil 't uaiſle,
Ach 's ioma neaeh ba ſhùgradh leis,
Crùbadh ann an truailleachd,
Ach ronn u beairt ba cliùtaiche,
Air an dùchas mar ba dual dhuit.

III.

'S è na chuir me dh'eòlas ort,
Dh' fhàg an ceò ma m' ſhùilibh,
Aig a mhiad ſa fhuair me dheth,
Gun d' leig me ruaig ann tùs ort,
Dh' aithnichin air an fhaiche thu,
A lùb na'n caſ-chiabh ùrghlan,
Gum b' urſann cath air gaiſgibh u,
Na'n tigeadh creach ad dhùthaich.

IV.

B' è ſid an gaſan leis m ba taitneach,
Pìcin daite a lùbadh,

'N t iubhar

* i. e. *Clannghilleinoin.*

'N t iubhar nuadh ga lut hadh go chluais,
'M bèatha uait ba ſhiùbhlach,
Cèir a's ròſaid dlùth fui' t òrdaig,
Ite an eòin gu h ùrghlan,
Mu chaol an fhèidh ma'n gearr è lèim,
Bhiodh fhuil na lèine brùite.

V.

Sid na h airm a ghlacainn duit,
A dhol air ſraid an fhùdair:
Cuilbhair a ghlèis ſhniamhanaich,
A bhèul o'n cinnteach cuimiſe,
Spàntach làdair fulanach,
'N laimh a churaidh chliùtich,
'S a 'n ſgiath ba tric ann taibheineadh,
Air ghaoirdeain deas na'n lùth-chleas.

VI

Mo ghaoil a 'm fear càiteineach,
A lèibh a chairt 's roinn gual dith,
Leis an èireadh na brataichin,
A 's teach o ghlaic na m fuar-bheann,
'N àm dùſgadh as an cadal doibh,
Gun d' bhuail u pais ma'n chluais orra,
'S thilg u ſteach an teachdaireachd,
'S an ceart air bhachd an guaillin.

VII.

'S ioma bratach ſhuaicheanta,
'N raibh ſmuais a's cruas a's càirdis,
Eadar rutha chuitheirnis,
Gu dubhairt thun a gorbh-leat,
Dh' èireadh a h aird ghabhar-ſhlios,
Fir fhoghainteach neo-ſgàthach,
Dhearbhainn fhìn gun geileadh dhuit,
Fir ghlèuſta o bhra'-chàrnaig,

VIII.

Ghluaiſeadh leat ſna h eileinibh,
Dream nach ceil an gràdh ort,

Thigeadh

Thigeadh ort a moir-innis,
A bhratach leòghant' làidir,
Chì-te sid gu follaiseach,
Fir fhoinnidh ann Aros,
Na fir ùr-a nach diùltadh,
Sgiùrs thòirt air an-Nàmhaid.

IX.

Dh' eireadh seoid o'n mhuaithe leat,
Nach cuireadh bruthach spàirn orr'
Na'n ceann-a-bheairtin glana,
Na'n lannan geal 's na'n targaid,
Na'n cuilbheirin caol acfuinneach,
Aig gaisgich na'n gniomh gailbheach,
A dheanadh luatha chaisleacha,
'N uair dh' èireadh srad o theanachair.

X.

Bratach aig Clanndòmhnuill,
'N a'm biodh ad chòir gu m b' fheairrde,
Dh' fhàs gu seasmhach cruadalach,
'N uair ghluaiseadh iad na'n armadh,
Ann an gliocas firinneach,
Cho math sa scrìobh ann seanchas,
Sìd an dream bha innsgineach,
Re 'n innseadh nach riabh leanabail.

XI.

Mar gearr mi leim air cuantaibh rèth,
'S e Lach'unn fèin mo rùn air,
An trèun-laoch gasta dh' fhas gu sprachdail,
Leis 'm ba chleachdach cùirtmhoir,
Tha mi airstnealach a' m' aigne,
O' nach fhaic mi 'n tùs u,
Dh' fhag sid tacaid fad fui'm' asnaich,
'S leig mi mach air thùr 's è.

CHORUS.

Lach'uinn òig gu m faic mi thu,
Mar trèige bòrd na bàs mi,

Go

Go 'm faic mi fui' cheann bliadhn' u,
Mar glacadh fiabhras ard mi,
A' ghnùis fholta 's am bèul o'n fochdrach gàire,
Do dhèud gun ftoir o'm binn thig glòir,
O'n faighin pog a's fàilte.

ORAN *do dhaoine uaifle an* Ealain Sgiathanaich, *le* Lach'unn Mac Ionmhuin, *da 'm ha cho-ainm* Lach'unn Ma Thearlaich òig.

Tune, *She rofe and let me in.*

I.

LA a' fiubhal flèibhe dhomh,
'S mi falbh leam fèin gu dlùth,
Chuideach ann fan Afdar fin,
Air gunna glaic 's air cùth,
Gu'n thachair Clann rium ann'fa ghleann,
A' gal go fann chean iùil,
Th' ar leam gur iad ab'àilidh dreach,
G 'm facas riabh le m' fhùil.

II.

Gur h iùnadh leam mar thàrla fibh,
Am fàfach fad air chùl,
Coi-meas lúch bhur n agh-ach-unn,
Gun tagha do cheann iùil,
Air beannachadh neo-fhiata, dhamh,
Gu'n d' fhia'raich mi co fiùbh?
Fhreagair iad go cianail mi,
A'm bria'rabh mìne ciùn.

III.

Iochd a's gràdh a's fiùghantas,
'N ar triùr gu'm b' è ar n ainm,
Clann daoine uaifle cùramach,
A choifinn cliù 's gach ball,

'N uair

'N uair phàigh an fhèile cìs do'n èug,
'S chuaidh i fèin air chall,
'N a thiomnadh dh' fhàg ar'n athair sinn,
Aig maithibh innsegall.

IV.

Fhuair sinn greis ga'r n àrach,
Aig Mac Leòid a bhà san Dùn,
Greis eile gle shaibhir,
Aig a bhràthair ann Duntuilm,
Sin 'n uair labhair fiùghantas;
Dallt' ùsoil Dhòmhnuill ghuirm;
Ba tric leat a bhi' sùgradh ri'nn,
'S cha b' fhasan ùr dhuinn cuirm.

V.

Aig èiridh dhuinn neo-airtealach,
'S biadh maidne dol air bòrd;
Gheibhte gach nì riaghailteach,
Ba mhianach leat ga d' chòir;
Cha d' chuir u dùil am prìobartaich,
Cha b' fhiach leat ach nì mor:
Ba chleachda air do dhìneir dhuit,
Glain fhìona mar re ceòl.

VI.

Tormaid fial an t shugraidh,
Nach d' fhàs ma'n chuinneadh cruaigh;
Bha go fearail fiùghantach,
'S a chum an dùchas suas,
'S ann ort a bhà ar tathaich,
O'n thugadh Jain uainn,
'S beag m' fharmad ris na feùmaich,
O'n a bhèum na cluig gu truagh.

VII.

Bha 'n duin ud ro fhlathasach,
'S e mathasach le cèill,
Bha e gu fial fiùghantach,
'S a ghiùlan math ga rèir,

Ge

Ge farsainn eadar Arcabh,
Cathair Ghlas chu 's baile Bhòid,
Cha d' fhuaras riabh Oid' Altram ann,
Cho' pailt re teach Mhic Leòid.

VIII.

Chuaidh sinn do Dhùnbheagain,
A's cha d' iar sin ceàd na Thùr,
Fhuair sinn fàilte shuilbhearadh,
Le furmailte 's le mùirn,
Gu'n d' ghlachd e sinn gun acarachd,
Mar dhaltachan na'r trìùir,
Go'n togadh e gach neach aguinn,
Go macanta air a ghlùnn.

IX.

Am fear bha air Chomraich,
Ba chall soilleir dhuinn a bhàs,
Ann an cuisibh diulanais,
Cha b' ùdail u measg chàich,
Làmh sgapadh òir a's airgid u,
Gun dearmad air luchd daimh,
S go mionaicheadh na Clàirseirin,
Nach tu ba tàire làmh

X.

Thug sinn ruaig gun sòradh,
Gu Coinneach mor na n cuach,
Ba duin' iochdar teo-chroidheach e,
'S ba leoghant e air sluagh,
Bha uram uaisle a's ceannais aige,
Air fearabh an taobh-tuath,
Cha chuirt as geail a chailleadh e,
Go'n d'fhalaich oirnn e 'n uaith.

XI.

An t Ailpeineach dubh firinneach,
Ga 'n dùchas cian an frath,
Da 'n tig na h airm gu sgiamhach,
Ge ba riabhach leinn do dhath,

Ba

Ba làmh a dheanadh fiaghaich thu,
Gu'n dail ba bhiatach math,
Do bhàs a chràidh am bliá'na me,
Mo bhriathar b'fhiach mo ſgath.

XII.

Ba chum-aite glan do chalpanunn,
Fuidh ſhliaſaid dhealbhair thruim,
'S math thig breacan cuachach ort,
Ma'n cuairt ann èile cruinn,
'S ro mhath thigeadh claidheamh dhuit,
'S giath lathach n a'm ball grinn,
Cha raibh cron am fradharc ort,
Thaobh t aghaidh a's cul do chinn.

XIII.

'N àm togbhail màil do dhùchannan,
'S ga dhlùthachadh riut fèin,
Bhiodh mid air nar ſiùbhartan,
'S 'n ar triùr go 'm biodh mid rèth,
Cha do thog ſinn riabh bò-ghamhna dhuit,
'N am bealltuinn cha do lè'ibh,
Cho mho thug oich air tua hanach,
Ba mho do thruas re 'm fèim.

XIV.

O'n roinn an uaidh bhar glaſadh orm,
'S nac faic mi ſibh le m' ſhùil,
Ba chumhach, cinoil, cràiteach, me,
'S neo-àrdanach mo ſhùrd,
'S mi cuimhneachadh na'm bra'rain ſin,
A b' àilidh dreach a's gnùis,
Gur tric a chum ſibh coinnibh rium,
Aig coinneach ann ſa Chùil.

ORAN

ORAN *do dh'* Aonghas Bhail *fhiunnlaidh, le* Jain *dubh Mac* Jain *Mhic* Ailein.

I.

AONGHAIS òig mhic Shèamais,
Fhir ghlèusta 'n aigne mhòir,
Mo dh' fhalbh u siubhal rèth dhuit,
Deagh sgèul ort leamsa is deòin,
U fèin 's do bhrathair gle mhath,
A ghlachd an fhèil' air dhòrn,
Cha dean mi tuillidh plèide ribh,
O'n 's beag oirbh fèin am bòsd.

II.

'S ann leamsa gur seol èigin,
Nach d' fhèad mi bhi' 'n ar còir,
'S ga faighin sealladh èibhinn,
Le toil dè na mì bithinn beò,
Air Aghaidh 'n Alein mhùideortaich,
O'n 's e grunnd mo sgeòil,
'S fradharc sùl an Tànaisteir,
A bhràthair Ra'ull òg.

III.

'S an ros ait-gheal fior-uasal,
Is prìosoile na 'n t òr,
Sa n * eunhan gasta rìomhach sin,
Sa dreach air fiamh an lò,
Lèug na'm buadhan fìrinneach,
'S an phenix fhìor-ghlan chorr,
'S air lìonaireachd na n rèultaichin,
Gun cheist 's tu fèin am Pol.

IV.

Gur muirneach cliùiteach, eireachdail,
Penelope mar Ainm,

* *Pearl.*

Gur niarachd tè da 'n gair'ir è,
Ma leanas i do lorg,
Do ghnìomharan coi-ſoilleir-e,
'S tha geal a bhio's air dearg,
'S i n Ti ſo tha mi 'g innſe dhuibh,
An t ſhìobhailteach gun fhearg.

V.

Penelope bhan-grèagach ſin,
Gur buan a Sgèul aig càch,
Chèan gun raibh i fìrineach,
A's fir-ſheaſach na gràdh,
Ach Penelope dhubh ghle-gheal ſo,
Le a cèataibh choiſinn bàr,
Cho rigeadh bean Uliſſes i,
Mar 'n deichibh cuid 's gach càs.

VI.

Iochd a's gràdh a's fiùghantas,
An trìur a bhà ſa ghleann,
Gur creideamh, ciall a's Umhlachd,
Na crùintin bheir an ceann,
Tuigſe, bàidh a's foighidin,
Gun ſgathaich ann an caint,
Bha 'n deichnir ſin co'-pòiſte riut,
'S tha 'n uir re friamh na 'n crann.

VII.

Beir ſoraidh uam ge d' dh' fhuirich mi,
Gu tigh na 'n 'uinneag àrd
'N tigh buaghach, ſtuadhach, tuireideach,
Nach uireaſbhach re dàimh,
Tigh ceòlmhor, òlar, aithireach,
Am faighir Cuirm le fàilt'
Gun glèidh an Rìogh a cheannard dhuim,
'S a Bhain-ti'rn' is math gnà's.

VIII.

Ge d' dh'fhan mi air bhur cùlthaobh,
'S ann leam tha chùis ro chaillt'

Nach

Nach tug mi greis do'n dùltachd,
Ann sa chuirt am biodh damhs'
Ach tha 'n seanfhocal ga ùrachadh,
Ge lùthor an Cu Cam,
Ge tìtheach air an smodal e,
Cho bheir è bhos a's thall.

ORAN *do dh'* Alasdair *dubh* Ghlinne-garaidh
Leis *an* Aosdàna *Mac* Mhathan.

I.

FHUAIR mi sgèula moch dicèdain,
Air laimh fhèuma bha gu crèuchdach,
'S leòir a ghèurad ann sa n lèumsa,
Anall o'n trèud bha buaghar.

II.

O Dhùn Garachdnach ùr Allail,
Na'n tùrp mear'a 's na'n stèud seanga,
Na'n gleus glana 's cèut'ach sealladh,
Bèichdail, Allaidh, Uaibhreach.

III.

Gur dubhach deòrach tha Clanndòmhnuill,
Mu Chreach Ghnòideirt neart na'n ròisheol,
Gaisgich chròdha nach tais 'n àm còmhraig,
Mo chreach mhòr 's mo chruadal.

IV.

Gur goirt an sgaradh tha'n Gleanngaradh,
O'n dh' fhalbh leannan na'n arm glana,
Da 'm b' ainm Alasdair, ceann na'm beannachd,
Glac na'n geal lann cruadhach.

V.

Ba chall curaidh do dh' Alb' uil,
O dh' fhalbh cuilein, na'n arm guineach,
Ba gharg turas, 'n sealg na'n cunnart,
'N àm dho bhuille-bhuladh.

VI.

'S an rioghachd so fèin ba lathail t fhèim,
'S ba sgathail bèim do chlaidheamh ghèir,
Do shamhailt fèin cho'n fhachd o'n dh' èug u,
Ghaisgich èuchdaich, bhughaich.

VII.

Ge b'e dhuisgeadh t ain-iochd,
Ba dlùth dha carraid 'n tùs tarraing,
Rùsgadh lannun, surd air ghearradh,
Bruchdan fola air ghuaillin.

VIII.

'S tu 'n Domhnullach dian, consmunn na 'n triath
Morghalach fiall, Roimh lòdraich nan Cliar,
Leis an òilte fìon, agus or ga dhìol,
Ann an Aitribh na n crioch sluaghail.

IX.

A shliochd Riogh Fionnaghaidhill,
Na'n còrn geal-a-ghlaic 's na'n sròl ballabhreac,
'M pòr nach cearbach, dul fui' 'n Armabh,
'N àm na 'n garbh-chath * ruaidhneach.

X.

Ach buaigh a's slàinte a 'n fhear a dh fhàg u,
Duineil, bràth'rail cinn'eil càirdeil,
Gaol o'd' nàmhaid, grâdh o d' chàirdin,
A shliochd na'n Armunn uasal.

ORAN *do Mac* Innin *an tratha;* Lach'unn Mor *le* Grigor òg *Mac* Ghrigoir.

I.

'S Cian 's gur fad tha mi am thàmbh,
Gun trial air do dhàil;
A Lachluinn a'n àirde tuath.
'S cian, &c.

Na

* Laidir.

II.

Na 'm biodh ſneachda na 'n Gleann,
Na rith leis gach Allt,
'S gu 'n cailleadh gach beann a ghruaim,
Na 'm biodh, &c.

III.

Na'n dubhadh an ſliabh,
'S go 'n cromadh a ghrian,
Leam ba mhiannach bhi' triall air chuairt,
Na'n dubhadh, &c.

IV.

Cha b' i machthir na'n Gall,
A ghlachdainn fui' m' cheann,
Ach bràighe na'n gleann ſo Shuas.
Cha b' i, &c.

V.

Tho'ir mo ſhorraidh thair caol,
O nach cluinn iad mo ghlaodh,
Go Buidhin gun fhraoch gun ghruaim,
Tho'ir mo, &c.

VI.

Go Ceann-feodhna mo rùin,
Chuaidh an t ainm ud air cliù,
Cheart co'-fhad' 's atà 'n Rùta uainn.
Go Ceann, &c.

VII.

Gu talla 'n fhir fhèil,
Am bi' tathaich na'n cèud,
Cillmorithe re ſgèth a chuan.
Gu talla, &c.

VIII.

Dhamſa b' aithne do bhèus,
'N àm cromaidhe do 'n ghrèin,
Gum biodh farram na'n tèud ad chluais.
Dhamſa, &c.

IX.

A ghnùis a dhiùlt a bhi' bochd,
'S nach d' chuir cùl re fear nochd,
A lean an dùchas ſan ſtochd ba dual.
A ghnùis, &c.

X.

Cha b' è 'n cleachda bh'aig càch,
So ghlac u mar gnàs,
Bhiodh ſmachdail ma'n mhàl air tuath.
Cha b' è, &c.

XI.

Fhuair u ſèud o ſhiol Leòid,
Na'm brataichin ſròil,
Na'n cupa na'n còrn 's na'n cuach,
Fhuair, &c.

XII.

Ghlachd u 'n èuchdag, mar mhnaoi,
Cha ra' 'n lèirſinn ud claon,
'S glan do chèile re d' thaobh 's gur ſuairc.
Ghlachd, &c,

XIII.

Bèul is binn thogadh fonn,
Slios mar eala na'n tonn,
Caol mhala nach crom le gruaim.
Beul, &c.

XIV.

Aig an Ailpeanach ghlan,
Do'n fhuil rìoghail o ſhean,
Ite fir-eoin nach mean re luaith.
Aig an, &c.

XV.

Ach na'n eireadh ort ſtrì,
Gum biodh ſud air do thìth,
Clann Ghrigoir na'm pìob 's na'n ruag.
Ach, &c.

XVI.

XVI.

Agus Granntaich o ſpè,
Gu ceann làidir trèun,
Sàr cheannard choig cèud dà uair.
Agus, &c.

XVII.

Sid a bhuidhin nach fann,
Thogadh giubhas re crann,
Thàirneadh iubhar na meall o'n cluais.
Sid a bhuidhin, &c.

XVIII.

Bhiodh an fhiùthaidh chaol rèth,
'M bian dubh-ghlas an fhèidh,
Ga ghiulan air èileadh cuaich.
Bhiodh an, &c.

ORAN *do dh'* Eoin *breac Mac* Leòid *no* Hearadh; *le* Ruairidh *Mac* Mhuirich.

I.

MIAD a mhulaid tha 'm thaghail,
Dh' fhàg treothaid am chliamh go goirt,
Aig na roinn mi na d' dheoghaidh,
Air m' aghairt 's mo thriall gu port,
'S ann bhà mis'air do thòir,
'S mi meas gu'n raibh coir agam ort,
Dheogh Mhic Athair mo ghràigh,
Ba tu m' aidhir a's m' àgh, a's m' olc.

II.

Chuaidh a chùibhle ma'n cuairt,
Gu'n do thiuntaidh go fuachd am blàs,
Gu 'm fachda mi uair,
Dnn flathail na'n cuach ſo thràigh;
Far biodh tadhich na duain,
Umidh mathas gun chruas gun chàs,

Dh'

Dh' fhalbh an latha fìn uainn,
'S tha na taighin gu fuaraidh fas.

III.

Dh' fhalbh Mac talla as an Dùn,
'N àm sgarachdainn dhùinn re 'r triath,
'S ann a thachair e riùm,
Air seacharan bheann san t shliabh,
Labhair eisin air thùs,
Math mo bharail gur ta ma's fìor,
Chunairc mise fuidh mhùirn,
Roimh u'n uraidh an Dùn na'n Cliar.

IV.

A mhic talla na'n Tur,
'S è mo bharail gur tù sa bhà,
Ann an teoghlach an fhìon,
'S tu 'g aithris air gniomh mo làmh,
'S math mo bharail gur mi,
'S cha b' fhurast dhamh bhì na m' thàmh,
'G èisteach brosluinn gach ceòil,
Ann a m fochar Mhic Leòid an Aigh.

V.

A mhic talla so bhà,
Ann sa Bhaile 'n do thàr mi m' iùl,
'S ann an ios dhuinn is lèir,
Go bheil mise 's tu fein air chùl,
A rèir do chomais air sgèul,
O'n 's fear comuinn mi fèin a's tù,
Bheil do mhuinntiris buan,
Air an Triath ud ga'n dual an Dùn.

VI.

Tha mac talla fui' ghruaim,
Ann san talla 'm biodh fuaim a cheòil,
'N ionad tathaich nan Cliar,
Gun aidbir gun mhiagh gun phòilt,
Gun mhire gun mhùirn,
Guniumracha dlùth na'n còrn,

Gun

Gun chuirm gun phailtis re daimh,
Gun mhàcnas gun mhàran beòil.

VII.

'S mi mac talla bha uair,
'G èisteachd faram na'n duan gu tiugh,
Far 'm ba mhuirneach a bèus,
'N am dùbhrachd do'n ghrèine san t shruth,
Far am b' fhoirmeil na seòid,
Iad go h orraganach; ceolmhor, cluth,
Ge nach fhaicte mo ghnùis,
Chluinnt aca 's an Dùn mo ghuth.

VIII.

'N àm èiridh gu moch,
Ann an teoghlach gun sprochd gun ghruaim,
Chluinnte gleoraich na'n dos,
'S a cèile na cois o'n t shuain,
'N uair a ghabhadh ì làn,
'S i go'n cuireadh o's n àird na fhuair,
Le meoir fhileanta bhinn,
'S iad go rith-leimneach, dìonach, luath.

IX.

Bhiodh a rìonadair fèin,
Cuir ann fhìre gur h è bhiodh ann'
'S e 'g èiridh na measg,
'S an èabhadh gu tric na cheann,
Ge do b' ard leinn a fuaim,
Cha tuairgneadh e sinn gu teann,
Chureadh tagradh an 'm chluais,
Leh aidmheil go luath 's go mall.

X.

'N uair a chuirt i na tàmh,
Lè furtachd na fàrdaich fèin,
Dhamhsa b' fhurasta 'ghradh,
Go m ba chuireideach gàir na'n tèud,
Le h iomairt dhà-làmh,
A cuir a binnis do chach ann cèill,

'S go'm

'S go'm ba fhiubhlaoh am chluais,
A moghun luthor le luaſgan mhèar.

XI.

Ann ſan fheaſgar na dhèigh,
'N àm teaſa do'n ghrèine trà nòin,
Fir chneatain re clàir,
'S mnaigh freagairt a ghna cuir leò,
Dà chomairleach ghearr,
A, labhairt 's gu'm b'àrd an glòir,
Gu'm ba thìtheach an guin,
Air dhaoine gun fhuil gun fheòil.

XII.

Gheibhte fleaſgaich gun ghràin,
Ann ad thalla gun ſgrà gun fhuath,
Mnaig fhionna 'n fhuilt rèth,
Cuir binnis ann cèill le ſtuaim,
Le ceileiribh beòil,
Bhiodh ealanda, òrdoil, ſuairc,
Bhiodh fear bogha na'n còir,
Chuireadh meughaire am mhòr am chluais.

XIII.

Thoir teachdaireachd uam,
Le deatam gu Ruairidh òg,
Agus innis or dhà fèin,
Cuid dheth chunnort ge dh'è Mac Leòid,
E bhiodh 'g amharc na dhèigh,
Air an Jain a dh' èug 's nach beò,
Ge ba ſhaibhir a chliù,
Cha 'n fhàgadh è n Dùn gun cheòl.

LUINNEAG Mhic-Leòid, *le ninghin* Alaſtair Ruaidh Mhic Leòid.

I.

'S Mi 'm ſhuidhe air an tulaich,
Fo mhulad 's fo aime-cheiſt,
'S mi coimhead air ìle,
'S ann do 'm iùnadh ſan ama ſo,
Bha mi uair nach do ſhaoil mi,
Gus 'n do chaochail air m' aimſir,
Gun tigin an tubh ſo,
A dh' amharc dh' Juraidh a' Scarbaidh,
I hurabh o i hoiriunn o,
I hurabh, o, i hoiriunn o,
I hurabh o, i hogaidh ho ro,
Hi ri ri rithibh ho i ag o.

II.

Gun tigin an tùbh ſo,
A dh' amharc Dhiùraidh a ſcarbaidh,
Thoir mo ſhoraidh do'n Dùrhaich,
Tha fo dhù'ar na'n garbh-bhean,
Gu Shir Tormoid ùr Allail,
Fhuair ceannas air Armailt,
'S gun caint' ann 's gach fearunn,
Gu m b' airidh fear t ainm air.
I hurabh o, &c.

III.

Gun caint ann 's gach fearunn,
Gum b airidh fear t ainm air,
Fear do chèille, 's do ghliocais,
Do mhiſnich, 's do mheanmnaidh,
Do chruadail, 's do ghaiſge,
Do dhreach, 's do dhealbha,
Agus t fholachd a's t uaiſle,
Cha ba ſhuarach re leanmhuinn,
I hurabh o, &c.

IV.

IV.

Agus t fholachd, a's t uaille, &c.
Dh' fhuile dìreach Riogh Lochluinn,
B' e ſid toiſeach do ſheanachais,
Tha do chàirdis ſo-iaraidh,
Ris gach Iarla tha 'n Albuinn,
'S re uaiſlin na h Eirinn,
Cha bhrèug ach ſgèul dearbh è.
I hurabh o, &c.

V.

'S re uaſlin na h Eirinn, &c.
A mhic an fhir chliùtich,
Bha gu fuìghantach ainmeil,
Thug barachd ann gliocas,
Air gach Rì'tir bha 'n Albuinn,
Ann an cogabh 's an fìo'-chaibh,
'S ann an dìolabh an airgid.
I hurabh o, &c.

VI.

Ann an cogabh ſan fìo'-chaibh, &c.
'S beag an t uìnead do mhac-ſa,
Bhiodh gu beachdoil mor meanmnach,
Bhiodh gu fiughant', fial, farſaing,
O'n a ghlachd ſibh mar ſhealbh è,
Clann Ruairidh na'm bratach,
'S e mo chreach-ſa na dh' fhalbh dhiu'.
I hurabh o, &c.

VII.

Clann Ruairidh na'm bratach, &c,
Ach an aon fhear a dh' fhuraich,
Nior chluinnim ſgeul marbh ort,
Ach fhèadail do dh fhearadh,
Ge do ghabh mi uait tearbadh,
Fhir a chuirp ba mhath cuma',
Gun uireaſbhaidh dealbhadh.
I hurabh o, &c.

VIII.

VIII.

Fhir a chuirp 's glan cuma, &c.
Croidhe farsaing, fial, fearail,
'S math thig geal agus dearg ort,
Suil ghorm 's glan sealladh,
Mar dhearcaig na talmhuinn,
Làmh re gruaigh ruitich,
Mar mhucaig na fear-dhris,
I hurabh o, &c.

IX.

Lamh re gruaighe ruitich, &c.
Fo thagha na gruaige,
Chuil dualaich, na'n cam-lub,
Gheibhte sid ann t ardaich,
Ann càradh air ealachuinn,
Miosair a's adharc,
Agus raghuinn gach armachd.
I hurabh o, &c.

X.

Miosair a's adharc, &c.
Agus lanntainin tana,
O'n ceannabh gu 'm bar-dhias,
Gheibht' air gach slias dhiu' sid,
Isneach a's cairbinn,
Agus iubhar cruaigh fallain,
Le 'n taibhaidin cainbe.
I hurabh o, &c.

XI.

Agus iubhar cruaigh fallain, &c.
Cuilbheirin caola,
Air a dhaoirid ga'n ceannacht' iad,
Glac na'n ceann liobh,
Air chuir sios ann am balgabh,
O ite an fhir-eoin,
'S o shioda na gaillebhinn.
I hurabh o, &c.

XII.

O itidh an fhir-eoin,
'S o fhiod na gaillbhein,
Tha mo chion air a Churaidh,
Mac Muire chuir fealbh air,
'S e ba mhinach le m' leanabh,
Bhi' 'm beannabh na fealga,
Gabhail aidheir na frìthe,
'S a dìreadh nan garbh-ghlachd.
I hurabh o, &c.

XIII.

Gabhail aidhir na frith, &c.
A leigeil na'n cuilein,
'S a furan na'n fean chon,
'S e ba deireadh do'n fhuran ud,
Fuil thoirt air chalgabh,
Luchd na'n cèir geala ;
'S na m falluinin dearga.
I hurabh o, &c.

XIV.

Luchd na'n cèir geala, &c
Le d' chomhlain dhaoin uaifle,
Rachadh cruaigh air an Armabh,
Luchd aithneacha latha,
'S a chaitheamh na fairge,
'S a b' uirrin ga feòladh,
Gu feòlaid ann taraingt i.
I hurabh o i hoiriunn, o,
I hurabh o i hoiriunn, o,
I hurabh o i hogi ho ro,
Hi ri ri rithibh ho i ag o.

LUINNEAG *le* Callum *a* Ghlinne.

Mo Chailin donn og, 's mo nighin dubh thogarach,
Thogainn ort fonn 'sneo-throm gun togainn,
Mo nighin dubh gun iaraidh, mo bhriathar gun togainn,
'S gun innsinn an t aobhar, mu nach 'eil is gad thogradh,
Mo nighin donn og.

I.

GU bheil u ga bòich, bainndi, banail,
Gun chron ort fo'n ghrèin gun bhèum gun sgainnir,
Gur gile u fui' d' lèine na èatag na mara,
'S tha coire agam fein gun Chèile bhi ma'riut.
Mo Chailin, &c.

II.

Gur muladach me, 's mi'n dèigh nach math leam,
Na dheanadh dhomh sta aig cach ga mhalairt,
Bioidh t athair' acomhnaidh 'g òl le caithream,
'S è eolas na'n corn.a dh' fhag co-falamh.
Mo Chailin donn og.

III.

Na'm bithinn ag òl mu bhord na dithe,
'S gu'm faicinn mo mhian 's mo chiall a' tighin,
'S è'n copan beag donn thogadh fonn air mo chroidhe
'S cha tu gainn mo bhriathran nach iaruinn è rithist.
Mo Chailin, &c.

IV.

Bioidh bodaich na dùcha re bùrst 's re fanaid,
Cantainn ream fhèin nach gèill mi dh' ainnis,
Ge d' tha mi gun sprèigh tha tèud re tharaing,
Cha sguir mi do'n ol fhad as beò mi air thalamh.
Mo Chailin, &c.

V.

'S iomad bodachan gnù nach duraichd m' aithris,
Le theanall air ſprèigh 's iad ga threigſin a's t earrach,
Nach coſg ann ſa bhliadhna blaigh trian a ghalalain,
'S cha to'ir e fo'n ùir na's mù na bheir Calum.
Mo Chailin, &c.

VI.

Na'm bithinn air fèill 's na cèudun mar'ium,
Do chuideachda chòir a dh' òladh drama,
Gu'n ſuidhinn mu bhòrd 's gun traighin mo ſhearag,
'S cha du'irt mo bhean riabh rium ach Dia leat a Chalum.
Mo Chailin, &c.

VII.

Ge d' tha mi gun ſtòr le h òl 'ſle h iomairt,
Air bheagan do nì le prìs no min e.
Tha m' fhorton aig Dia 's e fialaidh uime,
'S mo gheibh mi mo ſhlàinte gu'm pàigh mi na ſhir mi.
Mo Chailin, &c.

VIII.

Ge mor le cach atà mi milleadh,
Cha tugainn mo bhòid nach òlainn tuillidh,
'S e gaol a bhi mòr tha m' fheòil a' ſireadh,
Tha 'n ſgèul ud re aithris, air Callum a Ghlinne.
Mo Chailin donn og, 's mo nighin dubh thogarach,
Thogainn ort fonn 's neo-throm gun togainn,
Mo nighin dubh gun iaraidh, mo bhraithar gun togainn,
'S gun innſinn an t aobhar, mu nach 'eil is gad thogradh.
Mo nighin donnog, &c.

Do

Do Thigearna Chlannraonuill, *le*-Mac Dhu'bhaill Mhic Lachuinn.

LUINNEAG.

Tha tighin fotham, fotham, fotham,
Tha tighin fotham, fotham, fotham,
Tha tighin fotham, fotham, fotham,
Tha tighin fotham eiridh.

I.

SID an t ſhlàinte chùramach,
Olamaid gu ſunatach i,
Deoch ſlàinte an Ailein Mhùideirtich,
Mo dhùrachd dhut gun èirich.
Tha tighin, &c.

II.

Ge do bhiodh tu fad uam,
Dheireadh ſunnt a's aigne urm,
'N uair chluinninn ſgèul ab aite leam,
Air gaiſgeach no'n gniomh èachdach.
Tha, &c.

III.

'S iomad maighdiunn bharaſach,
Ga math da'n tig an earraſaid,
Eadar Baile a Mhanaich,
Agus caol Bharaidh 'n dèigh ort.
Tha, &c.

IV.

Tha pàirt ann ealain bheagram dhiù'
Cuid ſan Fhrainc, 's an Eadaillt dhiu'
Cha n'eil latha teagaiſg,
Nach bi'n Cille-pheadair trèud dhiu'.
Tha, &c.

V.

'N'ar chruinnicheadh am Bannal ud,
Brèid caol ann càradh crannaig orra,
Fallas air a malainin,
Re dannsa air urlar dèile.
Tha, &c.

VI.

'N uair chiaradh air an fheasgar,
Gum ba bheadarrach do fhleasgaichin,
Bhioidh pìoban mor ga'n spreigeadh ann,
A's seudanan ga'n Glèusadh.
Tha, &c.

VII.

Sgiobair re la gaillinn u,
Sheoladh cuan na marunnan,
A bheireadh long gu calachan,
Le spiunnadh glac do threin-fhear.
Tha, &c.

VIII.

Sgèul beag eile a dhearbha leat,
Gur sealagair sithne ann garbhlach u,
Le d' chuilebhair, caol nach dearmadach,
Air dearg-ghraigh na'n ceann èa-trom.
Tha, &c.

IX.

Be sid rn leoghunn aigeantach,
'N uair nochdadh tu do Bhaideilin,
Lamh dhearg a's long a's bradan,
'N uair a lasadh meanmnadh ad t èudunn.

LUINEAG.

Tha tighin fotham, fotham, fotham,
Tha tighin fotham, fotham, fotham,
Tha tighin fotham, fotham, fotham,
Tha tighin fotham eiridh.

DUANAG *le* Alastair Mac Dhonuill, *air fonn* Banarach *dhonn a chruigh e.*

An LUINNEAG.

A Bhanarach dhonn a chruigh,
Chaoin a chruigh, dhonn a chruigh,
Cailin deas donn a chruigh,
Cuachag an fhasaich.

I.

A Bhanarach mhìogach,
'S è do ghaoil thug so chìs me,
'S math thig làmhuinnin sìoda,
Air do mhìn-bhosan bàna.
A Bhanarach, &c.

II.

'S mor ba bhinne a bhiodh t èsteachd,
'N àm bhi bleoghun na sprèadh-a;
No'n smeòrach 'sa chèitein,
'M bar gèig ann am fas-choill.
A Bhanarach, &c.

III.

'N uair a sheinneadh tu'n coilleag,
A' leigeil marst ann coillidh,
Thàladh eanlaidh gach daoire,
Dh' èisteachd caoirill do mhàrain.
A Bhanarach, &c.

IV.

Ceòl faraslda, fìr-bhinn,
Fonnar, faramach, dìonach,
A sheinn a Cailin donn fìneallt',
Bheireadh bìogadh air m' àirnin.
A Bhanarach, &c.

V.

Ge do b' fhonnar an fhiùghall,
'S a teudan ann ritheadh,

'S è

'S è bheireadh dannsa air gach criodhe ;
Ceol nighin na h Airidh.
A Bhanarach, &c.

VI.

Tha deirg' agus gile,
A' gleachd ann gruaidhin na * Finne ;
Beul mìn mar an t shirist,
Da milis thig gàire.
A Bhanarach, &c.

VII.

Dèud snasna na rìoghuinn,
Snaite, cruinne mar na dìsnin'
Gur h i an donn-a-gheal-ghlan smìdeach,
'S ro mhìg shuileach † fàite.
A Bharanach, &c.

VIII.

Chuireadh maill' air do lèirsinn
Ann a maduinn driuchd chèiteoin,
Na gathanan grèine
Thig o teudchul cas fàineach.
A Bhanarach, &c.

IX.

'S ciatach nuallan na gruagaich,
Re bleoghun cruigh ghùaill fhinn,
A' toirt torrman air cuachaig,
'S bothar fhuaim aig a clàrabh.
A Bhanarach, &c.

X.

'S taitneach siubhal a cuailein,
Ga chrathadh mu cluasabh,
A' toirt muidh' air ‡ Seist-luachrach,
'N tigh-buaile, 'n gleann fasaich.
A Bhanarach, &c.

XI.

* *The Fair one.*
† *Smile.*
‡ *A Bed of Rushes.*

XI.

A muineal geal bòidhach,
Mu 'n iathadh an t òmar,
A dhath fèin air gach feòrfa,
Chìt' a dortadh tre bràghad.
A Bhanarach, &c.

XII.

Da mhaoth bois ba ghrinne,
Fui' 'n dà ghaoirdein ba ghile,
'Nuair fhìnt iad ga h innealt',
Gu finin cruigh fhàfgadh.
A Bhanarach, &c.

XIII.

Gu'm ba mhòthar mo bhead'rach,
Teachd do'n bhuaile mu eadradh,
Seamh fult-chorpach beitir,
'S buarach greafadh an àlaich.
A Bhanarach, &c.

XIV.

Glac-gheal ab'àrd gleothar,
A' ftealladh bainne 'n cuaich bleoghun,
A' feinn na'n luinneag bog fheothach,
A' togail codhar ri Blarich.
A Bhanarach, &c.

XV.

'Nuair a thogadh tu bhuarach,
Cuach a's curafan na buaile,
B'ao-coltach do gluafad,
Re guanaig na fraide.
A Bhanarach, &c.

FAILTE *na moirthir, le* Alaſtair Mac Dhonuill.

An LUINNEAG.

Heitirin àrin, urin o ho ro,
Heitirin àrin ho ro.

I.

FAILT Ort fèin a Mhoir-thir bhòidheach
Ann ſann òg mhìos bhealltuinn.
Heitirin, &c.

II.

Grian-thìr or-bhuidh 's uaine còta,
'S froinneadh ròs re h alltabh.
Heitirin, &c.

III.

Le biadh 's le dibh a' cur thairis,
Bha dèid Earrach teann orra.
Heitirin, &c.

IV.

'S inach lurach ſlios a tulach,
'S duilleach mullaich chrann inte'.
Heitirin, &c.

V.

A choill gu h uilidh fo làn duillich,
'S i na culaidh bhainnſe.
Heitirin, &c.

VI.

'S bainneach, bailceach, braonach, glacach,
Bruachan tachdrach allieort.
Heitirin &c.

VII.

'S lionach, ſlatach, cuibhleach, breacach,
Seile ghlas na'n ſamhnan.
Heitirin, &c.

VIII.

VIII.

Mor-thir ghlan na'm bradan taragheal,
'S airgideach cuir lann orra.
Heitirin, &c.

IX.

Tìr lan fonais, faor o dhonas,
Gun dad conais drantain.
Heitirin, &c.

X.

Seirceach, caidreach, gun dad fladachd,
Saor o bhraid 's o anntlachd.
Heitirin, &c.

XI.

'S àluinn a beinnin 'sa frarthin,
'S aoibhinn dath a Gleanntuin.
Heitirin, &c.

XII.

Graighin deargoa' tàmh mu fhrich,
Eilid bhireach 's mang-aice.
Heitirin, &c.

XIII.

Boc air daradh timchill daraig,
'N deigh a leannain cheann-deirg.
Heitirin, &c.

XIV.

Coilich choille 's iad re coilleig,
Ann fan doier chranntail.
Heitirin, &c.

XV.

Cnodhach, caorach, dearcach, braonach,
Glasrach, raonach, aimhneach.
Heitirin, &c.

XVI.

'S deiltreach, laomach, meiltreach, caoineach,
A fuinn mhaoineach leamhnach.
Heitirin, &c.

XVII.

XVII.

'S cùbhraidh ſuthan, 's badach luighin,
Ris a bhrudhainn ainn-teas.
Heitirin, &c.

XVIII.

'S fèurach, craobhach, luideach, gaolach,
An tir fhaoilidh ſheannſail.
Heitirin, &c.

XIX.

Grian aig èiridh 'g òradh ſlèibhe,
'S beachuinn ghèug re ſranntraich.
Heitirin, &c.

XX.

Seillin ruadha diogladh chluaran,
'S mil ga buain le dranntan.
Heitirin, &c.

XXI.

Breac le ſulas lèim a buinne,
A' rith na'n cuileag greannar.
Heitirin, &c.

XXII.

Bàr gach tolmain ſo bhrat gorm-dhearc,
Air gach borrachan alltain.
Heitirin, &c.

XXIII.

Luiſein chùbhraidh a mach a brùchdadh,
'S cuid dhiu' cùl-ghorm bainn-dearg.
Heitirin, &c.

XXIV.

'S ceòlar aoibhin bàr gach gèige,
'Sa 'n eòin fèin a' danns' orra.
Heitirin, &c.

XXV.

Crogh air dàir am bàr an fhàſaich,
An fheòir nach fàs gu crìonntidh.
Heitirin, &c.

XXVI.

XXVI.

'S iad air theas a' rith le m buaraich,
'S te le cuaich ga'n teann rith.
Heitirin, &c.

XXVII.

'S mifrach, cuachach, leabach luachrach,
Dol gu buaile a's t fhamhradh.
Heitirin, &c.

XXVIII.

'S ònach, uachdrach, Blàthach, cnuachdach,
Lonn na'm buachall annta.
Heitirin, &c.

XXIX.

'S imichdeach, gruthach, meogach fruthach,
An iomairich fhubhach, fhlambach.
Heitirin, &c.

XXX.

Deoch gun tobhas dol mar comhair,
Gun aona ghlothar ganntair.
Heitirin, &c.

IORRAM.

I.

GUR neo-aoigheil turas faoilich,
Ge d' bhiodh na daoine tàbhachdach.

II.

An fhairge molach, bronach, tòr bhrach,
Giobach, corrach, ràpalach.

III.

'S cruaigh ri fhiuradh bial-mhuir dhùldaigh,
Teachd le brùchdail chàrfanach.

IV.

Cladh a chùlain cha b'e n fùgradh,
'S e ri bùren bàchdanach.

V.

An culannach fein cha nè s faſa,
Agus laſan àrdain air.

VI.

Teachd gu dlu'n dèigh a chèile,
Agus gèimrich dàr orra.

VII.

An ſhairge phaiteach, a bial farſuing,
Agus acras àraidh orra.

VIII.

'S mairg a choimis muire re mòintich,
Ge d' bhiodh mor-ſhneachd ſtràchd orra.

IX.

Neòil a' gealladh oiche ſhalach,
Gun aona chala ſàbhailte.

X.

Dùbh-ra-dorcha gun dad gealaich,
Oirthior an-fhòil àrd-chreagach.

XI.

Gaoith aig ſheideadh, muire 'ag èiridh,
'S fear ag èabhach àrd-guthach.

XII.

Sid e' tighin 's cha nann righin,
Cròch-mhuir, friothar, bàſanach.

XIII.

Cum ceann caol a fiodha direach,
Re muir dìothlunn, dàſunach.

XIV.

Ach dhaithnich ſin gun ſheol ſinn fada,
A mach ſan taiff 's ba ghabhaidh ſin.

XV.

'S leag ſinn a croinn is' a haodach,
'S ba gniomh dhaoine càileachdach.

XVI.

'S chuir ſinn amach cliathun rìghne,
If ba ghrinn an t àlach iad.

XVII.

XVII.

Is ſhuidh orra ochdar, ſhonna troma,
Is ſgoilleadh tonnun ſtàplinneach.

XVIII.

Haig air chnagabh, hùg air mhaidin,
'S cogul bhachd air t àbranabh.

XIX.

Iad a moſglodh ſuas a chèile,
'S maſga trèun air ſàil aca.

XX.

Sgeanun lochdrach ràmh a Lochluinn,
Bualadh boc air bhàr-linnin.

XXI.

Iad a' traoghadh ſuas na dìoluinn,
Le neart fìor-gharg ghàirdeinin.

XXII.

Cathadh mara is marcachd-ſhìne,
'S ſtoirm na ſìon, da n ſàrachadh.

XXIII.

Laſraichin-ſrad teine ſiunnachain,
Dearg o'n iumragh chàileachdach.

XXIV.

Iad ag obair as an lèintin,
Hug is thèit da ràdhuinn aca.

XXV.

Iorram ard-bhinn ſhuas aig Eamun,
Ann an clèth ràmh bràghad-a.

XXVI.

Aonghas mac Dhonnachaidh da rèirſin,
A rì' ba trèun a thàirneadh è.

XXVII.

Donnachchu mac Uaraig a luagh leo,
'S b' fhada buan a ſpàlagun.

XXVIII.

Bha fuaim aon-mhaide air chlèth ac'
B' bualadh ſpèicin tàbhachdach.

XXIX.

Raimh dam pianadh 's fir dan ſpianadh,
'N glachdadh iarnadh àrd-thonnach.

XXX.

Gallain chiatach, leògh-ar-liaghach,
'S Fuirbi diann dan ſàrachadh.

XXXI.

Lunnun mìona, 's duirn dan ſìneadh,
Seile ſìos air dhearnnachun.

XXXII.

Muir ag oſnaich ſhuas ma toiſheach,
Chuip-gheal, choip-gheal, ghàir-bheuchdach.

XXXIII.

Suas le ſgùradh ſaidh re bùirein,
Le ſìor dhùrachd ſàr-iumaraidh.

XXXIV.

Slaubhraidh chuirneineach ri dùirdil,
Shios rinn ſtiur a fàgail ann.

XXXV.

Gaoth na deannadh 's i ri feannadh,
Na'n tonn cen-fhionn ràſanach.

XXXVI.

Na fir luthor an deigh an rùſgaidh,
A' cur ſmùid dheth an àlaichin.

XXXVII.

Chaoidh cha mhitiche a miſneach,
Na fir ſgibidh thàbhachdach.

XXXVIII.

Riogh an eagaill Neaptan ceigeach,
Ri ſior ſgreada, bàthar ſibh.

XXXIX.

Gu'm b'fhà' uabhuinn muir re nualraich,
'S catha cuain a ſtràcadh orra.

XL.

Ghuidh an ſgioba geur na dùilin,
'S thuair an ùirnidh gràſadh dhoibh.

XL.I

XLI.

'Smachdaich Eolus na ſpèirin,
'S a bhuilg ſhèididh àrdghaothach.

XLII.

Gun d' rinn Neaptan fairge lomadh,
Mar bhiodh gloine ſgàthan ann.

XLIII.

Sgaoil na neòil bha tònghorm dìor dhubh,
'S ſhoillſich grian mar b' àbhaiſt dith.

XLIV.

'S mothaich an ſgioba do fhearuinn,
'S ghlachd iad cala ſàbhailte.

XLV.

Gabh iad pronn, is deoch, is leaba,
'S rinn iad cadal ſamhach orra.

Do Shir Jain Mac Ghilleoin *triath Dhubhairt, le* Jain Mac Ailein *an t aos-dàna.*

I.

IUMRAICH mo bheannachd,
Gu Bainn-tighearna Hamair,
Bean am bhuil barrachd,
Do charantachd nàdoir:
Chunairc miſe gu dliothoil,
A ſuilin re ſnithe,
'S i 'gàireamh mar mhio-agh,
Sior Jain da fàgail:
Bha dòirinn a criodha,
Cho mòire ga ruighuinn,
'Smar gu m biodh air tighin,
O dhearbh nighin a màthar:

Go cronnachan ſgèula,
Bhiodh fada 'na dhèigh ſin,
Thug maiririad na fèile,
Spor ghèur do'n fhear-dhàna.

II.

Nach iunadh re chlaiſtin,
Gu bhuil miſe o chinn fhada,
Ann an turcadaich cadail,
Agus m'acaid ro-chraiteach ;
Tha cneidh air mo ghiulan,
'Smi leiſg air a dùſgadh,
Air eagal le a bùrach,
Gun ùraich i'm bàs dhomh,
Ga dheigh cha ſgeul rùine,
Ach ſgeula 's mor cùram,
Shir Jain gun dùſgadh,
Ann dlùth chiſte chlaridh ;
B'e ſo ar fras dhùbailt,
A mhill ar n abhull's ar n ùbhlan :
A Roinn ar doſgaidh a chrùnadh,
Fhroiſh am flodr bhàr a ghàraidh.

III.

B'e fèin ar crann doſrach a chomhdaich le choſlos,
Gur a coìlltichin ſolta 'n dfhas toiſeach a ſhreamh
Gun dreathunn gun chrìonach,
Gun chrithin gun chrìn-fhiodh,
Ach geugun ro phrioſoil,
Do dh fhìon-fhuil na ſpàinte,
Bha fios aig luchd lèabhaidh,
'S aig ſeanachunin gèura,
Air ar teachd o Ghathèlus,
As an Eaphaid a thàinig,
Sliochd mhilinin trèuna,
Thuair ceannas na h Eirinn,
Mar bha t bhir na fèile,
Agus Eirimon dàna.

IV.

IV.

O'n ghin ſibh o Scota,
Bha bhuaigh air ar cordis,
A' dearbhadh 's a còmhdach,
Am Pòr as an d' fhàs ſibh,
Far an gabhaidh ſibh còmhnuidh,
Ba liobh ceannas na fòid ſin,
Le uimaididh còraich,
Agus moran a bhàr air,
Ciad nighin Mhich Doùmhnuill,
Mar mhairriſte poſta,
B'e n ſheneiraïl comhraig,
'N ciad Thòiſich is àrmainn.

V.

O'n ſhuithich ſibh lùth-chuirt,
Bha dhàileachd 'nar n ùrais,
Gur h iumaircach Dù'ich,
Bh'air an cùinneadh le pairt dhibh,
Bha do dh àirde 'nar giubhſaich,
'S nach tugadh càch pùic dhibh,
'S nach ba tric le luchd diùma,
Ar luba' le tàire,
Ach 's e n rud a thug ſgiùrs oirbh,
Gum b' aicme le crùnn ſibh,
'S gum b'e dliogh bhar dùchais,
Bhiodh an tiùl dheth 'm biodh iad ſin,
Ge d' bha ſin ann ſa tìom ſin,
Na mhios 's na mhor mhiſlin,
Tha e nios gu truagh lìonnte,
Daor trì-fillte pàite.

VI.

Tha ſeann fhocall eile ann,
Tha coi-fìor 's mar a their iad,
Ge b'e neach air am beir i,
Gum biodh chneidh dheirghineach craiteach,

Ge

Ge d' tha ſinne ri achdain,
Na dh fhalbh o chinn fad orinn,
Bhiodh ar dùil re bhi' beirteach,
Na m biodh aguinn na dh fhàg ſin,
Ach tha ar nador choi-truaighe,
'S nach faichd ſinn ar buannachd,
Cha lèir gainibh an fhuarain,
Gus an uair ſinn an tràighe e,
Tha e nìos na ni' ſoilleir,
Da'r nàbuinnin comuinn,
Gun do bhriſteadh mor phronnaig,
Garadh droma na n Gàidhil.

VII.

Fear gaſta gun chrìne,
Bha ainmeil ſan Rioghachd,
Cha ba tric a luchd mio-ruin,
A n innſe na n àireamh,
Ba chompanach Rìogh u,
Am fear meamnach moir fìorghlic,
Cha n fhaicte e fuidh dhìobradh,
Ach am prìoſalachd ſtàite,
Ann an cogadh luchd ſtrìthe,
Cha raibh maſl air ri innſe,
Ghleidh e onoir a ſhinnſridh,
'S ann a mhiodaich è n àirdahd,
Cha raibh e, cha b' fhiach leis,
Bhiodh falbh fuidh bhrat fillte,
Eadar e bhiodh na mhinor,
Agus fìnid a làithin.

VIII.

Bha e mor ann a miodachd,
Bha e mor gu bhi' Rioghail,
Bha e mor ann an grìde,
Ann am fìrinn 's an càirdis,
Ba mhor e ri fhaichdinn,
Ba mhor air gach achd e,

Bha

Bha mhor e na phearsuinn,
Na ghastachd 's na ailleachd,
Bha e mor ar son diumh-laoich,
Bha e mor gu bhiodh sùgach,
Bha e mor air dheagh ghiùlan,
Ann an cuirtinn àrda,
Bha e mor ann a misnich,
Bha e mor ann an gliochdas,
Bha e mor gun cheist idir,
'S fàr ghiobhtunnun nàdar.

IX.

Na m biodh e re fhuasgladh,
On bhàs a thug buaigh air,
Gur a hiomad Laoch cruadail,
A ghluaiseadh 'na abhar,
An t ainm coithchionta mor sin,
Re'n gairte Clann-Dòmhnuill,
O thoiseach an còrdis,
'S iad ba phòr da chiad màthair,
Agus uaislin nan Leodach,
Thaobh fola agus feola,
Mar lànoin ur phosta,
Leis 'm ba deonach bhi' gràdhach,
Choncas mar phuthar,
An gruaidhin air dubhadh,
Mar gu n deanadh làn phiuhar,
Geur chumha ma brathair.

X.

Cia man faguinn ann dìo-chuimhn',
Dream eile da dhìslin,
Bha na cinn ba mho pris dhiubh;
Ro dhìlis am pàirt dhuit,
Fir ghasta gun chrine,
Bha ainmeil 's an rioghachd,
Mar bha'n cinneadh mor prìosoil,
So shiolaich o Bhàn chu,

O thoiseach

O thoiſeach an dualchais,
Cha raibh ſmal air an cruadal,
Ach m beagan beag ſuarach,
So fhuair iad an tràſa,
'S e n tabhar a lot ſinn,
Nach e gniomh a bha dochdach,
Ach an deirbhe mhio-fhortan;
Bha'n toiſeach 's an àbhair.

XI.

Na m b'aithne dhomh innſe,
Bha e mor ann ſan rìoghach,
Ann am folachd gun iſle,
'S ann an lìonaireachd chàirdin,
Le ſeanachas re fìrinn,
O thoiſeach an lìnne,
'S e fèin 's Iarla Sèofard,
Sliochd dìreachd dà bhràthar,
Agus triath Ghlinne-garaidh,
Ann an dlu-cheangal fala,
E choi-teann air a cheangal,
'S nach a ſgaradh a b'àill leo,
'S e leantuin o'n tìom ſin,
Gun mhioſgunn gun mhìorun,
'S nach gluaſir le h-inleachd,
Gu dìlinn 's gu bràth e.

XII.

Ba cheart ſheannachas, 's cha tagradh,
Thaobh falachd is caidreamh,
Dhuit Caiptin Chlanra'uill,
Do cho'ſ-nàbhaidh taitneach,
'S do chompanach leapa,
N am marcachd is aſtair,
'S n uair ſtada am Màrſhal,
Bha u ad t fhianais air ſileadh,
A chrèachdun, choi-mire,
Re bras eafraich pinne,

'S a

'S a Spiorad 'ga fhàgail,
Agus uaillin a Dhucha,
Re caoidharan tùrsach,
'S an croidh air a chùradh,
Ma mhuirnein nan Gàidhil.

XIII.

Thaobh dlith agus dualchais,
Ba dimheil mad'ghuaillibh,
Mac Nèil o na cuantaibh,
'S a dhaoin uaisle gun tàire,
'N uaire a dhèireadh oirbh trioblaid,
'S ann da iunsaidh a thigeadh,
Le iartas choi-bige,
Re Litir a làimhe,
Chonairc cach è coi-soilleir,
Teachd le cabhlaichin troma,
Na choinnibh do dh Aros,
N uair a thachradh e riubha,
Mar Thriath 's mar cheann-uith,
Dheanadh fìontaidh iad subhach,
'S bhiodh iad buitheach da fhàgail.

XIV.

Mar fhrìdim do Fhlaithis,
B' ann do ranntuin a mhaithin,
Mac Cuinn an t shratha;
'S cha ghabhadh e fàth air:
Ann an Aimsir na ruaige,
'N uair a ruigeadh luchd fuath u,
Ba ghasta an ceann sluagh e,
'N uair a ghluaiste leis Armuinn:
Bha eisin 's an tìom sin,
Gun mhasla, gun mhi-chliu,
Ann am fochar a shinnsridh,
Le gnìomharadh dana;

Nois o chaochail iad cleachda,
As an àite ba cheart doibh,
Chluinn fiobh fein mar a thachair,
Dhoibh s a Bhatal ud Mhàra.

XV.

Ach 's e raghuinn a nì mi,
Bheir mi gloir fo gu finid,
'S nach gliochdas no criondachd,
Dhomh mhiad 's tha mi 'gràdh a,
Gur a Fionaichd fan tiom fibh,
Ann an àireamh na n Innfin,
'N uair a bha fibh gun dìobradh,
'N ar mìod is nar Airde,
Eadar fcalpa 's caol-ìle,
Ge do b' fharfuing na crìochan,
Bha roinn do gach tìr dhiubh
Fuidh chios duibh a' pàighe,
Nios o thuit na ftuic fhion-fhuil,
Ris an abairt na Rioghraidh,
Tha na gèugun ba dìlfe dhoibh,
Air crionadh 'n a'n Abhar.

RAINN *le* Domhnul Frioſal *air dha bruadar air* Inghein *do* Fhear Thalaſcair.

CODAL dhomſa air tulaich uaine,
Air taobh tràghad re là luaine,
Choncas Inghin chaomh-chruth-ghaſda,
Ann earradh do'n t ſhròl dhaite uam,
Dh fhioſraich miſe am briathrabh ciùne,
Do ghèige mhaiſich na'n roſg mall,
Iunadh leam u bhi na d'aonar,
Ann am fàſach na faon ghleann,
Fhreagair iſe am briathraibh filidh,
Mine, moidinn, gu blàth binn,

Tha

Tha rioghuinn eile ann a m' fhochar,
'S cha d'fhuair aon fhear tochradh linn,
Deilbh na dìos a chonairc mise,
Nior chum nàdor roimhe riamhh,
Do dh fhàg dealra an cruath solais,
Mo dhà shùil gun amharc cian,
Geal am muineil bàn an dèid,
Gorm an suil, ro dhearg an gruaidh,
Aiteil an òir dan ciabh caf-bhuidh,
A bhuin mo croidh air aiseag uam,
Ruisge ghàireachdaich làn do mhaise,
A mhealladh ghaoil do bhi' na n ceann.
Da mhalaidh chaoil air dheagh chuma,
Thàladh gràdh gach duine tha'r leam
Ciochan geal air uchd mar aoilinn,
Glacan bàna, bruinne seang,
Troigh chuimir is calpa gasda,
Miann sùl; air nach faighte meang,
An tu Bhènus na n tu Jùno!
Na'n tu Helen thu o'n Traoi!
Mise Seònait o Thòr siante,
Inghein Eachuinn na'n cuach òir,
Sid i Fionnaghail o Dhùnbla'bheinn,
Dàn nan Riogh am b'ard guth ceòil,
Buidhin chèillidh le deagh bheusabh,
Air nach ceil fhir turri pòg,
Re ham laidhe suas air leabaidh,
Saoilim nach tiom codail dòibh.

MARBHRANN Alastair *uaibhrich, Mhic* Philip *Riogh* Mhacedonia, *le ceathrar a thainig air Uaigh.*

CEATHRAR thuic air uaigh an Fhir,
Air tiort Alastair uaibhrich,
Do chan iad briathun gun bhreug,
Os cinn na Flatha fir-Ghrèige.

I.

Dubhairt an ceud fhear dhiobh,
Do bhà iad an dè man riogh,
Fir an Domhain-Truaigh an dàil!
Ge d' tha e niugh na aonaran.

II.

An dè riogh an Domhain dhuinn,
Na mharcaich air an talmhuinn thruim,
Giodh è an talamh ata niugh,
Na mharcaich air a mhuin fin.

III.

Dubhairt an treas ùdhir glic,
Bha n Domhan an Dè aig M'-Philib,
Ach an niugh cha neil aige,
Ach feachd troighin do thalamh.

IV.

Alaftair mear, muirneach, mor,
N dè, phronnadh airgid is òr,
An niugh deir an ceathra fear,
So an t or c'àit bheil eifin,
Alaftair crann os chrannabh,
A' Ghrian os na reullanabh,
An t òr os gach fèud glan,
A' miol-mor os na hiafgabh,
An leoghun os na hainitibh,
An Fhirinn os na hianlaidh,
Sliabh fion os na flèibntin,
Strnth fhair gach ftruth, ftruth Jordain,
Lèug lomhghar os gach airtin.
Mhuir mhor os na mìn-fhruithin,
Aon fhear os fir na talmhuinn,
Ach riogh neamh is naoimhe tailgin,
Riogh na treine is na tuinnidh,
Riogh nan cèudan fluaigh na cruinne,
Còmhradh nan ùdhdair gur fior,
Ri faicinn uaigh an àrd riogh,

Ni

Ni b'ionunn is bao-ghloir bhan,
A chanadh leis a cheathrar.

CUMHADH *do dh* Alaſtair *donn le a Bhrathair.*

I.

STROM an lùchd ſo th'air m'inntinn,
Agus m'uirſgeul re innſe gur truagh,
Thriall mo ſhùgradh 's mo mhànran,
Lion tùrſa 'n a àite mi's gruaim,
Tha mo choill air a maoladh,
'S ni ſoilleir a ſhaoil air mo ghruaidh,
'S tearc mo ſhochdair re fhaoitinn,
O'n la ghlachda le aog u co-luath.

II.

'S ann a chead la do nearrach,
Bhual an t èug orm a ſpealadair lom,
Bhriſt air ubhlan mo ghàraidh,
Leag e m'abhull fuidh bhlà bhar a bhonn,
Riumſa bhuin e neo-fharaſt,
'N uair thug e uam Alaſtair donn,
Mo chruas iomairt 's mo chearraichd,
'S truagh dhùinne nach tearuinn ſinn bonn.

III.

'S e do chàradh fuidh eiſlig,
Rinn mo chràladh fuidh aſnuch mo chlèibh,
Chuir mo chriodh as a chochull,
Chor 's nach ſuithich è ſochdair na dhèidh,
Gur luaithe le bhuillin,
Na mar ghluaiſis an duilleach air ghèig,
Chuaidh mo ſhlàinte gu mearan,
Cha neil fèim bhi' ga ghearan ri lèigh.

IV.

'S e bhi' ſtrachdadh air tuillinn,
Chuu mo ſhlàint' ann an cuntart bochd fann,

Am breiſlich bhàis bhi' ga d' amharc,
Ghreis tre m' àirnin an t ſhaibhid gun cham,
Bhris an t ſhrian bha re m' aigne,
Dh' fhalbh mo chial chaidh fath m eaguill air chall
Chuaidh mo ghearraidh gu neoinedh,
Beairt a rèubaidh mo ſhonais a bh'ann.

V.

Dhia ollanaich fein mi,
'S mi'n deadhaidh mo cheille bhun dìom,
O n la bhuinnig an t èug dhiom,
An Tì 's mo fath m' oibhnis fuidh Chrìoſt,
Tha mo bhun ann ſan trèun-fhear,
A d' fhuiling a chèuſadh da'r dìon,
Ga bheil t annam am Phàrais,
'S b' è bhi' mariut a' màireach mo mhian.

VI.

Tha gach Duine do d' chàirdin,
Mar ri' d' mhuime 's re d' bhra'rin fuidh bhròn,
'S an aon a Phiuthar a dh fhag u,
Re ſior chumha 's re fàſga nan dòrn,
Ga bheil fios aig an Ard riogh,
Ga nach fioſraiche càch mar a leòn,
Gach ti tha mi ' ràitin,
Ga bheil an criodhachun cràiteach ni 's leòir.

VII.

'S beag a t iùnadh mar thà iad,
Mar mhuir reobhairt air tràgh adh le deòir,
Cha b' è gàrlaoch an fheachda,
Bha ſibh 'g àireamh bhi' aguibh mar threòir,
Ach fòghlam, cruadal is cleachda,
An fhir-thrèin ba mhor tapadh ſan tòir,
Da m bà leannan an uaiſle,
Ann ad leanabh ; 's gun d fhuair u i òg.

VIII.

B' e fid Iuran na Glaine,
Bha gu fiùntach fearail a' fàs,

Muirneach,

Muirneach, iriosal, suairce,
Sùgach, binn fhochdlach, buaghach s gach càs,
Fear do choimos cha chualas,
Thaobh gach subhailc bha fuaite re d' ghnàs,
D fhag u uile fuidh ghruaman,
Gach tè chunairc no chuala do Bhàs.

IX.

Bha do thrèabhantas ullamh,
Ann 's gach feim ann an cuire tu làmh,
Chor 's nach Cùbaire b'urra,
Cuish a bhuinnig do n churaidh gun sgàth,
Ge do theireadh luch mascuill,
Gur h i bhrèug cuid is ceairt tha mi ràdh,
Dhearbh u fein a bhiodh tapaidh,
Ge do dhèire dhomh tachairt a'm' thàmh.

X.

Fhuair u tuisge an deagh nàdair,
Agus gliochdas o àrd riogh ann dùl,
Ann an cèil bha u labhara,
Ann an cèudfunnan flathoil bha u,
Ann 's gach ceairrd bha u coisint,
Ga neo-ardanach foistinneach ciùn,
Ort re àireamh ba deacair,
Cron an' càileachd am pearsa no n cliu.

XI.

Shuidhich t inntinn air cheartas,
Air chinnte fhir reachdair so dh èug,
Leish gach tì bha u taitneach,
Iochdair, caomh-chairdeach, ceart ann s gach feim
Gu fial, furanach, nàrach;
Riamh mar chuiridh neo-sgàthach gun bheud,
Leoghan fir-fhiach-ail tapaidh,
Teoth-chriochach, irisil, macant'am bèus.

XII.

Thriall gach iochdair bha agum,
Chuaidh mo chòmhnuidh 's mo chadal an laòid,

Tha liun dubh agus airſteal,
Da m tharuing gu leabaidh na m ſhlaod,
Ga m ſhior ruagadh na m ſhlapan,
Dhainndeòin cruaidail na tapaidh ga m faòd,
Tha ma ghualadh gun taice,
On la bhuaile tu ſhlachdan an aoig.

XIII.

Chuaidh mo ſhugradh fuidh lithe,
Gur ciurte tha mo chriodh ann m' chom,
Oſnaiche thurſach da m theirbheirt,
Blas mo chupain gur ſeirbh e na'n tonn
Thir a chruthaich mi'n cèuduair,
'S a tha ſtiuradh na rèult os ar ceann,
Orm fuirtich, s cluinn fèin mi,
'S tog an luchd ſa th'air minntin gu trom.

CUMHADH *do* Ghileaſpaig Caimbeul Iarl' Earraghaidhil, *a chuaidhe dhith-cheannadh ann* Duineiduin *am bliadhn ar Tighearna* 1685. *Leis an Aoſ-dana.* MAC ITHICH.

I.

THA ſgeul agam dhuibh re innſe,
'S cha chuis ghaire,
Cu'n d' chuireadh ceann taichde na'n Gàidhil,
Ann ſtaid ioſail.

II.

Co chumas coir ris an anfhann,
'S è na chruadhaig,
No chuimeas caſg air gach an-a-gna,
Tha teachd nuadh òrinn.

III.

Co chumas còir ris an Faglais,
Dh'fhas i dorcha,
No chumas a ſuas luchd teagaiſg,
Ris na borbadh.

IV.

IV.

Co chumas an creideamh cathara,
Suas gu treorach,
'S nach d' fhuair Gileaſpaig ceud èiſteachd,
Ann taichd còrach.

V.

Co chumas taigheadas greunnach,
Gu buan faoilidh,
'S nach taghail ad n t Iarla Duibhneach,
'S a dùn-aorach.

VI.

Raghuin na'n Albanach uile,
Do'n àrd thineach,
A dhaoine na'm bioidh ſpeis do dhuine,
'S bèud a mhilleadh.

VII.

Iarla duaiſ-mhor earraghaidhil,
Garg an Leoghan,
Ba mhor an croidhe dh' fhearabh Albann,
Fhuil a dhortadh.

VIII.

Dhaoine ge do fhuair ſibh àite,
Os ceann Cùirte,
'S olc a chuir ſibh gliochdas Alba,
Gu ſùrd mhillte.

IX.

Ge do ſtrachd ſibh coir gun cheartas,
'N taichd bhar mio-ruin,
Theaga gun tig la nach fhaſadh,
Dhuibh da dhìoladh.

X.

Fhuair an fhuil uaſal a cèaſadh,
Mar fhuair Ioſa.
Ge nach coimeas ſud re chèile,
Fèudar innſe.

XI.

XI.

Mo thruaidhe 'nochd do luchd leanmhuinn,
'S faoin an ſeaſadh,
Tha gach duin' aig gabhail gèill dhiu'
Dh'èug Gileaſpaig.

XII.

Dh'èug an tuiſge dh'eug an aithne,
Dh'èug an ceanngſcall,
Dh'èug an crann dlioghach treun talmhaidh,
Dh'eug an ceann-math.

XIII.

Beannachd led t' anom am pharais,
'S fiach do chuimhne,
Gun togbhadh Dia ſuas bhur n Allach,
A Dhream Dhuibhneach.

XIV.

Dhream bheadarach, bhuaghach, bhàghach,
Mheurach, mhuirneach,
A labhradh gu foiſtineach, fìr-ghlic,
Brìgh gach cùiſe.

XV.

Sud a chlann is uaiſle fineadh,
Na'n ſtèud mearadh,
Rè-bheirtich an iùl ſa'n Aithne,
Chlann ud uile.

XVI.

Ge b'e dh'aithriſe mo ſheanachas,
Le mion chuimhne,
Co's mò tuiſge air dhruim talmhuinn,
No clann Dhuibhneach.

XVII.

Blàth a dh'fhàs os ceann gach fine,
Gniomh gun ghainne,
Ceann cèille, clèir agus ſgoile,
An Leibhidh uile.

XVIII.

XVIII.

'S ioma Leoghan a's Triath duineil,
A's ceann buidhne,
Do 'n t ſhliochd Iarlail a ſhlioch Dhiarmaid,
Mhic o Duibhne.

XIX.

O Dhiarmaid a thainig ſibh uile,
Sean am fineadh,
Clann a b fhearr ab fhiach a mholadh,
Chualadh ſinne.

XX.

'S iomad croidhe bras tha brònach,
Roſg tha dèurach,
Luchd oifig 's am bos re bualadh,
Tha 'n creach deainte.

XXI.

'S iomad Bruth ſolaiſt fui' thùrſa,
Air dreach meirgte,
Mnaidhe ghreanta gun ghean gun ghaire,
A caoidhe fui' throm-a-chradh.

XXII.

Bhàſaich luchd ciuil gu buileach,
Co nì 'n cumail,
Cha n'eil ſta dhuinn bhi' re forrus,
Chaidh 'n taom thairis.

XXIII.

'S fuathaſach à ghaoth ſo thàinig,
Ghluais i 'n fhiùdhidh,
Dh' fhuaich i na heoin le ſtoirm ghàbhaidh,
O'n choill chaomhaidh.

XXIV.

Ach tigfidh na heoin ùiſeil ailidh,
Da 'n coill chòmhnaidh,
Gu 'n togaidh Dia ſuas bhar n aireamh,
Ann ſtaid naomha.

XXV.

XXV.

'S cruaidh an càs ſibh 'ſhearg gun chionta,
Seòid ba phailte,
'S nach d' fhuaradh abhar'nar n aghaidh,
Ach mead bhur tuigſe.

XXVI.

Thàinig braidheagh oirbh gun fhios duibh,
Leom is duilich,
Ma dh'fhalbhas a chlann ſo buileach,
Smairg a' dh' fhuirich.

XXVII.

Cuiribhs bhur dochas ſan Ard riogh,
A chlann chèillidh,
'S è ſud am breithe gun fhallſa,
Nach dean ea-coir.

XXVIII.

An tì chruthaich ſibh an toiſeach,
'N ſtaid cheudfaich,
Tha e fathais dhuibh cho-ghras-mhor,
'S a bha chèad uair.

XXIX.

'S iomad Marcaich luthor làidir,
Thuit gu hìoſal,
'S a dh'èirich gu ſochdair ſàbhailt,
Suas na dhiolaid.

XXX.

Mar ſtiur Maois a chabhlach lìon-mhor,
'S iad na'n eigin,
A mhac-ſamhail gun tarla dhuibhſe,
Re uair fèuma.

XXXI.

Re h uair fèuma tha Dia neartmhor,
Ceann gach cuiſe,
Dheanadh d' ar Naimhde trèuna,
Càirdin ciuine.

IUMAIRICH Alaiſtir *as* Eignaig *do dh* Ioibhir-aoidh.

I.

DH fhalbh mi a' narrachan creagach,
Lan coiniſg 's do phreaſabh ſgrogach,
Biorun, dreathun ann da m' bhriogadh,
Roi' m' chliabh gu neimhneach da m' brodadh.

II.

Fonn crainntidh tiorram nach lagach,
Gun mhinfheur gun lon gun bhogiach,
Cho 'tiorram re ſpuinac gu ſradach,
Ghabhas faddadh 's laſadh tog'rach.

III.

Gun nèinin gun ſobhrach gun ſiumrag,
Air dul na theine le tiumarachd,
Sid am fearunn nach 'eil iumlan,
Fuidh ſpeirin na n ſiontadh iumladh.

IV.

Liath-reotha gun deiſir grèine,
Feoth ſrath a ghlinne 's a ſhlèibtin,
Crannaſhneachda ſpìonadh a' ſpèirin,
Froiſhidh mu n chluaſun 's mu m' èudun.

V.

Am fonn ſgrainngeil, grìomach tomach,
Chinn do gach ni'ſollta; lomach,
Baile caol gun ſult nach bronnach,
Lomlan do bhratagun cromadh.

VI.

Garſt an fhaoilich gach aon ial air,
'S e daonan an caithrim fiabhrais,
Gun iuchar gun chèitin greanach;
Ach fadadh cruaigh 's an àrde 'n iar air.

VII.

VII.

'S e buan froiſhe do chloich-mheallain,
A dheanadh ar cluaſan a ſgioladh,
Cha deanabh ar barail ar mealladh,
Sin an fhras as doirbh a ſhileadh.

VIII.

A maoir thug dhomſa a bhairlinn ſpreigail,
An cromſhronach ſa ſinig ga ſpagadh,
Ghairm e rium mur ghlaiſtig ſgreididh,
M' iumraich a thogbhail 'n gradaig.

IX.

Ghabh mi comhnuidh an Inbhir-aòidha,
Baile inn-mholta ſollta gaolach,
'S e gu ſolach, torrach, maoinich,
Muirneach, ſo-ghradh, forach, faòilidh.

X.

Baile gun ghlaiſtig gun bhòchdan,
'Scaiſrigte gach crann ſgach fòid dheth
Gun deanntag gun charran gun fhòtus,
Lomlan chluaran, lilidh 's roſan.

XI.

A mhaghun a bòrcadh do nòinin,
Stràchta do dheagh mhioſun òir dheirc,
Cha chinn lus bhios ſearbh am foid dheth,
Barrach, bainneach, meallach, ſò ghra'ach.

XII.

Fiamh a ghair air ſtrath 's air mòrbheinn,
A' maduinn mhàighe's grian gan òradh,
Cur anam fàis le blàs nam pòraibh,
Huile là toirt bar air bòichid.

XIII.

Baile blà ſmaith fas gach leorſa ann,
Deallt an àigh air bar gach feòirnin,
Beò-chluig-chiul an doſ gach mòr chroinn,
Tilgal cheilir graidh o an ſgòrnain.

XIV.

XIV.

B' oirfid aoibhinn ſeirm na coiſridh,
Am barr na n geug a' ſeinn a nòran,
Leadain theudbhinn ainglidh ghloirmhor,
'S laoighin grèite cèadfach ceòl'ar.

XV.

'S forton lium d fhàg mi Eigneag,
Ionad cruaidh na n dris ba ghèire,
Am fonn ſporach, ſgorach, bèura,
Dh fneannadh m' fheòil ma'r toirc dhroch rèaſur.

XVI.

Fàilt ort fein a Pharais fhaoilidh,
Inbhir aoidh am baile tlachd-mhor,
Biodh m'anam 's mo chorp gu naomha,
O fhuair mi ſgàoilte as na glaſaibh.

XVII.

Chuibhtich mi tagha na piochdaid,
Am fear a bhà riocdail na chaiſin,
Dheanadh aſcoin eaglais chruaigh orm,
Man cluinneadh a chluas tri chaiſit.

XVIII.

Chuibhtich mi aſcairt is teine,
'S gach nì bhiodh na bhoile gu laſadh,
Chuibtich mi ſeangan na n crioman,
'S gach nì biorach bhiodh 'g a m ſpeachadh.

XIX.

Chuibhtich mi ſpuir a chait iadhaich,
'S dodhran iargallta na brachdloinn,
A neàch ſin a chàine gu dàor mi,
'S a bheum gun adhbhar a chlag rium.

XX.

Gun do theich mi o'n fhraoch ſcriachain,
A loiſg m fhiaſg dhiom le ſhradabh,
Cuir bhramanun dearg tein as,
'S gun tholl e gun deiris mo chraichdin.

XXI.

Gun chuibhtich mi riogh nan ſearbhag,
Domblas, Earraghlas, is tombachda,
'S gach biaſtag a bha dam ithe,
Coinn-ſpeach, criothlagun is beachun.

XXII.

Ach o thàinig mi dh Inbhir-aoidh,
Thiuntaidh riumſa caoin gach aſcaoin,
Is gach rud bha cuir orm treobloid,
Rinn Dia gu ſgiobalta 'n caſg dhìom.

Beannachadh Luinge, maille ri proſnachadh Fairge a reinneadh do ſgiob do Bhirlin, *le tighearna chlan* Ranuil, *le* Alaſtair Mac Domnuill.

GAM beannuiche Die long chlann Ranuil,
A cheud là do chaidh air ſàile,
E fein ſa thrèin-fhir da caithibh,
Trein a chaidh thar mhaitheas chàich,
Gam beannuich an comh-dhia naobha,
An iunrais anail na ſpèur,
Ga ſguaibte gairbhleach na mara,
Gar tarruing gu cala rèidh,
Athair a chruthaich an fhairge,
'S gach gaodh ſheidis as'gach aird,
Beannuich air caolbhairc 's air gaiſgich,
'S cum i fein 's a gaſraidh ſlàn,
A mhic beannuich fèin air n'achdair,
Air ſiuil air beairtain 's air ſtuir,
'S gach droinip tha crochte ri'r crannaibh,
'S thoir gu cala ſinn le d iul,
Beannuich ar rachdan 's ar ſlatt,
Ar crainn 's ar taoidibh gu le'ir,
Ar ſtadh 's ar tarruing cum fallain,
'S na leigs ann ar.caraibh beud,

An

An ſpiorad naobh bidh air ſtuir,
Seolaidhe an tiùl a bhis ceart,
Seol da gach long-phort fuidh n ghrein,
Tilgimid ſin fein fuidh bheachd.

Beannachadh nan Arm.

GU'M beannuiche Dia air claighin,
'S air lannan ſpainteach geur-glas,
Air luirichin tromma mailich,
Nach geairte le faobhar taish,
Air labhannan crua-ghach 's air gorſaid,
'S air ſciathan ean-dealabhach dualach,
Beannicich gach armachd gu huimlan,
Thair ar n uimchar 's air crios guaile,
Air Boghanan foinealeach iubhair,
Ghabhadh lugha ri uchd tuaſaid,
'S na ſaighdin bethe nach ſpealagadh,
Ann am ballagan a bhruic ghruamaich,
Beannuich air bioddag 's air dagga,
'S air n'eile gaſt ann an cuaichen
'S gach trealaich cath, agus coibhraig
Tha m bàirc Mhic Domhnuil ſan uair ſheo,
Na biodh ſimplichd oiribh na taiſhe,
Gun dol air ghaiſge le cruadal,
Fad ſa mhaireas ce'ithir buird dhith,
Na bhias caraid ſhùdh dhith fuaite,
Fad ſa ſhnaibeas i' fuidh'r caſabh,
Na d'fhuireas cnag dhith an uachdar,
Dhaindeoin aon fhuathais ga'm faic ſhibh,
Na meataiche gart a chuain ſhibh,
Ma ni ſhibh cothacha ceart,
'S nach mothaich an fhairge ſhibh diblidh,

Gun iſlich a hardan ſa beachd,
'S gar coſnadh ſcairtail gun ſtrioc i,
Do cheile cobhraig air tir,
Mar faichd e thu cintin taiſh,
'S doiche e bhogachadh ſan ſtrìth,
Na chintin iddir ni 's braïs,
'S abhail ſhin ud tà mhuir mhòr,
Coiſin i le colg 's le ſùrd,
'S umhlaich i ghuit fa-gheoidh,
Mar a dhordaich riogh nan dùl.

Proſnaadh Iumraidh gu ionad-ſeoladh.

GU cuirt an iubhrach dhuth-dhealabhach,
'N aite ſeolaidh,
Sathibh a mach cleathan righne,
Liagh-lom cobhnard,
Rabhan mion-lunnacha dealabhach,
Socdair èatrom,
A ni n tuimradh toirtoil calama,
Boſ-luath càoir-ghèal,
Chuiris an fhairge an ſhradabh,
Suas 's na ſpèurabh,
Na teinne ſhiunnachain a laſadh,
Mar fhras èibhlin,
Le builin gailleacha tarbhach,
Nan clèath tromma,
A bheir air bhoch-thinn thonn-an-faich,
Lott le'n crommadh,
Le ſgeinnin nan raibh gèal tanna,
Buala cholluin,
Air mhullaich nan gorm chnoc gleanach,
Gharbhlach thommach,

O' ſinibh

O' ſinibh 's tarnibh agus làbabh,
Ann 's na bachdabh,
Na gallain bhas-leathan gheuſich,
Le lùs ghlaic-gheal,
Na fuirbinin tromma trèuna,
A luidh ſuas orr,
Le n gaoirdenin doideach ſèathach,
Gaoiſniach cruachdach,
Thogas ſa legeas le chèile,
Fudh aona ghluaſad,
Agaithean lia-leabhar rètha,
Fuidh bhàr ſtuaghan,
Irchiulich garbh an tùs clèthe,
Gèibhach ſhuas orr,
Iarram dhuiſgeas an ſpeurad,
Ann 's na guaillin,
Sparras a Bhirlin le ſhei-èrich,
Roibh gach fuar ghleann,
Scollta na boch-thuinn a beachdich,
Le ſaidh chruaidh chruim,
Ghuimanas beantainin beifdoil,
Roidh da gualain,
Hngan le cuan nualan gàirich,
Heigg air chnaigabh,
Fathrom le braſs-ghaoir na barlen,
Ris na maiddibh,
Raibh gan piannadh 's bolgain fhol,
Air boiſs gach fuirbi,
No ſuinn laidir garbha thoirtail,
Scop gheal iumradh,
Chrennechis gach bord dheth darach'
Bigh as iaran,
'S lannin gan tilgeal le ſtaplain,
Chnap ri ſleaſaid,
Foirne fearail a bheir tullaga,
Dughaira daichae'il,

Sparras a chaoil bhairc le giubh-faich,
N aodan aibhìs,
Nach pilfir le frith nan tonn dùghorm,
Le lùs ghairdein,
Sid an fgioba neart mhor fùrdoil,
Air chùl alaich,
Phronnas na cuartagan cul-glas,
Le rinn rabhachd,
Gun fgios gun airfteal gun lubadh,
Ri huchd gabhadh.

Shin an deigh do na fearabh deug fuidh air na rabhadh chuna h uimradh ; fuidh n ghaodh gu iunnad fheoladh do ghlaodh Callum Garrabh Machd Raonuil *nan Cuan, iurram uirre 's e air raibh braghad, agus fi feo i.*

I.

SA naois on roinnadh air ta ogha,
'S gar coltach dhuibh bhi nar raoghuin,
Thugabh tullaga neo chlaoghara daichoil.

II.

Hugabh tullaga neo-chearrabach,
Gun airftil gun dearoamaid,
Gu freasdol na gaillbhenne fail ghlais.

III.

Tultaga dannara trèun ghlachd,
A rithis cua-in as fèthin,
D thagas foileir o cèimanan àlaich.

IV.

Sgobadh fonnar gun èifleain,
Ri gairibh phrofnach a chèile,
Iuirram ghlèuft ann om bèul fir a braghad.

V.

V.

Cogul raibh air na baccabh,
Lèois as ruſgadh air baiſs'ibh,
'S raibh d an ſniobh ann an achlaiſin ard thonn.

VI.

Biodh bhur gruaighin air laſadh
Biodh bhur boiſs gun leob chraicein
Fallas mala braſs chrappa gu-làr dhiobh.

VI.

Sinibh tairnibh as luthabh,
Na gallan liagh-leobhar ghuithis,
'S dianabh uidhe roibh ſhruithibh an t ſaile.

VIII.

Cliath raibh air gach taobh dhith,
Maſga fairge le ſaothair,
Dul na ſtill ann an aodan na bàrlin.

IX.

Iumra coibh-luadh glan glèuſta,
Scoilte boch-thuinne beicich,
Obhar ſhuntach gun èuſlain gun ſhardal.

X.

Buailibh cothromach trèun i,
Sealteun tric air chèile,
Duigibh ſpiorrad nar fèthin 's nar gairdnibh.

XI.

Biodh a darach colluin
Rìs na fiaghleanabh brònnach,
Sa da ſhliaſaid a pronnadh a gach bàrluin.

XII

Biodh an fharacge glas thoinnach,
Gaitt na garbh mothar lonach,
'S na hard uiſgichin bronnach ſa garraich.

XIII.

A glas fhairge ſhior-choppadh,
Steach ma da ghualain thoiſich,
Struth aig oſnaich o ſtoiſtradh a hearr-linn.

XIV.

XIV.

Sinibh tairnibh as lùbabh,
Na gathain mhin lunnach chuldearg,
Le ui-maircidh ſmùis air garbh ghairdain.

XV.

Cuiribh fuithibh an ruth ud,
Le faltas mhailain a ſtrùthadh,
'S togabh ſeoil ri o Uiſt na cragh-ghiadh.

Dhimmir iad an ſin i gu ionnad ſholladh.

CAN ſhin nar thàr iada t ſheol-ſhiodh,
Gu fior ghaſda,
Shaor iad na ſea-riabh-dèug,
A ſteach roibh bacabh,
Sgathadh grad iad ſhios ra ſleaſaid,
Sheachna bhac-bhrèid,
Dhorduich clann Raonuill,
Ga uiaſlin ſàr ſgiob-fhearabh cuain bhi acca,
Nach gabhadh eggil roi fuàthas,
Na gne thuairefudh a thachradh.

Dhoir dicheadh

Dhoirdicheadh an deigh an tagha na huile duine dhol ann an sheilbh a ghram araidh fein, 's na cho-lorg shin ghlaothadh ris an stuirimach suidh air stiur ann 's na briarabh so.

SUITHIDH air stiur trom laoch leathann,
Neartor, fuasgailt,
Nach tilg bun na bàr na sumaid,
Fairge fuaidh,
Claireanach taichdail làn spinuidh,
Plochdach masach,
Min bèumenach faicleach,
Furachail làn naistin,
Bunsaidh cuddramach,
Garbh sochdair solta luthor,
Airm-sheach foighidnich gun ghriobhag,
Ri uchd tuilin,
N uair a chluinn e'n fhairge ghiobach,
Teachd le bùirin,
Chumas a cheann caol gu sgibidh,
Rìs na sùghabh,
Chumas gu sochdrach a gabhail,
Gun dad luasgain,
Sgod is cluas ga rian le abharc,
Suil air fuaradh,
Nach coill aon oirleach na hordaig,
Ga cheart chùrsa,
Dhaindeoin bhàr sumaidin mara,
Teachd le surdaig,
Theid air fuaradh le cho-daingin,
Mas a heigin,
Nach be lann na reing na darach,
N ach toir èibh aist,
Nach taisich 's nach teid na bhreisllich,
Dhaindeoin fuathais.

Gad

Gad dhatadh a mhuir Cheanna-ghlaſs,
Suas gu chluaſabh,
Nach b uirin an feurbidh chreanachadh,
Na ghluaſad.
O junnad a ſhuidhe 's e trèanont,
'S ailm na aſguil,
Gu freaſdal na ſheana-mhara Cheanna-ghlaſs,
'S gleanna-gharibh aſcaon ;
Nach crithmich le fuara-cluaſa,
An taod aore,
Leigis lethe ruidhe as ghabail,
'Slàn na h aodach ;
Cheanglas a gabhail cho daingin,
'M bàr gach tuinne,
Falibh direach na ſtìll gu calta,
'N aird gach buinne.

Dhoircheadh a mach fear beairte.

SUIDHEADH toitear-laohc garbh Dhoideach,
An gloic beairte,
A bhios ſtaidil làn do churam,
Graimpe glachd mhor;
Leigis cudthrom air cean ſlaite,
Re ham chruaghiach,
D' fhaoth-aich-is air crann 's air achuinn,
Bheir dhoibh fuaſgla.
Thuig is a ghaoth mar a thig i,
Do reir ſheoladh,
Fhreigris min le fearis bhearte,
Bèim an ſcoid fhir ;

Sior

Sior chuideacha leis n accuinn,
Mar a failinich buill bhearte,
Reabhar ghaoſid.

Chuireadh air leth fear ſcoid.

SUTHEADH fear ſcoid air an tottaidh,
Gaird in laidir,
Nan righinin gaoiſneach feitheach,
Reabhar chnabhach ;
Cragan riugha leatnuin chlianach,
Mear garibh-chrochdach,
Mach 'S a ſteach an ſcoid a leigeas,
Le nèart ſcrobagh.
A 'Nam cruaghaich a bheir thuig e,
Gaodh ma ſheadeas,
'S nuair a ni an oiteag lagdh,
'Leigeas bèum leis.

Dhoirdeachadh air leth fear chuiſe.

SUITHEADH fear crapara taicial,
Gaſda cuainte,
Laibhſecheas a chluas neo-lapach,
Air a fuaradh ;
Bheir imrich ſios ſa ſuas i,
A chum-gach urracaig,
A reir 's mara-thig an ſoirtheas,
Na bàr urchaid,

'Sma

'Sma chi e naonrais aig èiridh,
Teachd le oſnach,
Lomadh e gu gramoil trèun mhor,
Sios gu ſtoc i.

Dhoirdichadh dan toiſeach fear eolais.

EIRADH mar-nialach na t ſheaſabh,
Suas don toiſeach,
'S dianadh e dhinn eolas ſeaſbhach,
Calla a choſneas ;
Shealladh e ne ceithear airdin,
Ciàn an athair,
'S inſeadh e do d fhear na ſtiuradh,
'S math a gabhail.
Glachdadh e cothara tìre,
Le ſàr ſhuil-bheachd,
On ſe ſin as Dia gach ſidigh,
'S ais rèul juil duinn.

Chuireadh air leth fear air calpa na tairne

SUITHEADH air calpa na tairne,
Fear gun ſoiſtin,
Snaomanach fuaſgailteach ſcairtoil,
Foinni ſoilta.
Duine curamach gun griobhag,
Eallabh gruamach,
A bheir uaipe 's dhith mar d' fheimnes,
Gleuſte luaineach.

Laitheas

Laitheas le ſpaoghanan tròma,
Trèine air tarruinn.
Air cudram a dhòid a cromadh,
'Dhuinſuidh daraich.
Nach ceangail le ſparraig mun urracaig,
An taoid frithir,
Ach gabhail uime daingin ſheolta,
Le lub rithidh;
Air eagal nar ſcairta an taufadh,
I chuir ſtad air,
Los i ruidh na ſtill le crònan,
Far na craige.

Chuiradh air leth fear inſe nan uiſgichin, 's a an fhairge air cintinn, tuillidh as molach 's thuirt an ſtucramach ris.

SUITHEADH ſear innſe gach uiſge,
Laibhri m chluais ſa,
Scumadh e a ſhuil gu biorach,
Ann criodh an fhuaruidh,
Taothabh an dumne leth eaglach,
Fiabhach ſiccir.
'S cha mhath luim [illegible] bi air fad,
Na ghealt fhear [illegible]bdail,
Bidh e furachair nar ch[illegible],
Fuaragh froiſe;
Co dhui bhis ſoireas na derigh,
Na na toiſeach,
Gan cuireadh e mis am fhaicceail,
Suas dam mhaſgladh,
Ma ni e gne chunnairt fhaichdin,
Nach bi toſtach.

'S ma chì e collas muir baite,
Tiochd le nualan,
Sgairteas cruaidh cheann-caol a fiogha,
Chumail luath ris;
Biodh e ard-labhara ceilìgh,
Geubheach bairlinn,
'Sna ceileadh áir fear na ſtiureadh,
Ma chi gabadh;
Na biodh fear innſe nan nuſgin,
Ann ach eſſin,
Curigh giabhag britt is guſgul,
Neach na bhreiſlich.

Dhoirdicheadh a mach fear tomaidh ſan fhairge, a barcad' air am muinn rompa 'sna deigh.

FREASDLADH air leaba na toama,
Laoch bhios fuaſgailt,
Nach fannaich gu brath 's nach tiomaich,
Le gèir chuaintin,
Nach làpaich 's nach meataich,
Fuachd ſaile na cloch-mheallain,
Laomadh mu brollaich 's mu mhuineal,
Na fuar ſteallabh;
Le crumpa mòr cruinn tuìgh fiogha,
Na chìar dhoidebh,
Sìor thiligeadh a mach na fairge,
A ſteach a dhoirteas.
Nach dirich a chaoidh a dhruim luthor,
Le rag earlaid,
Gus nach faig e ſile an grund,
Nan làr a heairlin,

'S gad

'S gad a chinidh a buird cho tolltach,
Ris an ridil,
Chuimas cho tirrim gach crag dhith,
Ri clar buidal.

Dhoirdicheadh dithis gu dragha nam ball chul-aodaich, 's coltas orra gun tuigteadh na fuil uatha le ro ghairbhid na fide.

CUIRIBH caraid laidir chnabh-rea bhar,
Ghairbneach ghaoisneach,
Gun freasdladh iad tairnent treinn i cert,
Buill chul-aodaich ;
Le smius es le meid lius,
An righin trèune,
Nam cruaghaich bheir orr a steach,
Na leigis bèim leis.
Chumas gu sgiobiolte a stigh e
Na tèis meathin,
Dhorann donnachadh mhac Caramaig,
'S Ioin mac Ioin,
Dithis starabhanach theoma,
Ladorn d fhearabh chana.

Thagha ſeiſir gu fearas urlair an earalas gun failiche aon fhear do na huirt mi, neo gun ſpionadh, an fadh na farige, mach thair bord 's gun ſuidhe fear dhiu ſo na aite.

EIREADH ſeiſir ealabh ghleuſta,
Labhach bheotha,
Shiublas ſa dh fhalo-bhas ſa leimis,
Feadh gach bord dhith ;
Mar ghearr-fheagh am mullach ſleibhe,
'S coin da copadh,
Streipis ri cruaidh bhailabh rethe,
Don chaol choireich.
Co ghrad ri feoragan cèitin,
Ri crann ro-choill,
A bhios ullabh eallabh treibhaich,
Fallabhach eolach ;
Gu to-irt dhith 's gu to-irt an auſadh,
Sclauſoil ordon,
Chaitheas gan arſteal gan eiſlin,
Long mhic Dhomnuill.

Do bha

Do bha huil goiris a bhuirneadh do t ſheoladh, anios air a chuir ann a deagh riaghailt, agus theann na Hiull laoch tapaidh gun taſe, gun fhiabh; gun ſgathachas thun a cheart ionnad an dordaicheadh dha dol; is thogiad na fuile ann eiridh na greine ba fheil brid e a trogbhail a mach bho bhuinn Lochoinort an Uiſt chinn a deach.

GRE'AN a faoiſgniadh gu horbhuidh,
As mogal chìnn a ſpeur gu dubuidh doit,
Làn do dhoglachd,
Dh fhas i ton-ghorm tnigh-tar-lachdun,
Othar iorgolt;
Chinn gach dath bhigh ann am breachdan,
Air an fhiarnailt,
Fadadh cruaidh ſan nairdan fhiarorr,
Stoirm na coltas.
'S neoil ſhuilbhach aig gaodh gan rioſladh,
Fnairadh frios orr,
Thog iad na ſhuil hhreachhda,
Bhaidealachadh dhionach;
'Sinn iad na coilepenan ragadh,
Tennadharioghna,
Rr fiughanan arda fada,
Nan colc bìdhearg;
Cheangladh iad gu graimoil ſnaompach,
Gu neobh chearbach,
Roidh ſhuilin nan cromag iaruinn,
'S nan cruinn ailbheag.
Cheartaich iad gach Ball don acfuin,
Ealabh doigheal,
'Shuigh gach fear gu freſdal tapaidh,
Bhuil bu choir dha;
'Sinn dh fhoiſgail uinneagen an athair,
Ballach liaghorm,

Gu ſeide na gaoithidh greannach,
'S bannail iargailt,
Tharruing an cuan a bhrat dughlas,,
Air gu huilidh ;
Mhantal garbh caiteanach ciar-dhuth,
Screitidh buinne,
Dh at e na bheannabh 's na ghleannabh,
Mollach robach.
Gun do bhochd an fhairge cheigeach,
Suas na cnochdabh,
Dh fhogail a mhuir ghorm na craoſabh,
Farſaing crachdach,
An gloichdibh a cheil ri taoſga,
Scaonag bhas-bhor ;
Gun b fear-ghnìobh bhi g abharc 'an aodan,
Nan maom teinnti,
Laſraichìn ſraddanach ſionnachain,
Air gach beinn dìu.
Na beallanaich arda lia-cheann,
Ri ſhearbh bheicil,
Na cullanaich 's an cladh dudaid,
Ri fùaim gheimnich,
Nuair dheirigh mid gu halloil,
M barr nan ſonn ſin,
Beigin an tauſadh a bhearradh,
Gu grad phoncoil,
Nuair thuttagh mid le ion ſlugedh,
Sios 's na gleanntaibh,
Bheirte gach ſeol a bhidh aic
Am bàr nan crann dhith,
Na ceoſanaich arda chromma,
Teachd ſa bhàirich,
Mos tigidh iad idir nan gairrabh,
Cuinnta an gàiriach,
Iad n fcùabadh nan tonn bega,
Lom gan ſeùirſadh,

Chinnidh

Chinnidh i na haon mhuir bhaiſ-bhor,
Scàs a ſtiùradh,
Nuair a thuiteadh mid fao bharr,
Nan àrd thonn giobach,
Gur beg nach dochuinneadh a ſàil,
An taigeal ſligneach,
N fhairge ga maiſtridh ſga ſluiſtnedh,
Roidh a cheile,
Gun raibh ròin as mealan mòr,
Am barrachd èigin,
An fadh as tonfadh na marra,
As falbh na luinge,
'S radadh an eanachainnin geala,
Feadh gach tuinne,
Iad ri nualanaich ard u-bhainneach,
Searbh thurſach,
Gèabhach gar iochdarain ſinne,
Dragh chum buird ſhinn,
Gach mìn-iaſg abha ſan fhairge,
Tarra-gheal tiuntait,
Le gluaſad confach na gailibhean,
Marbh gun chuntas,
Clochan as maorach an aigil,
Teachd an uachdar,
Air am bùain a nuaſle ſlachdraich,
A chuain uamhrich,
A fhairge uille 's i na brochan,
Striopleach ruaimleach,
Le fuil 's le gàor nam biaſt lorcach,
'S droch dhath ruadh orr,
Na beaſtan adharcach ion gach,
Pluitach lorcach,
Lan cheann ſianam beoil gu'n gialibh,
'S an craos foſcailt,
An aibhas uille lann bhochdan,
Air cragradh,

Le

Le ſpogan 's le urbuill mhor bhiaſt,
Air magradh,
Bu ſgreamhail an robhain ſcriachdach,
Bhi da eiſteachd,
Thogbhadh iad air caogad milidh,
Eatrom ceile,
Chaill an ſgiobadh càil gan claoſneachd,
Ri bhi geiſteachd,
Ceilearadh ſcreadach nan deothan,
'S mothar bhèaſtin,
Fadhghair na fhairge ſa ſlachdraich,
Gleachd ra darach,
Foſghair a toiſich ſloiſtreadh,
Mhucca mara,
Ghaoth aig urachadh a fuaraidh,
As an ian aird,
Bha ſinn leis gach ſeorſta buaraidh,
Air ar pianadh,
Sinn dallta le cathadh fhairge,
Sior dhole tharruinn,
Tarrnenach aibheaſach reth oiche,
'S teine deallain,
Pellerin bethrich a loſgadh,
Air cuid acfuin,
Fàiladh as deathach na riofa,
Gar glan thacdadh,
Na duilin uachdrach as iochd rach,
Rninn a cogadh,
Talabh teinne is uiſge as ſhion-ghaſth,
Ruinn air togbhail,
Ach nar dhairlich air an fhairge,
Torſt oirn ſtriochdadh,
Ghaibh i truas le faite gaire,
Roinn i ſith ruinn,
Ga'd roinn cha raibh crann gun lubadh,
Sèoil gun rèubadh,

Cha

Slat gun ſcaradh rachd gun fhaillin,
Rabh gun èiſlair,
Cha rabh ſtagh ann gun ſtuadh leimneadh,
Beairt ghaiſidh,
Tarrun na cupladh gun bhriſte,
Fiſhe faiſhe,
Cha raibhe touta na beul mor an ann,
Nach tug aidnniach,
Bha huille crannaghail is goiris,
Air an làgadh,
Cha raibh achlaſin na aiſn ghi,
Gun fhuaſgladh,
A ſlat bheoil ſa ſcuitichin aſcuil,
Air an tuairgnedh,
Cha raibh fallamadir gun ſcolta,
Steuir gun chreachdadh,
Cnead is diaſgan aig gach maide,
Siad air deaſgeadh,
Cha raibh cranntarring gan tarring,
Bord gun obadh,
Huille lann bha air am barradh,
Gabh iad togail,
Cha raibh tarruing ann gun traladh,
Cha raibh calpa ann gun lùbhadh,
Cha raibh aon bhaill bhuinne dhiſe,
Nach raibhe na's meaſa na huradh,
Ghairman fhairge sìchaibh ruinne,
Air crois chaile ila,
'S gun d fhuair gharbh ghaoth, ſhearbh ghloireach,
Ordon sìnidh,
Thog i uain do dh-ionadabh uachdrach,
An athair,
Schinn i dhuinn na clàr reidh mìngeal,
N deigh a tauthuinn,
'S thug ſinn buigheachas don ard riogh,
Chum na dùilin,

Deagh

Deagh clann Ranuill a bhi sà bhailt,
O bhàs bruidail,
'S an sin bhèim sinn a sùil,
Thana bhallach do thùillin,
Sleag sinn crainn mhin-dearg ghasta,
Air fad hùrlair,
Schuir sinn a mach raibh chaol bhaistgant,
Dhaita mhine,
Do'n ghuibhis a bhuain Mac Bhairis,
An oilain fhionain,
'S reinn sinn an tiumra, reidh, tulganach,
Gun dearmad,
'S ghabh sinn deagh long-phort aig barrabh,
Charraig Fhearraghuis,
Thilg sinn achdraichin gu sochdair,
Ann san rod sinn,
Ghabh sinn biagh as deoch gun aircis,
'S reinn sinn comhnaidh.

SEAN ORAN *a roinn Bana-chombhunich do Dhonil gorm Mac Ranuil mhic Ailen a Lennan.*

I.

A Dhonuil mhic Niel mhic Ean Bhùidha,
Chuidh do shuathir ort a mudha,
Lig u ghruagich fuait ar shiul,
Le fer ard nu gruaiga dùi,
Cruinna chas a dhioridh am bruthach,
Fhagidh cnaibhan fhèigh ina spruther,

LUNNEIG.

S e mi lennan hann, ho so ghelliadh,
Na cou chuiradh tram orra mar sein.

II.

Mhoira se mo chuoil an tuasil,
A shiubhladh an oichu ga fuarid,

Our

Our dhùſgidh as mo ſhuain mi,
Fathrim bhi crathadh do ghruaige,
'S do dhaggichin bhi gu fhuasglidh,
'Stadhirc fhudir an taobh huais diom.

III.

Cha dean mi ſhedin a ghabhail,
Na ſgeinin begu ambi faidhin,
Gos an dig mo ghaolſa fathiſt,
Oganach ba ro mhaith gail,
Fou ghunna fou ſge 's fou chlaithimh,
Cha biunidh ſhid ſe bo chathair,
Sur an choilt an d fhas an ta bhuil, &c.

IV.

Mhoire ſe mo rùn an ſoider,
Bruinn ſhuil a mhelladh na moidin,
Labh dheas a bhualidh nam poicin,
Criodh cruaigh ar chùl na ſoida,
Mariut a chaidlinn an oicha, &c.

V.

Chuala mi foſglidh as doris,
Shaol lium gum be graidhin goire,
Ou n fhir fou chnodairt chorrach,
Ga muth gan dig cota is coiler,
Truiſhin gorm 's brog 's bonnet, &c.

VI.

Mhoire ſe mo gradh an gilla,
Bha roir an eilin no cillu,
Bel mechir a chomhraidh mhiliſt,
Bell tana derg mar an tiriſt,
Ba mhìonnich lium riut bhi mirag.

ORAN

ORAN *eile roinn* Eoin M'Ailen *Cedna, do* Thriadh Dhubhairc *do* M'Gilleon, *Shir* Eachin.

I.

SIN drellin tha ar uimed fa,
A fir 's a mna fou churem,
An tisa achaidh a Shaxon fuainn,
Ga bheil an uaishla ghiubhlan,
Tha sinn na dhèigh mar ean ar geig,
Ar criodha am pein ga chùridh,
Cha nochdir dèir le gàir ar bèil,
Go n dig an sgeùl na s ura.

II.

Nuair chuaidh du tardroich moch diamarst,
Go falbh far clàlr do dhucha,
Gur truagh a bhà gach tonn air tráigh,
Le coslos craidh stùrsu,
Chaidh gaoi air ghleùs ga grad go t fheim,
Ga hathlibh glesda sùrdoil,
Gan fhèm ar nert na laoich ba let,
Ach aon fhear prap da stiuradh.

III.

Ba truagh na dheigh, bha gàir na spèur,
'S gan teas sin ghrèin ba dù dhith,
'S gan a samhridh fein ina chùrsa bheus,
Ach mar aimfir ghèir nan dùldachd,
Gan mhios ar crann gun fhiar ach gann,
Gan ch bhag ann gan smùdan,
Gan shelg nam benn ri aoitinn ann,
'S gan dabh nan glenn ri bùren.

IV.

Cha dù do'd bhan righin ar aoin abhir,
A bhi ina nàbhid dium dhuit,

Gun

Gan ſenichis dhaoina riabh ri aotin,
Gur drem a chlaoin fou chrùn ſiobh,
Gan aon abhir dha ri aotinn,
Aig luchd gaoil na diuma,
Ach falbh le Hathair don Fhrainc ar Bhadhil,
'S bi ſhid annathiſh ſhùlgorm.

V.

'S mor an luaighichd thug u fuait,
Air ſon na fuair u chuirt air,
Cumidh greunich fechdoil meurach,
Ferinn ſaoir 's dùich,
An canam fein bha ſtighid chrea,
Chaidh ſinn 's na ceadibh cuntort,
Da ſhliochd bhi fùa cha neudhir fuat,
'S nach ro è n dual nan dù dhuit.

VI.

Roinn coill 's machir caomh ri eachinn,
Thaobh gu mo ghaſda a flour è,
Mar ubhlichd dò fou bhonn a bhrog,
Bha feùr na fod aig lùbadh,
Inar ſianis fein è grad aig èri,
'S uas ga hèadtrom drùichdach,
'S be bhraoil thrèn gach duina ghèire,
Gur b' fhalbh na dhèigh ba rùn leis.

VII.

An talla-comhni an riobh a ſheorſa,
Riubh ga ceolor mùirnach,
An Erradh bròin cha naoimhnis dò,
Fou fhuaim na ſtòl aig Dùbhgall,
Nuair fuair è ſtechd è lèm è naittis,
Ar leiſh fein ga mo chaiſtel ùr è,
Bha chlachìnſnaitta ar caochladh drech,
Chomhgel ri cailc ri aon-oich.

VIII.

Ach an ti roinn cenn diobh air an rannſa,
Tha trioc fou ainnert ſpùinnaidh,

Nuair chi è tam gor cuir anall,
Gan bhèd gan chall gan chùntort,
Ba sìobh ar sògh ar cuirm 's ar ceol,
Air blas ga leoir 's air sùgradh,
Ba sìobh ga deimhin ar miann 's ar lennan,
'S diòn 's gach ainneoin cùisha.

IX.

Man abbridh nech nach heil so cert,
Cha niarrin dad ba mhù dha,
Na tichd for call mar tha sinn ann,
Gan riogh gan chenn gan dùich,
Ach chi me ghrà gur fiòr ri ghràit,
Ga brisllid fàint fou thùs è,
Gur beg mar chràidh le fear tha slàn,
Achned thu nàbi a bùrich.

ORAN *a roinn* Ean Mantich *do* Dhonuil Gorm Og M'Domhnil.

I.

A Dhonuil an duin mhic Ghillasbig nan tùr,
Chuidh teannach 's do chliù far chach.

II.

Tha ceirc ann adghruaigh caol mhala gun ghrùaim
Beal meachir fou suairca gradh.

III.

Bidh sid orta triall claibh sgaitach gorm siar,
Air uilin bidh sgia gan sgà.

IV.

'S a ghrabhailt mhath ùr ar atogha on bhù,
Bi do roghin an tùis a bhlair.

V.

Chu ri gan ghiobh t ra ghabhidh du siobh,
'S e thogadh du sgian mar arm.

VI

VI.

'S an gunna nach diult n trà chaoigidh du n tſhuil,
Gam biodh a ſhùgrid ſherbh.

VII.

'S bou n tàr chùil don mhellanich ùir,
Caon fallain don ùiran derg.

VIII.

Staiffeid nan dual, ar a tarrìn fod chluais,
'S mairg nech ar am buailta mell.

IX.

'S iota an Eoin lea ar a ſparradh le cèir,
Bhidh brioca an dèigh a heàrr.

X.

Cinn ghlaſa na ſgia air an lecinn ma n iath,
Cha bo ghaiſhadh ba mhiann led chrann.

XI.

Fou ſimmichd don fheinn 's cinn fhina ſibh pein,
Air ſinichin fhèill ga derfa.

XII.

Iar la Aontrim na ſluagh's clann gileon na m buagh
Bidh ſhid let 's ruari garbh.

XIII.

Mac mhic Ailen nan Ceud, 's mac mhic Aliſter
'S mac Kinnon gu trèn na n cenn. (fhèil,

XIV.

Crech ga 's tròicadh fechd na torachd,
'S fir fa leòn na narm,

XV.

Long ga ſhèoladh, crith air ſgòdemh,
Stiur bhert ſheolta thenn.

XVI.

Bèicich mara a lèim ri darich,
Sùigh gu ſgaradh tenn.

XVII.

Cha bi Nàſaig ri ſtruth-trà i,
'S muir ina ghàir fou cenn.

XVIII.

Thig luingis le gaoi, go bàilu na Laoch,
Gad a bhiodh na càoltin garbh.

XIX

Go talla nam pios for a fathrimich fiòn,
For a falìchir mìla crann.

XX.

Bhidh cruit 's clairsich 's mnà uchd ailla,
An tur nan taibhlisg gearr.

XXI.

Foirm na piobin 's orragain liotich,
'S cùirn ga lìonadh àrd.

XXII.

Ceir ina droilsen rè fad oich,
Gèstichd strí nam bàrd.

XXIII.

Ruaig air dhìoshnin foirim air thiìbh,
'S òr a siòs mar gheall.

XXIV.

Aig oudha Iarla Iola agus Chinntiora,
Roish 's Ionsha Gall.

XXV.

Clanndonuill nach crìon man or 's mu nì,
Sid bhuigh in as prìosoil guàird.

XXVII.

Fou thebhir go I gos a chananic hiòs,
Luchdelli fon chrìoch inar dàil.

ORAN

ORAN *a roinnidh don* Teaſiich, *air fonn* Dàbhi *groisgach crom ciar.*

I.

'S Miſe a chaill ar gell na carachd,
Bha eidir mi 'sa choillich,
Gan dug i dhiom briagh mo bharra,
Cùl mo chìnn a chur ri talamh,
M fhuil 's m fheoil thug i dhiom,
Chuir crònan am chleubh,
Ba droch còthail dobh bhiaſt,
Bhi ina thòrachd ort Dia.

II.

Chuir i boill nam chenn 's ba mhòr i,
Faicinn dhaoinu marbha 's bèo thu,
Coltolas Hector a Troy,
'S nan gaiſgech bha arm na roimha,
Chaillich dhuaſhich chrom chiar,
Bha làn tuailis 's bhraig,
Chuir mi m bruallin 's gach ial,
'S a chùir air fuadich mo chiall.

III.

'S boc a fuair mi fuait a foubhàrr,
'S mi gan luaigh air buain na cengil,
Mo chenn ioſil 's mi nam laidhu,
Brùita tinn 's gios nam chuaidhin,
Ga ro mo chnaidhin cho scì,
'S gad a ſgathadh iad diòm,
Ga rodh am pathidh dam chlaoi,
'S gan tradhinn aubhin da miad.

IV.

'S boc an tàita leap thu n fhiaris,
Fhagis duina fada riabhich,
Glaggich lag ſe fada an iàrgin,
Gann a fhallt 's pailt do fhiaſaig,

Pailt do fhiaſaig gan tlachd,
Chuir an bial an droch dhrech,
Deoch na biadh heid a ſtechd,
A dha thrian inta a ſtad.

V.

Do chota fàs 's e gan lionadh,
Toſain rochdach air dhroch fhiaridh,
Caoil do choiſh nochdi pliadhich,
Iongrain comhfad ri cat fiadhuich,
Caſin pliadhach gan 's udh,
Fon da ſhliaſid gan lùs,
Ga pailt liagh dhaibh ſech lunn,
Cha bhen fiar dhaibh nach lùb.

VI.

Bidh do mhunel fada fèuthach,
'S taiſhnichin mar chabbir clèibh ann,
Eſgudin glaggich gan 's pèrid,
Glùinin atachis achèill,
Glùinin gera gun nert,
'S iad chomhciar ris a chairſt,
U cho creufi 's an cat,
Bearr an teùg gad ſgath as,

VII.

A bhoined da ùrid ſa babhiſt,
Air uachdir curriehd nach a linn,
Cluaſinn gan uireſimh fàſu,
Cenn chomhlom ri criodh na dearna,
Cha bè n companich caomh,
Fhag chomhlom mi 's chomh maoil,
Roinn mo chom mar phreas caoil,
Nach mac ſamhilt do naoig?

VIII.

Bidh du coltoch ri fer miſga,
Gan dad òl gan aona mhior icha,
Huinn nach bi lùs nud dha ioſged,
Bidh dà nùnn 's a nall mar chliſhnich,

Bi

Bi du d' ghriochira lag,
'S cenn do ſhi i gan nert,
Nad gniomh cha bhi tlachd,
Nad chuiſh mhiloinn ar fad.

ORAN *a roinn* Eon M' Gilleon *do dhios* Inghin Dhoniùl *mhic* Doniùl *duibh*.

I.

DUI'RT mairiad ni n Domhnuil,
'Si tòiſhachadh gu cùin,
A phiur ga de an tordon,
A nios man deonach thu,
Ma ſinin duit 's dobhſa,
Bi toigh 's ghoibh a cliù,
'Sna hiarr dhut fein do chomhurtachd,
Ach poſadh ris an ùir.

II.

Sin nuair Labhair Marſali,
'S ba taitnich lium a glòir,
A phiur 's beg mo chiatibh,
Do bhriarin ſìn do bheoil,
Ga mbearr liùm a bhi macnis,
Ris a mhac ſin Echin òig,
Na bhi cra bhidh marri ſagirt,
Agus paidderen am dhòrn.

III.

Ochan 'sbochd an aoſhid ſin,
A phiur ghaolach òg,
Toudhidh hoirt don tſhaoghil,
'S nach bi ſinn duonan beò,
Gur hè gnìomh a bfhoùghintich,
Do leabhir a bhi 'dhòrn,

Na

Na bhi falbh air Ghlenti Fàsich,
Gan sailm ach Gaìrech Bhò.

IV.

Air eggull t fherg na tàrdan,
Bidh màicheidh dhùt ga mall,
Gur truagh an appre hension duit,
Sgan tarich a misg ghall,
Gabh fein sgela an es bùig,
Thuair er creiddinna ina chenn,
Fhiachinn nach sean ordon,
Ampodadh a bhi ann.

V.

Tha uimmid nì da cheddachadh,
Le ladh eglis ann sguchàita,
Ach faidh dhobhsa bioble,
'S e freamh gach firinn è,
'S fearr posadh ga be thogradh è,
Ha lousgadh na cuish bhais,
Ach ga be nach dean oan chuid diù,
Gur cintich gur he b fheàrr.

VI.

B fhearr lium a bhi Càtinach,
Le taintin 's le stòr,
'Sa bhi ga bertich merricaishach,
Le airgid 'sle òr,
Bhi ga riobhach fassonta,
Le Pasmun 'sle 's tròle,
Na bhi serg ann antighcràbhidh,
Gan fiudh a ghàir ach bròn.

VII.

A bharoil a haig càch ort,
Se abhair nàire a smo,
Gur hè n rud a chum son chràbhidh u,
Ro mhiad do ghraidh air pòig,

Ma

Ma biogh du ar tùirni mosginach,
Sdu troddan rìsh fheoil,
Gar deibhinn luim gan ciòsichd let,
An rioghichd a smò glòir.

VIII.

An ruid ad tair na càirdin,
Cid è fà dhuinn bhi do rùn,
Gur feàrrda bean gu beùlichid,
A cèili sein ri glùn,
An neach nach ioch n solis greim,
An conaltradh nan cuìrt,
Cha chreid na daona glìoca
Nach ioch e chuid sin chùil.

IX.

Gur bochd na smaonti aignidh,
Aig mnaoi aggùladh do bhèil,
Ga dhiuma nech tha cairdis,
Cha nininn nàdor bhèus,
Biodh baroil aig a phèiter,
Bhios agòl gach uair dha fèid,
Ga mbi gach nech an gràdh air,
An dibh mar bhiodh è fein.

X.

B fheàrr leum a bhi caonachdich,
Re fèminnich a ghna,
'Sa bhi ga faoltich fùranach,
Roibh gach duèna ad dhoibh,
Fou si bès ba triocca a bhaigge,
Gach mnaoi ba ghlica am mhnàibh,
Na bhi ar mo ghlùn aig eddirghui,
Ri Pedir na ri Paul.

XI.

An àita taisga diumhoir,
Bheil tulidh agus tor,
Gan ann ach seorsa phiggachin,
'S briastair iad gu fòill,

For

For a bheil mo thaisgisa,
Tha glasin orra dolènto,
Gu bheil mo Stewort saibhir,
'S bheir è laithoil doibh mo lòn.

XII.

Bha gach bean fon dàinig mi,
Gle staol ann a fèm,
'S ba neach thoirt dàlich iad,
Do nech ar bith inn feam,
Ba mhisoil an aum nàs'tin iad,
'Sa nàir a miadh do ghlèigh,
'S cha nìarrinn hion do ghàilles,
Ach bhì mar bhàid iad fèin.

XIII.

Gur deceir dhobhsa a ghràitin,
Nacn nàdorra do bheus,
For am bi na càirdin,
Gur staoil bhi dan rèir,
Gluais ussa mar a haggid,
Fhiach an taitinn e riut fein.
'S cha toill mise mòran diùma,
Huinn dol ri hùina ad dhèigh.

ORAN *a roinnidh d'* Echin Ruagh *nu n Cath mharbhidh la* Inbhir Cithnis *ar fonn a la* Raon Ruari.

I.

GUR a hoithl lium sgeulasin,
A ghèist mi didomhnich,
Gun bhi tuilladh da shenechus,
Ach an fhoillsa roinn hobron,

Dhàg

Dhàg iad dèu mhac Gillìòin,
A cur a chatha ina onair,
'S theich iad fein roibh a cheil,
Gan fher eilidh an ordon,

II.

Ba mhòr bha ghuireſibh làbh ort,
Gad thug ardan ort fuirich,
Ach tuilladh ſa tana bharr,
Thichd an nall ar an luingis,
Smiſe a chuiradh an geallſinn,
Mar bidh ann ach na hurid,
Nach buailidh iad baingan,
Ann ſin champa le ſulos.

III.

Chur u ghrabhailta chrùaghich,
Air gruaig nan ciabh amalach,
Lann thana ar do chruachan,
'Se ina chruaigh chum a bharradheis,
Sgiu dhainginn nan cruaidh ſhnim,
Agus duaill nam brechd menimnach,
Agus poir matha piſtil ar chris nam ballargid.

IV.

Cha ba ſhlachdan aig oinid,
Cullidh còrhrig a ghaiſgech,
Dol an coinnibh de nàbhid,
Cha chrith-mhantain ſo ghlachd u,
Nuair a bhuail u beim 's gè,
Diarridh ceile com-batt riut,
Sa thug u nan comhuil,
Theich Hobron 's a mharcſhlùagh.

V.

Sann a thùg u do dhualchis,
Fan fher a bhuailidh an gruinnort,
Cha drug imirt gan fhuathas,
Cha ro bhuanichd gan chunnort,

Ga

Ga ro tòrinn na làbhich,
Agus tàirnenich na ghunni,
Ri deas laibh mo ghràidhfa,
Cur a chairdin go fulen.

VI.

Nuair a thogadh let lebhi,
'S a ghèbhidh fer air a mhraig let,
Mhoire ſiuma bean bhaile,
Fhaig ſhid tamnil na banntroich,
Agus lenabh beg cìoche,
Inu na dhiolechdan anabhin,
Ach gaduilich do mhùintir,
Cha nam umpu tha air dermail.

VII.

Gur a huimu laoch Dòrnghel,
Chaidh an ordon mad bhrattich,
Agus oganich ſgiobhich,
Bha ga riaſladh fou euchomh,
Agus ſpailp do fher tighe,
Nach dugidh athidh da pherſin,
Bheiridh claithimh a duillidh,
Bhiodh chomhguinich ri elltinn.

VIII.

Nùair thoig mid fechdin,
Air gh ba ghaſd ar cennarmailt,
Ga be thigidh air hechdri,
Ghabh iad tlachd dhid ar ghalldachd,
Ba dù carid a mharcois,
A bha faſiun gan chenn air,
Agus comhainim an eachin,
Leis na ghlaceadh an cabhlich.

IX.

'S fad a dimich a fer iad,
'S cha nann da gherana tha ſinn,
Ach ma fhagidh gan ſeallidh,
Suil mhellach an arminn,

Ach

Ach gu math n 't aoin Dia dhuin,
Gur hè iargin a chraidh ſinn,
Gu ro aoidh fear an domhain,
Ina chomhs heiſha a fàs riut.

X.

Ga be thug dhuit cin falich,
Na thog do Ealantin Liotrich,
Ga bi Nion mhic Cailen,
Ba diol Maireſa dhiſh tu,
Gur a mairg dhi thug gaol duit,
Ma chaochlas i nios è,
'S nach faic hi ar talamh,
Do mhac ſamhilta am miſnich.

XI.

Ma dheiridh antſamhridh,
Cha ro menim na deu ſgela oirr,
'S beg an tiunadh do rantachd,
Bhi fo cham pir as teugiſg,
Agus Mùinter do dhucha,
Bhi fou churim mud dheinn,
Go ro n tabhir iad aca,
Go rigg a les agus crèafog.

XII.

Tha uintrachin fuainna,
'S ci a bu ſhuarhac an call è,
Ga ma mhor a luach taiſgel,
Ma h an taiſgeladh derbha,
So bheiridh daoin uaiſla,
As an uachdiran ainimoil,
Air tierna 's machdoil,
'S cha ba lappach an centort.

XIII.

Càite an ro è air talamh,
Bainna faladh ab àilla,
Na n toichraſa dhubhairt,
Lochbui agus Arois,

Gùr a thiumid beanuaiſil,
A bha grùag air dhroch càradh,
Gan nach d fhuair iad bechd ſcèula,
Gan a chrèchdadh ſin bhlar thu.

XIV.

Tha do phàirc air a dùnadh,
Inod lùbhghart na n gaidhel,
Gùr a decir ſhid ionſha,
Aig ro dhìoſlichd do phàrta,
Tha craobh a b fheairr ùbhlin,
Air a rùsgadh an dràſt diù,
Ach a mhoire mo dhiubhail,
Chaidh a flour far a ghàrridh.

XV.

Ach mas a duina chaidh dhinn è,
Gui-thibh Chrioſt leis na hagibh,
Thugibh aira don òrdon,
A fhuair Job man na mac ibh,
Hugibh fairis è naon fhaer,
Mas è chuibhrich an caiſtel,
Na mo ghirrid a lathin,
Sann ſo raiſin thachir.

ORAN *le* Semus M'Grigor *do* Thighearna Ghrannte.

I.

LION mulad mi fein,
Bho m fhùirach n dè,
Me chumail ri clèth,
Beart ba duilich leum fein,
'S nach b fhaſan leum è.——'s gach uair,

II.

II.

Slan iomra do m ghradh,
So chunna me n draſt,
Ceann buidh'n e gun ſcath,
Cha Ghuinach a ta.——me luaidh.

III.

Ach ſoireidh uam fein,
Nunn do 's thraſpè,
Gu talla n fhir fheile,
Ceann uidhe na n ceud,
Se Semus do n geill.——na fluaidh.

IV.

Dhomſa b aithne do bheas,
A laſgair a threan,
Nàm laidhe do n ghrein,
Mar bharail do m fein,
Bhidh ſolus le ceir,
Bhidh faram na n teud.——na d chluais.

V.

Dhomſa b aithne,
Beas ta bhaile,
Curſan ghearra,
Curt da n carridh,
Steudu mearra,
'S rein da n tarruinn,
Ri grein bu ghlan.——a ſnuagh.

VI.

Dìrigh bruich,
Pic 'a n iùthir,
Sinndè riutha,
Glacadh dubha,
Dhianadh pudhar,
Luaithinn gum be.——t fhuaim.

VII.

N Elginn na n gàll,
Bhuinniga'tu n geall,

Dhuiliga'tu ſparnn,
'S nach cnnntagh an càll,
Mon leiga'tu n caufair.——uaite.

VIII.

Gh fhaighte a taras,
Ceòl na n clarſach,
Foirinn air thaliſg,
Mnà uchd ailtè,
A's cruin an geall.——mun cuairt.

IX.

Bhidh cùirnn chearnnach,
Air crùin dearnna,
Gu dlu deallran,
N tèigh mor adhar,
An cliù alba,
Cha ſid arda.——'m fuaim.

X.

Aig odh 'n t ſhena'ir,
An ro 'n t'enach,
Man rith pannal,
Garbh re leanail,
Cliù a's aithnè,
Ioma ceannas.——ſluaidh.

XI.

Mary Stuart,
Iaro 'n diuc u,
Odh mhorear nunnte,
O ſhiol chruin,
Gu meal u t' rùn.——on thuair.

XII.

Gruaidh mar ubhal,
Is dearg ruthagh,
Air fiamh an iùth'r,
'N àm a ludhagh,
Fo' ſhaigh'd cur ſiuìbh'l,
Cùl is buidhè.——dual.

ORAN

ORAN *le fear* Aichaldi Mac Ghoinich *in* Lewis

I.

TA miſe fo ghruaim,
'S gun mi n caidrimh a chuain,
Cha chaidil mi uair air choir.

II.

Ga ſocrach mo ghlèus,
Air chappal na lèum,
Cho choiſgair le m' fhèaim le trèoir.

III.

Loth philleagach bhrèun,
Fo pillean 's fo ſrèun,
Aon ghille na dèidh be lòd.

IV.

Cha tugadh i n cèin,
Ach duine is i fèin,
'S gu n' cuireadh i fèm air lòn.

V.

Na nebhudh i ſgio,
'S e b fhedir dhul fios,
Sa treigſin ga b' fhiamh an tòir.

VI.

Cha binin ſmo làir,
Air linga na barc,
Biodh gillan a ghnath cur bhod.

VII.

Cha binin ſmo ſhaoi,
Re grinni na gaoith,
Gun bhirin re taoibh ſi folamh.

VIII.

Si b' fherroil cèm,
Dha faca mi fèin,
'S cha ba gearan dhi feim air lòn.

IX.

Iurach t ſhocrach a chùain,
Dha n cliu tofach dol ſùas,
Bhiodh giubhas dofrach na m buadh fo ſheol.

X.

Air bharribh na ſtùadh,
Cur darrich na lùas,
'S buill tharring na n dùal na n dorn.

XI.

Reubadh mara gu dlù,
Fo bheul ſgar agus ſuidh.
Si n deigh barri ga thuir bho nord.

XII.

Rith chuip air a clàr,
'S i druda fo ſàl,
Bo chruit linn a gair fo ſheol.

XIII.

Chluinte fathram na n ramh,
Bhon charrig a ſnamh,
'S bhiodh barrant a lamh gach feòid.

XIV.

Cha niarradh i moll,
Na fodor na pronn,
Ach ſadadh na n tonn re ſròin.

XV.

Be ſud maighir 's mo mhian,
Ge do ghlaſich mo chiamh,
'S cha bu ſlat agus frian am na m dhorn.

XVI.

Gad thigidh an ruaig,
Le caithimh a chuain,
Cha luidh oirn fuachd na leòn.

XVII.

Nuair a ghabhd go tamh,
Ann a n cala port ſheamh,
Cha b fhallan bhom laimhs an ròn.

XVIII.

XVIII.

Bhiodh elit na m beann,
Ga tearnigh le gleann,
'S mo pheilar gu teann na lorg.

XIX.

Bhiohh ga feannadh air luib,
Fo mheallibh na ſtuic,
Ga m ballan mo ſhuint bho n doigh.

XXI.

Bhiodh air ſgionnibh sa gèur,
Gu feannadh a n fheidh,
'S cha bannas a n gleus ſin oirn.

XXII.

Fhir a dhimicheas a niar,
Bho nach cintich mo thriall,
Bi ginſidh gur bliagh n gach lò.

XXIII.

Bheir an t ſorris ſa nunn,
Air fad chuan a n fhuinn,
Far a faighte na ſuinn a gòl.

XXIV.

Gò eilan a n fheidh,
'S go eirar a neiſc,
Far nach paidha mid feich air lòn.

XXV.

Go comun mo ruin,
Nach cromadh an t ſhuil,
Nam tromach idh dhuin am pòit.

XXVI.

Gun ardan gan ſtrì,
Gun airinnh air nì,
Ach cur ſaradh a fion ſda òl.

XXVII.

Bhiodh ceol fili ri'r cluais,
bho n eoin fhinolt gun ghruaim,
Fear bho-rioghoil cur dhuan air folamh.

ORAN

ORAN Rinnruari, *le* Inis M'Alaſdair Ruaidh.

I.

'S e Latha Rinnruari,
A dh fhag luanich mo dhùſgadh,
Mu thuitim chlann Dobhnuil,
Cha bu leoghain thaobh cuil iad,
Thug ſibh mach an ratreate,
Choiſin ceitibh le diugh bhaill,
Ga bu thearnadh gu leir dhibh,
Bha bàs Chleibhir ra chunntas.

II.

An leoghan fuilechdich rioghail,
Nach droinn fhirinn a mhuthadh,
A chum gu dainginn a lannt-chd,
Mur a gheall e fo thus e,
Cha d thug òr ort na eagal,
Gun ſeaſabh ri'd chumhnant,
Ach ma thuit u le onair,
Bann do dhonas na cùis e.

III.

Bu ſheobhag firinnich fuairc u,
Bu mhath am buachaille air treud u,
Gan cumail a ghàbhadh,
Thoirt dhoibh aite agus rèlain,
'S tu nach cùiridh ri ball iad,
Thabhairt an danguing air eiginn,
Dhinnis ſinn Dhunachaille,
Nach ro anam a d chrebhaig.

IV.

Thighearn og glinn a gairidh,
Luidh 's màl air do ſhugradh,
'S mor do chàll ri rìgh Seumas,
Gad a dheighidh e duic dhiot,

Ha

Bha Dobhnul gorm gaolach,
'S fhuil chraobhach a bruchdadh,
'S eigin fhulang na thainig,
Dh fhalbh do bhrathair.——na ùr-às

V.

Bu duine urranta ſeolta,
'S bu chraobh choraig roi cheud e,
Do dh fhear mor bu mhà cumà,
Bhaig gach duinne na ſpeachlair,
Gad thug ro mhead do nairidh,
Bras is ardan le cheile,
Ort gun athadh gad phearſuin,
Oig ghaiſte na feile.

VI.

U gun n fhuaſglidh ſo tiom ſa,
Od dhiſlin na d chairdin,
Fòid air aghaidh gach duinne,
Ni gun chumadh gun airimh,
San roi d fhraoich a bha n cùram,
Gad bha duibhail is call ann,
Thuair u n tearalas cliutach,
Oirt a dhubailt na rancan.

VII.

'S truadh nach ro iad gad dhubladh,
Na bha tiunais gad chairden,
Air an tarruing mun comhair,
Fir ghlinn coatham 's a bhraighid,
'S toiſich latha ghil ſholaiſt,
Chite am fòlais gach fàilin,
'S gur thainn duine a coim e,
N deigh bhi prenadh.

VIII.

Gur he mhiadaich mo champar,
Luithad banntrach ha d dhuitich,
Agus oganach treibhich,
Nach d' eithidh am puſadh,

Thuit le luaith e ſan àm ud,
Buala lann cha bu ſhùgradh,
Thoirt a mach an a d bhanſe,
'S cha do ſhaunlaich ſibh pùicidh.

IX

Leag bhur n intinn au ſocair,
Air choſnadh 's air chruadal,
Adol air bhur n aighort,
Ann an aoghaidh an fhuathais,
Cha do ſàntaich ſibh pillidh.
Bho nach ſlinnein ba dual duibh,
S bha an cluidhe ſinn cailtich,
'S iad ag raithin gur buaidh e.

X.

'S cha n ann leis na claidhin,
Fhuair ar daoin-ina an leonadh,
Ach nach d' fhuair iad riamh fuirich,
An lathair cumaſg ri còmhraig,
'S mairg a chunnaic na ſùighin,
An tùs irraghail na doirin,
Bhi gan ſpadagh le luaithe,
'S gun tilgidh buachaille bho i.

XI.

'S a Dhonail nan Donbhule,
'S òg a fhuair u do dh'fheachain,
'S gur iummad bean bhrònach,
Eadar troitirnis 's ſleitibh,
Mu chinnidh mor t athair,
'S iad nan luighe gun eiridh,
'S tha luchd bhualadh nan buillin,
Air fuirich ſan teigbhail.

XII.

B ann dhiu Donbhuil 's Seumas,
Iad gun eiridh fon chumaſg,
Mu chreach mhòr mar a dh'eirich,
A chuid bu leithi bu duilich,

Dhuibh

Dhoibh bu dual a bhi treibhich,
O n athair fein thar gach diunn,
'S geul bu dona na dheigh ſud,
Ri leighis leigh cha d' rinn fuarich.

XIII.

Mo chreach mhor nan tri truaighe,
Caradh uaiſlin chintire,
Tighearn òg ſin na leargann,
'S goirt 's gur ſearbh bhi go innſe,
Mud thuit fhear mà cialfhach,
'S cuis iargain a chuigh e,
Air tuitim ſan doirinn,
'S bu duinn og ſan dol ſios e.

XIV.

Gun do mhac a bhi ad aite,
'S gun ad bhraithair ach leanabh,
'S gun aon duinne a lathair,
Do na thainig òd ſheanair,
Sud an ſoinn a bha uaſal,
Nach d fhuair riamh an ſcainil,
'S a bha ga ſiughantach rioghail,
Air dol a ſios mar an ranach.

XV.

A Shir Eoin fòn Chorpaich,
'S e do Dhochain nach Iarrain,
A chnadh fein thar gach duinne,
A bhis ſinn uille ga iargain,
Meid 's a bhuillich an Righ ort,
Cha ba ni e gun fhiachain,
'S gad fhaithidh tu bàr air,
'S taor a phaigh u e am bliadhna.

XVI.

Chaile u raodha do dhaoine,
Ann an adhbhar a bhrathair,
Bho 't oige gud ſhinne,
Chum u an imirt gun fhailin,

Siumad

Siumad ſonn do dhuinn uaſal,
An roibh cruadal le abhachd,
Chaidh e ſios leat dod chinnidh,
On la a ghinnidh gu h'aite u.

XVII.

On la a ghlac u do chlaidheamh,
Gun athadh dod nàmhaid,
Bu mha do chuis thuins gall,
An aoghhaidh chrombail 's lambeat,
'S nam mairidh tu uille,
On uirridh mar bha u,
Gun falamha riogh Uilliam,
'S cha chumadh M'Cai e.

XVIII.

Ach fhir aird e ſeille,
'S mor do Dheareas le'm feachdabh,
Chaill u braithrin ma ciatfhaich,
'S diol do Iarla Mhacabh,
Iad fein 's fir a bhraghad,
Bhi gam marbhadh ri caiſteal,
Le dibhail commande,
'S gun an naimhdin ga fhaicſin.

XIX.

Tha tuitfhear na h apuin,
Fuidh airſneal an comhnuidh,
Sliunn duth air a druthadh,
Fuidh dhunadh a chòta,
'S e ag iargain mu bhrai'ribh,
B iad na hailigin bhoigheach,
Gad thug luighid an athaidh,
Orra n là ud bhi gorach.

XX.

Chail u t ànaiſdir fearrain,
'S gum bean t Alaſdar ſuairc e,
'S mor am bearna as a dhuthaich,
Bhi gad uintrachain uatha,

Cha

Cha b aithne dho cúis,
A bheiridh cliù do dhuinne ùaſal
Nach ro fuaite riut daingin,
Aig a bhaille agus uaithe.

XXI.

Bha u urranta dàna,
Bha u aili diagh reibhich,
Bha u cinneadail cairdeail,
Bha u garbh ri àm tèime,
Nàm fuiridh an luaithe,
Gun do bhualadh ſan leim ſin,
'S mairg fear do mhi rùine,
Air am brùichde lann d feairg u.

XXII.

'S a mhic Domnuil mhic Ailein,
Gum bu mhairiche fior u,
Fleaſgach ſiuorce ciuin ceannalt,
Fir ſhearrail ad thìom u,
Bu mhor do bhaigh 's cha bu taobhghail,
Ris na daoine chaidh ſios leat,
Bha triuir Iar-o mhic Raonuil,
Air an taobh 's gum bu diogh bhail.

XXIII.

Cha n aithnidh dho dilis,
Ann ſan rioghachd ſeo 'n geart uair,
O bhreothadh clann Dobhnuil,
'S clann Camerain gun ſeachnadh,
Mac Illean bhon dreoillain,
'S ma bu choir dha bhi ceart dhuinn,
Mar 's a bhuil le dhurachd,
Mac Iain Stiuart 's M'Neichdin.

CUIR *a Chinn dìlis, tharum do lamhe.*

CHA be tinnis an fheachda,
San mhadain seo bhuail mi,
Ach aicaid ro bhuan,
Nach leithis gu bràch,
Sealladh air faichigh,
Do shlait do'n thigh uasal,
Moch-thra diluain,
'Smi aig abharc an là.

II.

Roin desid a pearsuin,
Nach facas a tuaimas,
Aig imuchd fo'n chuach-chùl,
Chamagach thlà,
Roin dealradh a maise,
Agus lasadh a gruaidhin,
Mise a ghrad bhualadh,
Thàiris gu làr.

III.

Ach dheirich mi ri ùst,
Le croidhe lan uaibh-iar.
'S dh' imich mi ru'ar,
Ruidh na dail,
Ga h'iadhagh m ghlacabh,
Thug i smachd orm uaith,
Ochòin 's truagh,
A mheth i mo chàil.

IV.

Do dhearc-shuilin glana,
Fuidh an mhalaidh gun ghruaman,
'S daingin a bhuail iad,
Mise led ghradh,
Do ròs-bheul tana,
Seibh faraiste suairce,
Claothachir m uaigh,
Mar glac u ma lamh.

V.

V.

Tàr 's fuasgail air m anam,
Fon cheangal 's cruaidhe,
Cuibhnich air tuaisle,
'S coibhir mo chàs,
Na bithimse 'm thrail duit,
Gu brach san fhonn uair seo,
Ach tiomaich-se cruas,
Do chroidhe gu tlàs

VI.

Cha n fhaodar leom cadal,
Air leapaidh n uaigneas,
'S maigne ga bhuaireadh,
Dh' oiche 's do la,
Ach ainnir 's binne,
'S as grinne 's as sùairce,
Gaibhse dhiom truas,
'S bithimse slùn.

CUIR *a chinn dilis, air sheol eile.*

I.

'SMI m shuidhe air an uillin,
A tulridh 's a caoinidh,
Bhuail saighid a ghaoil mi,
Dirich gu m shail,
Dh' fhas mi co lage,
'S nach b' uirin mi dirigh,
Le goirtis mo chinn,
'S cha do shin i dho lamh.

II.

'S mi m shuidhe air n tulaich,
An iumal na cuirte,

Aig abharc mo rùin,
'S an ionad ro ard,
Hug i le fionn airichd,
Seolà dheth fùil orm,
Thiuntaidh i cùlabh,
Seachd air bàr.

III.

Sheall mi m dheothaidh,
Gu frao'arc dhi fhotain,
Chunnairc mi h' aodan,
Faraiſte tlà,
Chunnairc me ſealladh a
Mhealladh na m millti,
'S aimidich mi,
'S nach d' fhaod mi na pairt.

IV.

Ha maiſe an ad bhilibh,
Chan aithris luchd ciuil e,
Thogadh tu ſunnt ann tallachan ard,
Leagdadh leat ſeachud
Sar ghaiſgich na ducha,
Le ſealladh do ſhuil
'S le guilan do ghnais.

V.

Do bhraighe na 's gillidh,
Na canach na dìge,
Chite dol ſios
N fion bhainne blà,
'S iumad rud eile
Chan eil e ra fheotain,
Cait bheil i ſo n t ſhaoghal,
Bean aogaiſg mo ghraidh.

VI.

Do chùl mar an 'n inach,
Deolt mhilis 's cuirn air,
Chumas n druichd
Gu dlù air a bhàr,

Na chuailen air caſadh,
Na chleachdabh air lubadh,
'S do cheannaichd an crun,
Tha guilan a bhlàth.

VII.

Do ghruaidh mar a corcan,
Beul ſocair o'm binn ſgeùl,
Deud' mar n diſne' s ſinealta dh fàs,
Do ſhliòs mar n ealla,
'S do mheal ſhuilin mìgich,
Thalaidh u m'inntin 's cha till u gu brach.

ORAN *le* Iain Lom *air dha fearg aghabhail ri* Mac mhic Alaſdair Ghlinne garragh *thoiſach e air moladh* Shir Alaſdair M'Comhnuil, *agus* Shir Seumas a Mhac.

I.

A BHEAN leaſaich a ſtop dhuinn,
'S lion an cupa le ſolas,
Mas a branndai na beoir i,
Tha mi toilleach athoil,
'N deochſa air Captain chlann Dobhnuil,
'S air Shir Alaſdair òg thig on chaol.

II.

'M fear nach duirichd athoil,
Gun tuit 'n t ſhuil air a bhord as,
Tha mo dhurachd don oigfhear,
Crann cuiri chlann Dobhnuil,
Righ nan dùl bhi gad chonagh fhir chaoimh.

III.

Greas muncuairt feagh 'n taigh i,
Chum gun gluaſain le aithar,
Le ſliochd uaibhreach an athar,
A choiſin buaigh leis a chla'mh,
Fear ga ruagadh 's ga caitheamh gu daor.

IV.

Sliochd a gabhail nan ſteud u,
Dh' fhas gu flaitheaſach faoili,
Do ſhliochd gaſta chuinn chetaich,
'S o bha tathaich n Eirin,
Gad a fhuair an claidheamh 's an tèug oirbh ſgriob.

V.

Bhigh an t iubhar ga lubagh,
Aig do fhleaſgaichin ùra,
Dhol a ſhiubhal nan ſtùc bheann,
Ann 's an uighe gun churam,
Leis a bhuithin ro an ruiſgte na gill.

VI.

'S tha mo dhuil ann 's an Tuianaid,
Gad thainig laigſe air t fhion'uil,
'S lat don chuillin bha ciatfach,
Dh' fhas gu furanach fiolai,
'T heaſagh duinnel air beulamh an Righ.

VII.

'S an am dhuit gluaſad o d aitreamh,
Le d cheol cluaiſe agus caiſmeachd,
O thir uaſal nan glaſ-charn,
Gan ro cruadal 's gaiſge,
Gam bu ſhuachainteas bàr gaganach fraoich.

VIII.

Nar a chairte fui luchd i,
Bhigh tarruing ſuas air a cupail,
Bord a fuaraigh 's ruidh chuip air,
Snoithm air fuathail a fliuchd bhuird,
'S truth mu guailibh 's i ſuchta le gaoithe.

IX.

'S nar a chairte fui ſeol i,
Le crainn ghaſda 's le corcaich,
Aig iomart chleſin 's ga ſeolagh,
Aig a comhlann bo bhoighich,
Seal mun togta orro a roſeoil o thir.

X.

X.

Gu Duntuilm nan fear fallain,
Far an greadhnach luchd eallaigh,
Gabheil failte le cairrim,
As na clairſiche glana,
Do mhnaoi oig nan teud banala binn.

XI.

Sliochd nan cuirinin talmhai,
Leis n do churigh cath garabhach,
T fhuair mi urrad gar ſeannachas,
Gun ro an turas ud ainmhail,
Gun ro tigh 's le alba fuir cis.

XII.

'S iuma neach at fhuair coir uaibh,
Ann ſan àm ud le'r goraich,
Bann diu Rothaich 's Roſaich,
M'Coinich 's Diuc Gordon,
M'Illeain fon Dreolain 's M'Caoi.

XIII.

Be do ſhuachainteas taitnich,
Long 's leomhan 's braddan,
Air chuan liobhara an aiggeal,
A chraobh fhioguis gun ghaiſe,
A chuirigh fion di le pailteas,
Lamh dhearg roi ghaiſgich nach tim.

XIV.

Nuair bu ſgi do luchd theid e,
Gheibhte biobale ga leughbadh,
Le fior chreidimh ceile,
Mor a dh' orduich mac De dhuibh,
'S gheibhte teagaſg na cleira uaibh le sìth.

XV.

Mhic Shir Seumas nam bratach,
O bhun ſleitibh nam bradan,
A ghlac an fheile 's a mhaiſe,
O ſcionn ceile do leapa,

Cum

Cum do reite air a cafabh,
Bi gu reufanta macanta min.

XVI.

Sliochd na mili na fear u,
Na froil 's nam pios 's na cup geala,
Thogadh fioda ri crannaibh,
Nuair bu rioghala tarruing,
Bhigh pic riobhach na meallan na teinn.

XVII.

Gum bu flan 's gum bu h iomlan,
Gach ni tha mi ag iomra,
Do theaghlach Rìgh Fionghall,
Oighre dlighich dhùntuilm u,
Olar deoch air do chuilm gun bhi fgì.

ORAN *an t Samhraidh*. Tune, Through the Wood Laddie.

I.

AN deis dhe' dufgadh 's an mhaidin,
'S an deallt air a choil,
Ann a maidin ro fhoilleir,
Ann a lagan beag doilleir,
Go'n cualas a feadan
Go leaddurra feinn ;
'S mac-talla na creugan,
D' a fhreagra bròn bhìn.

II.

Bi'dh am beithe deaghbholtrach,
Uroil dofrach nan càrn,
Ri mac-bhlàs driuchd cèteoin,
Marr-ri caoin-dhèarfadh grèine,

Brùchdadh

Brùchdadh barraich roi' ghèugamh,
'S an mhios cheatochfa Mhàigh ;
A mios breac-laoghach buailteach ;
Bhainneach, bhuaghach, go dàir !

III.

Bi'dh gach doire dlù uaigni
'S trufcan uain' ump' a fàs ;
Bi'dh an fnobhach a dìreadh
As gach frìobhaich a 's ifle,
Roi' na cuiflinnin fniomhain,
Go meadachadh blà :
Cuach, is fmeorach 's an fheafgar,
Seinn a leadain nam bàrr.

IV.

A mios breac-uigheach, braonach,
Creabhach, mao-rofach, aidh !
Chuirios fgeadaş neamhthruailli,
Air gach àite d'a dhuaichneachd ;
A dh' fhogrus fneachd le chuid fuachda,
O gheur-ghruaim nam beann àrd ;
'S ag mead egil roimh Phebus,
Theid 's na fpèirimh na fmàl.

V.

A mios lufanach, mealach,
Feurach, faileneach, blà ;
'S è go guccagach, duilleach,
Luachrach, dìtheneach, lurach,
Beachach, feillenach, dearcach.
Ciurach, dealltach, trom, tlà,
S i mar chuirnennin diamond,
Bhratach bhoifgeoil air làr !

VI.

S moch bhio's Phebus ag oradh
Ceap na mòr-chruach 's nam beann ;
S bidh 's an uair fin le fòlas,
Gach ean bionnfhoclach boidheach,

Ceùmadh

Cèumadh mearbhuillion ceolar,
Feadh phres, ògan, is ghleann ;
A chorruil chuirteach gun ſgreaddann,
Ag pòr is beadurrach greann !

VII.

'S an am tighin do'n fheaſgar,
Coimhfhreaſgradh aon am,
Ni iad coimh-ſheirm, ſheamh, fhailain,
Go bailleach, bionnghobach, alloil,
A ſeinn go luichleaſach daingiunn
A meaſg uir-mheangain na'n crann ;
'S iad feiu a beichdil go foirmeil,
Le toirm na'n organ' gun mheang.

VIII.

Bi'dh gach crèatair do laigid,
Dol lè ſuigeorl do 'n choill ;
Bi'dh an dreathunn go balcont,
Foirmeil, talccorra, bagont,
Sior chuir fàilt ar a mhaidin,
Le rifèid mhaiſich, bhuig, bhinn ;
Agus ròbin d'a bheuſadh
Air a ghèig os a chinn.

XI.

Gur glan gaill-fheadan richard
A ſeinn na'n cuiſlinnin grinn,
Am barr nam bilichion blàthor,
'S an dos na lom-dharag àrda.
Bhiodh 's na glacagan fàſaich
As cubhrai fàilidh no fion :
Le d' phuirt thriolonta, ſhiubhlach,
Phronnar lùthor le dìon.

X.

Sid na pairt a 's glan gearradh,
'S a 's ro eallonta roinn ;
Chuireadh m' intinn go beadrabh,
Clialù t fheadain ma'n eadradh,

'N ai

'N am do'n chrodh bhi d'a leigidh,
An innis bheittir 's an choill ;
'S tu d' lèig air baideil ri cionthar,
An grianan aonchafach crainn.

XI.

Bi'dh bradan fen-gmhear na fior-uifg',
Go brifg, ilinnleimneach, luath ;
Na bhùidnne tarraighealach, lannach,
Go h iteach, dearg-bhallach, errach,
Le fhoiflein airgid d'a earradh,
'S mionbhreac lainnireach tuar ;
'S e-fein go cromghobach ullamh,
Ceappadh chuileog' le cluain.

XII.

A bhealltuin bhog-bhailceach, ghrianach,
Lònach, lianach, ma ghràign,
Bhainneach, fhinn-mheagach, uacrach,
Obhnach, loinnideach, chuachach,
Ghruthach, fhlamanach, mhiofrach,
Mhiodrach, mhiofganach làn,
Uanach, mheannanach, mhaoineach,
Bhocach, mhaoifeach, làn àil !

XIII.

O 's fior èibhinn r'a chluintinn,
Fann-ghèum laoigh anns a chròth !
Go h ùroil, mionbhallach, àluinn ;
Druim-fhionn, gerr-fhionnach, fàili,
Cennfhionn, colgrafgach, cluaif-dearg,
Tarraigheal, guaineifeach òg,
Go mogach, bogladhrach, fàfor,
'S è lèim ri bàirich na 'm bo !

XIV.

A fhobhrach ghealbhoi na 'm bruachag,
Gur fannaigheal, fnuaghor, do ghnùis !
Chineas badanach, cluafach,
Mao-mhìn, bagonta luaineach ;

Gur

Gur tu rò̀s is fearr cruadal
A ni gluasad a h ùir ;
Bi'dh tu t eideadh a 's t earrach
'S càch ri falach an sùl.

XV.

'S cùbhrai fàilidh do mhuineil,
A chriosh-chomhchuluinn na 'n càrn !
Na d' chruinn bhabbuidion rìobhach,
Lòinneach, fhad-luirgneach, sgiobhach,
Na d' thoim ghiobbagach, drechmhìn,
Bharr-bhoi, chasurlach, àrd ;
Timchiull thulmasan dìobhair
Ma'm bi 'm biadhìonain a fàs.

XVI.

'S go bi froinisin boisgeoil
A thilgis foineal na 's leoir,
Ar gach lùbhghort do neonan,
'S do bharramh shaimmirin lòghar ;
Marsain is leasachan soilleir,
Do dh' fheuda-coille na'n còs,
Timchiull bhoganan loinneoil,
A 's tric an eilid d' an còir.

XVII.

'Nois treigidh coileach a ghuccag,
'S caittein bruccach n an craobh,
'S theid go mullach na sliabhchnoc',
Le chirc ghearr-ghobaich riabhaich,
'S bi'dh d' a suiri go cuirteil,
Am pillimh cùlghorma fraoich .
'S ise freagra le tùchan.
(Pihuhù tha u faoin)

XVIII.

A choileich chraobhaich na'n ger-sgiath,
'S na falluinne dui',
Tha dubh is geal air mìosgadh,
Go ro cirdheirc na t itich ;

Muienal

Muineal lainnireach, ſgipi,
Uaine, ſlìs mhìn, 's tric crom!
Gob na 'm poncunnan milis
Nach faicht a ſileadh na ronn,

XIX.

Sid an tururaich ghlan, loinneoil,
A 's àrd còilliog air tom,
'S iad ri bururus ſeamh cèatoch
Ann a feaſgar bog cèiteoin:
Am bannel gel-ſgirteach, uchd-ruagh;
Mala ruiteach, chaol, chrom;
'S iad go h uchd-ardach, earraigheal,
Ghrian-dheareſgni, dhruim-dhonn.

ORAN *a rinneadh do bhàil' arrait ann an Ard-namorchuan, do 'n ainm Coiremhuilinn, agus do dh'aultan a tha rith roimh a n bhaile ſin, do' n gairiri Ault-an-tſiucair. Tune,* The Laſs of Patie's-mill.

I.

DOL thar Ault-an-tſiucair,
A maidin chùbhrai chèit,
'S paidiren geal dlù chneap,
Do 'n driùchd ghorm air an fhèur,
Bha richard 's robin-brù-dhearg
Ri ſeinn, 's fear dhiù na bheus;
'S goic moit air cumhaig chùl-ghuirm,
'S (gug-gùg) aie' air a ghèig.

II.

Bha ſmeorach cur na ſmùid dhith,
Air baccan cuil lea fein;
An dreadhunn-donn go ſùrdoil,
'S a rifeid chiuil na bbeul;

Am briccein-beith' is lùb air,
'S e 'g gleusadh lù a thèud;
An coileach-dubh ri dùrdan;
'S e chearc ri tùchan rè.

III.

Na bric ag gearradh shùrdag,
Ri plubraich dhlù le cheil',
Taoibh-leimnich mear le lu'-chleas,
A bùrn, le mùirn ri grèin;
Ri cabbadh chuileog' siubhlach,
Le 'm briștidh lùthor fèin:
Driom-lann-ghorm, 's ball-bhreac giuran;
'S an lainnir-chuil mar lèig.

IV.

Mil-dheocladh sheillein srianach,
Le cronan 's fiata strann,
'N an dithimh baglach, riabhach,
Ma d' bhlaithibh grianach chrann:
Straibh-dhriucain dhonna, thiaichdi,
Fa shinion ciochan t fheoir,
Gun thiochd-ain-tìr no bhiadh ac',
Ach fàilidh ciatoch ròs.

V.

Gu milis, brisg-gheal, bùrn-ghlan,
Meall-chùrneineach, 's binn fuaim,
Bras-shruthain Uilt-ain-tsiacair,
Ri tormain siubhlach luath:
Gach bioloir, 's luibh le 'n ùr-ròs'
Ag cintinn dlù ma bhruaich;
'S e toirt dhoibh bhuaghan sùghor,
Go 'n sui'bheathachadh manctairt.

VI.

Bùrn tana, glan, gun ruaghan,
Gun deathach, ruaim, no ceo,
Bheir anam-fàis, is gluasaid,
D'a chluanagan ma bhòrd.

Gaoir

Gaoir bheachainn bhui, 's ruagha,
Ri diogglaidh chluaran òir,
'S cir-mheala d' a chuir ſuas leo,
An ceir-chuachagan 'n a ſtòir.

VII.

Gùr sòlas an ceol cluaiſe,
Ard-bhairich buair ma d' chrò:
Laoigh chenn-fhionn, bhreac, is ruagha,
Ri ſreagra nuallan bhò;
A bhain-àireach le buaraich,
'S am buachuill' dol d' an còir,
Go bleoghun a chruidh ghuaill-fhinn,
Air cuaich a thogus cròic.

VIII.

Bi'dh lòchrainn mheal' a lùbadh
Na ſràbh, 's bru air gach gèig,
Do mheaſabh milis cùbhrai,
Na 'n ùbhlun 's na 'm peur:
Na duilleogan a liugadh,
Is fallus cùil diu fèin;
'S clann ag gabhail tùchaidh,
D' an ıomailich dlù le 'm bèul.

IX.

B' e cronan t eaſſain ſrùluich,
An dùrduil mhùirneach mhaidh;
'S da bhoirchibh daite, ſgùm-gheal,
Tiugh flùranach, dlu, tlà:
Le d' mhantull do dheallt ùir-mhin,
Mar dhùradh cùil ma d' bhlà:
'S air calg gach feoirnen dùir-fheòir,
Gorm niamhainn dhruic a fàs.

X.

Do bhrat lan ſhraddag' diamond,
Do bhraon ni ſoils' air làr;
A charpet 's gaſda foineal,
Gun a coi'-fine Whitè-hall:

Ma d' bhearradh gorm-bhreac coilleach,
Ann chinn a loinn le àl,
Na fobhraichion mar chaillibh,
Na 'n coilleiribh na d' fgà.

XI.

Bi'dh guilig eala a tùchan,
'S eoin bhùchuinn am barr thonn,
Ag inbhir Uilt-ain-tfiucair,
Snamh lù'-chleaffach le fonn;
Ri feinn go moiteoil, cuirteoil,
Le muineil-chiuil, 's iad crom,
Mar mhàle pìoba 's làb air;
Ceol aoifi, ciuin, nach trom.

XII.

'S grinn an obhair ghràbhail,
Rinn nàdor air do bhruaich,
Le d' lurachain chreabhach, fhàfor,
'S am buicein bhàn orr' fhuas:
Gach faimmir, neoinen, 's màfag,
Min-bhreachd air làr do chluain;
Mar rèullain ròit an dearfadh,
Na fpanccain àluinn nuagh.

XIII.

Bi'dh cruinn, 's am bàrr mar fgàrlaid,
Do chaorabh aluinn ann;
'S croibhion bachlach, àrbhui,
A faoifgnidh àrd ma d' cheann;
Bi'dh dearcan, fuithin sùghor,
Trom lùbadh an luis fein,
Caoin, fechdi, blafda, cubhrai,
Ag call an drùis ri grèin.

XIV.

'S comh-lan mo lios ri pharrais,
Do gach cnuas a 's fearr an coill;
Na rèlich arbhar fàfaidh,
Bheir pifeach àrd 's fgoinn:

Pòr

Pòr reachdor, mineor, faſor,
Nach cinn go fàs na loim ;
'S coimh-reamhar, luchdor càileachd,
'S go fgàin a ghràn o dhruim !

XV.

Do thachdar mar' is tire,
Bà thiochd-ain-tir leis fein ;
Na 'n treudabh feidh 'n a d' fhritheamh ;
'S na d' chladach 's milteach èiſg ;
Na d' thraigh tha maorach lìonor ;
'S air h uiſge 's fior-bhras lèus,
Ag oganachamh rìobhach,
Le morbha fior-chruaigh gèur.

XVI.

Gur h ùròil, ſlìochdor, cuanda,
Groidh-each air t fhuarain ghorm,
Le 'n iotadh tarraing ſuas riut,
Le cluintinn nuall do thoirm :
Bi'dh buicein binneach 's ruaghag,
'S mion-mhin-bhreac, cluaiſ-dearg, òg,
Ri h ionaltradh go h uaigneach,
'S ri ruiddeis luath ma d' lòn.

XVII.

Gur damhach, adhach, laoghach,
Mangach, maoiſeach, t fhonn ;
Do ghlinn le ſeilg air laomadh,
Do gharbhlach-chraobh 's do lom :
Gur h àluinn barr-fhionn, braonach,
Do chanach caoin-gheal thom,
Na mhaibenibh caoin, maoi-mhìn :
Na d' mhointich ſgaoi-chearc' donn.

XVIII.

B' e ſid an ſealladh èibhinn,
Do bhruacha glè-dhearg ròs,
'S iad daite le gath grèine,
Mar bhoiſgnich lèug-bhui òir :

B' iad ſid an geiltridh glè-ghrinn,
Cinn dèideagan meaſg feoir,
Do bharrabh luibhion ceatoch :
'S foirm bhinn ag tèud gach eoin.

XIX.

O lili rìogh na fluran !
Thug bàrr mais' air ùr-ros gheag,
Na bhabhaidion cruinn, plùr-mhin,
'S a chrùn geal, ùr mar ghrèin :
Do 'n uiſg ad Ault-ain-tſiucair,
'S e cùbhrainn d'a o bheud ;
Na rionnagan ma lùbamh,
Mar reullain-iuil na ſpèur.

XX.

Do ſhealbhag ghlan 's do luachair
A bòrcadh ſuas ma d' choir :
Do dhìthen lurach, luaineach,
Mar thuairneagan do'n òr :
Do phreis làn neada cuachach,
Cruinn chuarſgagach ag t eoin :
Barr braonain 's an tſail-chuachag,
Na 'n dos an uachdar t fheoir.

XXI.

B' e ſid an leughas lèarſainn,
Do luingis brèid-gheal, luath,
Na 'n ſguadronabh feoil-bhrèid-chrom,
A bordadh geur ri d' chluais ;
Nan giuſaichibh beo-ghleuſda,
'S an cainb go leir riu ſhuas ;
'S Caol-muile fuar d'a reubadh,
Le anail ſpeir fa thuath.

XXII.

'S cruaigh a bharlinn fuair me,
O'n fhuaran 's blaſda gleòr,
An caochan 's mò buaghan,
A ta fa thuath 's an Eorp ;

Lìon

Lìon ach am bola ſuas d'e,
'S do bhrandai fhuair na 's còir:
Am puinſe milis, guanach,
A thairneas ſluagh go ceol!

XXIII.

Muim' altrom gach poir uaſuil,
Nach mith le ſuachd na ſpeir,
Tha ſgiath fa 'n aird a tuath orr',
D'fhag maith a buair, 's a fèur;
Fonn deaſ-oireach, fior uaibhreach,
Na ſpèuclar buan do 'n ghrèin:
Le ſprèidh theid duin' a ſuas ann,
Chomh-luath 'ri each na lèim!

XXIV.

'S aol is grunt d'a dhailibh,
Dh'fhàg nàdor tarbhach iad;
Air a meinn go'n toir iad arbhar,
'S tiugh, ſtarbhanach ni fàs;
Bi'dh dearraſanaich ſhearr fhioclach,
D' a lannadh ſios am boinn,
Le luinneaga binn nìonag;
An ceol a 's miſle roinn!

XXV.

An Coir' is fearr 's an dùthaich,
An Coir' is sùghor fonn;
'S e Coiren Uilt-ain-tſiucair,
An Coiren rùnach lom;
'S go lom, gur molach, ùroil,
Bog mhèador dlù a thòm,
Am bheil mil is bainn' a brùchdadh,
'S uiſg' rith air ſiùcar pronn.

XXVI

An Coire fearrachach, uanach,
Meannach, uaigneach àigh;
An Coire gleannach, uaine,
Bhleachdach, luath go dàir;

An

An Coire coilleach, luachrach,
An gair a chuach 's a Mhàrt ;
An Coir' a faidh duin'-uasal,
Biast-dhubh is ruagh na chàrn !

XXVII.

An Coire broccach, taobh-ghorm,
Torccach, faoili blà ;
An Coire lonach, naosgach,
Cearcach, craobhach, gràidh ;
Go bainneach, bailceach, braonach,
Breacach, laoghach blàr :
Ann sultor mart. is caora,
'S a 's torach laoimsgir bàrr !

XXVIII.

An Coire am bi na caoirich
Na 'n caoigidimh, le 'n al ;
Le 'n reabhad 'g gabhail faoignidh,
A 'n craicnimh maoi-gheal tlà :
B' iad sid am biadh, 's an t aodach,
Na t fhaoin-ghleannabh 's na t aird ;
An Coire luideach, gaolach,
'S e làn do mhaoinibh gràis !

XXIX.

An Coire lachach, dràcach,
'M bi guilbneich 's trai'-gheoigh og ;
An Coire coileachach, làn-dabhhch,
'S moch, 's is an-moch spòrs :
'S tìm dhomh sgur d' an àirìbh,
An Coire 's fàsor pòr ;
Go h inseach, doireach, blàrach,
'S iomrcach, càiseach bò !

Còmh-radh,

Comh-radh, mar go b' ann eidir Caraid *agus* Namhaid *an Uiſgebheatha.*

Caraid. MO ghaol an laſgaire ſpracoil,
Fear na'n gorm-ſhuile maiſeach,
Chuireadh foirm fa na macamh,
'Nuair a thachradh iad ris:
'Nuair chruinnichidh do chòiſir,
Cha b' i chuilm gun a cho-radh;
Gheibhte rainn agus òrain,
'S iomad ſtòiri na meaſg:
Gille beaddarrach, sùgach,
Tha na chleaſaiche lùthor;
'S ro-mhaith bhreabbadh an t ùrlar,
Agus tiunntadh go briſg;
'S e dhamhſadh go h uallach,
Go h aucaideach, guanach;
Gun ſealltainn air truailleahd,
Ach uaiſl' agus meas.

Namhaid. 'S mairg a dheanadh an t òran,
'S nach deanadh air chòir e;
Gun bhi moladh an doi-fhir.
Bha na règaire tric:
Fear a ſheargadh an conach,
Thiunntadh mionach na 'n ſporan
Dh' fhàgadh lean'ba air aimh-bheirt,
Ann an caraid 's an drip:
An ſtruthaire dio-bhuain,
Tha go broſgolach. briagach;
Fear croſta mi-chiallach,
Gun riaghailt, gun mheas:
Call mor tha gun bhuinnig,
Ann sòlas ro dhiom-buain;

'S fear

'S fear ſtòrais a 's urra
Bhi cummontas ris.

Car. Mhic toiſich, mhich bracha,
Fhir comhraig na 'n gaiſgeach,
Chuireadh bòilich 's na claignibh,
Chuireadh caſabh air chrith :
Ba tu cleochda na h aittibh,
'N aghaidh ròt' agus ſneachda,
Dheanadh notion do fhraſamh ;
'S chuireadh ſeachad an cith :
Dheanadh dàna fear ſaideolt' ;
Dheanadh lag am fear neartor ;
Dheanadh dai-fhear do'n bheirteach,
Dh' ain deoin beirtis a chruigh ;
Ann ceart aghaidh na th' aca,
Do mhuirn, no mheoghail, no mhacnas,
'S tu roighin a 's taitnich,
Do chùis mhacnais air bioth.

Namh. A dhuin ! an cuall u no fac' u,
Riabh ni 's mioſa chuis mhacnais,
Na bhi 'n a d' ſhìneadh 's na claiſibh,
Gun chlaiſteachd, gun rith ?
Air do mhùchadh le daoraich ;
'G a do ghiulan ag daoine,
'N a d' chùis bhùrd ag an tſaoghal,
For nach faodar a chleth :
'S e bhi 'g coinneachadh Ratti,
Ni do lomadh ma d' bheirteas ;
Luchd a chommuinn, 's a chaidrìbh,
Rinn e 'n creachadh gun fhios :
'S i ciall-ſguir a bhio's aca,
Bhi ri buillibh, 's ri crappabh ;
Go 'm bi fuil air an claignibh,
'S bi'dh am battacha briſt.

Car.

Car. Mo ghaol an lasgaire suairce,
Chleachd bhi 'n caidribh na 'n uaislibh;
'S lionar tlachd, is deagh bhuaigh,
Ata fuaite ri d' chrìos:
Biorach, gorm-shuileach, meallach,
Beachdoil, colgarra, fallain,
Laidir, caoin, air deagh tharraing
Go fògra gaillin a chuirp:
For an cruinnich do phaistibh,
Go 'm bi mìr' ann is màrran,
Agus iomad ceolgàire;
'S iad neamhchraite ma 'n cuid;
Bheir e 'n t umbi go sòlas;
Ni e glic am fear gòrrach;
Ni e suntach fear brònach;
'S ni e gòrrach fear glic.

Namh. 'M b' e sin roighin na 'm macabh,
Bhi gun fhragharc, gun chlaisteachd;
'Nuair ba mhiann leò dol dhachaidh,
'S e ni thachras ni a 's mios';
Gur e 'n ceann a 's treas cas dhoibh,
Lomlan mheall, agus chrappa;
Gach aon bhall go 'm bi aca,
Gaid a neart uath' gun fhios:
Iad na 'n taffaing gun toinisg;
Iad a labhairt an donuis;
Iad ro lamhach go conus,
'S nach urr' iad cuir leis:
Bi'dh an n aoidnibh 'g an scròbadh,
Bi'dh an aodach 'n a shròicibh;
Cha 'n fhaod iad bhi sholda,
'S iad an comhnai air mhisg.

Car. Nach boidheach a spòrs,
Bhi suidhe ma bhordahh,

Le

Le cuideachda chòir,
Bhio's an tòir air an digh !
Bi'dh mo bhottul air ſgòrnan,
Ri toirt cop air mo ſtòpan ;
Nach toirtteil an ceol lium
An cronan, 's an gliogg !
Go 'm bi fear air an daoraich ;
Go 'm bi fear dhiu ri baoireadh ;
Go 'm bi fear dhiu ri caoineadh ;
Nach beag a ſhaoileadh tu ſid !
Ni e foſgaoilt' fear dionach ;
Ni e croſta fear ciallach ;
Ni e toſtach fear briarach,
Ach am blialum nach tuig.

Namh. Nach dona mar ſpòrs,
Bhi ſuidhe ma bhòrdabh ;
Na bhi milleadh mo ſtòrois,
Le gòrralch gun mheas !
Le ſiarach, 's le ſtàplaich ;
Le briath'ra mio-ghnàthaicht' ;
Ri ſpearadh, 's ri sàradh
An Abharſair dhuibh :
Bi'dh an donus, 's an dòlas,
Do chonas, 's do choi'-ſtrith ;
'S do tharraing air dhòrnamh,
Anns an chomhail nach glic :
Ri fuathas, 's ri ſgannuil ;
Ri gruaidhibh 'g an prannadh,
Le gruagabh 'g an trarraing
Le barrachd do 'n mhiſg

Car. Mo ghaol an gille glan èibhinn,
Dh' fhàs go cineadail ſpèiſeal ;
Dh' fhàs go ſpioradail trèadhach,
'Nuair a dhi èiridh an driop ;

Bhiodh

Bhiodh do ghillibh ri sòlas,
Iad go mireagach bòidheach,
Iad ag fireadh na 's leoir,
'S iad ag òl mar a thig;
Iad go h aidhireach fonnor,
Iad gun athadh, gun lompais;
Iad go mhaith air an rongais,
'Nuair a b' antlachd an cluich:
Cuid d'a fasan air uairibh,
Duirn, is batt, agus gruagabh,
Dh' aithn't a dhreach air a spuacabh,
Go roibh bruaidlein 's an mhisg.

Namh. Tha mhisg deonai 'n a nàdor,
Lomlan mòrchuis, is àrdain;
Lomlan bòsd agus spàraig,
Anns gach càs air an tig;
Tha i tuair--shreapach, fiaghaich,
Tha i murtai 'n a h iarbhail;
Tha i dustach, droch-nealach,
Lan do dh' fiabhres, 's do fhriodh.
Go 'm bi fear dhiu 'n a shìneadh;
Go 'm bi fear 'n a chùis-mhìo-loinn;
Go 'm aithlise lìonor;
'S iad am maoidheadh na 'm pluic';
Tha i tuarrapach foilleil;
Iomad uair an droch oilein;
'S gun do dh' fhuasgladh fa dheireadh,
Ach 's i ba chaireach a mhisg.

Car. Mo ghaol an cleasaich lùthor,
Fear gun cheasad gun chùna;
Fear gun cheiltinn air cùineadh,
'N am bhi dlùthachadh ris:
Bheireadh tlachd as a mhùigen;
Dheanadh gealtair do 'n diumhlach;

Dheanadh dàn' am fear diùid,
Chum a chùis a dhol leis :
Fear a 's fear a 's tigh òsd' u ;
Fear a 's urbhailteach òrain ;
Fear nach fuilgir 'n a ònar,
Ach a bhòilich 's an driop ;
Fear tha barranach ceolar ;
Crioghoil, càirdeath le pògabh,
'S a lamh dheas air a phòca
'S sgappadh stòrois le misg.

Namh. A chinn-abhair a chonais,
'S tric a dh' fhaobhaich na sporain ;
Fhir nach d' fhaolum an onair,
'S i bhiodh 'g a d' mholadh a bhleid :
'Nois o 's bùanna ro dhaor u,
Tha ri buaireadh nan daoine,
Dol mancuairt air an tsaoghal,
Chum na dh' fhaodas tu ghaid,
Fear ri aithreachas mòr u ;
Fear ri carraid, 's ri coimhstrith ;
Fear ri geallam ; 's cha tòram ;
Thug sid leonadh do d' mheas :
Ni u 'm pòit-fhear 'n a striopoich,
Ni u striopoich 'n a pòit-fhear ;
'S iomad mile droch comhail
Tha ' tòir air a mhisg.

Car- Go b' e thionnsgain, no dh' intrig,
Air ann ionnstramaid phrìosoil,
'S duine gruntoil 'n a intinn,
Bha go h intinneach glic ;
Thug o arbhar go siol e ;
Thug o bhraich, go ni a 's brigheil' ;
Thug a prais 'n a cheo-liath e
'Mach roimh chliath na 'n lùb tric ;

Thug

Thug a luiddeal go ſtòp e ;
Rinn e 'n tſuſbainte còmhlan ;
Thogadh ſlioggach an ròta,
Far fir bhrèoite gun ſgridd :
'N donus coinnimh no còmhail,
No eireacas mòr-ſhluaigh ;
Gun do cheileireadh boidheach,
Cha bhi sòlas na meaſg.

Namh. Go b' e thionnſgan an aimliſg,
'S olc an grunt bha 'n a inchìnn,
'S mor a dhùiſg e do dh arg'maid,
'S do dhroch ſheanchas marr rìs ;
Dheilbh e miſg agus daorach ;
Rinn e breiſleach s an tſaoghal ;
B' fhearr nach beirte go h aois e,
Ach bàs na naoidheachan beag ;
Dhùiſg e triobblaid is coimh-ſtrith ;
Rùiſg e bioddag' an dornamh ;
Chuir e piobar fa 'n deobhnachd,
'Nuair a thoiſich a mhiſg :
Cha chùis bhuinnig a leanbhainn ;
Ach cùis ghuil agus fhalamhaich ;
'S a chaoi cha 'n urr u 'g a ſheanchas,
Cia mar dh' fhalbh do chuid leis.

ORAN *le* Iſſachari M'Aulay.

I.

'TA mo chri' mar chuaintin,
Air bheil mulad a's bruaidlan air ſnamh,
Gur e tròm cheiſt ma lean nan,
Ma thròmghalair a's m' eaſlainte ghnadh,
'Ta ma ſhuilin gù ſilteach,
Ma dheoir tùittim mar uiſge gù làr,
'Ta leanndù' air mo bhuaridh,
Bhuin ma chadribh 's ma ſhuain dhim 's ma phramh.

II.

Mo n righinn og aluinn,
Bainri no n uile mhnai 'ta fò n ghrein,
Ann n deaſachd 's an eolas,
Ann n tuigſe 's a faolam 's a n ceill,
Ann n geineamnachd 's a mioltachd,
Ann m bainteachd gun mhìruin le ead,
Gragh neo chcitechiannd 's dimhir,
Neo-lochdach gun ghiamh a's gun bheud.

III.

Caite na ghinadh fo' fhlathas,
Na dh' fhiſrich riabh madhas na mnai,
Nach d' thug durachd dhi diamhar,
Agus umhlachd dhi fianaiſuibh chàich,
Mar ghrein miſge na reùltin,
Gheug ſholàis thair cheud thuair bàr,
Gur e gathan no ghreine ſo,
Shrachd mo chri a's reub e chom bais.

IV.

O nach d fheud riabh aon duine,
Eolas iomlan no cruinne chur ſios,
Ann a ſgriobhidh na littir,
Ni modh ranuig thuigs air a thrian,

Dhomhſe

Dhomhſa 's ladronn 's a's dàn,
Tiochd air annas na mnà 's air a gniomh',
'Ta na ſaoghal beg cuimair,
Ann a nadair gun choimas ann dì.

V.

Ga bu leum ùdarachd ghalen,
Urlàbhraidh gach ſcoilte ro àrd,
Bu ro mheanmh leum mo chòmas,
Air do dheanaibhſa fòllais an dàn,
Ach ma m' pìlear ſa 'n àth me,
'S mor gur fearr a bhi baite air a t' ſhnamh,
Bho is onair ſnach mùlad,
Leum do mholadh bhod mhùllach gud ſhail.

VI.

Dhàs air rioghinn na 'n oig mhna,
Cùl ſgiamhach fhùil chòrnnach nan cuach,
Ciabhach càmlùbach caſluch,
Sniomhach cammagach dreach bhui gach dual,
Bàr gaſda chuil oir bhui,
Mar dhreach theudinn is ceolmhora fuaim,
B'eibhinn fhaicinn ga ſgaoleadh,
Is fiamh laiſta na greina mad chluais.

VII.

A ghnuis ainghelionta mhion gheal,
Gun antlachd gun mhithlachd gun mhod,
Mala chaol is glan cummadh,
Charaiche nador a thùrrad gun chòrr,
Ròſg màll is dearchd lionta,
Leis a mealltear ard rioghridh na h' Eorp,
Gruaidh chorcora mhìn dearg,
Ghluais m' oſnuibh fo iùnaigh an t' ſhloi.

VIII.

Fuaim orghan na fiola,
Ceol torghan na piob is nan teud,
Cha do fheinn duine riabh miſic,
Na beinnis mar phiobaibh do chleibh,

Ceol ſibhrin fior ſhitha,
Teachd o unnaig mhìn chruinn deirg do bheul,
Bilibh bla briarach aluinn,
Aig a rioghinn is cnaimh gheila deud.

IX.

'S cheart cho geila do bhrèghead,
Ri cànach no trà-ſhneachd air geuge,
'S corach fionallt na tùlich,
Dh' fhas na mulain air mullach do chleibh,
Bòſa mìn fàda bàna,
Meoir ghrinn chaol ga 'n àthbhaiſt cur grèis,
Air ſoidagh le h or-ſhnain,
Dealbh iomhadh gach eoin as gach eiſg.

X.

Slios ſeimh mar an cànach,
Corp ſeadoil mar eala air an t' ſhnàmh,
Calpa crùinn ann a 'n ſteimin,
Traigh etrom is cumadh air ſail,
Mar a ſamhail do mhor chuis,
Cha 'n aithne dhomh cèr ort ri ràdh,
Cha bheig is cha mhor ù,
Ann 's gach aon ni gu leor ort gun bhàr.

XI.

Nam bidh na h ùrad aig each ort,
Sa tha agamſa ghradh air do neol,
Cha bu rabhart gun mhearachd,
Leo mi labhairt mo bharail 's mo ghlor,
Ach na creideadh iad ſirinn,
Cha treiginn air mhiltin ù 'n òr,
No air airgiod na 'n inſibh,
Do bheadradh do dhioſleachd 's do phog.

XII.

O nach caochladh tu aigne,
'S nach claonadh tu ad chaidraibh 's ad ghaol,
'S nach feudein bhe rè riùt,
Mar lùthageadh cleir dhùinn mar aon,

B' fhear

B' fhearr leum bhi gun eiridh,
Fo thalamh ann a 'n Ephaid nan craobh,
No an riochd na Greiga,
No measg thùrcach gun fholmunn gun chaomh.

XII.

Ni mi noise comhdhùnadh,
Agus cùirim ri tùrsa gù bràth,
Ni bheil siochaint am aigne,
O 'n nach meall mi do chaidraibh 's do ghradh,
On thug ù làn uath dhamh,
Gun mo chuir ann sa 'n uaidh deis mo bhais,
Bidh mo chriodh mar chuantaibh,
Air am bheil mùlad is bruaillean air snamh.

MARABH-ROINN *le Mac fir* Ardnabiadh *ann an leabadh a bhaise.*

I.

DUISG a choluinn o do chadal,
Is fhad an oidchè dhuit do shuain,
Gun chuimhn air an t shilighe mu 'd choinne,
'S olc dhuit an communn a fhuair;
Communn eiddir ù san saoghal,
Cha bhaoghala chumail ceart,
Mu dheaibh a choluinn a sàth,
Bi' aithrachais an la' nan leachd.

II.

La na leichd a caoil a cuingè,
Is m'or nar cunntas ri thoirt bhuainn,
'S a mhiad dan d' roinn sinnea dh eacoir,
Is ann ar n eadain fein gu m buail;
Buailidh striopachas agus pòit,
Buailidh mionnain mor agus fearg,

Is sin

Is ſn an la a's leor a mhiad,
Gar an leìr è an diugh ach meanbh.

III.

Cha leir leis an duine a lochduine,
Cha leir leis an t ochdabh part,
Gum bidh e ga leaſſachadh tric,
'S cha ſaoil e gun d' thig am bas;
Am bas ſin a thagainn air bhrath,
A's nach cleithir nur thig a nuair
Cha n fhàth ſubhachas nar toiſg,
Dhuinn 's olc gach lochd da 'n d' fhuair.

IV.

Gach lochd da 'n d'rinn ſinn air thalamh,
'S aithrach dhuinn an lathair dhè e,
Mu dh' thagrair oirinn trian na cuis,
'S adbhair da na'r cuir ampèin e;
A ghite ſin a luthaig u oirnn.
Na thuiſgſè na chuimhnè na chèill,
Go 'n cathair ſid leinn gu bàs,
Bhidh briſteadh air tfhaintaibh fein.

V.

Faintaibh bu chòir dhuinn a chùmail,
'S iomarlach a roinn mi 'n cleachdadh,
Mo ghniomh 's mo labhairt an conuidh,
Cuir an aghaidh coir as ceartais;
Gun a threig mi na h oibre a b'thear,
A's thug mi ſàth na cholluinn chlìth,
A's mu dh' thagrair oirnn trian na bha,
'S olc a tharladhs duinn a ris.

VI.

'S olc a tharladhs duit a bhochdain,
I's olc leat t olc a chuir os naird,
Air mhiad an t ſhannt tha do chorpain,
As air ghael ſoichd a chuir air làr;
Air mhiad dan cruinnuich u 'naon ait,
A chuid na mhaoine na thàin,

Cha

Cha d' theid leat a bhàr an t ſhaoghail,
Ach ciſte chaol na n tri chlàr.

VII.

Fhir a dh'orduich mac am brèinn,
Slat an coìll is feur am faſich,
Cuir Dhe m' inntin dhuit an cèill,
Bhidb cuimhnach ort fein re m' laèthaibh ;
Gach la fad ſa bhidhis mi bhòs,
Dian ſè cuimhnach mi air mo leas,
A' tha air do chomas a luaths,
Na bheireadh bho fhuachd gu teas.

VIII.

A chum s gu n deanamid da reir,
Dianamid t fhaintaibh fein a lorg,
Ann's gach nì bhidhis mi na fhèim,
'Is tu fein a d fhurtaichis orm ;
'Is tu d fhurtaichis orm a ghna,
Anr 's gach cas an raibh na 'm bidh,
A's mar ghleidh ù mi fathaist ſlan,
Soilleireich domh raid air dha thìth.

IX

Dean domh raid air mhàth m' anaminn,
Raid air leanamhuinn a cheartais,
Seol dhomh air mo bheath ſhaoghalt
Chumail faorbha lach bho n' pheacadh ;
Cum mi bho obbaira gun iochd,
A's fiamhail furrachail roimh lochd,
Or cunntidh Dia dhuinn air gach achd,
Ciall a's cuimhne a bhidh nar corp.

X.

'S olc a tharladhs duit a chorpain,
'S beg t honair an la mu dheiradh,
Nuair a dhèiladhs riut an t anam,
Cha n fhear ù na gach talamh eile ;
Is 's greittidh leìs an duine bheo,
Bhidh ga d' choimhead do ſcleò marbh,

Cha

Cha n ionadh ſin is' beg do ſpeis,
As deiſtanach a bhidhs do dhealbh.

XI.

Tionntaidh do ſhùile cùl air aghaidh,
A's faſaidh do dhèud na cnaimh dubh,
Cailleadh tu do mhaiſe ſhaoghalt,
Caochlaidh tu do dhealbh 's do chrùth;
Faſaidh do chrùth glaſdaidh uaine,
Fauraichidh do cheann 's do chofan,
A's tilgear do choluin gun ſpeis,
'S a chrèith bho n d'thanadh tu n toiſeach.

XII.

A thì mhor ſa Dhomhnich fheartich,
Thìr a cheartichis gach aon ni,
Miadaich mo mhath 's beagaich m' eacoir,
Fad mo cheili ann ſan t ſhaoghal;
Gus an ceadaich leat mo ghuidhe,
De'n t ſhlighſo tha air mo chloidhe,
Mun dealaich mo chorp ri m' anam,
Dhìa dean aithrach mi 's gach aon ni.

XIII.

Ach a dhuine an d thug ù n aire,
Dha na peachanain 's a chiur ù,
Mo mhoghaich u fa'ſt do d' ghalair,
A's tim dhuit teannadh ri tùirſe;
Treig an coddal ſin air t' aire,
Teann ri aithrachais 's ri urnaigh,
Mu 's lugh le d' mhaith na le d' dholaidh,
'S tim dhuit a choluinn bhidh duiſgadh.

ORAN

ORAN *na* Fineacha *gaidhealach le* Ioin *dubh mac* Ioin *mhic* Aillein.

I.

'SI So 'n aimsir an dearbhar,
An 't argannach dhuinn,
'S braſs meinmnach fir alabin,
Fo 'n armaibh air thus;
Nuair dh' eiris gach treun laoch,
Na 'n eideadh glan ùr,
Le rùn feirge agus gairge,
Gu ſeirbhais a chruin.

II.

Theid maithaibh na gallteachd,
'Gle ſhanntach ſa chuis,
Gur lionmhor each ſeang-mhear,
A dhamhſas le ſunnt;
Bidhigh ſaſannich cailte,
Gun tainge dhoibh ga chiunn,
Bidhigh na frangich na campaibh,
'Gle theann air an cùl.

III.

Nuair dh' eiris clann Domhnuill,
Na leomhuinn tha garg,
Nam beo bhèthir mhor leathann,
Connſponeich gharbh;
Luchd ſeaſuibh na còrach,
Ga 'n ordiugh lamh-dhearg,
Mo dhoigh gu'm bu ghòrach,
Dhaibh toiſeachadh oiribh.

IV.

Tha Roiche a's Roſich gle dh'eonach,
Air teachd nar ceann,
Barraiche an treis ſeorſa,
Tha 'n comhnuidh a meaſg nan gàll:

Clann

Clann Donchaidh cha bhreug ſo,
Gu n' eiridh libh ann ſgach am,
Mur ſin is clann Reabhair,
Fir ghleaſda nach eiſd bhi annt.

V.

Clann Naba an ſeorſa,
Theid boigheach fo'n triall,
'S glàn comhdach a chomhlan,
Luchd leonadh na fiadh,
Iad fein a's clann Pharlain;
Dream ardanach dhion,
'S ann a b' abhaiſt gàr 'n airibh,
Bhi m' fabhar ſhiol chuinn.

VI.

Na Leodaich am pèr glan,
Cha b' fholach n'ar ſìol,
Dream rioghail gun fhotas,
Na gòrſaid 's na ſgiath,
Gur neart-mhor rò eolach,
Air n'ar 'n oig-fhir 's n'ar liath,
Gur e 'n cruadal n'ar dualchas,
Se dh'fhuaſgail oiribh riamh.

VII.

Clann Ionmhuinn ò 'n chrethach,
Fir ghle ghlan gun ſmùr,
Luchd na cuilbhair gleuſda,
N'am feimaidh nach diult;
Thig Nialaich air ſaile,
Air bharchdhidh na ſùgh,
Le 'n càllach luadh làn-mhor,
Bho bhaghan nan tùr.

VIII.

Clannilleoin on Dreoilinn,
Theid ſanntach 's an ruaig,
Dream a chloſſadh ainneart,
Gun tainge choiſin buaidh,

Dream

Dream riogholl do chiosaichte,
Nach striochdha don t' shluagh,
'S iomad mile deis-dìreach,
A bheir intinn dhuibh suas.

IX.

Gur guineach na Guimhnaich,
Nàm bristaidh cheann,
Bhidh cnuachdin ga 'n spuachdagh,
Le cruadail air lann;
Dream uasal rò uàbhreach,
Tha dual dhibh 's n fhrainge,
'S ann o Dhiarmoid do shiolaich,
Por lionmhoir nach gann.

X.

Tha Stewardaich ùr ghlan,
Na fiurain gun ghiomh,
Fir shunntach na lù-chleas,
Nach tionntaigh le fiamh;
Nach gabh cùrum roimh mhùseag,
Cha b' thù leo bhi crion,
Cha bu shùgradh do dhùghaill.
Cuis a bhùin dhibh.

XI.

Gur lionmhuir lamh fheumaidh,
Tha aig Eobhann Loch-iall,
Fir cholganda bhorganda,
S' oir dheirga gniomh;
Jad mar thoilbheum air chòr-ghleus,
'S air chon-fhadh rò dhian,
Se mo dhuilsa nam rùsgadh,
Nach diùilt sibh dòl sios.

XII.

Clann Mhuirich nach sòradh,
A chonnspairnn ud ial,
Dream fhuilteach gun mhor-chuis,
Ga 'n coir a bhi fial;

Gur gaisgoil fior sheollta,
Ar mor theanal cheud
Ni sibh spollta a's feolach,
A shroicheadh fo'n èan.

XIII.

Tha Granntaich mor a b' abhaist,
Ma bhràidh uisge spe,
Fir laidear ro dhaichail,
Theid dàna ann 's ann streup;
Nach iar cairdeas no fàbhar,
Air namhaid fo 'n ghrein,
Si n'ar lamhach a dh'fhàgas,
Fuil bhlà air an fheur.

XIV.

Tha Frisealaich ainmoil,
Aig seanchaibh nan crioch,
Fir gharbha ro chàlma,
Air fearg cha bu 'shìth,
Bha Cattaneich foirmoil,
Si n, armach a miann,
An cath gairbheach leir 'n arma,
A dhearbh sibh n'ar gniomh.

XV.

Clann Choinnich o thuadh dhuinn,
Luchd bhuannachd gach cios.
Gur fuasgaolteach luath-lamhach,
Air m uaislin sa 'n Rì;
Gur lionmhor n'ar tuaith-cheathernn,
Le bualtain do nì,
Thig sluagh dùmhail gun chùnntas,
A durhachh mhic-caich.

XVI.

Nios o chuimhnich mi m' iomroil,
'S fath iènntraclun lad,
Fir chumhalach chuimaite,
Ni càirmseadh le 'n làimh;

Nach

Nach dean iumlas mu aon-chuis,
Chiunn iunntais gu brath,
Gut muirneach ri 'n iomraidh,
Clann Fhiunnlaidh bhra-mhar.

XVII.

Thig Gordanich 's Gremich,
Grad gleuſda as gach tìr,
An cogadh Riogh Thiarllais *,
Gu'm bfheumail dha ſibh;
Griogaraich nan geur-lann,
Dream ſpeiſoil nam pios,
H'ar lium gu 'm bi 'n ea-coir,
Nuar dh' eighidh ſibh ſios.

XVIII.

Sioſalaich nan geur lann,
Theid treun air chul arm,
'Nalbainn ſan 'n Eirinn,
Be air beus a bhe garg;
A' nam dol a bhualadh,
Be 'n cruadal air càlg,
Bu ghuineach n'ar beumna,
Nuair dh' eiridh oiribh fearg.

XIX.

Nam bidh gach cùrridh treun-mhor,
Le cheil ſa nam,
Jad air intinn dhirich,
Gun ſiaradh gun chàm;
Jad cho chinnteach ri aon-fhear,
'S iad tìach air a gheall,
Dh'aindeoin muſeag nan dù-ghall,
Thig cuis thair an ceann.

Charles Firſt.

ORAN *roinneadh do* dh'Eachonn M'Illeoin *Triath* Dùbhart *a mharbhadh ann* Inmherceatain.

I.

ACH ga grianach an latha,
Gur cionail an ràdhaid,
So tha misa ga ghabhail,
Dhios au tùir an raobh m' aighair,
Is mac mor mhic-Illeoin,
'S e gun sugradh na luaidhe,
Snach eil e ri fhaithinn na shlainte.
Snach eil e, &c.

II.

Ga bu chruaidh leum mo chairdin,
An là ud gam fhagail;
Cha 'n iad tha mi' gairibh,
Ach mu bharannta làdair,
Agus t'fhearonn gun aitach,
Fhir thug fortan le cairdeas gun sgreing dhomh,
Fhir thug, &c.

III.

Dhomh bu' deachdair toirt thairais,
Lùb ùr nan sùl meallach,
'S na càlpana geala,
'S na deudach chùr anail,
Tha u shinnsiribh na fear nach rabh sgàthach.
Tha u, &c.

IV.

Mac ù b' uaisla o Shir Lachlinn,
O inghin Ruaraidh na brattach,
Chuir ù buairidh air maigne,
Agus deoir air mo rasgaibh,
Chuir mi m'uaislin an leabachin tamha.
Chuir mi, &c.

V.

V.

Odha Ruairaidh na seang-each,
Ceann mo lòin ri uair 'm ainnis,
Bha dìol gruaig air mo leanaibh,
Cùl cùachach na cam-fh'àlt;
Mar fheornnein no charaibh,
Stu bu mhor-chuiſich ſeala,
Gum bu Ri ù meaſg barrach fir Alba.
Gum bu, &c.

VII.

S' iummead ſearchin oſbàr,
Na t' aghaidh ſhiobholta bhan-gheil,
Gnuis fhlathail gun ghreann ort,
Gun rabh gruaidhin an 'n armuinn,
Cho dearg ris an ſcarloit,
Ga rabh gliocas is cairdeas gun annamoich.
Ga rabh, &c.

VII.

Ach a Chrioſt is maith 'm' hàllan,
On rinneadh leat fuirrich,
An ſa bhlar an robh a cùmmeaſg
Mhic an armuinn tha muillidh,
Bha do thaobhſa làn bhuillinn,
Slag ſo ſgiodh mi ri tuirridh mo chairdin.
Slag ſa ſgiodh, &c.

VIII.

Thuit mo chomhalta tàppuidh,
Fo Bhaile na faiche,
Lan cruadail le gaiſgaidh,
Ga bu chruaidh leum mar thachair,
Cha ne ſin tha mi ag'achain,
Ach an ſquirſa thuair Eachonn roimh naimhdain.
Ach an, &c.

IX.

Caite an d' rùgadh nan d'àraich,
Nan a ghinneadh mac armuinn,
Perſa dhuine thug bàr ort,
Nuair a ghlaca tù 'n ſpainteach,
Chruaidh chùranta laidair,
Sa chuirre tu failte air do chambo.
Sa chuirre, &c.

X.

Gad thigidh fir ſuinnairt,
Clann Ioin o 'n rùtadh,
Clann Chammeron nach diultadh,
Le 'm boghachaibh cul bhuidh,
'S le ſaigh 'te gu ſiubhlach,
Bhi gach bonaid ri umhlachd gam luaidhſa.
Bhi gach, &c.

II.

Ga bu dumhail am feachd iad,
'S iad criunn air aon aiche,
'S mo ghradh a theachd ſeachad,
Bu leat urram gach maiſea,
Mac Mhoire chuir dreach ort;
'S mairg mathair ga mac u,
Na muimmeadh rinn 't àltrum,
Na chunnairc cur ſeachad na 'h uir ort.
Na chunnairc, &c.

XII.

Gur mis th' air mo ſgàrradh,
Mun chuirt th' aig gàllaibh,
Odha Ruaraidh na leanaibh,
Dàlta dileas mo ſhean-athair;
Bha u 'n cairdeas mhic Càlean,
San Riogh bho no pannaidh,
Bha gu cialladaich càrroidach ainamail.
Bha gu, &c.

ORAN

ORAN *le* Inghin Alaſtair *ruaigh do* Mac Leod.

I.

CHA ſùrd codail,
Rùns air maignadh,
Mo ſhuil fraſach,
Gun ſurd mac-nuis,
So chùirt a chleachd mi;
Sgeul ùr ait ri eìſdeachd.

II.

'S trom an cùtrom ſo dhrùidh,
D' fhag mo chùiſlain an lùs,
Stric ſnigh mo ſhuil,
A tuitam gu dlù;
Chail mi uichair mo chuil:
Ann a cuideachd lùchd chiul,
Cha d' theid mi.

III.

Mo neart 's mo throir,
Fo thaſgidh bhord,
Sàr mhac mhic Leod,
Nan brattach ſroil,
Bò phailt ma'n or,
Bu b bhinn-caiſmachd ſgeoil;
Aig lùchd aſtair,
Is ceol na h earain.

IV.

Co neach ga'n eol,
Fear t fhaſain beo,
Am blaſachd beoil,
'S am maiſeadh neoil,
An gaiſgidh glois,
An ceart ſan coir;
Gùn aircais na ſcleò feilidhe.

VI.

V.

Dh' fhalabh mo ſolas,
Marbh mo leodach,
Caloma cròtha,
Meanamnach rò ghlic,
Dhearbh mo ſgeoilſa,
Seanachais eolais ;
Gun chearb ſolam,
Dealbhach rò-ghlan 't eagaiſg.

VI.

An 'treas la do'n mhàirt,
Dh' fhalabh m'aighir gu brath,
Bi ſùd ſaighaid ma chraidh,
Bhi ag amharc do bhais,
A ghnuis lathaſach ailt ;
A dheagh mhic rathail,
An armùin eachdach.

VII.

Mac Ruairidh reach mhoir,
Uairich bheachdail,
Bo bhuaidh leatſa,
Dualchas farſing,
Snuaidh ghlaine pearſa ;
Cruadail 's ſmachd gun e a coir.

VIII.

Uail i's aitis,
Sann uaite gu faite,
Ri uair ceartis,
Fuaſgladh focail ;
Gun ghruam gu laſan ;
Gu ſuarce ſnaiſte reaſante.

IX.

Fo bhùird an ciſtidh,
Chaidh grùnt a ghliocais,
Fear fuidheanach miſail,
Cùilamach gibhtiol,

An

An rabh clù gun brisidh ;
Chaidh ùir fò lic air m' eadail.

X.

Gnùis na glainne,
Chùiradh sùnt air fearibh,
Air each crùidheach ceannard,
'S lànn ùr thanna ort,
Am beart dhluth dhaingin :
Air cùll nan claunn-fhalt teùd-bhuidh.

XI.

Siomadh fear ain noil,
Is aoidh is lùchd eallaidh,
Bheir turnnuis tammul,
Air crùintidh mhalairt,
Air iùl 's air ainne,
Bo chlùidh gun athris bhreug à,

XII.

B tù u sìthamh charid,
Ri' am tighean gu bhail,
Oil dion aig fearabh,
Gun strì gun charraid,
'S bò mhìan leat mar-ruit,
Luchd insidh air annais sgèùladh,

XIII.

Bu tric aoidh chairdean,
Gùd dhùnn adhmhoir,
Suilbhair àilteach,
Cuilm-mhoir stàtoil,
Gun bhuirb gun ardan :
Gun duilt air mhàl nan deirceach.

XIV.

Thù a shliochd olaghair,
Bo mhoir moraghail,
Na seol corabhean,
'S na corn gorm-ghlas,

Na

Na ceol orghain,
'S na feod bo bhorb ri eigean,

XV.

Bha leath do t' fhloinidh,
Ri fiol cholla,
Na cife tromadh,
'S na pios foiller,
Bhò choigaibh Coinneachd,
Bò lion-mhor do luingas breid-gheal.

XVI.

Siomadh gàr dalta,
Is mnai bhas-bhuailt,
Ri la taifgidh,
Cha 'n ath aitis,
Do 'd chairdinn t fhaicfin,
Fò chlàr glaifde,
Mu thruaidh chreach an teug finn.

XVII.

Inghinn Sheimais na crùnn,
Bean cheilidh ghlann ùr,
Thùg i ceud ghradh ga rùnn,
Bu mhòr a' th' oabhar ri fùnt,
Nuair a fhealadh i 'n ghnuis a ceilidh.

XVIII.

Si fhras nach cuinn,
A thainig as ur,
A t fhraichd air feoil,
Sa bhrife air ftùire,
'S air cairt mhaith iùil,
Sar taichea chùil;
'S air chaidraibh cùil,
Bhiodh again ad tùr-eabhin.

XIX.

'S mor an iùntrain tha ùain,
Air a duinadh 's an uaigh,
Air cuinneadh is air buaidh!
Air curam 's air 'n ùail;

Sàr

Sàr ſugradh gùn ghruaim :
'S fad air choimhne na thuair mi fein dheith.

ORAN *do* Inighin *fir* Gheamboill.

I.

MOCH air maidin 's mi lann arſnail,
Tha mi 'g achdain m' iundrain,
An aite cadail air mo leapadh,
Carachadh 's tuinta,
Nan faithin ceid gun reachan graid,
Am ſtill gun ſtad gun aon-tamh,
A dhìos aite am fioſrach càch,
Gu bheil mo ghraidſa n Gheambail.

II.

S ga fad air chuairt mi 's tamail b' fhuaim,
An aiſling bhuan ſo dhuiſg mi,
J bhi agam ann am ghlaicibh,
Bhean bhon tlachdar ſugradh,
ı dhaindeoin buinnig 's fada m' fhurach,
Ann n iumal dùcha,
) chòin a chial gum be mo mhian,
Bhi an dhuidh a trial gad tuiſigh.

III.

ùinſaidh theid mi nuair a dh'eiris,
Mi gu h eatrom ſuntach,
ach cèim do'n t ſhlithidh dol ad rithich,
Bi mo croidhe ſùgach,
ſu mhian bhi geart-uair air bheag cadail,
Ann ad chaidribh greannar,
ſo dhuil gan chleth le dùrachd mhaith,
Gur h'e mo bheatha teann ort.

IV.

IV.

Ach oigh na maiſe a's or-bui falt,
'S do ghruidh air dhreach an neonain,
Tha eidigh grinn mu bheul do chinn,
Stu beul bho m binn d thig oran,
Roſg tana càoin fo'd mhala chaol,
'S do mheall t ſhuil mhion ga ſeola,
'Sin teirc tha 'd t eudan ghreas gu h'eug mi,
Mar tabhair cleir domh coir ort.

V.

Gun choir air fheatain oigh na feile,
Gres mi fein gu ann lamh,
Thuair u n iaſa buaigh bho dhearmid,
Tha cur ciad an geall ort,
Ciochin geala air uchd meallidh,
Mian gach fear nan ſealltain,
Do chionn fallaich h' air mo mhealadh,
'S e na eallach throm orm.

VI.

Tha ruin na fear fo d' ghuin am falach,
Seang chorp fallain ſoundach,
Slis mar eala cneas mar chanach,
Bho chion tammil m'iuil ort,
Bho cul do chinn gu ſàil do bhuinn,
Stu damhſa grinn air urlar,
Mi bhi taribh 's gun tu laithir,
Gres gu lar mo t ſhugradh.

VII.

Mo ſhugradh air chèall 's dul, ruit mar bhean,
Oigh na chiabh glann faineach,
T'aon bhirollach geal trom-cheſt nan fear,
'S uaſail an t'ion ban Riogh,
Tha ſeirc i's beuſan tlachd 's cèatibh,
Mar ra cheile fas riut,
Do ghaol gach lo ſo rinn mu leòin,
Cho mor s nach th'eòl domh àribh.

VIII.

VIII.

Cha neol do aribh trian do' t'ailichd,
Gus don bhas gun gèil mi,
Cealidh cluitach beusach muirnich,
Cead fear ur tha n deidh ort;
Biodh àirnin bruit aig pairt do'n cuinntagh,
Gach la ga'n dùilt u coimhneas,
Biodh slaint as ur le failte cùil,
Aig neach dheo lùb san roin ort.

ORAN *muirta* Ghlinn Comhann, *leis a Bhard* Mhucanach.

I.

MILE marbhasg air 'n t' shaolghail,
Tha e càrach mar chaochladh nan sion,
Ni nàch gùidheadh mìd fhaotin,
Mar na sruthaibh ag aomadh a nìos;
Si chneamh fein thar gach aobhar,
Bhis gach duine ga chaoneadh 's e tinn,
Breith mhic samhain air soidhin,
Teachd a ghleachd rinn a thaobh cul, ar cinn.

II.

A Riogh fheartich na greina,
Tha 'n cathair na feileadh dean sìth,
Ri clann an fhir a'bha ceàtach,
Nach bu cholltach ri fèileadh fir chrion;
Nuair thogda leat brèttach,
Crainn chaola fraoch daitè agus piob,
Bhi mhna gaoil le fuaim bhàs,
Caoidh laoch nan arm sgaiteach san strì.

III.

Gun raobh aignie duine-uaſail,
Aig a bhaile agus uaith ann ad choir,
Cha bu gheura gun tùigſe,
Bha ſu' bheul bu neimh thùiteamach glòir,
Ceann na ceille 's na cùideachd,
Rinn na h' eacorach cùſpair do t'fheoil,
Cha b'e 'm breugair a mhurtadh,
Aig luchd ſhecdidh nam plùicin air ſtòl.

IV.

Ach duine mòr bu mhaith cumadh,
Bu neimh ſgàtheach an cùridh ghiomh,
Bha raobh bar aig mac dùine ort,
Ann an ailleachd ſan urigleadh cinn,
Ann ſa bhlar bu mhaith t'fhuireach,
Còſnadh làrach is ùram an Riogh,
Mo ſgreid chraiteach a fulachd,
Bha 's tigh chlaridh 'm bigh fùran nam pios,

V.

B iad mo ghradh na cuirpe gheala,
Bha gu fiùghantach fearoil neimh chrion,
Smaraig a chunnarc ar'n uaiſlain,
Dòl fo bhinn a luchd fuatha gun dìon;
Ach nam bidh-maid nar 'n armaibh,
Mun do chrùinneach an t'ſhealg air an tìr,
Gun raobh còtachin dearga,
Gun dòl tùilleadh dh'armalt an Riogh.

VI.

Cha b'e cruadal an criodh,
Thug dhoibh buanteachd air buidhinn mo rùn,
Tilgidh luaithe na cithaibh,
Sùd a chùis a bha miſhealbhach dhùinn;
Eidir uaiſlain a's mhithaibh,
Gun raobh bhuaidh ud rùigh órnn bho thàs
Bu linn toiſeach na ſlighe,
Bhiodh na ſluaiſdin fritholadh dhuinn.

VII.

VII.

Cha bi ſùd an fhùil ſhàlach,
Bha ga taomadh mun talamh fa ghleann,
Sa liùghad ùmigh mar ghearran,
Bha cùir fùdair na dheannuibh mar ceann ;
A Riogh dhùlaich na'n ainghail,
Gabhſa cùrum dar 'n anam a's ſibh thall,
Chaidh ar cùnntas an tànaidh,
Le garbh dhùſgadh na malairt a bhann.

VIII.

Thrùs do chinneadh ri cheile,
Dheanuibh coinne 'nde ann fa'n dùnn,
Cha d' aithrais ù ſgeula,
Fhir a b'uradh a reiteachd gach cuis ;
Eitag dhaingin an ſgeath ù,
Sam baranta treun air an cùl,
Biodh la eile ga reiteach,
'S miſa drùit ann a'n ciſtè ſa n'uùir.

IX.

Gu bheil miſa fo mhùlad,
Bhi 'g amharc air gùnna air ſteill,
Sàr ghiomanaich ùllamh,
Leis an cinneadh an fhùil ann ſa bheinn,
Ann a frìth nan damh mùllaich,
Far an deantar libh munaſg air ſeilg,
Ga bu tric ſibh gan rùſgadh,
Cha d'iar ſibh riamh cùntas nam bein.

X.

Cha bu ſgàthairin gealltach,
Bhiodh a mùitheagh an gaiſgaidh gach la,
Tha ſa 'n eilan nan càdal,
Nach duiſg gù ſa faichdear am brà ;
Luchd dhireadh na'n Eitbheann,
Le cuilbharin gleuſda air an laimh,
Slionar fear nach drinn eiridh,
Bha na ghiomanach treun air a'h ear.

XI.

Cha d'fhuair ſibh riamh leigh,
A leitheas na'n creuchd gun bhi ſlan,
Càll na fala fo'n leintibh,
Bha na fir bu mhor feile ri luchd dàin;
Nam b'e comhrag na feinne,
A bhig eidar ſibh fein 's clanna gàll,
Bhìgh eoin mhollach an t'ſhleibhe,
A gairſinn ſalach air creubhagan chaich.

XII.

Slicnar fear tha toirt ſcannail,
Do'n Tighearn òg th'air an fheronn ſo thàll,
Eidir ceann locha Rainach,
'S rùtha ſhleite 's bùn gharai nam beann,
Bha u t'fheichibh gle dhaingin,
Far an eiſdigh rid theanga 'n cainnte,
Mar ùrabal peacaig an tàruing,
'S mar ghath reubhadh na n'arrach gu càll.

XIII.

Lèam 'n ſtuir far a claigin,
Le muir ſùigh 's gun ſinn achainteach dho,
Dhalb na croinn 's na buill bhearte,
Is leig ſinn uallach na ſlaite air a ſgòad;
'S bochd 'n duſgadh ſa mhadinn,
So thuair ſinn gu grad a theachd oirnn,
Ma gheibh ſinn uine ri fhaichdinn,
Beir ſinn fuchda munſeach air a chlò.

Marbh-Rann Uisdain a Baile *Shear.*

I.

GUR geur an gath, gath an aoig,
Nar taobh a dh' fholaich a ghuin,
Nar dh' fhuadaich e uainn na suinn,
Sgeula 's cruaigh ri innse 'n diugh.

II.

Nar thugadh ar ceann prioſail uainn,
Gur mi fhortan cruaigh a thann,
Cach a bhi tearnadh co chaſs,
Sa thearnadh a chlach leis a ghleann.

III.

Am fior ghaiſgich aig dol fui lic,
Mum b' iargainich iomadh neach,
Sar chuirri a chaiſgidh toir,
'S nach cuirridh ob ob air ais.

IV.

Duinne ſcarteil tapai teomagh,
Duinne ſeigheir ann 's gach beairt,
Labhradh an fhirinn le grunnd,
'S cha bi 'n teanga leam 's leat.

V.

Gur miſe chunairc an uair,
Gum b' urramach do t ſhnuagh 's do dhreach,
Fear fearrail bu fhlathail gnius,
Amharc na sul nach ro tais.

VI.

Duinne ſcarrail a dh' fhas cruaigh,
Duinne 'n ro cruadal 's ſmachd,
Duinne 'n ro iochd agus truas,
Gu fuaſgla air fear na airc.

VII.

Duinne 'n ro ſmior agus ſgoinn,
Duinne nach ro foill na bheachd,
Nach buailidh a bhuille-chuil,
'S nach gleithidh mi-ruin do neach.

VIII.

Craobh a ruiſgidh air gach taobh ſinn,
Craobh nach do ghuilain a meas,
Cha 'n fhan ar luchd aoiſe beo,
'S cha d' thig ar daoin og a ris.

IX.

Sealladh mid a noiſe air Dia,
'S cinntich a chrioch dhuinn m bàs,
Ruithidh mid an curſa rèith,
'S iarradh mid mac De mar gheàrd.

ORAN *luaidh no fucaidh.*

LUINEAG.

Holibh o iriag o ilil o,
Holibh o iriag o ro thi,
Holibh o iriag o ilil o,
Smeorach le clann,
Ranuil mi.

I.

GUR a miſe a ſmeorach chreggach,
An deis leim far cuach mo nidein,
T'ſholar bìgh do 'm iannabh beaga,
Sheinnim ceol air bàr gach bidein.
Holibh, o, &c.

II.

Smeorach mise do chlann Dobhnuil,
Dream a dhitigh 's a leonadh,
'S chaidh mo chuir an riochd na smeoraich,
Gu bhi seinn 's a cur ri ceol dhoibh.
Holibh o, &c.

III.

Sa chraig guirm a thogadh mise,
An sgiorachd chaisteal bhuiribh nan cliar,
Tìr a ha daonan a cuir thairis,
Le tuil bhainne meala 's fion.
Holibh o, &c.

IV.

Sliochd nan Ieun fo 'n chaisteal tioram,
'S bho eillean Ionan nan Gallan,
Moch i's feasgar togbhar m' ollach,
Sein gu bilich milish, mealach.
Holibh o, &c.

V.

Ha mi don ghùr rioghail luachach,
'S ma' Ieun fhaodain a nead uasail,
Ghinidh mi gun chol gun truailleadh,
Fuidh sgiathaibh Aillein mhic Ruairi.
Holibh o, &c.

VI.

Cinnidh glan gun smùr gun smodan,
Gun sinàl, gun lua rua gun ghreddan,
'S iad gun ghimh, gun fheàl gun 's odan,
'S trein am buil an tiugh nan trodan.
Holibh o, &c.

VII.

Cinnidh rioghail h'eair am buantachd,
A mire mhearagh na cruaghach,
'S daoiman iad gun spàr gun truaillidh,
Nach gabh stùr gne sinàl na rua-mherig.
Holibh o, &c.

VIII.

VIII.

Cinnidh mor gun thoſd gun ſpàran,
Suairce ſiobhailt gun rapal,
Coimhneil aithnideil ri cairdin,
Fuiltich faobharach ri nabhaid.
Holibh o, &c.

IX.

Ranalaich nan òr-chrias tagach,
Nan lurach nan ſgia is nan clogaid,
Heid a ſios gu gunnach dagach,
Na fir ghaſta ſhundach chogach.
Holibh o, &c.

X.

Siod no h aon daoine h air an aire,
Nach dianadh air plunndraine cromadh,
Dheanadh ann ſan araich gearradh,
Cinn gan ſcaradh cuirp gam pronadh.
Holibh o, &c.

XI.

Madain chètein m bàr gach badain,
Sgoileadh ciuil a ghloic mo ghuibin,
'S àluin mo thruitrach 's mo ghlagan,
Stailcidh mo dha bhuinn air ſtuiben.
Holibh o, &c.

XII.

Gur a miſe cruit nan cnocan,
Sein mo ledéin air gach bachdan,
'S mo chearc fein 'na bheus air ſtocain,
'S glan air glocan air gach ſtacan.
Holibh o, &c.

XIII.

Crith-chiuil air m' ugan ga bogadh,
'S mo chom-tur uille lan beidrigh,
Tein eibhin am uch air fadagh,
'S mi air fad gu dannſa air leagail.
Holibh o, &c.

XIV.

XIV.

Nar chuirin geoichd air mo ghogan,
Sa thogain mo t ſhailm air cregan,
'S ann orm fein a bhigh an frogan,
Ceol go thogail 's bròn g leagail.
Holibh o, &c.

XV.

Eoin bhuchalach bhreac na coille,
Le 'n organaibh ordail mar ruin,
'S fiadag ghlan am beul gach coilich,
'S binn feid ghoill air gheugabh baircih.
Holibh o, &c.

XVI.

'S miſe an t'eunan beg lem m fheadan,
Maidin dhruic 'm bar gach baidan,
Sheinidh na puirt ghrinn gun ſcreidan,
'S ionbhuin m' fheadan feagh gach lagain.
Holibh o, &c.

XVII.

Cuir a miad ſios feagar mionaich,
Toſda nan cuirrinin clannach,
Nan colg ſcaitich gaiſte biorach,
'S ra mhor ſgil air cobhrag lannach.
Holibh o, &c.

XVIII.

Bho ha mi teannadh gu heirir,
Ullachaim m' achdar gu cala,
Toſda mhuideart ceann nan ſeilach,
'S an ſlainte eil' ud triach nan garrach.
Holibh o, &c.

XIX.

Lion a ſuas an ghlainne cheudna,
Cuimhnich e mid ſlaint n t ſhleibhtich,
Riodair òg gaſta nach eirigh,
Dol le ſcairt t ſhracdadh bheaſtan.
Holibh o, &c.

XX.

XX.

Slainte Iarl Antrum tofta prioſail,
'S na ha n Eirin chlannaibh Milidh,
Ha mo ſheilligh batha m iotaidh,
Chion gu bheil mo bheul lan miſlein.
Holibh o, &c.

XXI.

Greſſam gu finid gun ſtoppa,
Ach cha mhian leom a bhi bachdach,
Puirt chiuil na ſmeoraiche doſaich,
Toſtam fior ſheobhac na ceipich.
Holibh o, &c.

XXII.

Togamaid ſlainte nan gleannach,
Fo chothan nan bradan eareach,
Bheiridh air bocanaibh pillidh,
Chab ghirigich iad air bealach.
Holibh o, &c.

XXIII.

Diolamid 'n taſdo ſeo barachd,
Deoch ſlainte na fuirn glana,
Fo chruachan beann an trom gailinn,
'S fo ghleann nothadh nan ſonn fearrail.
Holibh o, &c.

XXIV.

Co n nabhaid n ſin roibh a ſheaſadh,
'S cruaidh ruiſgte na'n duirn gu ſlais rich,
Laoich a ſcathaidh cheann 's leaſrach,
Na ſuin n t ſheaſrach ſhunndach mhaſich.

LUINEAG.

Holibh o iriag o ilil o,
Holibh o iriag o ro thi,
Holibh o iriag o ilil o,
Smeorach le clann,
Ranuil mi.

IRAM *na truaigha, le* Iſſachri M'Aula *de* Tighearn Aſſinn.

I.

GUR thi uiram na truaidhe,
So tha miſe ann ſa n' uairſa ga ſeinn,
Gur e mhiadaich droch t ſhnuaigh orm,
Sa laightaich a ghruag thar mo cheinn,
A luthaid ſcaraidh a thuar mi,
Bhon la b'aithne dhom gluaſaid leum thìon,
Ach ſi ſo aon ſnimh 's cruaghe,
Chuir ſaogle air uaichdar ri m leinn.

II.

Gur bochd m' uairſgeul ri leaghbadh,
Ga be dheanneadh ruim eaſteachd an draiſt,
Ta mo chroidhe ga reubadh,
Bho n la cualadh mi ſgealaidh do bhais,
Gu bhel m' intinna bruita,
Gur tric ſnigh mo t ſhuilin gu làr,
Bho n' fhailach an uìr u,
Fhir bu lathghola gnuis an meaſg chaich.

III.

Am meaſg chaich bu tu chuitachd,
Air mo laimhe cha bu ſcruburra buird,
Ann tuigſe ſan reaſan,
Cha do dh'idrach mi ſein ort ach clù ;
Ann an atruas ri dhaoine,
Nuair a chidh tu baoghal ri'n cuil,
Gur tu burain da'n tearrnaidh,
Fhir bu cumanta bla ſealtin ſuil.

IV.

Suil bu guirma nan dearcaig,
Fo n aighi glan ghaſta dhais redh,
Gruaidh dhearig mar a cairaidh,
Slios as gile na faoluin na ſpeur,

Meoir

Meoir 's grinne a ni sgriobhadh,
Littir bainn is glann scriob od pheann gèur,
Nochd as tuirsach a ta m' inntin,
Air thuis domh bhi ginseadh do bheus.

V.

Beus a bainnimh ri fhaotain,
A measg chlainne nan daoine ann sa'n fhonn,
Le'd chiall cunnabhaltach t shocrach,
Cha bu leir dhoibh aon lochd a bha ud choim;
Thouil mu chroidh gu beachdaigh,
Gun u thighun air tais orn le fonn,
Ceannort mole agus m' aighir,
Fo na bordaibh na laighi gu trom.

VI.

Bhuain gun tug iad u a niose,
Gu la luan mo shuil siltach go'd chaoidh,
Gur e fual do chiste,
Cais as cruaighe an raibh mise nan bi;
Ga bu chruaidh b' fheudar fhulang,
Och mo cruadal mu bhuinnin dh'om ghith,
Mo cheol mol agus maighur,
Fo na bordamh na luidh air an iughe.

VII.

Air an iugh ann san t sheapal,
Ta tigh bu mhor ceist air an daimhe,
'S tu nach treagidh am feasd iad,
T fhaid ag fhaidadh tu a teasragin slan;
'S bochd luim gàor do dhaoine uaste,
'S iad mar chaorrach gun buachaile air blàr,
A riodh ghaollach gabh truas ruibh,
Nios bho thug an teug bhuap u gun dail,

VIII.

Dail cha n'earain a niose,
Ach bhi trial thuin do lioce mo mhione,
Dol a dh'uinsaidh na carrach,
A chuir curam an eallach 's a dhiom,

'S beag

'S beag mu ſpeas dhiol a t ſhaoghile
Nan croidaidh na daoine fior,
Sior ghubhlan a pheacdadh,
Choſin ſguirſadh le maſladh do chrioſt.

IX.

Ach o chrioſt ata ſo chathair,
Air deaſ-laimhe an athair gu buain,
An duidh as ſleir dhuit mo dhorran,
'S mi an deigh cloithain an dorruis thort bhuam,
Fhir thug maos as an ephaid,
Sa ſcoilt na clair reth ga mhuir ruaidh,
Fhir a chuimp mi ſa dhealbh mi,
Si ſo an Iram a t ſhean mi gu truaigh.

An DUANAG *ullibh, le Bard mhic* Ileoin, *do chalean Irla* Aroghaiel, 1569.

I.

TRIALFA mi le 'm dhuanaig ullibh,
Gu riogh Ghaigheal,
Fear aig am bi 'm bailte Dobhil,
Sonna, ſaibhir.

II.

Triach earraghael 's fear faiccin,
'S mothigh maitheas,
Cailain Iarla ſa cliuidh,
'S e 's fial flaitheas.

III.

Abhal uaſil, farſin, freibhich,
Dan euaidh moladh,
Crann as uridh dhas roibh thalibh,
Lan do thorigh.

IV.

Sheobhag 's uaiſle theid 's na neilibh,
Crann thair chrannibh,
Mac rath thu chum Dia gu hullibh thu,
Do 'n chliar eallaghan.

V.

Mar leobhan neartbhar, neibhnich ladir,
An am tripſaid thu ;
'S beg nach dechidh alb'air udbhal,
Gus 'n do theſraig thu.

VI.

An trath thrialfas Cailain Iarla,
Sa t ſhluaidh bunnidh,
Cur far leis air fairg o challadh,
Caibhlich ullibh.

VII.

Loingeas leathin, laidir, luchdor,
Dealbhaich, dianich,
Is ſleabhnidh ſlios dhol ſan uaridh,
Dar-chruaidh rabhach.

VIII.

Togar an ſin na geal chroin chorrich,
Suas le 'n lonibh ;
'S iommid ball bhigh tean ga dhianibh,
An am dhoibh ſheoligh.

IX.

Deintir an ſtaoigh dirich, dualich,
Mu'n bhraigh t ſhoiſich ;
Togar na ſhuil bhor le maiſhe,
Le ſcoid-lin croſſich.

X.

Deintir a chluas ſan chich t ſhoiſſich,
Dhol ſan thuarigh,
Mar ſteud ro luath, 's ſtruth ga ſarach,
'S muir ga bualigh.

XI.

XI.

Liuthid laoich fulingich, meanmnich,
Dorn-gheal, treiblich,
A dhimrigh lub air a h àlich,
Soicrich, fhèitrich.

XII.

An deo 't fhluaigh lionbhor foi lann armibh,
O 'm barcibh reibhra,
Air a dheflaibh daonan neairt nan guibhnich,
Aig riogh Alba.

XIII.

Le laoigh a chearteais, ' nar a b egin.
Le cruaidh-choggidh,
Bhuithin fhibh buaigh 's ha fhibh oirgheric,
'S huair fibh toffich.

XIV.

Nin ainnigh ghoibhfa bhur cairden,
Ga farfing m eolas,
Ach 's ro chintich leat gun erigh,
Mac Leoid Leoghis.

XV.

Fuil mhic Intofich gu hullibh ;
Feachd mhic Immigh ;
'S mairg air 'n leggidh iad am buillin,
An am lann immirt.

XVI.

Clann a leoin gu laidir lion bhir,
O 'n tir mhuillich,
An dream trug buaidh an 's gach beallich,
Is 'b fhearr fuirrich.

XVII.

Brollich chlann Doibhnil ort a feathibh,
Dan cliu buaigh larich,
Uaiflin Infegall gu coibhlian,
Fir gun fhailin.

XVIII.

Fhuair thu fud fo'n Riogh 's gum bairigh,
Bhi 'd ard cheannart,
Air feiridh alba, 's bhi t ard bhrithibh,
Neithe 's an na ma.

XIX.

Ata thu a tard-fhear coibhid agus glethidh,
Air a chrich thall,
Ranig, 's bhuadhich u air do naibhdin,
'S fhuair thu fhichaint.

XX.

Air ard choibhirligh na h alba,
'S tu 's ftuir uillidh,
Do cho math ni 'n d fhuarras an fheannachas,
O Linn Uilliam.

XXI.

Wallace, flath na'n fearr gun choimeas,
Am meafg dhaone.
Cailain na dheigh fin gun choimeas,
An Tiarl Aorach.

XXII.

Ga ro bhor tinbhigh, t anim 's tonnair,
'S mo do ghlioccas,
Rein u bunn e fteth na firin,
Is an cheartais.

XXIII.

Reinnidir leat dithidh ceart,
Do lag 's do laidir,
Beannichd gach aoin duine ad chudichd,
Ghall as ghaigheal.

XXIV.

An Tathair cuidhachach do 'd ghlethidh,
'Sa mac firin;
An fpiorrrid naobh 'dhion do narigh,
A Riogh Lochfinigh.

XXIV.

XXV.

Ni n d'fhuaris do cho math do dhuirrin,
'S ni mo d' fhiar fas,
A cheann na 'm fearr bu phailt curam.
Leat a thrialfain.

SMEORICH Clann Doibhnil, *le* Iain M'Codrum *o* Uist, *chinn a* Tuath, *alias*, Iain M'Fhearchair *mhic* Iobhair.

LUINEAG.

Holibh o iriag o ilil o,
Holibh o iriag o ro thi,
Holibh o iriag o ilil o,
Smeorach le clann Doibhnil mi.

I.

SMEORICH mis air air urlar phaibbil;
Crubagh ann an dufal caddil,
Gun deorichd a theid nas faidde;
Truimmid mo bhroin thoirleim maigne.
Holibh o, &c.

II.

Smeorich mis re mullich beinne,
Ghaibhric grein a s ſpeirin ſoillair,
Thig mi ſtolda choir na coille,
Bigh mi beo air treodas eille.
Holibh o, &c.

III.

Smeorich mis air bhar gach biddain,
Dianibh muirn ri druic na maidne,
Buala mo chliath-ludh air m' fheddan,
Shein n mo chiuil gun ſmùr gun ſmoddan,
Holibh o, &c.

IV.

Ma mholas gach fearr a thir fein,
Ciod a ris nach moligh mis i ;
Tir nan curraidh, tir nan cliar ;
An tir bhiachar, fhialidh, mhisoil.
Holibh o, &c.

V.

An tir nach caol ri cois na mara,
An tir ghaolich, chaoibhich, channich
An tir laoghach, uanich, mheannich,
Tir an arain, bhainnich, mhealich.
Holibh o, &c.

VI.

An tir riabhich, ghreanich dhaite ;
An tir dhianich, fhiarich, fhasgach ;
An tir lianich *, ghiaghich, lachach,
'N tir 'm bi biagh gun mhiaigh air taccar.
Holibh o, &c.

VII.

An tir chroicich †, eornach, dhaite ;
An tir bhuaghich, chluanich, ghartich ;
An tir chruachich, sguabich, dhaisich ;
Diu ri cuan, gun fhuachd ri sneichda.
Holibh o, &c.

VIII.

'S i 'n tir sgiabhach tir a mhachair,
Tir nan dithean, migich, daite ;
An tir lairich, oigeach, mhairtich,
Tir an aigh gu brach nach gaisir.
Holibh o, &c.

IX.

An tir as boiche ta re fhaiccin ;
'M bi fir oig an coibhdich dreichoil ;
Poilt na 's leir le or na machair ;
Spreigh air mointich ; oir air chlachan.
Holibh o, &c.

X.

* *Sea-ware.* † *Meadow.*

X.

An cloigh chothan miſe ruga,
'N aird an h unnair h uair mi toggail :
Fraoirc a chuain uaibhrich chuiſlich,
Nan ſtuaigh guanich, cluainich cluichich.
Holibh o, &c.

XI.

Meaſg chlann Doibhnil thuair mi maltrom,
Buighin nan ſeoil, 's nan ſroil daite,
Nan long luath air chuaintibh farſing,
Aittim nach ciuin ruiſgidh ghlaſ-lann.
Holibh o, &c.

XII.

Na fir eolach, ſtoilde, ſtaidoil,
Bha 's an chomhtridh ſtroicich, ſcaitich,
Fir gun bhron, gun leoin gun airtneal,
Leannigh toir as toir a chaiſge.
Holibh o, &c.

XIII.

Buighean mo ghaoil nach fuoin caittein,
Buighin nach gann greann ſan ath-ſtri ;
Bhuighin ſaintich nam bhi acca,
Ruiſgidh lann fo t ſhranrich bhrattich.
Holibh o, &c.

XIV.

Bhuighin ualich nuair na caiſmichd,
Leannidh ruaig gun luaidh air gealtichd,
Cinn as guailin cruaidh gan ſpealtidh,
Edich ruaidh le fuaim ga ſtraiccadh.
Holibh o, &c.

XV.

Bhuighin rioghail, 's fir-ghlan, alladh,
Bhuighin gun fhiobh, 's iotadh fail orr,
Bhuighin gun ſca 'm blar na'n deannol,
Foinnidh, narach laidir fearroil.
Holibh o, &c.

XVI.

XVI.

Bhuighin mhor ſam por nach troichoil,
Dh' fhas gu meamnich, deallabhich toirtoil,
Fearroil fo'n airm, 's meirg da nochda,
Ri uchd ſtoirm nach leannaboil coſlas.
Holibh o, &c.

XVII.

Suighe mid mu'n bhord, ſtoilde, beichdoil,
An t ſhuil ſan dorn nach oil amach i,
'Slaint' ſhir Sheumis dheo thin dachaidh,
Aoin mha de mar ſgeth do'd pherſin.

LUINEAG.

Holibh o iriag o ilil o,
Hoiibh o iriag o ro thi,
Holibh o iriag o ilil o,
Smeorach le clann Dobhnuil mi.

ORAN *le* Iain Lom *do* mhorar Ghleanngaradh.

I.

'Se mo chion an t og meamnach,
Bu ſhair cheannart nan ceudan,
Fhuair thu urram fir Alba,
Le do dhearbh achd fhuin ghleuſta,
Mac Muirre dhion t annaman,
Ann 's gach aona bhall 'n deid u,
'S nan reachadh do mharbhadh,
Gun airceas mhic De leat.

II.

A ſair Mharcaich nan ſteud each,
Ur ghleuſt air dheo Innil,

Led

Le achdfhuain mhath ſtreine,
'S do reir ſin da ſtiorap,
Nuair a reachaddh tu leim air,
Cha bu reth dol id philidh,
Spainntich ghaiſte chruaidh gheur ort,
'S bhigh ratreat mar a ſhirin.

III.

Beus do bheuſabh a ghlinnich,
Gun ro ſinn umad eolach,
Cha ghabidh tu girag,
Naile phillidh tu 'n toirichd,
Bigh an tiubhar ga lubadh,
Marri fuidhi chinn ſtoraich,
Air a leigigh gu h eallabh,
As na taibhadin corcaich.

IV.

Ach Aineas oig ghlinnich,
Cha neal ſine umaid ſuarach,
Nara thogadh tu n iomart,
Bu ghlan do chinnigh ri ghluaſad,
Gu bheil cuid dhui air leinne,
Laibh an innein ſeo ſuas uainn,
Ceud connſmun gun ghiorag,
Nach pilligh le fuatkas,

V.

Cha n fhuil bhoidach na prabair,
Na graſgidh na tuaiti,
Ach fuil an Iarl Iolaich,
Ata diragh ri d ghruaighibh,
'Scair thu mhili nan cathan,
Thaobh t athar cuig uairrin,
Dh' fhag ſud cruadal a'd labhan,
Gus an claidheamh a bhualadh.

VI.

N am bigh maoim aird do naimhdin,
Gu'd champ mar bu mhinig,

Gun

Gum bigh cuid diu nan luidhe,
'S gun an lamhan ri 'n ſlionain,
'S iad gun chlaigin gun chluaiſin,
Ach an uaircin ri ſileadh,
'S cait an caſſan o 'n cruaichin,
Le cruadal a ghlinnich.

VII.

'S mor am muiſig ſan tra ſeo,
Air mo ghragh do na fearrabh,
Mu n tagridh ſin chroideart,
A bhi 'm poca mhic Cailin,
'S iuma uiſge nach ladho,
'S noch leigidh claoidhire thairis,
As an duig u do chaſſan,
Gu coiſſichd a dhaind eoin.

VIII.

Rud 's moth orm mar churam,
Ann ſan uair ſeo ra eiſtichd,
Meid ardan mo chinnigh,
'S Dia gan pilligh gu reite,
Air bhur tighin gu fallain,
Thugaibh airre gam ſgeulſa,
A fhearr dhuibh dithiſt ſan athunn,
Na bhi grathun o cheile.

IX.

Ainn-reite chlann Dobhnuill,
Luim 's neo-chonart a bheirt e,
Gun do chuirrigh e orm gruaman,
Cuig uairrin ſmi m' chodal,
'S ann a dh' eirigh iad cobhla,
Leis a mhòr fhearr ſeo bh againn,
E fein 's onair ſhir Seumas,
A bhi reir an aon aignidh.

X.

Gad bha onair ſhir Seumas,
Dhuit fein mar a ta'e,

Bai

Bait leom Iarlachd Rì Fionnghal,
A chluinntin mar b ail leom,
Bheirin bleana dheth 'm ſhaoghal,
'S gach ni dh fhaodain a tharſuin,
Chionn do choir a bhi ſcriobhta,
Fo laibh nRigh gu dad faillin.

XI.

Mar bhi clipich mo theanga,
Dheanain ſeannachas mu 'n cuairt dhuit,
Tha do ranndaichin farſuing,
A lub thaitnich a chruadail,
Cha neil rothach no barrach,
No gallach no tuathach,
Nach bu dleas a bhi leatſa,
Nàm caiſnichd na huairre.

XII.

Gur a farſuing do ranntachd,
Agus teann ſa re cheile iad,
Gu bheile cuid dhiu gu cliutach,
Mu ruta na Eirin,
'S cuid cile 'n Lochabar,
Mas a beachdai mo ſgeulſa,
'S bu cheud feard u iad agad,
N nam tapadh nan geur lann.

XIII.

Mac Pharlain 's a chinnigh,
Gur leat ſin an am t fheime,
'S clann Donnachaigh a Abhal,
Go graun o cheil iad,
'S gur leat mac an Aba,
Le aitim mhoir mheadhraich,
'S mac Laomain 's mac Lachlain,
Nan glaſs-lann a geura.

XIV.

Co ni taice na tabhachd,
Na ni ſta dho air doimhin,

Ma

Ma nitir leat m' fhagail,
Tha mi bait'm muir dhoibhin,
Cha neil neach dheanagh m' ea-coir,
No fhalltradh ceim ann am ghnothach,
Nach tu b fhurrain ga reitich,
Theagh 's a dheirigh tu rotham.

XV.

De cha 'n iarrain mar barrunt,
'N lathar barra na binigh,
Ach tighearn og Ghlinnegaraigh,
Mo chairad glan riobhach,
'S geul 's mo tha mi gearran,
'S th' orm mar anachdair chinntich,
Gun do t fhliochd a bhi t' aite,
Dh fhios an là theid ceann crioch ort

An GILLEADH *dutd* Ciar-dhuth.

I.

CHA dirich mi bruadhach,
'S cha fiubhail mi mointich,
Dh' fhailibh mo ghuth cinn,
'S cha fheinn mi oran,
Cha chaiddil mi uair,
O luain gu domhnach,
San Gilli dumh ciar-dhuth,
Ag tighin fo 'm uidh.

II.

Struadh nach romh mi,
San gilli dhuth ciar-dhuth,
An aodan na beinne,
Fo fhillidh nan fiontuin,
An laggan beg fafaich,
Na 'n aiteigin diabhair, 'S tu

'S cha ghaibh ain fear liath,
'S tu tighin fo'm uidh.

III.

Dh'oilin deoch-slainte,
A ghille dhuidh chear-dhuidh,
Dh' uisge duth an loin,
Cho dheonach 's ga b'fhion e,
Gad ha mi gun steras,
Ha na sleoir teachd ga'm iarruidh,
'S cha ghaibh mi fearliath,
'S tu tighin fo'm uidh.

IV.

Beibhin leomsa coir,
Air a ghille dhuth chiar-dhuth,
Fhetin ra phosadh,
Nan deonuiche Dia e,
Rachuin leat do'n olaind,
O choin bi mo mhian e,
'S cha ghamh mi fear liath,
'S tu tighin fo'm uidh.

V.

Briodal beoil,
Tha gradh na m bann og thu,
Poitear fion thu,
'S an t shaoidh nach soradh,
'S thu fearrail fearra-bhuillich,
Seal agair air mointich;
'S cha ghaibh mi fear liath,
'S tu tighin fo'm uidh.

VI.

'Sluainich mo chaddal,
O mhaddin diaciadain,
'S bruaidleanach 'm aigne,
Mar furtaich thu dhia orm,
Mi 'n rair air dhroch leabaidh,
Cha 'n fhadda gu 'n liath mi,

San gilehduth ciar-dhuth,
A tighin fo'm uidh.

VII.

Mo ghilleadh dhuth boighcach,
Ga gorach le cach thu,
Dhianuin do phofadh,
Gun deoin mo chairdin,
Shiuibhlinfe fadda leat,
Feadh laganan is fafaich,
San ghilleduth ciar-dhuth,
A tighin fo'm uidh.

VIII.

Mo ghilleduth laogach,
'S neo raoghain leom t fhagail,
Na'm faiccin an cuidichd thu,
Thaoghain roibh chach thu,
Ge'd fhaiccin 's coig mile,
Air chint gur tu b'fhear leom,
San gilledhuibh ciar-dhuth,
A tighin fo'm uidh.

ORAN *le* Inis *mac mhic* M'Raonuil *na* Ceapaich.

I.

THUGAS ceift da mhnai ghaft,
Is glan leachd 's a cul mar n tòr,
Camlubach bar bhachlach,
Gruaidh dhaite deud fnaite mar nòs,
Suil chorach mar chriftol,
Binnis theud ann m britail a beoil,
Adhai fholais a'n comhfri,
Co 's aille i no neonein no n ros.

II.

II.

Tha do mhuinal mar chanach,
Faicht' a t iabhai lan glaina do n fhion,
Tha tuchd mar a n eala,
Tur gheala 's a m barinna sios,
Tha do shlis mar thuinn mara,
Nuair dheridh mor ghalleann na sian,
Ga bu dan e ri labhairt,
Air n'aill a bhi marriut ma mhian.

III.

Cha raibh ort cron cumadh,
Ri t amharc bho'd bhullach gud bhonn,
Dhàs u d scail raimh n' chruinne,
Reir natar chum urram thoirt ornn,
Dheug ainneal chiùn thaitneach,
Grinne ghasta binn bhlasta guth beoil,
Leis a ghaoil thann ma phersa,
Na smùinich cùr as domh na smo.

IV.

Caite facdas duit coimeas,
Dheug fholas 's geile na ghrian,
Cha d theid Diana ri faicinn,
Ann a coltas ri d phersa mar thrian,
Thaobh geimenachd cha d theid i,
Co choimais ri geug na glan chiamh,
Air m fhocull 's tu 's ceattaich,
Chunnacdas le m leirsinnsa riabh.

V.

Tha ta cholltas ri Venus,
Philo cleth cha choimas ri m run,
Fabhradh ghast mo d leirsinn,
Cho-arise ri feurinnean fo'n driùchd,
Sniarachd fer bheir geill dhiat,
Aig feodhas ta bheasabh 's ta chliù,
Thug ù dhachai le t eimachd,
Gach aon chleachda bu leir dhaibh sa chuirte.

VI.

Sliefaid ghlan 's ma cumadh,
Deas chalap 's troidh chuimar am broig,
Thugas gaoil dhuit o n urrith,
A dh' fag mi m fcaile mar dhuine gun treoir,
Ni bheil i fhiol adho,
Na chumas aon raidha mi beo,
Gun an ti 's tha mi gairadh,
Fhreaftal orm 's do'm fhabhal le gloir.

VII.

Ach mo nidh ù mo dhibeairt,
Dheas ribhinn le n droinneadh mo chron,
N diai dhomh dhuit ftriochda,
Fo chife a's mi finnde na m ghoin,
Bhearinn miannan a Phibul,
Ga bu leum le ceart feribha n don toir,
Cuim gun glaife tu fith rium,
Nach dianainn ach ibairt dha toil.

II.

Mas a beg leat mur pheachda,
Miad dabhroinn ma pherfann tus,
'S faraft mife a thal leat,
'S mo chreabhaig a charaidh fan uir,
Ach folc diall do mhnai ghafta,
Da n fheatair dol dachai a nunn,
Nach eil fer a bheir gragh dhi,
Nach ludhinn i bas da ga chiunn.

IX.

Air bhruaich mo leaba,
Chunnachdas fpailp a mhnai fheamh na fuidh,
Nach tuig dobhroinn mo phearfa,
Ga do dh'fhanionn le pramh am luidh,
Le faidhaitibh geur feateach,
Siar dan cur traifte nam chri,
Cha bheag an tus peachdai,
Mo niteir mo chafgairt le mnai.

X.

X.

Dh'fhag ù mise fo mhulad,
'S tric ma shuilin cruinneacha dheoir,
Lagaich solus ma leirsinn,
Chloidh ma phersa le eigeanntas mhòr,
Bannso spailpa mhnai mhindearg,
A chumadh le britoil mi beo,
Eheiradh cail agus lùs domh,
Gad bhidhigh ma shuilin fo scleo.

XI.

Caite n d amhairc i scathan,
Boinn fala thug bart ort fo'n ghrein,
Thaobh geileid a's ailleachd,
Chite failas ta dhealradh sa n speur,
Ceiste a thugas fo 's nairdh dhùit,
Bidh e m'aire gu la thig an t'eug,
'S mo leigas tu bas mi,
'S mairg fer eile a bheir gragh dhuis am dheadh.

ORAN *le* Alastair òg Mac fir Ard-nabighe.
Air fonn, Marai Inghinn Deorsa

Deri ral dal deri re de ridil dan,
De ridil dan dan.

I.

GU'M 'b ait liùm bhi laimh riùt,
A Mharai n inghinn Deorsa,
Deri ral dal, &c.
Tha gliocas is naira,
Ann Marai inghinn Deorsa;
Deri ral dal, &c.

Guth do chinn 's taitneach linn,
'S ait lium fhein beo ù,
Suairc u le ſolas,
Tha u caoin ceolmhor,
B' ait le'm chluais,
Caiſmeachd uait,
'S leat gach buaidh orain,
Gu'm 'b fhearr lium na milltin,
Gu'm bithean 'ſtu coirda.

II.

'S mor tha ga'm dhùrachd,
Ga'd chùl bùi' glan bòighach,
Deri ral dal, &c.
Gur tlachmhor 's gur mùint u,
Nam rùſgaidh a'd ſheomar,
Deri ral dal, &c.
'S grinn do 'b mhèur,
'S binn do theud ;
'S maith thig beus mor leat,
B' ait leat na'd choir e,
Gabhail miſic is crònan,
'S glan do chòm,
'Staitneach 't-fhonn,
Ann ſgach pònc eolais,
Gu bheil mi gle chinnteach,
Gu'm mo ſhinta lium pog uait.

III.

Nam eir'idh ſa mhaduinn.
Gu mo taitneach lium 't eiſdach,
Deri ral dal, &c.
Do bheis is do thribul,
Gu ſgioblata gleuſda,
Deri ral dal, &c.
Sid iad ſuas ri do chluais,
Siad gu luath leumnach,

An countar ſa'n teanar,
Gu mo ſhùnntach le cheile iad,
'S iad gun mheang,
'S iad gun ſtrann,
'S iad gun cham gleuſaigh,
'S ann liùmſa bu chinnteach,
Gach miſic ga ſheinn leat.

IV.

Gur binn lium do chomhra,
Na ſmeorach na geuga,
Deri ral dal, &c.
'S tu dheanigh mo leitheas,
Ga do luigheann fo chreuchdan,
Deri ral dal, &c.
'Smaith mo bheachd,
Nach bu ſtàd ;
Liùm gu ceart ceile,
'S mi bhi as t' eagais,
Air na puirt eile,
'Smor an tlachd,
H'air mo rùn,
Nach labhair durd breuga,
Gun deaninn leat ſùgradh,
Cho muinte ſa gh'fheatuinn,

V.

Gur ceanalt 's gur gridail,
An ceile th' aig Deors,
Deri ral dal, &c.
Nin deana ſi eud ris,
Air ſga ſtrerp na 'm ban oga,
Deri ral dal, &c.
Chaoin gheal dhònn,
'S caomhail fònn ;
Urlar lòm comhrart,
Cha tuite trom bhron ort,

To' gar

To' gar leat ſolas,
Teud chaol làg,
Gleuſd gun ſtad,
Meur gu ceart ceolmhor,
Gur binni le'm chluais u,
Na chuach is ſa ſmeorach.

VI.

Ga cionalta comhra,
'S neimh loadail a cùram,
Deri ral dal, &c.
Ni 'n deanadh ſi iarraidh,
Each na dioloit ga giùnlan,
Deri ral dal, &c.
Cha lùigh fuachd,
Air a ſnuagh ;
Ri la fuar fùnntail,
Cha chaochail i grùnnd ris,
Ga do bhegh i leith rù ſte,
Tlachd na gniomh,
Mais na fiomh,
'S i gu ſior chiurtail,
'S mairg chithe ga ſcoladh,
I 'n crogaibh an ùmaigh.

VII.

Thuilleadh 's gach ſuaircheadais,
Tha buaidh ort 'n comhnaedh,
Deri ral dal, &c.
Ni bheil ù cho ceſtail,
'S gu'n dochainn u 'm bòrd e,
Deri ral dal, &c.
Tha ſi ſaor,
Gun bhi daor,
Cha 'n eil gael prois orra,
'S beag a dìol comhduich,
Gu cumail an orda,
Cha 'n eil biadh cha 'n eil deoch,
Theid na corp comhla,

Cho

Cho 'n iarraidh i liaradh,
Ach ſiota agus roſaid.

VIII.

Mo chaidh tu ſuas,
Thoirt rùaig a chinntaile,
Deri ral dai, &c.
Bidh miſa ſior ghuidheadh,
U thighinn na'd 't ſhlainte,
Deri ral dal, &c.
Mas dol ſuas,
Dhuit air chuairt,
Do'n taobh-tuadh n draſta,
'S fada liùm tha mi;
Gun chluinntinn uait failte,
Tha mi trom,
Ann mo chom,
'S nach h'eil 't fhònn lamh ruim,
Gu'n d fhag ù mid dheith,
Gun mheothail gun dànachd.
Deri ral dal, &c.

ORAN *a rinneadh do Shir* Eobhonn Camron *le* Domhnuil Bain bard.

I.

THA mo chiabhan air glaſaidh,
Tha iad liath o chionn fàda,
So bhliana ghreis m acheaid,
Dh'fhag ſeannta mo leachda,
Gun mo cheannart am thaicda,
Lium is bliadhna gach ſeachduin,
Bho ghluais ian air aiſeag 'n fhraing bhuain.

II.

II.

Gur beag mo chùis aighear,
Nach olc truadh libh mo ghabhail,
Chaidh an tuadh bhàr a ſamhaich,
Ceannart gàir an ſhluaidh chàtha,
Ga mo chaiſteal an claimh,
Craobh bu ſheina do'n abheil,
An leaba uaingnich na lùighidh ſa tempuil.

III.

Tha mu croidh na ſpruthair,
Tha mu gruaghin air dubhaidh,
Bho'n fhuairadh faidh air ar buighin,
Air eſann feilige na ſubhail,
Bu mhor an aim air ar puthair,
Nuair a nochd am bread buigh ri crann dhuibh.

IV.

'S miſe ghaidagh a ghratean,
Nach raibh ſubhachas ſaibhair,
Gun raibh dubhacas gear uain,
Bu doſgach toſach u mhairt dhuin,
Sa n aim na ſhuibhal an t armun,
Mar dieg ian gun fhairdal,
Na Alean a bhrathair,
Ri cuideach an t allach a th' ann dhuin.

V.

Leoghùnn fuileachdach eachdach,
Sunntach flaithaſeach eibhinn,
Sàr mharcach na ſtèad u,
Blar no carroid cha d'eiſt u,
Stu gu'n cùiridh bho cheile iad,
'S nach iaradh n reitea,
Bu leat oncir na feinne,
Dhearbh is chomhdaich u fein an 's gach ball e.

VI.

Nuair a dh'eiridh do t ſhluadh leat,
Meinmnach aiganeach ùibreach,

Fraochail

Fraochail fuilteachail buaidhail,
Cha bu tilleadh bu dual dhuit,
Do chinn fina mu'd ghuailnùibh,
Cha b'ann le giorag a ghluaisd iad,
Dol an 'n iomairt an fhuathais,
Naile chuirta leat ruaig air do naimhdain.

VII.

Oiche ardrainaich an toitail,
Thilg a ghraisg ort mur spott e,
Bha na tighearnnin goirt dhea,
Trom chreuchdeach fo lòtaibh,
Bha duic Atholl gu h'olc dhuit,
Cha raibh a chriodh aig a nochdagh,
Gun a ghleidh u do phosta ga ain-toil.

VIII.

Ladha dosgach a mhighrais,
Bha umid duine fo' mhicluidh,
Do luchd muintar fo' mhighean,
Aig tualas luchd mèruin;
Nach burran co-strith ribh,
Nach gabhadh gu dillin,
Ri linn teaehd ud sheanis,
Nach bigh iad dillis 's gach th aim dhuit,
Ladha sin Shiramuir.

IX.

Co b' ùrradh ga 't airrais,
Sa 'n aird-niar do na fearaibh,
Dh' fhear do staoile 's do charriùm,
Iad ag iaraidh gu t'fhearunn,
Bha gach namhaid na charaid;
Thuair u reite mhic Calean,
Morair fhuirtaigh na seang-each,
Cha raibh feim doibh bhi leanailt,
Thug mac an Toiseach toirt 'h airis le taing dhuit:

X.

Siomad buaidh bh' ort Ri thaogha,
Dol an laithair an lagha,

Cha

Cha bu ſgathghaire claoghair,
A chuir cùis air a h' adhairt;
Bhigh tu dàna ann a 'n aidhai,
Bha u ard ann a fradharc,
'N ceil 'n gliocas ſa 'm eothair deadh-chainte.

XI.

Chuis bu chruaidh ga leanailt,
Stu gu 'm fuaſgla gach ſparrag,
Gu 'm bi t' uaiſin aig baile,
Bhigh do thua ort mar eallaich;
'S beag an cùrum roimh ainnis,
Stu mar chùraing 's mar dhaingin,
Dol air beula gach barra,
Cha togteadh dhiot ceallag gun chàlltach.

XII.

'S maith a mharaich u 'n s aoghail,
Bha aoidh Dhia agus dhoine ort,
Cha bu ghliocas do dh' fhear 't aobhair,
Teach le nichinnibh faoine ort;
Teach ga n fhios ort cha 'n fhaoitigh,
Cha bu 't ſhugra do chaonnag,
Bhi ga dùſgeadh gun aobhar,
Bu tric fuil agus faobh air do naimhdean.

XIII.

'S oig a dhearbh u do ghaiſgaidh,
Fhir bu chuimhnich air tapadh,
Rinn u ſeaſamh gun ſnaſadh,
Ann an aidhigh gach praſgan,
Bhidh tùſa gach maiddin,
Gach aonla a cuir àſdoibh,
Cha leigeadh fiamh dhoibh cead codail na 'n campa.

XIV.

Nuair thainig ainneart fir ſhaſoun,
Deidh Riogh Tearlach * a ghlacadh,

So

* *Charles Firſt.*

So chuir gu bàs ann an aigheara,
Bha gach Raighachd air fnafaidh ;
Gheill Albain le bagraidh,
Liùbhairt arma fga n toirt feachaidh,
Gun a ghearraidh biadh maidne,
'Sgu mo mhiofail na 'h Abraich fa nam fin.

XV.

Nuair thainaig 'n dlioch ga aite,
Oidhre a chrùin r bh'air Tearlach,
Sa chaid ù na lathair,
Rinn u umhlachd ga ghrafin,
Dhoirt do chlaimh a fgàbart,
Thug e earroil ga ghairdaibh,
Gun t' airm a ghabhail ad laimh bh'uait,
Thug e teiftineas laidair,
Gu 'n raibh ù dìleft le phairtaibh n'am ain-neart.

XVI.

Sheas u corr as tri bliana,
Thuair u reite agus fith-chaint,
Agus onair 's gu 'm b fhiach u,
Bha 'n airm fein aig do lionfgair,
Air gach caolair ga'm feachinn,
Gun na miannain ga'n iaraidh,
Nuair nach faitheadh càch fgian fon commannda.

XVII.

Cha raibh feanelar aite,
Thuair commais air arde,
Ann fa 'n t' fheirbhais mo ghna léat,
Na'm fuathais no gabhadh,
Na fhùiachaidh làthrach,
Na chruinneacha ghaidheal,
Nach iaradh h'ar chach u,
Naile ghabhaidh iad pairt ad thoil chainte.

XVIII.

Stigh an criodha do chùcha,
Togail bhallacha dùbailt,

Cha 'n achd a dias na aon-dùine,
Tigh na fabhail na fmùidraich,
Bean na leanaibh ga rufgadh,
Mart ga fearra fo lùidhin,
U fein mar bhuachaille cùl orra,
Aig mead an eagail fa 'n cùram roimh'd cheannfgail.

XIX.

Saigheal onnarach buaghail,
An ceail fan gliocas fan cruadal,
Ann fgach mife mar bu duail duibh,
Gun air gleachdar bhi u uachdar,
Na neach nochdadh fin nuair fin duibh naidheas.

XX.

Beart is meafa rinn t uaiflin,
'S iad a lathair fa nuair fin.
'N deidh gach cliù gan 'd uair u,
'S gur tu bùra ga fuafgla,
Aig a bheile agus uaith,
Do chorp prioſail gun truaillidh,
N'am bhi treabhailt na h' uaighach,
Nach do nochd iad da fhuaicheantas teann ort.

ORAN *le te ga* Leanan.

I.

THA ma chadal luanach,
'S an uair feo cha naigh mi tamh,
Cumhnich air na thuaiflinn,
A gluais air maidin dimairt,
Oig fhear a chul dualach,
'S nan chuachaga tromma tlà,
Ga'd bhidh agam buaoile,
Stu dh fhuafglain a dh fhearabh chaich.

II.

II.

Muluidh agus meudail,
Bu reth luim feolladh o ſhuil,
Mar atteil na greine,
'S i a geiridh moch maidin dhruic,
Do bheul tanna gle dhearg,
Fo n eudan ſguirme sùil,
'S gad bhi tu ad leinidh,
'S tu meabhnais ga fearibh u.

III.

Manam is mo rùn u,
Se cuirtear na feile a bhann,
Cas dhiridh na ſtuchd u,
Cem luthair air feagh nam beann,
Mheid ſa thuig mi dhuigh dhuit,
Gan d fhaige e mo ſhuilin dall,
'S gan deanain leat lubadh,
Gad dhuiltean ri mile gall.

IV.

Am faca ſibh nan cuala ſibh,
Am buachaile chrai mo chri,
Buachaile nan cuachag,
Cha b fhuaghach luim la nan òich,
Ma ſe miad do ſhuairceas,
Thug uain u nach pil u riſt,
Mo bheannach gach uair dhuit,
'S hoir buaidh mach gach aite m bi.

V.

On thainig mi n tir ſeo,
Air m intinn gun luaidh trom ſprochd,
A cuimhnachigh na ghaig mi,
Cha tamh dho m baille na port,
Oig fhear a chuil ſhniomhain,
Beul ſiobhailt nach labhair lochd,
Gad bhithin fo mhighean,
Gun innſin ghuit e lem thoil.

VI.

'S comme leum n ſeann duinne,
Luidh gu teann air n ſtoc,
Fad na h oidhche geamhridh,
Cha tuindagh 's gum bigh na thoſt,
Luidh e gu diblidh,
Sios na thionidh air n t ſop,
Gun tairnidh e ſtranntrach,
'S gu teandagh e cul noig.

VII.

Cum nach laibhrein caon ruit,
A ghaoil cha cheilin ſid ort,
Seann duinne cha taobh mi,
Gad dh fheidadh cha n eirich moch,
Gad raibh aige caorachd,
San daonnan da bhi gun toill,
'S nar laubhradh e pramhail,
Bu chraitach mu chroidh m chorp.

VIII.

Mullidh is mo graidh u,
Gur raithe gach oidhich ad dheigh,
Lamh ſtuiradh a bhata,
Ga ſabhaladh as gach beud,
Poiter 's tigh thainne u,
A phaithidh a meaſg nan ceud,
Giomanach nan ard mhean,
Cha ſlan a bhigh mac n fheidh.

Eſan ga freagradh.

IX.

Tha ſid air mo nìonaig,
Gruaidh mhion-dearg 's mala chaol,
Brollach agus ciochan,
Uchd prioſal 's gille taobh,

Cruis

Fhnuis a ſhealas ſiobhailt,
Lion u miſe led a ghaol,
Tha falt mar n lion ort,
Gur lionnar iad thug dhuit gaol.

X.

A n inghin bui bheal dearg,
A dheo bhean nach labhair fuair,
Gar turſach ad dheidh mi,
'S an raoir cha do chaidil uair,
Ma ſe brigh do ſgeule,
Gun deid u choillidh nan cuach,
Tha mintinn air eiridh,
'S dh fhas medain codubh ſan gual.

ORAN *do dh* Alaſtair Mac Colla.

I.

AIR mo dhruim 's mi 's tom fhallaich,
'S beg mu ſhunt ris a bhan luaidh,
Air an cùntair an taran mar lòin.

II.

Fhir na gearra-ghruagidh duithidh,
Tha mi deurach gad chughadh,
O'n la reub u cuan ſtruthach nan rod.

III.

Cha raibh u graidh 's cha bu chuibhidh,
A buain bharneach air rugha,
San a bha u 's do bhughin gòl.

IV.

An toig aigeantach rioghoil,
Churidh 's gairt fo na miltin,
Nar thoigte leis piob as breid ſtròl.

V.

Gun eiridh ſid leiſan,
Fir ur agus fleaſgich,
O na badain-bheg phreas am bi n ceò.

VI.

Leat bu mhian a bhi agad,
Claimh cùil a chin aiſnich,
Le faobhair cruaidh ſgaiteach geur gorm.

VII.

Cha bu tais 's cha bu tla u,
Marceach ſuas raidh n bhragada,
Air each aigintich ard nan cethir brog.

VIII.

Cha bu chlaogharadh truid u,
Dol an aoghidh an truppe,
Ceim air naighort nan uchd be do nòis.

IX.

Cha raibh cronn ort ri aribh,
Gad a ſcriobhte air papair,
Ach mheaid ſa bha n ardain ad t ſhroin.

X.

Stric mi ſmuaintin roibh lathadh,
Nach dhiubhìl u t athair,
Sid a mheadaich droch dhath air mo-neol.

XI.

Am fear lia bha 's an charraig,
Dul iaruin ma bhallibh,
Faicidh Dia gum be m barranta ſloidh.

XII.

Ach tha mo mhungin an crioſt,
Gum bi latha ga dhiol ſid,
Man terig do mhirbhultin mòr.

XIII

Ach thuair mi ſgeul a dhunchanan,
Bhriſt leus air mo ſheolladh,
Mo chreach leir nach raibh Alaſtair beò.

XIV.

XIV.

Agus firin bho n chlarsair,
Tìn air tìram Port Phadrig,
Cha drinn m' intin fein failt ra cheòil.

XV.

Soil luim scappa fir ile,
Agus uaslin Chintire,
As cha b fhasa luim diol Ranuil oig.

XVI.

Gu comhnidh Dia na cinn fheona,
Dhailibh am freasdil na gaothidh,
Air fleasgairt beg caol na trì seòil,

XVII.

San ghu t aongheas oig glinnich,
A ghaibh fogra thar lingidh,
Struaidh gun roisal da chinnidh ga choir.

XVIII.

Agus mise o chùil gàridh,
Aig aibharc trupa shir daidh,
Cha be d commun mo graidhse na screoid.

XIX.

A riogh gur shumma sonn aluin,
Bha compante bràthreal,
Thuit mu scousadh dhunabhairt gun deò.

XX.

Luchd chathadh nan cuaintain,
Ri lathadh ga fhuairid,
Gad a dheirigh muir suas ri slaite bheol.

XXI.

Luchd bhualidh nan buillin,
Nuair bu cruaidh air caich furrach,
Nam bigh uachdarain bunnaltich oribh.

ORAN

ORAN Rinnidh *le forsair choir an ti.*

I.

CHA be tuchan a chrattain,
Seo dhuisg mi air madin,
Ach bhi cumhnach fir chabir na'n croic.

II.

Gu bheil mintin co deachair,
Ri fear sgith 's e n deigh astir,
Bhigh air mhi-gleus gun leaba ga choir.

III.

San air cùl chorradh chreachin,
Sco dhuilt u dhomh lasadh,
Air uiltacha cabrach na'n croic.

IV.

Tha corr as ochd bliana deug,
Bho'n chaidh sin n carribh a chele,
'S cha droin u riabh ea-coir bu bho.

V.

Bha 'n spor bearnich geur tanna,
Am beul snaip air deo theannigh,
Gada ghùilt u dhom aingel ri hord,

VI.

Nan 'd tugadh tu aingel,
Chùirrin cunnart air anam,
Gad a chaillin ris gearrán sa mhoid.

VII.

Leig mi rith chrios m'o bhreachan,
Gus n do ruisg air mo chaisin,
Mun cluinidh tu tartrich mo bhroig.

VIII.

Bha mi giealadh mar dheadin,
Dol an aodhidh na gaothidh,
Mun gaide tu sraone dhith d' t shroin.

IX.

IX.

Sar chuirtair na maiſe,
Chuir e lub air gu m fhaiccin,
Ga bu dùchais bhi n creach bhein an fheoir.

X.

Nuair thog u do cheann rium,
Cha raibh an trupe na frainge,
Na churidh a deann ad gad choir.

XI.

Gus n cluinn na gu n faic mi,
Toill ur do dhecait,
Bi mi t' iarruigh car ſeachduin na ghe.

XII.

Bi mi gabhail do ſgeule,
Gu de n't iùl nan taobh h eid u,
Mhic an fhir gam bi n teile ra mhor.

XIII.

Mhic an fhir a ni m bùrean,
'S gam bi n annail as curridh,
'S tric a chuir mi do lùrich ſan ſtoip.

XIV.

'S a chuid elle don chùinigh,
Dhol a cheannach an fhuidair,
'S gum bi pairt dheth ga ſhuidhadh ri'm ſhroin.

XV.

Bu tu mioſlen nan uaiſlin,
'N raibh miſnich le cruadal,
Air an d' fhas na h airm ualich gun ſpors.

ORAN

ORAN *do* Alaſtair Ghlinngaradh *le ſiolidh* Inghinn Mhic Ranuil *na* Ceapach.

I.

ALASTAIR a gleanna garadh,
Thug thu 'n diu gal air mo ſhuilin,
'S beag iùnadh mi bhi trom creuchdach,
Gur tric gar reubadh as ur ſinn,
'S dechdar dhomhſa bhi gun n' ofnidh,
'S meud an doſgaidh th'air mo chairden,
Gur tric an t eug oirn ag gearradh,
Tagha nan darag as airde.

II.

Chaill ſinn ionnan agus comhla,
Sir Domhnull, a mhac, is a bhrathair,
Ciod e 'm feim dhuinn bhi gà ghearan,
Dhainn Mac Mhic Ailein ſa bhlar uain,
Chaill ſinn darag laidir liath-ghlas,
Bha cunbhail dion air a chairdin,
Capul-coille bhar na giuſaich,
Seobhag ſul-ghorm, luthmhor, laidir.

III.

Gh fhalbh ceann na ceille 's na comhairl,
Ann 's gach gnothach am bi curam,
A ghaidh ſhocair, ſholta, thaitneach,
Croidhe fial farſuinn munn chunaidh;
Bu tu tagha nan ſar ghaiſgeach,
Mo ghuala thaicſe 's mu ghiubhail,
Smiorail, fearoil, foineamh, treabhach,
Ceann feachda chaill Seumas Stuibhart.

IV.

Na binuinn do chaich 's do ghoill,
Nor ghimuch an loing a' maich,

Cha

Cha reachidh i riſt air sàil,
Gun 'n fhios gu de fath thuig i ſteach,
Ach nuair chunig ſibh ſa an trath ſin,
A bhi gàr fagal air faonthraigh,
Bhriſt nar criodhachan le mulaid,
'S leair a bhùil cha raibh ſibh faoghghalach.

V.

Bu tu'n laſair dhearg da'n loſgadh,
'S bu tu ſgoilteadh iad gun ſailtibh,
Bu tu guala chuir a chatha,
Bu tu'n laoch gun atha laimh,
Bu tu'm bradan ann ſan fhior uiſg,
Fior-eun as an eunluin 's airde,
Bu tu'n leomhan thar gach beothach,
'S bu tu damh leathan na craice.

VI.

Bu tu loch nach faoite thaomadh,
'S tu tobar faoilidh na ſlainte,
'S tu beinn niomhais thar gach aonach,
Bu tu chreag nach fhaoite thearnadh,
Bu tu cloch mhullaich a chaiſteil,
Bu tu leac leathan na ſraide,
Bu tu leug lothar nam buaghan,
Bu tu cloch uaſal an fhaine.

VII.

Bu tu'n t iuthair as a choille,
Bu tu'n darach daingean laidir,
Bu tu'n cuilean bu tu'n dreathan,
Bu tu'n t abhail molach blath mhor,
Cha raib meur annad do'n chrithin,
Cha raibh do dhlitheadh re fearna,
Cha raibh do chairdeas ri leamhain,
Bu tu leannan nam ban aluinn.

VIII.

Bu tu ceilidh na mnai prioſoil,
'S oil leom fhein ga dith an dras thu,

Ge

Ge d' nach ionnan dhomhfa is dhi-fe
'S goirt a fhuair mi fheir mu caradh,
Huile bean a bhios gun cheile,
Guidhidh i Mac De na aite,
O 's e b'urrain d' i ga comhnadh,
Anns gach leon a chuireadn cas uirr.
Guidham do mhac bhi t aite,
'S aibharus an aiteas fa n curam,
Alifter a gleanna garadh,
Thug thu 'n diu gal air mo fhuilin.

Mac Griogoir *a thuarudh.*

I.

THA mulad, tha mulad,
Tha mulad gam lionadh,
Tha mulad, bochd trudh orm,
Nach dual damh chaoidh' dhireadh.
Tha mulad, &c.

II.

Mu Mac Griogoir a Ruarudh,
Ga'm bu dual bhi 'n glein-liobhuinn.
Mu Mac Griogoir, &c.

III.

Mu Mac Griogoir na'm bratach,
Dha 'm bu tartarach pioba.
Mu Mac Griogoir, &c.

IV.

Ga'm bu fhuaitheantas giubhas,
Re bruthach ga dhireadh.
Ga'm bu, &c.

V.

Crann caol ar dheadh locradh,
'S ite dhofach an fhir-eoin.
Crann caol, &c.

VI.

VI.

Crann caol air dheadh ſhaithedh,
Cuid do dh' aighir mhic ri e ;
Crann caol, &c.

VII.

Ann an laimh dheadh mhich Mhuirich,
Ga chunbhail reidh direach.
Ann an, &c.

VIII.

Ge do bhuil e mi 'm ba-laoch,
Ga n-' ghearan cha bhi mi.
Ge do, &c.

IX.

Ge do dhean iad orm ea-coir,
A thi fein co ni dhioladh?
Ge do, &c.

X.

'S luchd a ghabhail mo leith-ſgeil,
Ann ſan t ſheapail ſo ſhios uam.
'S luchd a, &c.

XI.

Luchd a ſheaſamh mo chorach,
Is e mo leon am bi dhith orm.
Luchd a, &c.

XII.

Mo chomh-altan gaolach,
Ann leabaichaoil 's an ceinn iſeal.
Mo chomh-altan, &c.

XIII.

Ann an lein chaoil anairt,
Gun bhannan gun ſiod urr.
An an, &c.

XIV.

'S nach d' iar ſibh ga fualadh,
Mnaiean uaiſle na tire.
'S nach, &c.

XV.

Ort a bheirinſe comhairle,
Na'n gabhadh tu dhiom i.
Ort a, &c.

XVI.

Nuair a theid thu 'n tigh-oſda,
Na h ol ann ach aon deoch.
Nuair i, &c.

XVII.

Gabh do dhrama na d' ſheaſamh,
Is bi freaſdlach mu d' dhaoineadh.
Gabh do, &c.

XVIII.

Na dean diuthadh mu d' ſhaitheach,
Gabh an ladar no'n taoman.
Gabh an, &c.

XIX.

Dean am futhar do'n gheamhra,
'S dean an ſambra do'n fhaoilteach.
Dean am, &c.

XX.

Dean do leaba 's na cragaibh,
Is na caidil ach ea-trom.
Dean do, &c.

XXI.

Ge h aineamh an fheorag,
Gheabhar ſeol ar a feadain.
Ge h, &c.

XXII.

Ge h uaſal an ſeabhag,
Is tric a gabhar le ſaill e.
Ge h, &c.

Tha mutad, tha mulad,
Tha mulad gam lionadh.

ORAN

ORAN *le* —— —— *ga leannan.*

I.

SI culladh mo ſhugraidh,
Rion mo dhultadh ſan urir ſo,
Si noig bhean 's deiſe,
Ghabh mi ceid moch diluain dith,
Ach nar miſte do phiſich,
Gad roibh miſe ann an gruaim ruit,
Bidh mi tamal fo thùrſa,
Bho dhuilt u luim gluaſaid.

II.

Si n lilli bha boigheach,
An oigh 's feair buaghin,
Stu ùr roſe a gharaidh,
As aile cuir ſnuaidh ort,
Cul clannach 's feair orduigh,
Fiamh an oir airgach dùal dheth,
Aoghaidh nàrach chùin bhanail,
Cail mhalla gun gruaman.

III.

Suil chorrach ghorm mhothair,
Ni na h oig fhir a buaradh,
'S glan t fhir-fhuil air laſadh,
Le maiſeadh ad ghruaighin,
Beul 's binne ni maran,
Fiamh gaire gach uair ort,
Luim a bait bhi gad phogadh,
Na bhi gòl air fion uabhrach.

IV.

Brollach mìngheal mar t ſhneachd a,
Thig o chreachin nan fuair-bheann,
Corp ſeang air dheo chuma,
Dh fhas gu furanach fuairce,

Tha do t ſhlios mar n cannach,
Na mar eal air na cuaintin,
Calapa cruin nach iar gartan,
Shuilidh ſaiche gu h ualach,

V.

Strom mo chroidh air a ghuin leat,
Cha mo chuiſlin de luanach,
Slion mhor buaghin 's maiſe,
Ruidh bras roibhd fhuil uaiſil,
Dh fhais u foinni deas finealt,
Soithimh ſiobhailte ſuairce,
Struadh nach roibh mi ſtu puſta,
Dheanin ſugra ri'm ghruagaich.

VI.

Bheirin greis leat air thaileaſg,
Greis aig caradh do gruaige,
Greis eile gad feogadh,
Ann an ſomar an uaigneas,
Cait m bheil i ſan tìr ſeo,
Na ſhinigh ri m luaidhſa,
Gad a bhigh iad fo'm raoghan,
Bu tu thaghan nan uaſlen.

VII.

Cha'n fhacas bean taogiſg,
N taobhſe do chruachan,
Gad do tha iad do airimh,
Se t alachd bheir buaidh orr,
Cha mhiniſtear ſgiorachd,
Gan ſtriachda mo ghruagach,
'S mor a baunſa fear leomach,
Chuiridh òr ann ad chluaſabh.

ORAN

ORAN *le* Ian Mac Ian Mhic Alean *do throid nu bain* Eiggach.

I.

MARABHAISG air no mnaian faibhair,
Nach gleadh an 'n ann t lachd,
Tha mu eluaſin air fais boughair,
Le gleodhair an càintagh,
Nios bho chadhigh iad bho rioghoilt,
Leigum ſtriann le n ainleas,
'S tarnnidh mid gu aite dibhair,
Bho mhithlachd un caintigh.

II.

Nuair a thoiſach iad ri tùrrach,
Gu n' uimragh air baindeac,
Thuig iad a ghrois ſin air umradh,
Be tulagidh n' aighleas,
Sann a ſin bha ſcipidh dùragha,
Nach duiltàigh an n aireat,
Bha droich charagh air n curcin,
Breud na ſturicen caim orr.

II.

Sann a ſin bha firram farram,
Chiris charris chainſigh,
Thaillidh gach neach u dol ſeachud,
Gum mo cloach le gleann e,
Bho chaidh iad gu tipa tapa,
Miſg a phraſgan bhaindreach,
Geoileach air mnaian nu tàrtrach,
'S droch cleachdadh ſe dh uinſaidh.

III.

Dhuinſaidh iad bhi beara ſcaitach,
Laſonta le coinntin,

Gun aon te ri tobha'rt ſnaſagh,
Siad ſo bheairt cho comhngeas,
Gad do charich Dia caill dreach,
Caon air aſcaon theantagh,
Mile marra bhaiſg air a bhaidean,
Thuig an tlachd air aunntlachd.

IV.

Gha raibh crummach cha raibh callich,
Cha raibh bean ga ſeanndachd,
Cha raibh bean uaiſil na callin,
Bean bhaltigh na baintreoich,
Nach tug a mach na frimir freamir,
Sid an n eanguch aingolt,
Fallis gach te air u malidh,
Bhu bhailurteach a ſealtun.

V.

Nuair a 's ſguir iad do na th iongin,
Thìon iad air na tharmibh,
Tharing te ghuidh cuigeal dhìrach,
'Stabann mìne gheal marachan,
'S nach bu caolidh na ſitigh,
Sea gu libha ballchruinn,
Deas a lciſgidh ann ſo grioſach,
Aig ro mhiad na ſtarrach.

VI.

Nuair chunnig bean na cearſla,
Laſur ann ſin n aubhras,
Chaidh doghirn air bhurbu 's air bhraiſa,
Air chaiſa 's air chonntrachd,
'S mor gum bear du neach a ſeachnagh,
Na glachdagh ſin n aim ſin,
Ruig i air cuailadh mor battagh,
Scraig i ann ſo cheann iad.

VII.

Rinn iad a ſin ſeorſa ſith chaint,
Striochd iad le cionn an fidh,

Bha n anail fios fo nios,
Mur ghearran gniobh an galla crann,
'S beig an tuinidh iad bhi fgith,
Na fonnidh miod na tallmrach,
So luighid cuile a bhear dhroch-chioridh,
Le fonghin na baina croig.

ORAN *le* Ian Mac Alean Mhic Ian Mhic Eughun, *do* Mhac Cluicas *nuair a mhuidh air* Ian *gu cumadh e ceann u n amule fuas ris.*

I.

MARRABHAISG air an t fhaigil,
'S marig daine ga bheal e mar leannan,
Strioc leis a bhi daonan,
Gu blaomonach umladh carrach,
Fear ga tor e morran,
Do ftoras do nigh 's tu ghearas,
Bi gh màll air ga chuinn fin,
Faighuch e n cunnort n t an am.

III.

Na tuigidh tu mu nador,
Fhir graidh cha neal u nad tarigh,
Scoltach pairt gad ghuilan,
Ri ftuir fhear gun fuil bheachd rodh mhath,
Bheir e corrum dhuibailt,
Do an umpidh gun n uil gun anidh,
'S thorluim gur t fhoilc an doigh fin,
'S na daine coire a cumal fallibh.

III.

Na faicigh tu mac cluicas,
Cha n fhear fugradh mar mu bharal,
Cha raibh e riabh cho gorrach,
'S gun n earigh e oran na ellin, Gad

Gad cumanſa le'm bhriaribh,
Suas ſcealachd air tuata dannin,
Nuar ghabadh mid ga comhni,
'S eaſan gu mòr is mu bannach,

IV.

Bha mi laidh blàbhean,
Mar Ian ſaibhir na thearadh,
'N commuin na clarrſach,
Thar m biodh luchd danidh teannal,
Gun deanin fhion is Ruadhri,
Duannagin beg do rannibh,
'S dheoidh mid deoch brighor,
A bear-lium na meaduch do bhannich.

V.

Bha mi laidh na ſtroine,
Marr ri luchd eolais is ain-eol,
Nuair chrunnichidh na gaghail,
'S an doibh ſin dheiligh gach ceannas,
Shir Ian is Shir Domhnuil,
Sa Cornulear mor Mac Mhic Alean,
Fear eligh do m luchd iaragh,
Aliſtar liadh Ghlinn a garadh.

VI.

Nuair crunnachidh mid gur campa,
Leir ceann fhinnachin meanamnicha mearra,
Sin n commnin nach treagidh,
'S bhiodh flathghunas ebhin air thallibh,
Gu faighun fhion lem ràphart,
Pairt do n na bhiodh ann ſan t ſhearaig,
Is thearidh tuſa an n uair ſin,
Nach cummaidh tu ſuas ceann n amill.

VII.

Cha 'n ininis mi mo cruadal,
Mu gluais iad g n deachigh mi mearrachd,
Gur thiad fallibh na n uaibſlin,
Is buana ta mi ga ghearran,

Gu

Gu roidh mi mar ri daine,
Dheanigh faibhachigh 's charraid,
Uſa a neil o laochan,
Id bhuachile caorrach aig balidh.

ORAN *le* Lachlin Mac Ileon *do thigh collo, do* Lachlin *triath colla bathigh* 1681.

Tune, *Wat ye wha I met yeſtreen.*

I.

MARA bhaig air n t ſhaghal cruaidh,
Gur laidir buainn n carruch e,
Cha neal minaid ann ſin n uair,
Nach bi e gluaſid mearachdach,
Aig fheobhas a bhios a ſgeaibh,
Bheir luchd bleid n arigh gha,
'S gun dannich mis orm fein,
Gum bu bhreig a ghealighchin.

II.

Ni ſin thaghlas tu bhi id laimh,
Se gun daill gun bhearchd ann,
So bhi glaiſt ann n taigh ſtoir,
Ga be òr na eallich e,
Na duine maſgilach oig,
Ga n cuir an docas barrondais,
Sid e ſeachad mir o feir,
Och òin threig mu bharol mi.

III.

Tha fear ſa caibeal ſo thios,
Ghaig ma tſhnuaigh go maillirteach,

Ri

Ri bu dhreachar do gruaidh,
'Naim bhi bualladh crannanin, *
Bu glan do ruthagh is do ghrìos,
Ri ol fiona an tallachin,
Gheobhin do caidrigh 's do rùin,
'S gun dalibh mo mhurn bho calidh tu.

IV.

Cha bhi mi tiachd air do bheas,
Bho nach gnimhin ballich iad,
Cha raibh u tafgal air feid,
Thug luchd tead 'anarìgh dhuit;
Bha u machdonta ri mnai,
Ri aos danna carruntach,
Sga bu cruadalich do lamh,
Ri bho blaidh ri carid u.

V.

Bu mhath lamhfichigh tu pioc,
Bu ceannort piob is brattach u,
Bha ud mharadar air feidh,
B fhear dh'earidh bradan u;
Bha ud mharcich ann fo chuirt,
Air each cruighach aiganach,
Bha ud fgibear ri laidh fuair,
Gu triochd ann fo cuain fhafinach.

VI.

Ni mi do tfhloinidh gu foil,
Cha bhi ftrò na barachd ann,
Thanig u bho Lachlin mor,
Mac Ileon a ballol dhu;
Do tflonnidh dirach ra lorg,
Gu Sir Eoin mac Aleanfa,
So n'aim comharla na gleòis,
Gun tu bi beo gu farrich iad.

VII.

* *Drums beating.*

VII.

Thanig tu bho tſhliochd Ian mhor,
'S bho mheobh oig bu bhannala,
An t Earladh ſin bhair an Rùit,
Bha u dlùigh id charid dha,
Cardis Dhomnuil guirm bho n tùir,
Coſgidh crùinn gu ſcairapach,
'S do dh Ian Muidortach na'n ceid,
Gun tug e ceilidh clannal ghout.

VIII.

Scair u Dhughil oig na ſteud,
A dhuìlt beam luchd elontadh,
Rinn do pairt ri moror mair.
Thaibh no mnai ta ceangal ris;
Seonaid mathar Lachin mhòr,
N'ighin mhic Leod thearadh ad,
Bho thanig tuis as o cremh,
Gun cuir e cleth mhic Calen u.

IX.

Mac Leod ſo cinnidh gu leir,
Gu roidh geir gad ghearranſa,
Chail iad itich as o ſgeth,
Bho n laidh threig o n anail u,
O n chaiſteal tirim ſan aird,
Thoiſich o pairt barrantail,
Son cardais ſin druim air dhruim,
Tighin air linn gun charachidh.

X.

Na tutigh tuis ann am blàir,
Na corrag garibh ri fearaigin,
Se mac Innabhan 's mac Neil,
Dhianidh erigh bhearadach;
Mac mhic Aliſter bho n tròim
Dheanidh torachd elibh ort,
Bigh mac Intoiſich ſo rann.
A bualigh gu lann farramich.

XI.

XI.

'N tigh crubhaech u bho thuis,
Sa thuig dhùin ò fealadh dhiat,
Diann fin ubhal ga thoil fein,
Ans gach gleus m bean a rinn,
Bho thig am bais air gach feoil,
Sa theid m foid cur fharis air,
Sa fpirid a ghunfidh Dhia,
Os e fein o cheannich e.

ORAN *le* Andra mac Efbig Eraghael, *do* Bharabra Filarton, 1698.

I.

THUEGAS gàil nach fallinach,
Do righin na cuaich fainagich,
Gur boedheach dualach àrbui e,
Mar aiteal dearfidh thead.
Gur bocdheach &c.

II.

Gruaidh na crughach nador ghuit,
Tuis ratha 's aridha dealbha fin,
'S gach th. aina buaigh mar a b fheair,
Bheir diana fa chaidh eig,
'S gach, &c.

III.

Gu maifach minneal tabhachdach,
Ann fgach gnai neo fhalinach,
Aignigh feaibh neo ardanach,
Gun n fhalinidh fon ghrein.
Aignigh, &c.

IV.

IV.

Sùgach a nam màrran u,
Cuirtail mara babhaiſt ghith,
Smath thig fatigh garidh dhuit,
Bho claragibh do bheuil.
Smath, &c.

V.

Gur miſle poig na meallanin,
Si 's cinntich glòir gun n amideach,
Bheir briadh a bèoill 's thanalach,
Neach anachdrach bho n euig.
Bheir, &c.

VI.

Uchd nach criòn ri thaiſbanidh,
Bheil da chìoch cho tlachdmhora,
Bhunn gach croidh gu aicadin,
Fo ghlaſibh aic fein.
Bhunn, &c.

VII.

'S caoin fo gann a ſeang-corpan,
Si 's maolla gluinn 's callapinin,
Troigh bheg chruinn gun gharacolach,
Nach ſailter garibh air fèir.
Troigh, &c.

VIII.

Chaidh cluidh na teaſa a th alaban uain,
Air gloinnaid bhèus gun chearbucha,
Cha d' fhain e ann ſa ghearmailte,
Gun dōl gu dearbh n ghreig.
Cha, &c.

IX.

Beair gur miſe bhuaighichigh,
Fath le'n cuirte cruaigh tibruim ort,
Cha fhear gun àgh fa n'uair ſin mi,
Na buairichin u fein.
Cha, &c.

X.

Ach 's cruaigh n cais mas fuarachidh,
A ghaobh mi n'aite truaighicantachd,
Beair dhomh mar a buainnich mi,
Mi bhi sa n' uaigh a pèin.
Beair, &c.

XI.

Co chuala n'aill na chunnig e,
Na thuair ad naidar tunnichidh,
Gach uaisle bheridh urram dhuit
Gun crunnich iad ad chrè.
Gach, &c.

XII.

Ga be tu tholsa duiltidh ruim,
Cha onoir dhomh bhi diubhaltach,
Mo thoridh lànn do durachd,
Bigh ad t uinsidh le mor speis.
Ma, &c.

ORAN

ORAN *a rinn* Iain Mac Aillen Mhic Iain Mhic Eoun, *do dhibhiſt inighinan, bha te dhuibh ga mholadh, 's te eille dhuibh ga dhiom-mholadh, agus te aig cuir an geil nach raibh faolom aige, agus te eille* I'*grath gun raibh rud a bear aige ; morran do thuigſa nadare.*

Air fonn, Fail il o ro, fail il o, fail il o ro, fail il o, fail il o ro, h' ùl il o ro, fail il o ro, fail il o.

I.

O' Nach dfheadadh mo thog-bhail ſuas,
Ach teaguiſg nadair thoirt dhamh le buaidh,
An te ata a gra'tin gu bheil mi trailoil ;
Cha neil mi a gra'tin nach faidh i'm fhuath.

II.

'Smoran caochlaidh a rinn i,
Mar do thoiltinich miſe an griomh,
An caillin daonta ga raibh mo ſhaor-ghraidh ;
Gu faic an ſaoighail mar toillum i.

III.

Och a dhaoine nach creid ſibh uaim,
'S mi ag toirt mar aoiſaid dhuibh 's gach uair,
Nach mu' mo ghaolſa air a chaillin th' ſhaorſa ;
Na ſuinnach ſaoibhidh air fùil an ùain.

IV.

Gad thearidh cach go ma toill-leam ù,
'S fada a dhabh ſûd o' ma ruinn,
Tha mi cho ſeachanach air 't fhaicin,
Sa tha bradain air a bhuirn.

V.

'Nuair bhios caich na codail feamh,
Gur tric le maignaidh ruim a ghrath,
Nach mu' mo thlachfa a dhòl na faſgadh ;
Na h' aig an lachaigh a dhòl air ſnaimh.

VI.

A challain mhoghair is moitaill deallamh,
Gad tha do ghruaigh mor an corcan dearg,
Tha mi cho ſuairach mo'd ghaoil a ghruagach ;
'S ata càtt na luath air lùch ſhealg.

VII.

A challin bhaintidh labhraidh cuinn,
Ga fada cam-bhuidh rea do chùll,
Cha 'n eil mo ghealſa air 't uanguas cainte,
Ach mar tha dall air learſin ſùill.

VIII.

Th eir mi firinn a bhriodh mo ſgeoil,
A thaoibh 't uaille agus ſuaircis beoll,
Nach bheil mo throm-chean ort a dhoin-a-ghaoil,
Ach mar tha drongair air bhi aig-oil.

IX.

Bha mo chairdin am baroil dhiom,
Gum bè do ghradhfa mo naimhaid chloidh,
Do phog le failte cha dean i ſtath dhamh,
Ach mar ni an t ſhlaint do 'duine thùnn.

ORAN

ORAN *a rinnidh do dh'* Ian Mhac Shir Ruairidh *fear thaillasgair*; *le* Ruairidh Mac Mhuirich.

I.

A Choinich cuiramaid le cheile,
Deanamaid fùrain gu'n eiflainn,
Ga'nach cluinntair ar 'n eabhach ;
'Sceart innan ga'r 'n aoibhair :
Thùg a ghoinfa troim chreachd orn gu Domhail.

II.

Mafa coimpanach dhomfa ù,
Druid ruim 's cùm comhail,
A choir 's gun iomaridh mìd comh-luath ;
O'na 's iomogainich bhroinn finn !
Dhomhfa as goirtis gun chomhnuidh, 's cha fugraidh.

III.

An ni tha uait ann fa'n àmfa,
Sè nuaidhich mo chàlfa,
Mo thruaigh i's cha ghànn è,
An dèis na th' uair mì do dh'ainn-laimh
Dh'inthrig fuachd an droch gheamhraidh gu h ùrorùm.

IV.

Dhalabh folas mo latha,
Dhòrachich m' oiche gun aidhair,
Cha 'n eil lanntoir nam raghid,
'Sgun mo choillin ri faithin,
Tha luch 'm fheineachd nan luidheadh fa'n uirorr.

V.

Bàs an Ioin fo ma dheiridh,
Rinn ar leona gu foilair,

Sa chùir air ſolas an goinidh,
Dhuiſg e bron an Ioin eile,
Dhag e dòrt thromach errar * mo m ghiùlan,

VI.

Co chunnaig na chuala,
Sgeul 's trùma ſa 's truaidh,
N'am beum guineach ſo bhuail oirnn,
Rùg air cùmant 's air uaiſlain air dùcha.

VII.

Se ſiol leod an ſiol dochair,
Siol gun ſolas gun ſochair,
Siol na broine is na bochain,
'N ſiol dorainneach 's goirt a rùg ſguirs orr.

VIII.

Se n clàr ſgith † an clàr raibh ſgith,
Clàr na dibhail 's na dòſgain,
Clàr gun 'n eibnaeas lànn oſnùibh,
'N clàr geur nan clàr goirta an clàr tùrſach.

IX.

Cneimh air chneimh ſa chneimh chràiteach,
Na ſeana chnaimhain ga 'n àrach,
Na 'n ùr chnaimhain 'n dràſta,
Sgriob gach la' gar fàſaigh,
Gur tric tàthaich a bhais toirt ſpuill dhin.

X.

Tha mi aig rathain le ceartas,
Thaobh àbharachd 'm aichaid,
Nach fearr e ri chlaiſtin
An t'oilc cratach na fhaicain,
Sclaon a dhaig a ſeann ſhoicil o thùs e.

XI.

Leaſach ſnidh air mo ghruaidhin,
'M Iain tighearnail duaſmhor,

Cheaſda

* *The coaſt.*
† *The Iſland of Sky.*

Cneasda coinnseasach buaghail,
Bhi na lùidhe gun ghluasid,
Gradh criodhe sa'n uaigh air a dhùnnadh.

XII.

'N inghinn Alastair chriodhe,
Rinn do sgarradh mo riothinn,
Fàth mo ghrùaimain air tighin,
Mo sgeul gailleach a righaist,
Nach faice mi nar dighaist su'n dùnn sibh.

ORAN *le* Mari *inghinn* Alastair *ruadh do dh* Iain Mac Shir Tormaid Mhic Leod *air faotin bra thombac uaith.*

LUINEAG.

Hi il u il agus o,
Hi il o ho ri nan,
Hi il u il agus o,
Hi il o ho ri nan,
Hi il u il agus o,
Hi il o ho ri nan,
Fa lil o hu lil o,
Ho ri ghealladh hi il an.

I.

GA do reach mi 'm leabuidh,
Cha' na codail is miannach lium,
Aig ro mhead na tùile,
'S mo mhùlin gu'n iarann air,
Tha mholdair ri pàidh,
Mur a cailtear am bliana mi,
'S feimail domh faithain,
Ga do ghabhian an 'n iasad i,
Hi il u il agus o, &c.

II.

II.

Tha mo chion nair a chlachair,
Rinn 'm aigne a riarachidh,
Fear a bheul mheachair,
Ga toſdach gùr briarach u,
Gu faithain air 'm fhocal,
Na caiſtail gad iarain iad,
Cheart aindeoin mo ſtàta,
Gun a charich ſud fiachain orm.
Hi il u il agus o, &c.

III.

Ga do thuirt mi riut clachair,
Air 'm focal cha b' fhior domh e,
Gur rioghail do th' ſhloinneadh,
'S gur ſoileir ri iaraidh e,
Leodach ur gàſda,
Foinnh beachail glioc fialaith ù,
Do th' ſhliochd na'm fear ſlathail,
Ba maith 'n ceann chliaranach.
Hi il u il agus o, &c.

IV.

Ach mhic ad Shir Tormaid,
Gu ſoirbheach gach bli'ana dhuit,
Chuir buaidh air do th' ſhliochſa,
Agus piaſach air th' iarmadin,
Chuid eile chlann t' athair,
'S gach ràdhad ga'n trialadh iad,
Sin is tòradh mo dhurachd,
Dhol an rùnn mar bu mhianach liuin.
Hi il u il agus o, &c

V.

Nuair theid u do'n ſhireach,
'S ro maith chinneas a'm fiaghach leat,
Led lothinn chonn ghleuſda,
Ann ad dheidh nuair a thrialladh tu,

Sin

Sin is cuillibhar caol cinteach,
Cruaidh direach gun 'n fhiaradh ann,
Sealgair na h elid,
Sa choillich fna lia chirce,
Hi ilu il agus o, &c.

VI.

Tha mo chionn air an Ruaridh,
Gur luainneach mud ſgeula mi,
Fior bhoinneadh geal ſuairce u,
Bheil uaiſlaidh na pheacagaidh,
Air an d' fhas an cùl duallach,
'S e na chuachagan teud buidhe,
Sin is àrladh ghlan ſhuairce,
Cha ba thuaireſgeul breugadh e.
Hi il u il agus o, &c.

VII.

Slan iomradh dhuit Iain,
Gu mo ráthail a gheiridheas dhuit,
Stu mac an deadh àthair,
Eha maitheaſach mearachail,
Eha gu fuarbhailteach daoinaircach,
Faoilteachail deirceachail,
Ceannart air trup u,
Na cuirte leat feim orra.
Hi il u il agus o, &c.

VIII.

Gur h àlluinn a marcach,
Air each an glaic diolait u,
Stu cùmail do phearſonn,
Ann an cleachdadh mar dh' iarrain dhuit,
Thigeadh ſud ann ud laimhſa,
Lann ſpainteach ghorm dhias fhàdda,
Is paithair mhaith phioſtall,
Air chrios na bàll ſniomhanach.

LUINEAG

LUINEAG.

Hì il u il agus o,
Hì il o ho ri nan,
Hì il u il agus o,
Hì il o ho ri nan,
Hì il u il agus o,
Hì il o ho ri nan,
Fa lil o hu lil o,
Ho ri ghealladh hì il an.

LAOIDH *air a Bhais le* Dùghal Mac Pherson, *ann a'n Trotarnis.*

I.

'N Cluinn u dhuine bi na 't fhaicail,
'S maiduin na 'h aif-eiridh dlù dhuit,
Eifd an troimpaid 's thoir un 'n araidh,
Guth an anghael thig gu 't iunfaidh.

II.

Ga fochair ù air do leabuidh,
Cuimhnich gur h aithgharra an uine,
'S mo tha cùram ort mu t anam,
Greis ort gu h eallaibh is dean t uirnigh.

III.

Cha ni n ùirnigh ghoirraid fhiùnnair,
Cuimhnùich a dhuine ne cùis dhùit,
Bheir a'n ùirnigh ni dhùit bunnaig,
Ort gu'n guille ù air do fhuilin.

IV.

Cha do crùinnich ù riamh do fhalchair,
Do ghor na gh airgaid na gh iuntais,
Na ghabhair an eirig t anama,
Greis ort gu'n dearmoid 's dean t uirnigh.

V.

V.

Mo ni u t uirnigh le creidaimh,
Cha neil teagamh dhuit an eisdaichd,
Rùig le dùrachd an luchd teagaisg,
'S hoir freitach nach dean u eacoir.

VI.

Cuimhnùich air do mhoidean baiste,
Gur a fasta iad ga'n geil ù,
'S mur treig u raodhaid 'm pheacaidh,
Glaisair u'n ionad na peine.

VII.

Gu ionad na peine a sheachnadh,
Bi gu faicleach air do ghiulan,
Cùm na fainta is treig gach cleachda,
Leis an raibh 'm peacadh gad lùbadh.

VIII.

Cuimhnuich gach blìana chaidh seachad,
Gur h aobhair airstail is tùrsa,
A bhith smuainteachidh mar thachair,
U bhith peacachaidh le dùrachd.

IX.

Ach ga nach strìochd u diugh do riodhailt,
Led cheann labhairt briaraich beulach,
Cha bheag a chuis eagail Dia dhuit,
Nuair t thig fhiachain air a bheulaibh.

X.

A huile ni bha e aig iaraidh,
Bha u diùlta riamh a dheanùibh,
Do chogais a togail fianais,
Leis gach gniomh a ni droch sgeul ort.

XI.

Ach cliù is moladh gu raibh gu siorùidh,
Gar Dia am bheil iochd gu saibhair,
Nuair nach b ùrra sinn 's na fiachaibh,
Gun a thoillaich Criost am paidhe.

XII.

XII.

Ach tha ar nanamanin an cùnnart,
'S aobhair mhullaid dhuin e 'n drafta,
Gu breithamhnuis bhi gar cuiridh,
Summanaigh a teachd gun dail oirn.

XIII.

Mar tha an foifgail fein aig teagaifg,
'S aobhar eagail ann fgach aite e,
Gun tig breithamhnuis mhic De oirn,
Mar tha e fein aig raithain.

XIV.

'N tì dh fhuillàing a chorp a cheufaidh,
Sa reubadh le fleagh 's le tairnain,
Sa dhoirt fùil a thaoibh gu frafach,
Gu finne a thoirt a fteachd gu fàrois.

XV.

Thig è le fuathais cho fgreamhail,
'S nach feadair airrais mar dh eiris,
Treigaidh muir is tìr is talamh,
Duibhaidh a ghealach fna reulta.

XVI.

Dùibhaidh a ghrian tha na coinneal,
Gu'n deid teinneadh ris na fleitaibh,
'S thig ar flainu-fhear 's na h ainghail,
Chùmail coinnuibh ann 's na fpeura.

XVII.

Duifgair an fin fluagh no cruinne,
Theid a'n criunnachidh le tròimpaid,
'S laidair cumhachdach an ùrra,
A beir iad uile a dh iunfaidh cùnntais

XVIII.

Sa chuiris ri cheile na cuirp fin,
Tha na dùs air falabh 's na fmuraich,
Sa chuiris anam ann 's gach colluin,
Tha air cnamh na torraibh ùrach.

XIX.

XIX.

Liubhraidh an talamh uile,
Corp gach duine thuair e fein dhuibh,
Is bheir an fhairge cùnntas builleach.
As gach duine mar an ceudna.

XX.

Cruinneachidh uiſge is gaoth na ſgap iad,
Dheith gach carcais fada o cheile,
'S theid an ceangail ſuas gu doighail,
Eidair fhuil is fheol is fheithin.

XXI.

Bheir am breithamh laidair ſmachail,
Fraorc do gach neach air eacoir,
Peachanuibh diomhair gu follais,
'S gach aon-chronn ſoilleir na'n aodean.

XXII.

Nuair thig iad air beulaibh bàrra,
Bigh an t anam a toirt riafant,
E bhi na ſpiorad neimh lochdach,
Aig na thruail an corp e cheud uair.

XXIII.

An corp cuir cionnt air na ſuilin,
Gun a lùb iad e gu farmad,
'S gur iad a bha deaniubh iule dha,
Ann 's gach tùrnn an raibh e ainmail.

XXIV.

A'n tuil a cùir cionnt air na lamhain,
A bha deanuibh gach gnothaich fallachidh,
Goid ſa braid na gh fhaod iad fhaithin,
Spuile thighean muirt is marbhadh.

XXV.

Na lamhain cuir cionnt air na coſaibh,
A bha air àſtar falbh gu ſiubhlach,
'G iaraidh coram fadda is farſuinn,
Air na daoine ceart u ſpuiligh.

XXVI.

'Gh aindeoin na tha ri 'gh raitin,
Tha 'n dràfta na aobhair dhuime,
Cha deanidh iad fin a mheirlaigh,
Mar a bithegh càch gan guilain.

XXVII.

'S cha ne na coffaibh bu choirich,
Ach a criodhe foillail falfach,
Ga chuir a ghoid cuid gach duine,
Ga bann bhar màllach na beann e.

XXVIII.

Tha'n faoghail doracha gun bhi foilleir,
Tha e lan do thainnuibh mhealta,
Tha e aig iaruidh a ghiunfaidh a bharachd,
Tha e lubach carrach fanntach.

XXIX.

Bigh Crioft air cathair a cheartais,
A dioladh ris gach neach mur bha iad,
Gu h araid bho 'd thuair e mafladh,
Sa bhidh le tailcais ga àichaidh.

XXX.

Smur a chuala finn bho thoifeach,
Nuair a theid gach olc o 's n àrd orra,
Cuirrear iad air an laimh thoifgeal,
Aig a nochdar iad ri naimhaid.

XXXI.

Gheimh an lamh dheis orduigh gluafaid,
I bhi tarruing fuas gu laraich,
'S bheireir flaithneas mar dhuais dhoibh,
'S cluinntair gùth an 'n uain aig radh.

XXXII.

A mhuintair a rinn an ceartas,
Gluaifdaigh iad a fteach gu farois,
Don rioghachd fin a dhorduich Dia dhoibh,
Far am bi iad gu dìllin fabhailt.

XXXIII.

XXXIII.

Sa 'n lamh thoiſgail bho nach fiach i,
Sgiurſar iad gu riaſlaidh grainoil,
'S mar a bha ſa 'g iunſuidh riamh doibh,
Liubhrair le Dia iad do Satan.

XXXIV.

Is bigh iad an 'n iofroin ga 'm piana,
Loſgadh gach ial is nach cnamh iad,
Sgreiddail is dioſganaich fhiacla,
Gun ſolas na ſuilſe na faordraich.

XXXV.

Niſe buillichibh gu diaidhigh,
A 'n futhail tha gun trial gar làthe,
Gluaſaibh ann an ſollas Chrioſt,
Cho fadda 's ni a ghrian oirbh dearſa.

XXXVI.

Bho n ſe fein apaidh air fiacha,
Na diochainichibh a chairdais,
Mu 'n teilg e do dh i froin ſios ſibh,
Beannachd Dhia dhùibh 's tuinndaibh tra ris.

ORAN *a rinneadh do dh* William Brathair Mhic Leod *na* Hearradh.

I.

SORAIDH na dha le dùrach uam,
Gu cuirtair deis a cheoil.

II.

Gu guala threin na lùraichin,
'S na brattach cùrigh froil.

III.

Gu marcach cùrſach pillaineach,
Le 'n gluais a 'n cinneadh mor.

IV.

Se mac ſo dhag an t Alaſtair,
Glac gheal a mhalairt oir.

V.

'N t William ſo chuala ſibh,
Air am bheil na buadhain còr.

VI.

'S tappuadh gaſda cruadalach,
T aigne uibhreach mhor.

VII.

Air an d fhas 'n cùl ſniomhanach,
Nach briſt a chir 's nach leòn.

VIII.

Gur fada bachlach dualach,
Tha càmalt gruaig an 't ſheod.

IX.

Mar tharruing theudin chlarſachin,
Bui cleachdach air dhreach oir.

X.

Gruaidh is ro mhaith ſiola.
'M bheil fùil na rioghraidh mòr.

XI.

Tha fuil chlann Riogh Lochlain ann,
Ma 's fior mo thoiſeach ſgeil.

XII.

Sa 'n fhuil uaſal leonnach,
Nach traigh mar a bhuinn mhor.

XIII.

Tha do chairdais dilas,
Ann a fiùnn-leitir na cleoc.

XIV.

Gur a farſuinn fuighantach,
Do phairt ri Dughail òg.

XV.

Chaidh a chlù thar dhùchana,
'S be ſid an dùchas dho.

XVI.

XVI.

Le luchd falbh na h earin,
Ga 'm bi na teudean ceol.

XVII.

'M fear liath tha an loch-aircaig,
Gur h aite leis u bhi beo.

XVIII.

'S càrraid Mhac Neil Bàrra ù,
Gun fhear a thoibheum beo.

XIX.

'S carraid do 'n Iarla Ilach u,
So rinn a mista mor.

XX.

Mharadh riogh fear mhùille leis,
'S cha d roinn sùd bùinnaig do.

XXI.

'S guirribh do na cùlagaibh,
Is glachaibh iùrran og.

XXII.

Mac na 'n craobhidh fasanuich,
Gu neart-mhor anu a dhorn.

XXIII.

Na bhuantagh 's na bharranta,
Nach tarruing duine tha beo.

XXIV.

'M bheil maisa agus riobha,
Sa dhearse air griesa 'n rois.

XXV.

Beith direach earr na shionadh,
Ceir is siodagh gorm.

XXVI.

Bàrr siùnn dòsrach gun chrenn lochraidh,
Sreang le 'm broisnaidh toir.

XXVII.

Cuilbhar spainteach cinteach dha sùd,
Thilgeadh graina 'm feol.

XXVIII.

Bho d bhois lùthair ri còsg fùdair,
Dhamsigh suil an neoin.

ORAN *do'n* Olladh Shasgunnach, *le* Duineuasal Araidh. *Air fonn*, Alastair dubh a Gleanngaradh.

I.

AN * tolladh thainig a' sasunn,
'N coinnibh re mast' thoirt do dh' Alba ;
Ge d' fhuair e suairceas da chleachda
Na asdar air feagh na'n garbh-chrioch ;
Cho luaithe rainig e dha-thigh
Gu garaidh altrum an t shean-bhruic ;
No rug an trùileach an asaid,
Do bhreugan as-caoin 's do shalachar.

II.

Ach 's è 'n Donas fein a spor thu,
Thug an toil dhuit gun a chàileachd ;
Ba chomhartaich dhuit ris a ghealaich,
Bhiodh tabhunn re Clannabh na'n Gaidhil :
'S olc a thrù nach tug an aire
Ma'n raibh thu cho labhara, dhàna ;
Nach è 'n cù is cruaidhe dealunn,
Is doimhne a ghearras a nàmhaid.

III.

'S dearbha nach fiach leam it' islair,
A spilleadh na tharaing a balg dhuit,
'S math a dh' fhònas leam a gheadhach †
Shliom, ghlas, laghach, ga' d' mharbhadh :

Ceapog

* *A doctor.*
† *A goose quill.*

Ceapog bhog challtainn gun chorran,
Gun ghuin, gun oirin, gun chalg orr',
A lotas do theanga 's do cholunn;
'S comh-buige re toran mhealgan.

IV.

Cha 'n'eil mi creidsinn ga rireadh,
Gur Iaineach friamh na beiste,
'S ann a fhuaragh e le mhathair
Re coigrich le nador Venus,
Balach gun mhogh, lomlan miosguinn,
Traill neo-mheasail air fein è
'S tusa an sheoil a chuaidh a dholaidh,
A dhùbail boladh air breinid.

V.

Ach cha 'n eil coille gun a cuonach,
'S bioidh clamh-eoin lionar 's na seòcabh,
'S ainnihh re fhaotuinn magh cruineachd,
Gun bhuilgeir ann gun fhòtas,
Tha coi-measg re fhaighi gu minig,
Ann sna * geimichin is bòiche,
S cha 'n iunadh usa bhi ad thrusdar,
A'd thàir, 's ad ghusgull do d' sheòrsa.

VII.

Gur tu an losgunn sleamhun tar-bhuidh,
'S tu màigein tairgneach na'n dìgin,
Gur tu dearc-luachrach a chàthair,
Re snàg 's re magaran mìltich,
'S tu bratag sgreataidh an fhàs ich,
'S tu 'n t sheilcheag grànda bhog lìtheach,
S tu 'n cartan nach fhuraita thàrsainn,
Uait na thàras tu na ad ìngnin.

VII.

Gur tu 'n sgonnachù gollach, sgallach,
'S tu tramasgal salach gach fas-phoir,

'S tu

* i. e. *geiheamhuinnin*.

'S tu ſoplach a's moll na faſgnaig,
Ann àm ſiol reachdair a chàthadh,
'S tu tom-odhar an tombacadh,
Gur tu ſtad feachda o bhlarabh,
Gur tu croman-luch' na healtainn,
'S tu nois mìr-cagnaidh nam Bàrdun.

VIII.

Gur tu fuidheagan an aodaich,
Gur tu chnò-chaoch an fhìr fhàſag,
'S tu a' madadh-allaidh air chonbhàdh
Gur tu meas toirmiſgte a ghàraidh.
'S mor tha da bhèuſan a bhalaich,
A bhruid air carradh ad nàdor,
Cho 'n iùnadh ge d' tha u ſgreamhail,
'S an fhail ann ſan deachaidh t àrach.

IX.

Cha ba tu'n dreathunn na'n cuileann,
Na tiubhar fulannach làidir
Cha 'n eil mìr annad do'n darach,
No do fheileach dearg na'm blàran,
Tha chuid is mo dhiot do chrithinn,
Ingin ſgithich 's lamhun fearna,
Tha do cheann gu leir do leamhan,
Gu h araidh do theanga 's do chàirein.

X.

Ceann puinnſoin a chinnich na fhàſach,
Do'n * fhailbhe 's do'n àileadh lom lan,
Gann urad † maighdeige tràthad,
Do dh' eanachainn nàdora ad throm cheann,
Cha n iunadh ge d' thigeadh toth gràineil,
O dhèudach bearnach do ronnachraois,
'S do chom gun chroidhe gud àinin,
Ach urad màileid do dhomlas.

XI.

* *emptineſs.*

† *A very ſmall kind of Wilk without any meat in it.*

XI.

A meafg na'n iafg s tu'n dallag mhùrlaich,
A bhiaft mhùgach fin mac làmhaich,
'S tu'n t ifeain a' meadhon na brèine,
Am brochd sa fhròn na chèir tri ràidhin,
A mhial chaorach dha'n ainm an t fhèalain,
Salach an fpreidh tha dhuit cairdeach,
'S mar bhithe nach t oigh leam ainm èifge,
Gun dùraichdin fein do fgràileadh.

XII.

Ach ni mi nois a bhrìgh do fgornaìl.
Glomhar ad bhèul mor a fparadh,
Nach deilich riut fhad 's a's beo u,
Gach aon deireadh lo ga theannadh,
Bharachd air na gheibh ud' riafladh,
Air * ballan ftiallach ga d' fpannadh,
B' fhearr dhuit nach beirte bho thòs u,
Ach ad mharbh laogh bo gun anam.

ORA

* *A kind of pillory anciently uſed in the Highlands, for puniſhing all liers and deſpicable offenders: It was a ſort of frame erected on a pillar, on which the offender was faſtened with a rope about his oxters, by which he hung expoſed to the ſcoffs and ridicule of the ſpectators, who pelted him with rotten eggs, &c.*

ORAN *le fear* Arnabidh, *do* Alister Mac Domhnuil.

I.

A Cheaid diluain an bhli'ana so,
Gur riarichte bha m intinidh,
'N tì mu raibh mi iargunneach,
Bha ioratuis ro chunteach dha,
Do t shlainte bhi gun deiras,
Bhon là gheallich mi san tirsa ruit,
An deis gach cuis bhuaighgachidh,
Dam cluasibh 's duais ro fhirreannach.

II.

'S mi tholichidh bhi soilear ann,
Ga doilear libh tuis m indrigidh,
Gur neonach luim mar cualadh sibh,
Co chnuaisach buaidh gach piobarichd,
Gun mhoil e cheairt cho innolt i,
'S gur fillachd uile th insidh dhoibh,
'S prosnachadh an cuidichda,
'S fear tubaist nach bigh inntineach.

III.

Bu leannan trois tu mhoraigu,
'S bu shelasaich an cellidh i,
'S ga nach raibh e ordichda,
Bu deoinnach leis gun geilidh i,
Ach nuair thuig e caillichin,
'S gum b abhair gràin tu cheudibh i,
Gun thuintagh e gu fuathach i,
Ga be chualla a duais 's neo ebhin e.

IV.

Na riarachidh mo smuintin mi,
Sa naonnar a comhgheallachin,

Gur

Gur miſe bigh aontach,
Air bhi daonan an cain-eiſtach ruit,
Bho 's riaghailt do gach uidar u,
Luichd cùil 's tu gruint an teidagin,
Gun tuig u bar àir h omar,
Ga ba ceol fhear mòr ſa greigas e.

V.

Gur lionnar fear le follas,
Brigh tu bheoil air bhoird ri marran dhuibh,
Bigh ulaim grinn air h ois achda,
Na m poir le glòir ro ardanich,
Sin nuair thig na finnachin,
'S tuis girig philidh namhid iad,
Gun dearamid air na boidichamh,
'S fior ſhoganach ri naiſten iad.

VI.

Cha neil bard na filigh,
Na fear inaid na luchd ſgèula againn,
Nach mianach bhi n ad chuideachda,
'S ta thuiſpaint bhi ga eiſteachd lo,
A follum is a fiſrachadh,
N aird thuigſa bha u efachdach,
'S tu Riogh na laoidh 's na 'n oranin,
Luim fhein gur boghaiſt gun gh edhigh e.

VIII.

Nuair thig n teachdar,
Gur neimh ſheachranach ar sàridh dha,
S iomadh fear bhios dughach,
Gur neimh ſhubhach leis na cairdin e,
Cha cuaila riamh do dheannatas,
Na bhreaugacheas mu ghratineas,
Na miuſas bigh gu gallach,
Nuair ni Aliſtar air faigalſe.

VIII.

Gur Cha neil ſtruthan ùilt na aithnichan,
'S trath na gleann na reallenibh,

Nach

Nach bi gu bronnach tùrſanach,
Le dùrdail bhùichtigh eiſlenach,
N eanli bigh gu cràtach dheith,
Cha cluintair ard ſa cheateain iad,
Gach luigh tha coill na'n garuchin,
Am blà ſan càil air gèilachdin.

IX.

Am bradan leis an taitneach,
Tighin gu grad gun ſtaid bho 'n t ſhaile ſin,
Gun threig n ſhnag is aſtar e,
Gur tharſtalach a t ſhnamhi 's e,
Gun d fhaiſe ceart co-truime,
Le bhi ceapadh chuilaig àlline,
Gu tug e grùnnd na tùinigh air,
Le tùrſa dhuilich phramhanich.

X.

'S beg iunidh ſid a dheridh dhoibh,
'S nach lèir domh fo na duillinſa,
An tì co-cheart ſa leabhadh dhùin,
Gach ceadfidh ghebhadh cluteach oribh,
Cha deain mi tulligh ionſaidh duimh,
'S fear feanais ault an t ſhuicar air,
Fad bhios muir a lionadh,
Cha deid diochan air na thùiridh leat.

XI.

An t ſhori ſo gun blaſbheam,
Bho 'd dhauilt ſe t fhaichdin ſabhailta,
Mo leiſgealſa bhi gatidh,
Bho 'n nach ſnaſtar beachd na bardachdſa,
'S e ſhid a gfhag mo mheimnaidhſa,
Fior leannbigh leanimh do chàllichan,
An toil bhi an aite ghniomh,
Cupa linta dhiol do t ſhlaintaſa.

IRAM

IRAM.

I.

THA ſgriob dithigh orm na s leoir,
Si tighin gu foil,
Ghaoil cha churrinn an ſtoip ri cheannach i.

II.

Tha ſgriob do poigidh na deidh,
Si ri tighin gu reth,
Shaoil mi graidh nach raibh breig ud ghealidh dhomh.

III.

Gad theridh cach rium,
Nach bu leannan domh u,
Luaidh cha duair mi do ſhuigradh ainneolach.

IV.

Chunnachas bruaidar an roir,
U bi ſintigh ri m thaoibh,
Chum ſid tamial du n oìche am charis mi.

V.

Sann air ruidh tigh làir,
Ghabh mi ceid dhiot dimairt,
Bhuail mi mulaid 's cha bàil lium a'nachidh.

VI.

Suil gan tug miſe uaim,
As do dheidh 's tu ſa cuain,
Lìon mulaid bochd truaidh 's droch bharal mi.

VII.

Mhic ud Eachun na ſtròil,
Tha u ſgiobar luim og,
Gad tha miſnach is morail cheana ionnad.

VIII.

Bhigh aig t athair 's bu dual,
Sgiob chaimh a cuain,
Nuair a dh'eiridh i ſuas na marrinamh.

IX.

Mu ſann le ardan clann Neal,
Dh fhalbh u freaſtal na ramh,
Mac Mhorigh a chuir ſabhailt calidh ort.

X.

Nuair theid u air ſtùir,
N a leig claonidh ad ſhuil,
Eaguil aomadh a ghèil gheal fharis dhi.

XI.

'S nuair a chi u muir mòr,
Si tighan le cròiche,
Feach an 'iar u ga coir le leannanach.

XII.

Smath thig cotaidh nan n' eang,
Air a cumadh ort gu teann,
Fhir nach d'fholumn ſgraing ach ceannaltachd,

XIII.

Ach na bithin ſa bhù,
Sna h airm ann a b fhuidh,
Dheannin rahdha gun dùidh cheannach dhuit.

XIV.

Sar chlaoimh math gèur,
'S gunna ſnaip air dheadh glèus,
Si reaſlaidh gad t fheim air bheallachin.

XV.

Ach mu tha ſibh nar dias,
Ann an Glaſco gu tinn,
Ri gu cluinim dheadh ſgeul bhi fallain oribh.

XVI.

Miaſg clanna na gall,
Far nach tuig iad air caint,
'S nach h idear neach ann ar n'anachdar.

ORAN

ORAN *le* Iain *lom do Shir* Domhnuil Shleite.

I.

SCIAN 's gur fàdatha n i 'm thamh,
'S trom lium 'm aigne fo phramh,
Snach codal dhomh feimh 's tìm eiridh.

II.

Luigh an 'n aois orm gách uair,
Dreach a'n aoig air mo ghruaidh,
Is rinn e feidail bhoc thruadh do fein dhiom.

III.

Tha liùnn dùgh orm gach la,
'S e gam thaoghail a ghna,
Air mo chuiſe cha ràſgeul breug e.

IV.

Tha gach urre dol dhiom,
Bho faithin fùrran le miagh,
Cuig ùrrad sa b fhiach mi dh eirig.

V.

Chail mi arminn mo ſuic,
Mo ſgiath laidair 's mo phrùipe,
Iad rì aiteach 'n t ſhluic is feur orra.

VI.

Fàth mo mhìrreadh 's mo cholg,
Thaobh gach iomairt ſo dhalbh,
Luais air 'n iomachd air lòrg a cheile.

VII.

Mhùch mo mheothail 's mo mheas,
N'a daoil bhi claoghach ar ſlios,
Chaidh mo raothain fai lìc do leugaibh.

VIII.

Bhuail an t earrach orm ſpot,
'S trom dh airich mi lot,
Chuir e lùghad mo thoirt 's beag 'm fheim air.

IX.

Bas Shir Domhnuil bho 'n chaol,
Chuir mo chomhnuidh o ſgaoil,
Dhàg mi 'm aonar ſa 'n aoiſh ga 'm liatha.

X.

Sann ruit a labhruin mo mhian,
Gu dàna ladarna dian,
Ga do bhithin da thrian ſa 'n eacoir.

XI.

Tha iommad ſmuaite boc truadh,
Teachd air 'm aire ſgach uair,
Bho 'n là chaochail air ſnuadh fir h eugaig.

XII.

Leoghuinn firrachail ard,
Muinte ſpioradail garg,
Umhail iriſail fearragha treabhach.

XIII.

Leug na 'n arm is na 'n each,
Reumail aircail gun airc,
Gheug u 'n armadail glas an deidag.

XIV.

Bha do chinneadh fo phramh,
Do thua 's do phaiarin mail,
Uaiſlin t fhearuinn ſgach làn fhear feuſaig.

XV.

Bha mhnai bheul dearg gheal a bhruit,
Ri càll 'n ceilidh ſa 'm fuilt,
Cach aig eite do chuirp air deile.

XVI.

Moch ſa mhaduinn dirdaoin,
Thog iad tàſgidh mo ghaoil,
Deis a phaſgadh gu caoil ſna leintin.

XVII.

'N ciſte ghùiſe na 'm bòrd,
'N truail chumhain na 's leoir,
'N deis a dùghadh fo an t ſhrol air ſpeicin.

XVIII.

XVIII.

Gu eaglaiſh ſhleite na ſtuadh,
Chòſt u fein ri cuir ſuas,
Ga d' nach fhùrich u buan ri ſcletágh.

XIX.

G fhalibh na ſpalpin a nuin,
Bha fial farſing na grunnd,
Cha biad na fachach gun rùm gun leaid iad.

XX.

Domhnuil gorm bu glan gruis,
Fear bu mhinna bha do'n triur,
Cha bu corrocheann u n cuirt Ri Searlas.

XXI.

Chunnaic mis u air trithan,
'S cha bu gna leat bhi crion,
'S gum mo nolaig le fion do reithlain.

XXII.

Cha bhola paidh do mhian,
'N am ghoibh falabh uait ga dìan,
Choi ſna traighad gun lionta re leat.

XXIII.

Du gh uiſgabeatha 's do bheoir,
'S iad a gabhail nas leoir,
Mur a thoileachidh beoil ga eabhachd.

XXIV.

Mu bhord gun timidh gun gruaim,
Le oil 's le iumart 's le ſluaidh,
Is ceoil bu bhinnidh na cuaich 's a cheatan.

XXV.

Thuair u deannal na dho,
Dh fhaig do pannal fo bròn,
Gum ba ghearran a leon mu 'n eibhidh.

XXVI.

Air Raoin Ruadhri na ſtrache,
Far na bhuadhaich u blàir,
Chail u tuaiſlin is tarmain ghleiſta.

XXVII.

Air an talamh chrion chruaidh,
Nach fallachidh gearrag a cluais,
Fhuair ſibh deannal na luaithe leatha.

XXVIII.

Bu neimh chraoibhidh nu ſeòd,
Thuair ſa chaonaig an leòn,
Bann du Raonnail 's Eoin is Semais.

XXIX.

Cha deain mi rùn ach gu foil,
Do n'all ur 's air teachd òrn,
Bho nach duiſgar le ceol Shir Seamais.

XXX.

Dh fhalabh u fein 's do chead mhac,
Ma la geuir ſibh gu neart,
'S fada bho cheile ſo cheapibh reaſg ſibh.

XXXI.

'S bla an leapa air ar ceann,
Seach daormain thaiſgidh an t ſhuim,
Sibh bu ſcapach air buinn le fealidh.

XXXIII.

Thuart mi 'n uriad ud ribh,
Tha mi m' urin ga dhiol,
Slann ar muinnail gum pill ſibh breig orm.

Do

Do dh Inghein *fir thir na dris, le* Mac *fir* Dhail'neafs.

I.

THA mife fo 'm luidhe,
'N leabaidh chumhainn chaoil chlàraidh,
Tha mo cheann air a lìonadh,
Le fiabhras mìo-nàdar,
Cha 'n fhuachd is cha teas dhomh,
Cha neil fios ciod is cràgh dhomh,
'S ann tha toifeach mo ghalair,
Mu m' fgamhan 's mu m' àirnin.

II.

Beir mo fhoraidhfe thairis,
Do m' leannan do n bhràidhe,
'S nuair chluinnis i n aithris,
Cha maith le mar tha mi,
Mi gun fugradh gun aitis,
'S gur e chleachd mi 'g àbhachd,
'S e cumha do phòige,
A leòn chun a bhais mi.

III.

Ga bu fhocair mo leaba,
Cha do chaidil mi 'n raoir,
'S nach d fhuaras tu agum,
Ann an taice re m' thaobh,
'N am dhomh dùfga fa mhaduinn,
Bha u fada o m' ghlaodh,
'S mor a b' fhearda mi agum,
Aon aitil do m' ghaol.

IV.

Cha n è ro-mhiad do nithe,
Tha mife ga iarghuinn,

Ach

Ach mi m' laidhe ſo m' aonar,
Re ſmaonuinnin diamhair,
Gheibhinn bean ann 's an tír ſo,
'G a bheil nì 'do ſhiol diarmaid,
'S aig na thug mi do ghrà dhuit,
Ga m bi dàil aice am bliadhne.

V.

Tha miſe fuidh ſprochd,
A ghaoil o thoiſeach mo cheiſt ort,
'S deir gach aon neach do m' ſheòrſa,
Nach ba ghòiriche bheag ſin,
Mar gabh laigſe na feòla,
Is an òige mo leiſgeal,
'S gur trì nith thig gun iaraidh,
Gaol, iad agus eagal.

VI.

Gur miſe th'air mo leònadh,
Mu mhnai òig a chuil duinn,
'S tu dheanadh mi ſlàn,
Ge do thà mi gu tinn,
Tha do ghruaigh mar na caòirin,
Do ſhlios mar fhaoilinn air tuinn,
'S e bhi ſealltuinn a' t aodunn,
A b' aobhaiche leum.

VII.

'S truagh nach raibh mi 's mo leannan,
Ann ſa ghleannan an uaignis,
Na ſa bhadan bheag choille,
Far an gaoire na cuachadh,
U sìonte ann m' bhreacan,
Dlu paiſgt ann m' ſhuanaich,
Gu faighinn le deòn,
A ghaoil do phog is cha b' fhuathach.

VIII.

Gur diom-buitheach mi 't athair,
Dheth luchd taighe 's dheth d chàirdin.

Le

Le an litrichibh brèige,
Mar a threig iad do ghradh orm,
Bha 'n dream dheth 'n raibh sinne,
Lan toil agus àrdain,
'S e ar cumhail o cheile,
Dh fhag fuidh èisdan gu bràth mi.

Am freagradh.

I.

GE do chuaidh mo a phòsadh,
Cha ba deònach mi fèin air,
Nuair dh' amhairc mi am dheaghaidh,
'S e mo raghuinn a thrèig mi,
Og ùr a chuil ghasta,
Ba tu mo thaitneachduinn ceile,
'S truagh a ghaoil gun mi marriut,
Fuidh sparradh na dèile.

II.

Ge d thig fear mo thaighe,
Dha thigh cha dean mi ris sàilte,
Cha dean mi ris croidhalas,
Brithinn no gàire,
Tha e nochd sa cheann ìosal,
Fear nach d' dhireadh air fàilin,
Dh fhag sud mise fuidh èaisdain,
Fad mo rè is mo làithin.

III.

Tha mo chionse do 'n fhleasgach,
Dhonn leadanach bhòi'-ach,
Do n fhine nach striochda,
Do fhion-fhuil chlann Domhnuill,
'S ann a ghabh mi mo chead diot,
Aig an Eaglais Diadòmhnaich,

'S ge

'S ge nach d' fhaod mi bhi cainnt riut,
Bha ſhannt na ba leòir orm.

IV.

Gur a truagh nach raibh miſe,
Gun fhios air do chùlthaobh,
'N am togbhail na lichde,
Agus briſte na h ùrach,
Cha n iaruinn do chiſtidh,
Ach mo ſhlios a bhi dlù riut,
Sgeul a ſgath as mo chèudfaidh,
'S ann do n èug thug u cùntas.

ORAN *a* Gheamhruidh.

Tune, *Tweed ſide.*

THarraig grian riogh na'm plainèd 's na rèull',
Go ſign chancer Diaceadaoin go beachd,
A riaghlas comhthrom ma 'n criochnaich è thriall,
Da-mhioſ-dèug na bliaghna ma ſeach ;
Ach gur h e an darra, Diaſathurn na dhèigh,
A ghrianſtad-ſhamhraidh, aondèug, an la's faid ;
'S a ſin tiuntaidh e chùrſa go sèamh,
Go ſeſ-ghrian a gheamhruidh gun ſtad.

II.

'S o dh' imeich è 'nois uainn mancuairt,
Go 'm bi fuachd oir'n go 'm pill e air nais,
Bi'dh gach aon la dol an giorrad go feim,
'S gach oiche do reir dol a fad :
Struighidh luibhion, is coill, agus feur,
Na fais-bheo ion-èuguidh iad as :
Teichigh ſnodhach go friobhaich na 'n crann,
Suighſidh glaoghain an ſuigh-bheatha aſteachd.

III.

III.

Seachdaidh gèagan glan cùbhrai na'n crann,
Bha 's an tſamhradh trom-ſtràicht' le meas,
Go toirleim an toradh go làr,
Go ſgrioſair am bàrr, fàr gach lios.
Guilidh feadain is creachuinn na'm beann,
Sruthain chrioſtoil na'n gleann le trom ſproc,
Caoi na fuarain ri meacuinn go'n cluinn :
Deoch-thunta na maoiſeach 's na 'm boc'.

IV.

Luidhigh bròn air an talamh go leìr,
Go 'n aognaich na ſlèbhti 's na cnoic :
Grad dubhaidh caoin-uachdar na 'm blàr,
Fal-ruiſgte, 's iad fàillinneach bochd.
Na h eoin bhuchullach bhrec-iteach, ghrinn,
Sheinnidh baiſgeonta, binn, am barr dhos,
Go 'n teid a ghlaſ-ghoib ar am bèul,
Gun bhodha, gun tèud, 's iad nan toſt.

V.

Sguiridh bùirdeiſeach ſgiathach na ſpèir,
D' an ceileiridh grianach car treis,
Cha ſeinn iad a maidnen' go h àrd,
Na feaſgurrain-chràbhach 's an phres :
Codul cluthor go'n dean anns gach còs,
Gabhail faſgadh ann frògamh na'n creg' ;
'S iad ri iuntrainn na 'n gathanan blà,
Bhiodh ri dealaràdh o ſgàileadh do theas.

VI.

Cuirir daltachan ſrian-bhoi na ròs,
Far mhin-chioch na 'n òir-dhithein beag,
Sinion guccagach lili na lòn,
Na fluran, 's gheal nòinein na 'n eug :
Cha deobhlair le beachainn na 'm bruach,
Croghaidh fuarachd car cuairt iad na ſgep ;
'S cha mho chruinnicheas ſeillein a mhàl,
'S thar gheal-ùr-ros chrann garraidh cha ſrep.

VII.

VII.

Tèarnaidh bradan, is sgadan, 's gach iasg,
O t iarguinn go fiaghrunt na'n loch ;
'S go fan air an aigen dubh-dhonn,
Ann an doimhneachd na sonn is na slochd ;
Na bric tharr-ai-ghealach, earr-ghobhlach shliom,
Leumadh mearradha, ri usgraichion chop,
Nan cairtealamh geambraidh go 'n tamh,
Meirbh, sàbhach o thàmh u fa 'n ghlòb.

VIII.

Chas is ghreannaich gach tuluch, 's gach tom,
'S doite lom chinn gach fireach, 's gach glac ;
Go'n d' obhraich na slein' feoir,
Ba lusanach, feurneanach brat :
Thiormaich maodhunnan, 'a ruaghaich gach sonn ;
Bhèic an fhairge 's ro thonn-ghreannach gart ;
'S go 'n sgreitich an duldachd gach long,
'S theid an camhlach nan long-phort a steachd.

IX.

Nèalaich pairdon is meadoir go bàs,
Thuit gach fàsach, 's gach aite fa bhruid ;
Chiaraich monaidh nan losuil 's nan àird :
Theirig dathanan grasor gach luig :
Dh' fhalbh a faileadh, bha tattneach, 's a sonn ;
Dh' fhalbh a maise far lompar gach buig ;
Chaidh an èanlai go caoithioran truagh,
Uiseag, smeorach, is cuach, agus druid.

X.

A fhraoich bhadanaich, ghaganaich ùir.
D' am b' ola 's d' am b' fhudar a mhil,
B' e bhlà ghrian do thabhachd 's gach uar,
Go giollachd do ghruaige le sgil ;
'S am mhaidin thiughair 'nuair bhoisgidh a ghnùis
Air bhuidhinnin driuchdach na 'n dril,
B' fhior chùbhrai 's go'm b' èibhinn an smàid,
So dh' eiridh far chuirnein gach bil.

XI.

XI.

Go'n theirig ſudh tal'mhunn na'm bruach ;
Dh' fhalbh an cruaſach le'n trom-lubadh ſlat,
Thuit an t ubhull, an t ſiris, 's a phèur,
Chuireadh bodha ar a ghèig anns a bhad.
Dh' fhalbh am bainne o'n eallach air chùl,
Ma 'm bi leanaba ri ciucharan bochd,
'S go'm pill a grian go ſign thaurus nam buagh,
'S trèun a bhuaghaichis, fuachd, agus gort.

XII.

Theid a ghrian air a thurus mancuairt,
Do thropic chapricorn ghruamaich gun ſtad,
O'n tig ferrin chruinn, mheallanach, luath,
Bheir a mullach na'n cruaitichion ſad ;
Thig tein'-aeir, thig torunn na dhèigh,
Thig gailliunn, thig eireadh, nach lag,
'S cinnidh uiſge na ghlainechimh cruaigh,
'S na ghlas-lèugamh, mìn, fuairlicneach rag.

XIII.

A mios nuarronta, garbh-fhraſach dorch',
Shneachdach, cholgurra, ſtoirmſhionach bith ;
Dhìſleach, dhall-churach, chauthach, fhliuch, chruaigh,
Bhiorach, bhuaghurra, 's tuathghaothach cith ;
Dheigheach, liath-rotach, ghlìbſhlemhin garbh,
Chuireas ſgiobairion fairrge na rith :
Fhlichneach, phuntuinneach, ghuineach gun tlàs :
Cuiridh t anail gach càileachd air chrith.

XIV.

A mios crattanach, caſadach, lom,
A bhio's trom air an tſonnbhrochan dubh ;
Churruiceach, chaſogach, lacunn is dhonn,
Bhrìſneach, ſtocainneach, chom-chochlach, thiugh ;
Bhrògach, mheattagach, pheiteagach bhàn,
Iomacach, aranach, chaiſeach, gun ghruth ;

Le miann bruthaiſte, mairt-fheoil is cál ;
'S ma bhio's blà nach dean tair air gnè ſtuth.

XV.

A mios brottogach, toittenach sòigh ;
Ghionaich, ſtròthoil, fhior gheocoil go muic ;
Littich, làghanaich, chabbaiſtich chòrr,
Phoitich ròmaſaich, ròiceoil go ſult :
'S an taobh-amuigh go do thudh ſinn ar com,
Air an fhàilidh gheur-tholltach gun tlus,
'S fèadar dram ol mar linnige clèimh,
A ghrad fhadas tein'-eibhinn 's an uchd.

XVI.

Bi'd greann dhubh air cuid mor do 'n Roinn-eorp,
O lagaich ſgèamh òrdha do theas,
Do ſholus ba ſhòlas ro mhòr,
Air fragharc air lòchrann geal deas ;
Ach 'nuair thig e go gemini a'rìs,
'S a lainnir 's gach rìoghachd go 'n cuir,
'S bui ſoilſen na 'n coirein 's no meall,
'S riochdoil fiobh na'n oir-pheall air a mhuir.

XVII.

'S theid gach ſalmadair ball-mhaiſeach ùr,
An crannaig chùbhrai chrac bh-dlùdhuilleach cas,
Le'n feol fèinn a ſheinn hymns 's a thoirt cliu,
Chiunn a phlanaids' a chùrſadh air nais :
Go'm bi coiſhir air leth anns gach gèig,
An daſcabh èibhinn air rè-ſhlios na 'n ſlat,
A toirt lag iobuirt le 'n ceileir' d' an triadh,
Air chaol chorrabh an ſgiath anns gach glaic.

XVIII.

Cha bhi crèatair ſa chupan na ſpèir,
Sin nach tiuntaidh ri ſpèrid 's ri 'n dreach,
'S go 'n toir Phèbus le buaghan a bhlàis,
Anam-fès doibh is càileachdan ceart ;
'S ri iad aif èridh choitcheann a 'n uaigh,
For na mhiotaich a fuachd iad aſteachd,

'S deir

'S deir iad (guiliog-doro-hidola-hann,
Dh' fhalbh an geamhradh's tha 'n samhradh air teachd.)

ORAN *a rinn duine uasal airrit, do dhuine uasal ele.*

I.

THA sgeula ri airisd,
Cha 'n annait ri luaidh e,
Chùnnachas thu Ruairidh,
Deannùibh suairceas ri mhnai,
Ri caillin ro fhionalt,
Air a lionadh le h' uaisle,
Rinn i do mhealladh le sealladh,
Fo mhàlla gun ghruman,
Tha a beul mar a chùag,
'S glan rùtha a gruaidhin,
Gur maiseach 's gur a cuachach,
Cuir dhuallach a cinn.

II.

Tha 'm oganach gasda,
Mar ghasan do luachair,
Na'm direadh a chrualich,
Bu luath u sa'n fhri,
Nuair theid u air h' uillin,
Bheir u fuil air damh croic,
Lòttar sa cheir e,
Cha'n fheadar leis leum air a mhointaich,
Na'm creucha no filaidh,
Bhidh do rilidh a 'n ordagh,
Air bharrin na 'n ordag,
Gu h' eolach 's gu grinn.

III.

Mur dean iad dhiot pàrſain,
Ni u ſpalpaira diùllach,
Mar a cùirrear an gùnn ort,
Ghaibh u cuinne bho an riogh,
Gu 'n coiſin do mhiſneach,
Aite mioſail o dheorſa,
Frangaich is ſpainteach mo lamhſa,
Gu 'm bàſaich na 's leor leat,
Mur ceanghla an t' sìth,
Gu 'm bi miſta na t fheolach,
Le ſpionnadh do dhornn,
Gu 'n deid moran dhuibh dhi.

IV.

Se aobhar a chliſgidh,
Mo bhitheas meas air do chruadal,
Mo theid ù air chuaintaibh,
Bigh gruagaichin tinn,
Big luaithe na criodhe,
Do bhrùidhin a leon iad,
'G iunntrain a cheanail,
Thig eallant bho ſmeallas na pògan,
Cha tòg iad a 'n intinn,
Gu ſa 'm pill ù le 'h ordagh.
Cha 'n eiſd iad ri h' oran,
Na ri ceol a bhitheas binn.

ORAN

ORAN *leis an duine uaſal cheudna* Gabhail, *a chead do'n eilan-ſgiomnach 's ga chairdin.*

I.

MI am ſhuidhe an deiridh bàtaigh,
Ga'm iommain leis a bharlain,
Cha ne na tonnadh arda,
So dh àrraich domh bròn,
Sheachdùin gu ſa màreach,
Do phauſgaidh linn 'n cabul,
Nuair chunnaic mi blà-bheìn,
Ga'm fhagail ſa cheo,
Mile ſorraidh ſlàn,
Do na h' eitir leitir mhàrſgo,
Gu ruigeadh rùtha 'n oigeach,
Far an 'n ſarraichidh ròinn.

II.

Slìonnar iad na h' àrmuinn,
A th' ſhlìoc olghair agus mhanùi,
Bu mhaith gu ſeaſamh laraich,
Air 'f aithne mhic Leod,
Beuſan tha comh-fhas ribh,
Bhi cruadalach rar namhaid,
'S gu h' iriſal baighail,
Ri tràillin gun 'n treoir,
'N raibh rioghalachd is cairdeas,
Is fiùghantas ri àri,
Ghleidh air fearronn sàbhailt,
Mar chàreadh e 'n coir.

III.

'B ait liùm a bhi laimh riut,
A * chornealar na'm bla ſhùl,

* *MacLeod of Talaſgar.*

Nuair ſhuidhe tu gu ſtatoil,
'Sa lan mun a bhord,
Bhigh a chuilm ga càrabh,
Le ceile na 'n roſg bàna,
Cùr ſnas air n ardoich,
'M bi marran is ceol,
'S tearc iad bheiridh bàrr oirbh,
Ann a modh ſa 'n caileach,
Gur a lionmhor aite,
M bi air ſlaint ga 'h òl.

IV.

'S ann aig cois na tràghaid,
Tha ſeanſhear na 'm paiſdin,
A dh fhuadaich fâda o chàch mi,
Gu àras na ſeol,
Se irbhaſich ro ſtàthoil,
Dhuit foidinn is tabhach,
Ann a 'n iomairt thearlaich,
Le gàbhadh ro mhor,
'S lionar iad ri 'n airibh,
Liughadh fear tha aig ràthin,
Gun tùg neart do ghairdin,
Am bàs do luchd chleoc.

V.

Air dearmad cha 'n fhag mi,
M fhear bu tric 's na blara,
Ga maith ga 'n tig an ſcarlòit,
Is laiſdidh do 'n òr,
Chomhara do namhaid,
Thuair u coſnadh làrach,
Ach tha u diùgh air marain,
Lan th' ſhabhailt bho 'n leon,
Frangaich is mchàcs,
Agus luchd na 'n aodin granda,
Le torradh do lamhaich,
Bha lan dhuibh gun deoc.

ORAN

ORAN *le* Eachann MacNeil *fear* Bhatarsa *an 'n* Eillan Bhàrra *do* Bhàli *na tir sin fein.*

LUINEAG.

Mor challum mor dhu challum,
Mor challum mor dhu challum,
Mor challum mor dhu challum,
Luidh cuida ri mor challum.

I.

BU thu marbhatair a gheoidh,
Làcha na 'n òb is na h' eala,
Marbhatair beist ann a'n càrn,
Dhomhna do lamh ga cùr h' arris,
Gach ni dhuibh sùd tha mi 'g ràthin,
Chinneadh e le bàli Bharraidh,
Le tòrraidh 't ùrachrach a Domhnuill,
'S tadadh na ròin air an 'n fheamin.
Mor challum, &c.

II.

Smairg ga nochdigh tu mhirùnn,
Nuair nach siochaintigh bu mhaith leat,
Nuair a rùsgidh tu an 't arm liobhadh,
Làn cheann ìlach ann 'n spàrradh,
Gu fàsadh do namhaid fiamhach,
Nuair a shìneadh tu do gheal-lamh,
Cha 'b iunneadh sgu 'm be fàth an 'n fhuais,
Bhi tarruing riut suis gu carroid.
Mor challum, &c.

III.

'S gàsda thig dhuit cùlidh sgeilidh,
Eile agus osain ghearra,
Spainteach gheur chùil air do chruachan,
Leis an deantar smuais a ghearradh,

Dàgidh

Dàgidh breac agus crios guaila,
Iſneach thig bho ghual 's o dhainair,
Smairg a chaſadh ort le fuathais,
Nuair chràthadh tu chruaidh lann thanna.
Mor challum, &c.

IV.

Gad bhidh muir a 'n aite ſgoid,
'B aithne domhſa fear ga caithibh,
Nuair a chioſnuichidh na ròinn,
Muchadh màra mor a gomhail,
Bhi tu 't fhear clis air a 'h ùrlar,
Gu tric a cuir sùgh na bàllaibh,
Thoimhſe tu troidh is dorn gùlban,
A mach bho ùrachagan a daraich.
Mor challum, &c.

V.

Tha mo cheiſt air an duine uaſal,
Dhieras an cruachan ſa 'n gleannan,
Le ghùnna ſnaipe nach diùlta,
Dh fhagadh ùltach gu'n anam,
Mur ſin is eilid na 'm beann,
Ga d' rithidh i deann gu h' ealùibh,
Bhidh do pheilair air a toir,
Leis an doirteadh fùil gu talamh,

LUINEAG.

Mor challum mor dhu challum,
Mor challum mor dhu challum,
Mor challum mor dhu challum,
Luidh cuida ri mor challum.

ORAN

ORAN *gaisgaidh seilgidh do* Bàli Bharra *le fear* Bhatarsa.

LUINEAG.

Ho ro mo run an 't uasal,
Adhireas suas ri cruach 'n ard bheann,
Ho ro mo runn an 't uasal.

I.

CHAIDH mi leat do n eilan fhiach,
Mo chaidh bu bheag air mista,
Mar mhith u fein 's beul na * firion,
Bhidh buinn na frithe sabhailt.
Ho ro mo, &c.

II.

Chuir u 'n spainteach air an 't shorchan,
Chaog u an 't shuil 's bi suil an 't shealgoir,
Dhalbh a * ghreaidh nuair chuala i 'n ùrachair,
Ach air mo laimh gu an d' fhuirich pairt dhuibh.
Ho ro mo, &c.

III.

Sin an 'n ùrachair a bha smearroil,
Rinn i tàrrnannach is tòrrunn,
Ghluais creigan is mointeach Bharra,
Chaidh crith air fearrunn chlann Raonail.
Ho ro mo, &c.

IV.

Bha mi latha leat air ástar,
Gun ghùnnadh gun chuilbhair agùinn,
Chunnaic sinn treisag 'bh uain baidnan,
Mur gu 'm bidh gaisgaich am blàr ann.
Ho ro mo, &c.

* *His gun.* † *A flock of deers.*

V.

V.

Nuair a thainig ſinn ga'n iunnſaidh,
Bha'n ſo na feidh ann ſa bhùridh,
Thug iad iunnad 's thug u iunntagh,
'S bha buidhinn na ſtùc cheann crataich.
Ho ro mo, &c.

VI.

Ach air mo laimhſe 's air mo phaidir,
Na ſaoilibh gur breug tha agam,
Seachd daimh on ſpian ù na càbbair,
A mullach an claignaibh àrda.
Ho ro mo, &c.

VII.

Gu'm be ſin a chùlidh eagail,
Ri càth a lèinaidh ſa pèitaig,
Dheanadh e a bhògan do creagan,
'S na cnoic na 'n eabar fo ſhailtin.

VIII.

A chuid bha beo gun thàr iad as uait,
Air an dalladh thuit le ſgealpuibh,
Gun 'd àtte an ſuilin fo 'n ràſguibh,
Le ſlàc bhuillin bràs a bhàli.

LUINEAG.

Ho ro mo runn an 't uaſal,
A dhireas ſuas ri cruach 'n ard bheann,
Ho ro mo runn an 't uaſal.

ORAN

ORAN *gaoil le* Mac Cailein *d' inghein* Mhic Dhonuill Ilea, *nuair bha e chomhnuidh ann Dunnaomhaig.*

I.

MAIREANN uainn gu dun nan naomh-gheal
Aol-chlach ebhinn na'n ſtruth fioun,
Cuirtibh Ri is cuan na'n glan-traigh,
'S e 'm Bruth ebhin 's banntrachd ann o.

II.

O! 's turſach leinne bhi ga t fhagail,
Aros nan cuach amulach oir,
Ofna gad' righeachd, fa d' mhoir-mhaiſeachd,
Toirfear uainn le fraſaibh deoir o.

III.

A'm ubhinn leatſa Bheil-dearg mhalla?
Mo riochd fhein uait na d' ghar,
Mar ſhamhailte Bran air ghlan-leug,
A ghraidh gun aon bhreug riut ni'm ſcar o.

IV.

Mi ga d' fheitheamh air ſrath ſean-chuain,
Gun iul puirt, gun chal' bhi fo'm,
Am buinne fairge tonn thair thaobh oirn,
Clar mo luinge toirfear uam o.

V.

Is ebhinn dhuitſe mhàdai bhric o,
(Mo run riut 's na h abaire),
Far an caidil thu gun toir o,
A thi nuair nach caidlinn fein o.

VI.

Is ebhinn duit 'n tra luigheas caeh o,
A bhi caidreadh mna na'n roſg onall;
Ge do chuir te mi re croich o,
Is truadh a nochd nach mis' a bh' ann o.

VII.

VII.

Gu dun na'm buadh,
Thoir uamsa sornidh no dha,
Gus an Rioghain shuairc,
A chuach-fhuilt fhada gu' broig.

VIII.

Guidheams' air Criosd,
'S a ris ais Peadar 's air Pol,
Nach raibh mi leat sinte,
Sios air leabai do'n t srol o.

MARBH-RANN, air Sir Dughal Ach-nambreac.

'S Uaigneach a nochd Cathair Dhughaill,
Chuaidh dunadh re ceol 's re aighir,
Am bruth sith amluidh ghoruigh,
Gun seirm, gun choisir gun tathaich.
Gun chlairseich ghoinn do'n fhiogh chumhraidh,
Gun seanchaidh gun fhilidh leabhaire,
Gun fhear-dan' ann sa bhruth oirdheirc,
Gun mhnai bhinn-cheol gun leigh cabhair.
A Dhughaill oig mhic Dhonnchaidh chliuitich
'S i do chuis bu mhor r'a h iomradh,
Basraich bhan fo gharaich leanabh,
'S truadh am Bannal ud mud' thimchioll.

ORAN

ORAN *a rinn 'm Bard* Mac Mhathain, *do'n* Iarla Thuabhaich *Triath* Chlann Choinneach.

I.

DEACH ſlainte 'n Iarla thuathaich,
A thrial 'n de air chuaintin 'bh uain,
Le ſgiopa laidair luaſgarrach,
Nach pileadh càs na fuathas iad,
Muir gaireach air gach guallain dhith,
Air clar do lùingeadh luaithe,
Ghabh mi cead dhiot is huair mi an't òr.

II.

Gu cumadh Dia bho bhaoghail u,
Bho charraid cuain 's bho chaolannuibh,
Bho charraig ſh uair gun chaomhalachd,
Seachd beannachd tuadh is daonachd dhuit,
Buaidh làrach re do ſhaoghail ort,
Fhir ghaoil gu 't ſhaicin beo.

III.

Gur gaoth a deas a 'dhèithin dhuit,
Gun chruas gun tais a ſheidigh ri,
Fear bearta beachdail geurchuiſeach,
Gu ſanntach bras neimh eiſleannach,
Bhi fuaſglaidh pailtais eadach dhith,
Ga bhreidagh air gach bord.

IV.

Gun nìſinn gniomh do ſtiuratair,
Fear ciumhneach cialach curamach,
'Gh ainnechidh fiamh a chùlanach,
A churridh ſrian ri curſareachd,
Mu 'm briſtidh trian a chuirnean orra,
A mhuchaidh i fo a bòrd.

V.

T'fhear eolais laidair fraorcach,
Deas labhrach gaireach gleorach,

Minn chinnteach ſeolta faoidhineach,
Crann * geatha 'na 'd laimh aodhairtach,
Mac Samhail ràſg mhic fraoirc,
Sud mar thaoghin dhuit na ſeoid.

VI.

Mo chaidh tu nùnn thar chuaintenoinn,
Air darach naomh a ghluaiſidh tu,
Fir bhaille ſaoir a 'dh fhuaigheas i,
Bigh barrantas dhaoine uaiſla leat,
Bigh beannach bochd is tua dhuit,
Cha 'n eagal baodhail fuadaich dhuibh,
Bigh Dia ma 'n cuairt gad ſheol.

VII.

Mo ſheol u barc air fairge uain,
U fein 'sdo chornail Calamanach,
Fhuair clù 'n cuirt na 'n Alabannach,
Gur 'h iommad tùrnn a dhearbhadh leat,
Be ſùd an leoghùnn ainmhoil,
Bu mhor ſeanachas air gach bord.

VIII.

Gur taghadh calla dhinſinn dhuit,
'N deidh na marra ſiphortaich,
U thighin gu fàllain firineach,
Do ſtoirnamha bho liangantuibh,
Bithidh roſail gheala teinntinnin,
Aig fir 's aig mhna 's toilintinn orra,
Ri linn u theachd gu 'n cors.

IX.

Gur 'h iommad ſrùthan firinneach,
Tha 'n liunntinin a 'tſhiphortaich,
Th triath na hearra dileas dhuit,
Le 'n conſpainn fhearroil innſganach,
A Lochlan thig na milte,
Air chuan ſgith gu teach mhic Leod.

X.

* *A pole.*

X.

Nuair crunneachas na ſaileach leat,
'S do chinneadh neartmhor tabhachtach,
Bidh mirre 'ſclùich is gairreachin,
Sa'n ionnad ann ſa 'a tharlaibh ſibh,
Cha 'n iunnadh u bhi ardanach,
Sa liudhead fìon fhuile allùenn,
That cairdeach ga do phòr.

XI.

Bigh Tormaid og na ſhubhail leat,
Siol Leod na roiſail iuimmeach,
Fhir ſtolta chomhnart ſhuichtaidh,
Bigh òl gu leoir nam ſuidheadh dhaibh,
Bigh fion is beoir le ſùbhachas,
Air pioſaibh bùidh do 'n òr.

IRRAM *a rinn te ga leannan 'n deidh, dho bean eille a poſa.*

I.

SE mo rùnn do chùl boidheach,
Lium bu deonnach bhidh 't fhaicin.

II.

Cas a dhìreadh a mhùllach,
'S do ghunnadh fo 'tachlaìs.

III.

Bhig am boc as an 'n fhireach,
Air do ghileadh tighin dàchaidh.

IV.

Bhigh an ruadhag ſa ghlaoich,
Aig mo ghaolſa na bhreachan.

V.

Thig ort aorc bhreac riomhach,
Sreing do 't ſioda ga faſdɐ.

VI.

Agus pathair mhaith phioſtal,
Air chrias na'm bàll daite.

VII.

Stu rith an daimh mullaich,
Shìlleadh fuil gu gle fhraſach.

VIII.

Smaith thig boinaid mhaith dhù ghorm.
Air cul a 'n fhuilt chleacich.

IX.

Agus cota do 'n aodach,
Chomh daor 's ta a ſaſunn.

X.

Gur mhaith thig dhuit leine,
Fo eile ſar bhreacan.

XI.

Sin ìs triuthas math lia ghorm,
Air fhiaradh mo 'd chaſan.

XII.

Brog bhìleach gun chuag orra,
Cha bu ſhuarach cur bhalt ri.

XIII.

Agus gartanan riomhach,
Be mo mhian bhi gan paſgadh,

XIV.

Se do ghruaidh bu ghlan rutha,
Mar ùbhal na ſlaite.

XV.

Se do dheud 'b fhearr ſnaighe,
Mac Samhail na cailce.

XVI.

Beul mheachair air uachar,
Bho neimh bhruileanach focal.

XVII.

Bha do chairdeas gu direach,
Ris na Rioghridh bh' air ſaſunn.

Mar

XVIII.

Mar a deacha mi mearrachd,
Gur a carra u ſhiol alpain.

XIX.

'Sgur carra u chlann Domhnuìl,
Luch na roiſail 's na brattach.

XX.

Gur carra u Mhac Dhùghail,
Bho thùr na cloch ſnaite.

XXI.

Gur carra u 'n Iarla Ileach,
Bhunneadh ciois ann ſna baitail.

XXII.

Gur carra u Mhac Coinneach,
Bho na 'h eillannainuibh fariſing.

XXIII.

'S guirridh miſe gad th' ſhlòinneadh,
Luim is comadh mar thachair.

XXIV.

Bho 'n la theachin u an 'n fhaothail,
'S nach do thaothail u 'm fhaicin.

XXV.

Tha do ghaol aig mnai eile,
Comadh a 'n ceillin fhein 'm fhocal.

XXVI.

O 'n là chuir u do chul rium,
Tha fuil bhruit fo 'm aiſneadh.

XXVII.

O 'n la chuir u an 't ſhnuim ruithin,
Gur tric ſnithe air mo raſgaibh.

XXVIII.

Ach do bhean o nach fù i,
Cuir ga dùchas i dhachaidh.

XXIX.

Luighed maoidin ùc ſhòllais,
Chiochan corrach is fhuilt chleachich.

XXX.

Leis 'm bu mheannach bidh 'n deidh ort,
Là feilidh ſo clàchan.

ORAN *do mhac* Dhonchaidh Inneraugh. *Air fonn,* Oran Muirt Glenna-comhan.

I.

GUR miſe 'th air mo lagadh,
'S mi comhaid na faichaidh ud thàll,
'S nach d' fhuair mi mar chleachd mi,
Duaine uaiſlaidh ga 'm ghlachail air laimh;
A dheadh mhic Dhonachaidh nam brattach,
Thuair clù-ann am pailtais thar cha ich,
Gur a buan lium do chadal,
'S tu gun ghluaſaid bho mhaduin dimairt.

II.

'S olc lium aobhar do cheile,
'S i na liùghaidh fo eiſlain gach là,
Mu chreodhe na feile,
Nach do ghlac bonn do 'n eacoir mar ghna;
Mhic an fhir bu mhaith aolla,
Choiſin cliu nam càrraid na'm blàr,
Gheibhtidh clarſach nad thalla,
Ceol piobadh agus fàrrum air chlàr.

III.

Nuair a bhith tu a 's tigh oſda,
S do chairdin a 'd choir mar bu duall,
Ard cheannais a mhoid u,
A cùmail cothrom is coir rîs an tua;
Cha bann ri togail dhuibh ùladh,
Dhuit fein a cuir chuinneachidh ſuas,
'Slionmhor fear a bha tùrſach,
Nam do thogail air ghiulan an 'tſhluaidh.

IV.

IV.

Na mo ghunnadh na claimh,
So 'dh fhagadh tù lùidhe gu 'n deo,
Gur 'h iomadh òg gaſda,
So 'dh eiridh amach air do thoir,
Gu 'm bidh togail air mhartaibh,
Agus iùmain air chreachaibh gu leoir,
Siomadh mac bhigh gan athair,
Agus bean gu'n fhear tighe fo bhrònn.

V.

Ge be ga'm 'b aithne do ſheanchos,
Gur lionmhor do ranntaigh 's gur pailt,
Gur cairdeach u Dhomnuill,
Ga'n raibh còrr is lèth alba fo ſmachd,
Sin 's do oidhre dhùnn-Tùilm u,
Sàr mhareach na cùrſannadh bràs,
Gur a odha u do Dhubhail,
Rinn caimp aig an Rutigh le feachd.

VI.

'S cara u Ridrigh a bheallich,
'Stric choiſin buaidh charram le arm,
Do dh'fhuil dirach mhic calean,
A ſhlioc diarmid bha tamul ſin fhraing,
Cha duair ſibh riomh ſganail,
Ga bu mhian libh bhi n carraid na lann,
Ri th'am togbhal do lcacidh,
Slionmhor uaiſlin bha miſneach air chale.

VII.

Gur th'iomadh fuil phrioſail,
Bha air ſocadh ſioladh ud ghruaidh,
Scar u dhonachigh nan caiſteal,
Mhac Intoſeach tha maich 's taobh tuath,
'S do mhac Choinnich chinntaile,
So bhearidh do bhardibh an duais,
Mh'oror drumadich gallach,
Bha ſid dhuit na charaid da uair.

VIII.

VIII.

Dheiridh oidhre Lochabair,
Ann ad taobhar le brattrch 's bu choirr,
Tighearna og Lochnaneala,
Mac Innis bho charraig no feòl,
Mac Dhonachigh a ghlinna,
Ceann feodhnadh na gillan gu oil;
Sumadh Iarla is fear ferrun,
Bhithidh a gurachadh t fhailidh ri'm beò.

IX.

Mhic an fhir bho bunnaidh,
Bho gharradh na n abhail 's na m pear,
For an taoghladh luchd rathaid,
Sa faidh iad aighair nan teud,
Nam na cornn ga cuir seachad,
Bigh do choillin air lasadh do cheir,
Thanig creach orin bho n'urradh,
Gur o deachdar go furrach id dheidh.

X.

Bha sin gorrach nar baroil,
Nuair tha sin gad ghearan cho mor,
'S gur thea ard Riodh nun aingal,
Ghaibh luibhairt nar barronta sloidh,
Gu eibhnais 's gu aighair,
Bhi ga eisteachd na chathair le gloir,
Gu gleadhidh Dia gun Gilleasbuig,
As do dheodaidh gur seasibh sa coir.

XI.

Gur thea abhair mu chaonidh,
Na gh'aisaig na daoine air tshail,
U bhi n cruige an ard Chattain,
Gun mo dhull ri theachd dhachedh gu brath,
Thir a leabh a 's soisgeol,
So bheiridh as tuegse du chaich,
Gum bo treun an cuil neart u,
'S lionar saidh a bha g' achdan do bhais

ORAN

ORAN *do* Shir Eobhonn Camron.

I.

'S TIOM dhomh dusgadh a'm chadal,
Cha do mhù sud air 'm aigne,
'S mi bhi bruadar mun ghaisgach,
G'm bu dualchas Lochabar a'n coir.

II.

Slat gun ghathan an garadh,
Cha bu chrionach bhon d fhas u,
Ach craobh dhìreach a b ardigh,
Dhiult u siochaint od namhaid,
A Laoch cha 'b fhiach leat gu naichaidh tu choir.

III.

Nuair a chìteadh do brattach,
Sin 's do phiob air an fhaiche,
Gu'm bu lionmhor og maiseach,
Redchadh dian leat gun ghealltach,
Eidir crioch Dhochanasich,
Agus shios bùnn Lochabar,
Braidh Loch Iala leat 's loch-aircaig 'n fheoir.

IV.

Nam goirm do chrois taradh,
'S lionmhor cùrridh treun laidair,
Eidir caolas mhic Fhadrig,
Agus leitir mhic Mhartain,
A Ghlacadh lann spainteach,
Is bidh sgiath mhin dearg air gairdin gach feod

V.

No fir uasal dheas fhlathail,
Bu mthaith fnuadh ri droch latha,
Bu neimh dhìblidh ar gabhail,
Fhuair sibh claoidh leis a chlaimh,

Cha

Cha bu leir dhomh air ſamhailt,
Ann a 'n Albain ri fhaithain,
Bon a 'dh fhalibh Clann a Leathan na'n ſrol.

VI.

Na fir achiunneach ghleſda,
Shunnteach aigeanach ſpeiſoil,
Cha bu ghealltachd a leabh ſibh,
Latha Batail na n ceudan,
Gu mu lionmhor corp gle gheal,
Bha na lùidheadh gun eiridh,
Le faobhar ſgateach na geur lann cruaidh gorm.

VII.

Riogh mhor bi ad chùl taiche,
Air ſgiath ùr na fear gaſda,
Chaidh a nunn air chuan farſaing,
Sar ſciopair neimh lappach,
Gu 'n tileadh Dia u gu 't aitim,
Oig phrioſail gu'm b' aite lium a ghloir.

TRANSLATIONS

TRANSLATIONS

OF SOME OF THE

FOREGOING POEMS.

The AGED BARD's *Wiſh.* [P. 1.]

INTRODUTION.

FROM this Poem it may eaſily be perceived that the doctrines of Chriſtianity were unknown to the Poet. The Elyſium of Bards upon Ardven, the departure of the Poet's ſhade to the hall of Oſſian and Daol, his laſt wiſh of laying by his ſide a harp, a ſhell full of liquor, and his anceſtors' ſhield, are incompatible with the Chriſtian notion of a future ſtate.

From the Poem itſelf it is evident, that the Bard who compoſed it lived in times later than thoſe of Oſſian, and at a period when the manners of the Caledonians had undergone a conſiderable change.

In Oſſian's Poems there is not a paſſage which alludes to the paſtoral ſtate. Hunting and war were the ſole occupations of Fingal and his people. The art of taming cattle was not cultivated in the days of Oſſian; the paſtoral life was unknown

unknown to him. Our aged Bard, however, was acquainted with paſtoral life, he lived in that ſtate of ſociety, which many Poets have, or rather ought to have made the ſubject of that ſpecies of Poetry denominated Paſtoral.

Many Poets and Critics ſeem to diſtinguiſh the paſtoral from every other ſpecies of poetry, in a particular manner. They entertain a notion that this ſpecies of poetry never had exiſtence in paſtoral life, but that it is a picture of the golden age, as fancied by Poets living in a civilized ſtate of ſociety, and deſcribing what may be ſuppoſed to have exiſted, rather than what had actually exiſted: So that in paſtoral poetry, ſhepherds are not to be deſcribed as ſhepherds at this day really are, but as they may be conceived to have been. This notion does not ſeem to be altogether juſt.

In times when there is great diſparity in the conditions of men, when mankind are denominated high or low, great or ſmall, elevated or mean, according to the abundance or ſcantineſs of their wealth, when notions of ſuperiority and inferiority ariſing from ſuch ſource, are conſtantly inculcated and firmly eſtabliſhed; there are ranged on the ſide of wealth, haughtineſs, vanity, and pride; on the ſide of poverty, meanneſs, ſervility, and contempt, fertile ſources of corruption; and ſure prognoſtics of the decay of thoſe feelings and ſentiments which truly ennoble the human mind, and dignify men.

In this ſtate, the condition of a ſhepherd is low and deſpicable. His education is ſuited to the meanneſs of his condition, his manner of life is unfavourable to the exertions of generous affections, and his own conſciouſneſs of the contemptibleneſs of his own ſituation, all conſpire to diſtreſs his ſpirit,

ſpirit, and to humble his conceptions: So far then the notion of the critics ſeem to be well founded. But the propoſition, that a paſtoral people never produced paſtoral poetry, or that this ſpecies of poetry has only exiſted in civilized times, ſeems to have been raſhly advanced.

In thoſe times when the occupations of ſociety are paſtoral, the chief care of the tribe is directed towards the preſervation of their herds and flocks; their object is in its nature ſimple, and their duty is eaſily performed; their care is not embittered by thoſe innumerable anxieties and fearful apprehenſions produced by the viciſſitudes to which the great and complicated machine of civilized ſociety is liable.

In that ſtate of ſociety where the goods of fortune are infinitely divided, and where every individual exerts his induſtry and ingenuity to appropriate to himſelf as great a ſhare of the general maſs as he can draw within the vortex of his power, mankind are really and eſſentially waging perpetual war with each other. Such a ſtate is ſurely unfavourable to the exertions of the amiable affections of the mind; it is difficult for the noble effuſions of poetical fancy to preſerve their purity, and flow uncontaminated by the influence of vitious taſte: *Formoſum paſtor Corydon ardebat Alexin.*

The early ſtates of ſociety are highly favourable to the exertion of noble and generous actions. While the goods of fortune are enjoyed in common; while the manner of life, the education and occupation of each individual are upon a level; while men know no other diſtinctions but thoſe derived from perſonal qualifications, the affections of the ſoul will appear in their native dignity. The human mind is not yet bound up in the fet-

ters which the vices of civilized ſociety have framed for it: it is not borne down by thoſe iron chains, which the eſtabliſhment of property, and its unequal diviſion, have fixed upon it; conſcious of no ties but thoſe of nature, it diſplays its affections with freedom, its generous effuſions flow in a full and clear ſtream.

Our aged bard exhibits tender ſcenes; he deſcribes happy ſituations; he feels the beauties of nature, and he expreſſes his feelings in poetical numbers; his ſtile is nervous, his manner chaſte; his fancy wears the native garb of purity and ſimplicity, and true taſte will recognize his compoſition as the genuine offspring of nature.

The poet has enumerated thoſe rural occupations which afforded him delight in the vigour of life; he has arranged and drawn forth to view rural objects, attended by thoſe circumſtances which had made the moſt pleaſant impreſſions upon his mind; and it is evident that he was highly ſenſible of the beauties of nature, and capable of thoſe delicate ſtrokes of fancy, which are the teſt of poetical merit —Paſtoral poetry muſt be confined to rural imagery; in this view, the poem before us is paſtoral. But whatever name it may merit, or under whatever claſs of poetical compoſition it is to be ranked, it is a curious and valuable relict of antiquity. It proves that men leading a paſtoral life are capable of feeling the moſt delicate ſentiments of the mind, and of exerting the beſt affections of the heart: it is valuable, as it proves that, poſterior to the times of Oſſian, after the Caledonians had acquired the art of taming cattle, the Chriſtian religion was not yet eſtabliſhed among them. It further confirms, that it was the notion of the Caledonians, that the ſoul was

an

an airy ſubſtance, which lived in a ſeparate ſtate of exiſtence from the body; and that it enjoyed, in the region of the clouds, thoſe agreeable occupations which gave it pleaſure upon earth.

TRANSLATION.

I.

O PLACE me near the brooks, which ſlowly move with gentle ſteps; under the ſhade of the ſhooting branches lay my head, and be thou, O Sun, in kindneſs with me.

II.

At eaſe lay my ſide on the graſs, upon the bank of flowers and ſoft zephyrs—my feet bathed in the wandring ſtream that ſlowly winds along the plain.

III.

Let the primroſe pale, of grateful hue, and the little daiſy ſurround my mount, greeneſt when bedewed; my hand gently inclined, and the St John's-wort at my ear in its freſhneſs.

IV.

Say, ſince my eye has failed, O wind, where does the reed reſide with its mournful ſound? by its ſide the little fiſhes, whoſe wings never felt the wind's ſoft breath, maintain their ſportive conflict.

V.

Along the lofty ſides of my valley, let there be bending boughs clad in bloſſom, and the children of the buſhes making the aged rocks re-echo their ſongs of love.

VI.

Be thou by the ſummits of the mountains, the mournful tale of thy love in thy mouth, O ſwan, who has travelled from the land of

waves, and may I liſten to thy muſic in the heights of heaven.

VII.

Let the freſh fountain burſt with hollow murmur from the ivy covered rock, and let the ſon of the rock * re-echo every muſic *that is heard* by the ſide of the hoarſe ſounding wave.

VIII.

Let the voice of the round hillocks and extended heaths re-echo the pleaſant noiſe of the joyous herd, then ſhall a thouſand lowings be heard all around.

IX.

Poured on the wing of the gentle breeze, let the pleaſant voice of lambs come to my ear; then, when the mother flock hear their young, they run towards them, anſwering to their call.

X.

Let the friſking of calves be in my view, by the ſide of a ſtream, or upon the declivity of a hill; and let the wanton kid, tired of its gambols, reſt with its innocence on my boſom.

XI.

O my ſoul, behold the beautiful young virgin under the ſhade of the oak, king of the foreſt! her ſnowy hand half hid in golden locks ſupports her head, and her mildly rolling eye is towards the youth of her love.

XII.

He ſings by her ſide—She is ſilent. Her heart pants, and ſwims in his muſic; love flies from eye to eye, deers ſtop their courſe on the extended heath.

XIII.

Now the ſound has ceaſed; her ſmooth white breaſt heaves to the breaſt of her love, and her lips,

* *Hall.* freſh

freſh as the untainted roſe, are preſſed cloſe to the lips of her love.

XIV.

Happineſs without end to the gentle pair who have awaked in my ſoul a gleam of that happy joy that ſhall not return! Happineſs to thy ſoul, lovely virgin of the curling locks!

XV.

O let me hear the hunter's ſtep, with the ſound of his darts and the noiſe of his dogs, upon the wide extended heaths; then youth ſhall beam on my cheek, when the voice of hunting the deer ſhall ariſe.

XVI.

The marrow of my bones ſhall awake when I hear the noiſe of horns, of dogs, and of bow-ſtrings; and when the cry is heard, *The ſtag is fallen*, my heels leap in joy along the heights of the mountains.

XVII.

Then methinks I ſee the hound who attended me early and late; the hills which I was fond of haunting, and the rocks that were wont to re-echo the lofty horn.

XVIII.

I ſee the cave that often hoſpitably received our ſteps from night; chearfulneſs awaked at the warmth of her trees, and in the joys of her cups there was much mirth.

XIX.

There the ſmoke of the feaſt of deer aroſe; our drink from Treig*, and the wave our muſic; tho' ghoſts ſhould ſhriek, and mountains roar, reclined in the cave undiſturbed was our reſt.

* *A River.*

XX.

I see Scur-eilt upon the side of the valley, where the cuckow first raises her soft voice; and the beautiful green hill of the thousand firs, of herbs, of roes, and of elks.

XXI.

I see the lake of the woody isle, and the mountain ash bending over the wave.

* * * * * * * *

* * * * * * *

XXII.

I see Beinard of beautiful curve, chief of a thousand hills; the dreams of stags are in her locks, her head is the bed of clouds.

XXIII.

Hast thou forsaken me, happy dream? Return yet —one little glimpse return: Thou wilt not hear me, alas! I am sad. O mountains of my love, farewel!

XXIV.

Adieu, sweet companions of my youth, and beautiful virgins, adieu. I cannot see you: Yours is the joy of summer, my winter is everlasting.

XXV.

O place me before the sun at noon, under the shade, upon the clover and the daisy, where the elk does pass. Will the dreams of youth approach me?

XXVI.

Let a harp and a brimful shell be by my side, and the shield that covered my forefathers in battle. Open the hall where Ossian and Daol reside. The Evening will come, and the bard shall be no more.

XXVII.

XXVII.

But ah! before it comes, a little while before my ſhade departs to the reſidence of bards upon Ardven, from whence there is no return, give me the harp and the ſhell for the road, and then, my beloved harp and ſhell, then farewel!

An ODE *to* MAY. [Page 200.]

I.

AT the earlieſt dawn of morn, while the buſhes are dropping with dew, while the day is clearing up, let us, from this low vale, make the pleaſing voice of the pipe be heard, and make the echoes of the rocks anſwer to the chearful notes.

II.

Let the freſh buſhy birch breath its ſweet odours on the ſtony heaps, and its leaves, wet with the miſt of the morning, glitter with the beams of the ſun.

III.

The buds of the branchy beech ſprout out in the miſts of May, the month favourable to the encreaſe of the herd; their udders flow with milk, gaiety and love ſpread through the herd.

IV.

Let the verdure quickly ſpread over all the ſkirts of every ſecret grove. Let the juice aſcend, twiſting through the veins of the loweſt ſhrubs, till they ſend forth multitudes of bloſſoms.

V.

Againſt the evening the cuckow and the mavis ſhall utter their notes from the buſhes. This charming

charming month bluſhes with a variety of hues, drops with dew, and is ſweet as the roſes he breeds in his boſom.

VI.

On every place that was unſightly before, he ſpreads an undefiled garment. He baniſhes the froſt with all its army of ſnows from the ſurly tops of the higheſt mountains; and frightened at the warmer looks of the ſun, every ſpot flies from the face of the ſky.

VII.

This month clothes the earth with herbs and and flowers, the trees with leaves and bloſſoms; deſcending dews and foſtering ſhowers drop fatneſs on the plain.

VIII.

The cluſtering bees ſwarm over the field, and gather honey from every bloſſom; all earth is cloathed in its gayeſt apparel.

IX.

Soon as the ſun gilds the pinnacles of the mountains, the early joy begins; the birds of various hues and tuneful voices, chearful and gay, pour forth their notes on every ſprig, in every valley, no diſſonance to diſturb the choral band.

X.

When the evening deſcends, again the muſic begins, the new-born ſprouts reſound with the pleaſing ſweet voiced concert that ſwiftly runs through all the various changes of muſic, a muſic not to be ſurpaſſed by the moſt finiſhed inſtrument that artiſts can form.

XI.

Even the diminutive wren, ſprightly, briſk, and lively, joins in the general joy of the woods, and hails the morning with his ſweet ſhrill notes,

and

and the redbreaſt ſports in the branches overhead.

XIII.

See the goldfinch on a bare branch of the blaſted oak ſtrain every muſcle, and pour his notes from the ſkirt of the hill, quick and lively, anſwering to the various ſtops of the pipe.

XIV.

The moſt uncultivated wilds breathe a flavour like the ſmell of the vintage. Now the pipe chears my heart, from below the ſhade of yon tall-ſtemmed tree, when the maids gayly advance to draw the milk from the folded cattle.

XV.

Hard by, the ſhapely ſalmon, with his ſilver ſcales, and oary fins, ſwiftly cleaves the waters, glittering as he moves along, then ſtarts, and leaps, and ſnaps the unwary fly.

XVI.

Soft and ſunny, flowing with milk, ſummer advances over the fertile flowery plains; the wild deer rejoice in the woods, and the ſwain is enriched with the increaſe of his herds and flocks.

XVII.

See the tender younglings of the herd of various hues, fearful, ſtarting at every noiſe, wanton and wild; they gayly ſport on the green, then ſeparate, and ſwiftly anſwer to the call of the mother.

XVIII.

O thou ſweet primroſe, that with thy pleaſing hue ſmileſt ſo ſweetly on the ſide of the hill, while other flowers are yet hidden, thou art the earlieſt jewel that glitters on the brows of the ſpring.

M'LEOD's LAMENT. [Page 27.]

I.

NOW, ſolitary with the deep ſound of ocean in my ears, what change from what I wont to be in former times?

II.

Then the pipe claimed the victory over all ſorts of muſic, when Patrick's finger guided the ſtops.

III.

Woe to him that puts his confidence in a world that is ſubject to moſt wonderful changes!

IV.

They are more uncertain than the fall of dews, or ſhowers in a morning of May.

V.

Never have I ſeen, under the ſun, a man that could not apply this to himſelf.

VI.

Bear this from me to the hall where once the chearful cup went round, where thoſe that are now ſad wont to reſort.

VII.

To the hoſpitable houſe and ſtately halls, where once with joy I raiſed the chearful ſong.

VIII.

Sir Norman! from the Norwegian ſhore, early elegance attended all thy paths.

IX.

Where are thy chearful halls and hoſpitable welcome? Now thou art for ever incloſed in the ſilent grave.

X.

X.

The ſons of muſic ſhall long remember, and mark the dome where met the beſt of friends.

XI.

When I ſaw thy form, lovely was thy blooming cheek under the cluſtring ringlets of thy yellow hair.

XII.

Thy manners like thy perſon, ſtraight and ſtrong, thy breaſt never harbour'd any envy nor unbecoming thought.

XIII.

No other chief excelled in nobility of deſcent the race of Roderick, renown'd in arms.

XIV.

No ornaments were to be found in a prince or hero, that did not adorn the perſon of my love.

XV.

In ſtrength and ſwiftneſs, in merit, and its fame, in hoſpitality and modeſt grace.

XVI.

In action, and in hardy deeds, in wealth, in beauty and graceful mein.

XVII.

In earneſtneſs to learn, and in excelling in nobleneſs of manners.

XVIII.

Thy tuneful ſtring anſwered to thy ſongs of heroes; nature hid no part of knowledge from thee.

XIX.

'Twas here the ſaying was well applied, The faireſt fruit upon the talleſt tree.

XX.

XX.

M'Leod, my love! was a man renown'd, nor did the heroes of knighthood begin in him.

XXI.

Thy race was known, when factions ſhook the throne of pious Charles.

XXII.

From Lochlane ſprung the hardy race, deſcendants of the royal Magnus.

A DREAM. [P. 132.]

I.

ON Monday laſt I fell aſleep on a green hill, by the ſhore of the ſea, and ſaw in a dream a beautiful maid dreſſed in a party-coloured garment, and addreſſed her with mild words: Lovely maid with the ſlow rolling eye! I wonder that you are thus alone in this wild ſolitary glen. She anſwered me with a voice ſweet as the Poet's ſong—Another nymph is by my ſide, and no youth yet can boaſt he gained our love.

II.

I gazed on them; ſuch a pair as nature never formed before! My eyes were dazzled with the ſight—Their eyes were blue, the roſe bluſhed in their cheeks, and the brighteſt gold yielded to the colour of their yellow locks—They ſtole my heart, while, with a look full of grace, they betrayed me into love.—Their eyes, their ſhape, their boſoms whiter than the feathers of the ſwan, their graceful ſtep and moving air, where

where envy's ſelf could find nothing to blame, made me cry with wonder, Are you here, goddeſs deſcended from the ſky.—No, anſwered ſhe, with moſt engaging ſmiles, I am the maid of the hill of ſtorms, daughter of Hector of the golden cup—She is Flora of the flowery mountain, hill of the king, where ſounds the higheſt voice of muſic.

Deſcription of CUTHULLIN's *Sword.*

HE ſeiz'd his ſword, thick, broad, and long,
Well forg'd, well hammer'd, temper'd ſtrong,
Poliſh'd, of pureſt metal made;
Like lightning blaz'd the ſhining blade;
Jagg'd like a ſaw, it tore, and hew'd,
Inur'd to ſlaughter, blood embru'd;
Dire horror, and deſtructive fate,
On the fell edge attentive wait;
'Twas certain death, one blow to feel,
Strength withering, life devouring ſteel;
Even valiant foes ſtruck at the ſight,
Durſt hope no ſafety but from flight;
Their ranks wide ſcattering all abroad,
From hill to hill the hero ſtrode.

THE END OF THE FIRST VOLUME.